



~~L.95.b.~~

~~A.95.b.~~

ASS.1.95.16 (1-2)

National Library of Scotland



B000476739



SAILM

D H A I B H I D H

ANN AN

DAN GAIDHEALACH :

DO REIR NA H-EABHRA,

Agus an EADAR-THEANGACHAINH a's fearr an LAIDIN, an GAIDHLIC,
's an Gall bheurla. Do thionnsgnadh in SEANANH EARRA
GHAIDHEAL sa' Bhliadhna 1659, agus do chriochnaicheadh
san 1694, r'an seinn ann an *Eaglaibh* 's ann an Teaghlaichibh
GAINHEALACH.

Air an glanadh a nis o mhearachdaibh *Nonmhòr* a' Chlòdh-bhualaidh,
agus air an atharrachadh, le ro bheag caochladh air na briathraibh,
do réir gnè sgriobhaidh an t-seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidl
Nuaidh.

LE

TOMAS ROS, LL.D.

MINISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN LOCHBHHRACOI.



THE NATIONAL BIBLE SOCIETY OF SCOTLAND:

HEAD OFFICES—5 ST. ANDREW SQUARE, EDINBURGH,
AND 224 WEST GEORGE STREET, GLASGOW.

Gaelic Psalms LIBRARY
EDINBURGH

Ballantyne Press

BALLANTYNE, HANSON AND CO.
EDINBURGH AND LONDON

P R E F A C E.

THIS beautiful and truly poetical translation of the Psalms, is held in high estimation in many extensive districts of the Highlands of Scotland; where it is still sung in private families, as well as in public Congregations. It must be allowed, however, that the garb in which it has hitherto appeared is extremely uncouth in itself, and exceedingly different from that which must now be considered as the standard in Gaelic publications. This circumstance, together with innumerable typographical errors, has long rendered it almost illegible to many who can read the Scriptures in no other language.

In the present edition the old translation is retained almost word for word: but the errors

of the Press are carefully corrected, and the orthography is made to accord with that of the Gaelic Bible. Obsolete and Irish words are explained by their classic and familiar synonimes at the foot of the page; and in such a manner, that these, when preferred, may, in most instances, be substituted by the reader for the words in the text.

Thomas Ross.

LOCHBROOM MANSK, }
1st July, 1824.

SAILM
DHAIBHIDH.

SALM I.

- 1 'S BEANNUICHT' an duine sin nach
an comhairle nan daoí, [gluais,
An slighe fhiar nam peacach baoth,
'na sheasamh fòs nach bi ;
An cathair fanoid luchd an spòrs
nach togair suidh gu bràth :
- 2 Ach gabhlail toil do naomh-reachd Dé,
'ga smuainteach' oidhch' is là.
- 3 Mar chraoibh is amhluidh bithidh se,
'g cois aimhne fàs a ta,
Do bheir na h-aimsir toradh trom,
gun duille chall no blàth :
Soirbhichidh leis gach ni d'an dean.
- 4 Ni h-amhluidh sin do bhi
Na daoine peacach : ach mar mholl,
air 'fhuadachadh le gaoith.
- 5 Is uime sin ni sheasmhunn suas
na h-aingidh anns a' bhreith,
No peacaich ann an comunn naomh
nam fireanach gu seth.
- 6 Oir 's fiosrach Dia air slighe ghlan
uain fireanach air fad :

SALM II.

Ach slighe fhiar nam peacach baoth,
di-mhilltear i gu grad.

SALM II.

- 1 CREUD as far ghabh na Geintlich boil',
's am pobull fòs gu cruinn,
Farsmuaintich siad beart dhìomhanach,
nach feudta chur an suim ?
- 2 Righre na talmhainn dli' éirich siad,
s' na prionnsa mòra treun,
An aghaidh Dé do chruinnich siad,
's an ti do ung se féin.
- 3 Brismid a nis an cuibhreach dhinn,
(a dubhradar air fad,)
Na boinn* do b'àill leo iadhadh oirnn,
dhinn tilgeamaid gu grad.
- 4 An ti air Nèamh na shuidh' a ta,
do ni se gàire fò ;
Is mar chùis mhagaidh bithidh siad,
do'n Tighearn ard, gach lò.
- 5 'Nsin labhraidih se am briathraibh borb,
'na chorruich riu gu garg ;
Is cuiridh se gu cabhaig iad,
le lasan is le feirg.
- 6 Gidheadh do ungadh leam mo Righ,
gu fior air Sion caomh ;
Is chuir mi e na uachdaran,
suas air mo thulaich naomh.

- 7 Cuiream an céill an t-ordugh ud :
 (dubhairt Iehobhah riuum,) [dhuit]
- Is tu mo mhac-sa ; 's ann an diugh
 do ghineadh thusa leam. [dhuit]
- 8 Iarr orm, 's mar oighreachd bheiream
 na Geintilich gu léir ; [dhuit]
 'S mar sheilbh ro-dhileasbheiream
 fad iomall crìch gach tìr.
- 9 Nithear le slait do'n iarunn chruaidh,
 gu luath am briseadh leat ;
 Nam bloidibh beaga pronnair iad,
 mar phota criadh' le d' neart.
- 10 O Righre, uime sin, a nis,
 gabhaibh-sa ciall gu léir : [fòs,
 A Bhreitheamh' talmhainn gabhaibh
 deagh fhòghlam glan d' a réir.
- 11 Do'n Tighearna Iehobhah mòr,
 aodhruibh-sa dha gu ceart,
 Le h-eagal deanaibh seirbhis mhaith
 do Thighearna nam feart.
 'S le ball-chrith deanaibh gàirdeachas.
- 12 Do'n mhac is thugaibh pòg,
 D'eagal gu'n lasadh 'fhearg-san ruibh,
 d'ur milleadh anns an ròd,
 An uair a bhitheas corruiich air,
 aig lasadh ach gu beag :
 Is beannuicht' iad gach uile neach,
 an dòchas air do leag.

- 1 NACH lìonmhòr iad mo naimhde, Dlié,
 sior-dhol am meud gach là ?
 Is luchd mo thrioblaid iomadh iad,
 ag éirigh rium do ghnàth.
- 2 Ri m'anam iomadh deir nach bheil
 aon fhurtachd aig an Dia.
- 3 Ach 's tu fear-togalach mo chinn,
 mo ghloir, is tu mo sgiath.
- 4 Air Dia do ghairmeas le mo ghuth,
 dh' eisd as a thulaich naomh :
- 5 Luidh, choidil, agus mhosgail mi,
 chuin Dia mi suas gu caomh.
- 6 Ni h-eagal leam deich mìle sluaigh,
 d'an cuairticheadh siad mi.
- 7 Mo Thighearn' éirich suas gu luath,
 is cuidich leam, a Dhé :

 Mo nàimhde bhualt tu air an gial ;
 bhris fiacla fòs nan daoí.
- 8 'S le Dia an fhurtachd : air do shluagh
 do bheannachd ta gun dìth.

- 1 O THUSA Dhia ud m'ionracais,
 eisd rium tràth éigheam riut ;
 'S tu dh'fhuasgail orm is mi an teim ;
 fòir orm, is éisd mo scread.
- 2 Mo ghloir cia fhad, a chlann nan daoin',
 chum nàire chaoch'leas sibh ?

A' tabhairt gràidh do dhìomhanas,
is leanas breugan ruibh ?

3 Biodh agaibh fios gu'n ròghnuich Dia
dha féin an duine naomh :
Tra éigheam ris, do bheirionn se
sàr-éisdeachd do mo ghlaodh.

4 Biodh eagal oirbh 's na deanaibh lochd :
le'r cridhe labhraibh féin,
Gu h-uaigneach air ur leabuidh, fòs
bibh tosdach mar an ceudn.

5 Deagh ìobairt thaitneach thugaibh
do'n ionracas do ghnàth, [uaibh,
'S ur dòchas cuiribh ann an Dia,
ag earbsa ris gach là.

6 Ni maith cia nochdas duinn a nis ?
ta mòran ac' ag ràdh :
Ach dealradh glan do ghnùis, a Dhé,
tog oirnne suas do ghnàth.

7 'S mò chuir tu dh'aoibhneas ann mo
n'an uair a's lìonmhoir corc, [chridh',
No, aca sud, a's saibre fion
a' cinneachduinn gun airc.

8 An sìth-shàimh luidhidh mi faraon,
is coidlidh mi le suain :
Oir's tus' a mhàin bheir dhomh, a Dhé,
fuidh dhìdean, comhnuidh bhuan.

- 1 Do m'bhriathraibh, tabhair air' a Dhé,
is beachduich air mo smuain.
- 2 Eisd guth mo ghlaoidh, mo Righ, 's mo
oir guidhean ort gu dian. [Dhia,
- 3 Mo ghuth do chluinncar leat, a Dhé,
air maduinn gach aon là:
Gu moch do dheanam urnuigh riut,
is dearcam ort do ghnàth.
- 4 Cha tus' an Dia le'm miann an t-olc,
is lochd ni chaidrcann tu*.
- 5 Cha seas an t-amadan a' d' làth'r;
's fuath leat luchd-uilc nach fiu.
- 6 Do sgriosar leat luchd-labhairt bréig:
is gràin le Dia faraon
An duinc fuilcachdach, 's an ti
chum cealgaireachd do chlaon.
- 7 Ach mise tigeam † chum do thigh,
thaobh meud do ghràsa caomh:
Agus na d' eagal aodhram dhuit,
m'aghaidh ri d'theampull naomh.
- 8 Fa chìùis mo naimhde, treòruich mi,
a'd' cheartas naomh', a Dhé,
Is deansa romham air gach ball
do chasan † dìreach réidh.
- 9 Oir ni bheil cinnt no ccart nam beul,
fior-aing'eachd annt' ata:
An sgornan fosgait' ac' mar uaigh,
le miodal teanga tlàth.

* cha chaidear tu.

† thig mi.

‡ shlighe.

- 10 Le'n comhairlibh leig tuiteam dhoibh;
 sgrios iad, a Dhé, nan lochd :
 Nam peacaibh lìonmhòr fuadaich iad :
 oir rinn siad ceannairc ort.
- 11 Achaoibh neas air gach neach gu'n robb
 ni barant' dhiot nan airc :
 Is deanadh siad buan ghàirdeachas,
 oir rinn tu dhoibh cùl-taic :
 Biodh anna da it, na ghràdhuich's t'aimn.
- 12 Oir beannuichidh tu, Dhé,
 Am firean : ni tu le do ghràs
 a chuartuch' mar le sgéith.

SALM VI.

- 1 A THIGHEARN, ann do chorruich mhòr,
 na cronus mi gu garg ;
 Na dean mo smachdachadh gu geur,
 an uair a lasas t'fhearg.
- 2 Dean tròcair orm, a Dhia nan gràs,
 oir lag a taim * gun cheist :
 Dhia, slànuich mi a nis a'm'fheum,
 oir ta ino chnàmhan brist.
- 3 'Ta m'anam air a chràdh gu geur :
 ach thus', a Dhé, cia fhad ?
- 4 Pill, fuasgail m'anam ; agus fòir
 le tròcair orm gu grad.
- 5 Oir orts' a Thighearna sa' bhàs
 cha chuimhnichear gun cheist.

Cia bheir dhuit buidheachassan uaigh,
no bheir ort luaidh am feasd?

6 Taim sgìth le m' osnaich, feadh ua h-a'
cur mo leab' air-snàmh : [oidhch',
Le deuraibh m'uirich uisgicheam,
san àm bu chòir dhomh tàmh.

7 Mo shùil a ta air failneachadh,
fa chùis mo bhròin gach tràth :
Is 'ta aig dol gu h-aois, air son
m'uil' eas-cairde do ghnàth.

8 A luchd na h-aingidheachd gu léir,
imichibhs' uam am fad ;
Oir chuala Dia gu tròcaireach
àrd-ghluth mo chaoi gun stad.

9 An achuinge do chuir mi suas,
do chual' an Tighearn i ;
Is gabhaidh se gu toileach uam
an urnuigh do ni mi.

10 Air m'eascairdibh gu robh air fad
nàir', agus cùradh * geur ;
Is pilleadh siad air 'n ais gu luath,
le masladh mòr gu léir.

SALM VII.

1 O DHIA, mo Thighearn, earbam riut :
orm furtaich agus fòir ;
Is saor mi fòs o dhiobhargadh †
luchd-leanmhuinn orm an tòir.

* amhlauadh.

† gheur leanmhuinn.

- 2 D'eagal mar ni an leòmhann treun,
gu'n reubar m'anam leis :
A' deanamh liodairt* air gu mion,
gun neach do m'fhuasgladh as.
- 3 Iehobhah Dhé, ma rinn mi so ;
ma 'ta lochd air mo làimh :
- 4 Ma dh'ìocas olc do'n fhear do bhi
an sith-chainnt dhomh, 's an dàimh ;
(Ni h-amhluidh sin, ach rinn mi 'n ti
a theasairginn gu blàth,
Do bhi gun aobhar is gun chùis,
'na nàmhaid dhomh gach là.)
- 5 Leanadh an nàmhaid m'anam féin,
glacadh se e, 's gu lär
Saltradh mo bheatha, leagadh fòs
m'onoir san dus le tàir.
- 6 Eirich, a' t'fheirg, tog suas thu féin,
fa chorruich m'eascair thréin :
Is chum na breith a dh'orduich tu,
mosgail fa m'chùis, a Dhé.
- 7 Mar sin ni coimhthional an t-sluaigh
do chuartuchadh gun chaird :
Is uime sin fa'n cùis, a Dhé,
pill féin air ionad ard.
- 8 Breith air a' phobull beiridh † Dia :
réir m'ionracais dean breith ;
Do réir mo neo-chiont féin, a Dhé,
gu teann cuir as mo leth.

- 9 Gu'n dthigeadh crìoch air olc nan daoí,
 ach daingnich daoine còir :
 'S fear-sgrùdaidh cridh', is rannsach'
 Dia cothromach na glòir. [àirn'
- 10 'S e Dia mo sgiath, 's e dh'fhurtaicheas
 air luchd a' chridhe cheirt.
- 11 Breitheamh luchd-còrach Dia, gach là
 am feirg ri luchd droch-bheirt.
- 12 Ma's e nach pill siad air an ais,
 a chlaidheamh lìomhar* leis :
 Air lagh a bhogh' do chuir gu teann,
 gu caitheamh ullamh deas.
- 13 Fior-acfuinn agus innil mairbh,
 do dheasuich se dha féin :
 A shaighde do luchd dìobhargaidh†,
 do ulluich se gu treun.
- 14 Feuch, amhluidh ioghnadh mnà ri
 mar sin ri h-olc ata ; [saoth'r,
 Aimhleas is e bu thorr'cheas da,
 breug rugadh leis gun stà.
- 15 Chladhaich se slochd, is threachail † se,
 thuit féin san ðìg do rinn.
- 16 Thig 'aimhleas air a chloigionn féin,
 is 'fhòirneart air a cheann.
- 17 Do réir a cheartais molaidh mi,
 an Tighearn air gach àm :
 Do ainm Iehobhah seinnidh mi,
 oir se is àird a t' ann.

* geur'chear.

† geur-leannhuinn.

‡ dh'fhoosgall.

- 1 IEHOBHAH Dhia, cia mòr tha t'ainm,
air feadh gach uile thìr !
Do ghlòir do shocruich tu os cionn
nam flaitheas is nan speur. [maoth,
- 2 A beul nan naoidh's nan clochran
bhrìgh d' eas-cair dh'orduich neart,
An àmhaid chum gu'n coisgeadh tu,
's an dioghaltach mi-cheart.
- 3 Do speuran trà' thug mi fainear,
obair do mheura féin ;
A' ghealach is na reulta glan,
do orduich tu le chéil' :
- 4 Creud e an duin' gu'n cuimhn' cheas
no' mhac gu'm fiosraicht' leat ? [air?
- 5 Do'n inbh' is beag do laghduich's air,
air 'n d'fhuair na h-aingil ceart ;

Do chuir tu coron àluinn air,
le mais is glòir thar chàch.
- 6 Air oibribh fòs do làmh air fad,
thug uachdranachd gu bràth :
Gach dùil do chuir fo choساibh dhà,
do chruthaich thusa riamh ;
- 7 Caoraich, is buar, 's gach ainmhidh fòs
'ta 'gimeachd air an t-sliabh ;
- 8 An eunlaith ta san adhar shuas,
an t-iastig a ta sa' chuàin,
'S na shiùbhlas air sligh' tuinne fòs,
sin thug tu dha gu buan.

9 A Dhia ar Tighearn' is ar Triath,
t'ainm-sa cia h-uasal e ?
Air feadh gach talamh is gach tìr,
is mòr tha sud, a Dhé.

SALM IX.

- 1 LE m' uile chridhe bheiream dhuit,
ard-mholadh binn, a Dhé ;
Is d' oibre mìorbhuiileach air fad,
do innseam * iad gu réidh.
- 2 Do dheanam annad aoibhneas ait,
is gairdeachas gu mòr :
Do t'ainm-sa seinneam moladh binn,
O Righ a's airde glòir.
- 3 A rìs trà' phillear air an ais
mo naimhde, théid gu làr ;
Oir tuitidh siad is théid dhoibh as,
a t'fhanuis féin gun dàil.
- 4 Mo chòir do rinn tu sheasamh dhomh,
gu daingean is gu treun :
A'd' chaithir chothrom shuidh tu suas,
mar bhreitheamh ceart am binn.
- 5 Do rinn tu air na cinnich smachd,
do sgrios na daoine daoí :
An ainm do chuir tu as gu glan,
o linn gu linn a chaoidh.
- 6 O nàmh, chaidh crìoch air sgrios aui
leag tusa bailte treun ! [feasd :

An iomradh-san 's an cuimhne fòs,
do theirig sin leo féin.

- 7 Ach mairidh Dia gu bunaiteach :
chuir caithir suas chum breith.
- 8 Bheir air an domhan cothrom ceart,
le còir do'n t-sluagh fa leth.
- 9 Mar dhaingneach bithidh Dianam feart
do'n ti a ta fuidh leòn :
An trioblaid tearmunn dìleas e,
ri faicinn neach fuidh bhròn.
- 10 Gach neach 'g am bheil air d' ainmse
ni dòchas diot, is bun : [fios
Oir mheud 's a ta ga d'iarruidh, Dhé,
nior thréig tu iad gu tur.
- 11 Do'n Triath'ta'g àiteach' sliabh Shioin,
seinn moladh dha gu binn,
Aithrisibh fòs am measg an t-sluaigh
na gniomhara do rinn.
- 12 Tràth ni se rannsachadh air fuli,
'n sin cuimhneach orra ta ;
Cha leig airdearmad glaodh nam bochd,
a ghairmeas air do ghnàth.
- 13 Fòir orm, a Dhé, is amhairc air
mo thrioblaid o luchd m'fhuath,
A Dhé a ta ga m' thogail suas
o dhorsaibh bàis gu luath.
- 14 An dorsaibh nighinn Shioin chaoimh,
gu foills'chinn d' uile chliu :

- Do dheanam gairdeachas air sgàth
na slàint' a dheònuich tu.
- 15 Thuit sios na cinnich anns an dìg
do thochail* siad do chàch ;
Is anns an lòn a dh'fholuich siad,
'ta 'n cosa féin an sàs.
- 16 Aithnichear Dia sa' bhreith do ni,
trà' thuiteas daoí san drip ;
Is ann an gnìomh a làimhe féin,
teann-ghlacar e san rib.
- 17 Pillear luchd-uilc is aingidheachd
gu h-ifrionn sìos gu léir ;
'S na fineachan nach cuimhnich Dia,
pillear iad sìos le chéil'.
- 18 An t-ainnis truagh cha dthéid se 'm
air dearmad no air dìth : [feasd]
Air dòchas fòs an duine bhochd,
gu bràth ni fhaicear claoidh.
- 19 A Thighearn, éirich, 's na leig buaidh
le neach d'an dual am bàs ;
Breithi thugar air na cinneachaibh
a' d'fhanuis anns gach càs.
- 20 Cuir eagal orra-san gu mòr,
Iehobhah Dhia nam feart,
Gu'n aithnicheadh na Geintilich
iad féin nan daoine meat'.

- 1 CREUD as far sheasas fad o làimh,
 Iehobhah làidir thréin ?
 An aimsir teinn is trioblaid mhòir,
 fa'n dean tu t'fholach féin ?
- 2 'Ta 'n droch dhuin' ann a ardan borb,
 a' diobhargadh * nan bochd :
 Ach glacar iad sna h-innleachdaibh
 do dhealbhadar chum lochd.
- 3 Oir ni an droch dhuin' ràiteachas
 a miann a chridhe féin ;
 'S na daoine sanntach molaidh se,
 ge beag air Dia am mèin.
- 4 Androch dhuin', aig fior ardan gruaidh,
 ni ghairionn se air Dia :
 'Na chridhe ni bheil uair air bith,
 aon smuaineadh air an Triath.
- 5 'Ta 'uile shlighe doilghiosach,
 's àrd o a shùil do bhreith :
 A' séideadh pluic gu fanoideach,
 m'a eas-cairdibh gach leth.
- 6 'Na chridhe féin do labhair se,
 am feasd cha għluaisear mi :
 Oir cha dħig àmhghar orm gu bràth,
 no trioblaid fôs do m' chlaoïdh.
- 7 Do'n iogan, mhallachadh, 's do ghò †,
 a bheul-san làn ata : .
 'Ta donas mòr is dìomhanas
 fuidh 'theangaidh-san do għnàth.

- 8 An diomhaireachd nan clochan beag'
 gnà' shuidhidh se gun fhios :
 Ta'shùil air bochd 's air neo-chiontach,
 d'am mort an uaignidheas.
- Ta 'shùile nimhneach mar an ceudn',
 ro-ghuineach geur gu lochd,
 A' dearcadh ann an diomhaireachd,
 a sgrios an fhìrein bhochd.
- 9 Mar leòmhann, luidh' am plaid ata,
 na thàmh an gàradh dòn,
 Ghabhail nam bochd: is ghlac se iad,
 'g an tarruing ann a lòn.
- 10 Crùbaidh, is cromaidh se gu làr,
 chum dha nach mothair neach :
 Le 'laochraibh chum gu'n leagadh se
 am bochd a' gabhail seach.
- 11 A dubhaint se na chridhe féin,
 Dhi-chuimhnich Dia gun cheist :
 Do fholuich se a ghnùis an céin,
 ni * leir dha sud am feasd.
- 12 Iehobhah, éirich suas an aird,
 a Dhia ta neart-mhor treun,
 Tog suasdo làmh; 'sna dearmaid chaoi'
 na deòraidh' bhochd 'nam feum.
- 13 Na daoine dona creud fa'n dean
 siad tarcuis ort, a Dhé ?
 A dubhaint se na chridhe féin,
 ni fhiosruichionn tu e.

- 14 Chunnaic tu sin, oir duit is léir,
 gach dochar, is gach spìd,
 Chum le do làimh gu 'n tabhair dhoibh
 comuun an uilc do ni'd :
 'S ann ort-sa dh'fhàg an duine bochd
 e féin a chur fo dhòn,
 Oir 's tu fear-cuidich agus neart
 nan dìlleachdan gun mhaoin.
- 15 Gàirdean an droch-dhuin' is an daoí,
 leòn thus', is bris, a Dhé ;
 Is rannsuich mach a lochd gu geur,
 gu nuig nach fuighear e.
- 16 Gu suthain is gu siorruidh fòs,
 an Tighearn ta na Righ :
 Sgriosadh na cinnich mach gu glan
 na fhearann-san do bhi.
- 17 Miann nan daoin' umhal chual' tu, Dhé ;
 an cridhe ni tu gleust ;
 Is bheir tu air do chluais gun chaird,
 an gearan-san gu'n éisd :
- 18 Do chumail ceirt ri dìlleachdaibh,
 's ri daoinibh brùite truagh,
 Do chum nach dthugadh duin' o'n ùir
 ni 's mò air fòirneart luaidh

- 1 Mo dhòchas chuir mi ann an Dia ;
 creud e fa'n abradh sibh.

Ri m'anani, chum mo chur air gheilt,
Teich as mar eun gu d' shliabh ?

2 Feuch chuirnah-aingidh bogh'air lagh,
an saighd' air sreing do ghleus,
Thilgeadh san dorch' an ti ta ceart
na chridh' agus na bheus.

3 Ma théid na bunaite air dhìth,
creud ni an duine còir ?

4 Ta Dia na theainpull naomh, air nèamh,
ta 'chaithir làn do ghlòir :
Is léir d'a shùilibh-se gach dùil,
san domhan mhòr ata :
Le 'rosgaibh clann nan daoin' air sad
rannsuichidh se do ghnàth.

5 Rannsuichidh Dia na fireana ;
ach luchd na h-aingidheachd,
Is fuath le 'anam, is gach neach
thug spéis do ragaireachd.

6 Air daoinibh droch-mhuint'* dòirtidh
nuas painntere † gun dith : [Dia
Tein', pronnasc, agus doinionn gharbh,
cuibhrionn cùp' dhoibh do ni.

7 Oir Dia ta cothromach is ceart,
is ionmhuinn leis a' chòir :
Ag amharc air na fireanaibh
le deagh-ghnùis làn do ghlòir.

* aingidh.

† ribeachan.

- 1 'Nis fòir, is cuidich leinn, a Dhé,
 oir deagh dhuin' ni bheil ann ;
 Na treibh-dhirich measg clann nan
 ri'm faghail ta ro-ghann. [daoin'
- 2 Labhruidh gach neach r'a choimhears-
 a' bhreug le miodal béis ; [nach,
 Le cridhe dùbailt' làn do cheilg,
 sior-labhruidh siad le chéil'.
- 3 Gach beul ta làn do ghabhann * tlàth,
 d'an gnàth bhi leam is leat ;
 An teanga bhruidhneach àrdanach
 sgathar le Dia nam feart ;
- 4 A dubhairt, Orra bheir sinn buaidh
 le'r teangaibh féin a mach, .
 'S leinn féin arbéis ; cia chean an Triath
 do chuireas sinn fa smachd ?
- 5 Ri foireigeadh nan deòraidh truagh,
 ri osnaich dhaoine bochd,
 Nis éiream, (dubhairt Dia) d'an dìon,
 o luchd-bagraidh an lochd.
- 6 Is fior-ghlan briathar Dhé gu dearbh ;
 amhluidh mar airgiod e,
 Do leaghadh is do ghlanadh fòs,
 fa sheachd an suacan cré.
- 7 Coimhididh tus' iad uil', a Dlié,
 dionaidh tu iad do ghnàth,
 O'n ghinealachs' a nis a t'ann,
 's o sin a mach gu bràth.

8 Gluaisidh gach aontaobh luchd an uilc,
 is togaidh siad an ceann ;
 An t-àm a chuirear suas gu h-àrd
 na daoin' a's suaraich' t' ann.

SALM XIII.

- 1 Cia fhad a dhearmadar mi leat,
 a Dhia, an ann gu bràth ?
 Cia fhad a dh'fholairch's tu do ghnùis
 gu coimheach uam gach tràth ?
- 2 C' fhad bhiom ri comhairl' ann mo
 le cridhe trom gach là ? [chom,
 Cia fhada dh'àrd'chear tharuin suas
 mo nàmhaid mar a bha ?
- 3 Tabhair fainear, is freagair mi,
 a Thighearna mo Dhia ;
 Soillsich mo shùile, codal trom
 chum bàis nach coidil mi.
- 4 D' eagal gu'n abradh rium mo nàmh,
 Chaidh agam air a nis :
 'Sgu'n deanadh m'eas-car gàirdeachas,
 san uair an aomar mis.
- 5 Ach dh'earb mi as do ghràs, is bidh,
 mo spiorad ait a'd' shlàint :
- 6 Is seinnidh mi gu binn do Dhia,
 air son a phailteis ghnàicht.*

* ghnathraig.

- 1 'NA chridhe deir an t-amadan,
 Ni bheil ann Dia air bith.
 'Taid truaillidh, 'soilteil* fòs an gnìomhl
 ni bheil ann neach ni maith.
- 2 An Tighearn dh'amhairc se o néamh,
 air chloinn nan daoin' a nuas ;
 Do fheuchainn an robhtuigs' aig neach,
 na dh'iarradh Dia nan gràs.
- 3 Do chlaonadar a thaobh air fad,
 ro-shalach iad gu léir :
 Ni bheil aon neach ri deanamh maith,
 ni bheil fiu aon fuidh speur.
- 4 Nach tuigionn luchd na h-eucorach,
 'ta 'g ith air fad 's air leud
 Mo phobuill suas mar aran blast,
 air Dia ni ghairionn siad.
- 5 An sin do ghabh siad eagal mòr,
 air son gu bheil gu fior
 Dia ann an ginealach is linn,
 nam fireanach do shìor.
- 6 Comhairl' an truaghain nàirich sibh,
 chionn Dia 'na thearmunn da :
- 7 A Sion O gu'n dthigeadh 'mach
 slàint' Isracil gach la !
- Trà' bheireas Dia air ais o bhruid
 a phobull féin le chéil',
 Air Iacob bithidh aoibhneas mòr,
 's aiteas air Israel.

- 1 CIA dh'fhanas ann do phàilliun shuas?
a Thighearna cia e ?
Cia 'n ti sin leat air do chnoc naomli'
a chòmhnuicheas gach ré ?
- 2 An ti do ghluais gu treibh-dhireach,
is ionracas do ni,
Labhras an fhìrinn sin a mach
na chridh' a steach do bhi.
- 3 An ti nach dean air neach air bith,
cùl-chàineadh le a bheul,
Nach dean aon lochd d'a choimhears-
's nach tog air fòs droch sgeul. [nach,
- 4 Do ni trom-tharcuis air an daoí :
ach onoir dhoibh do bheir
D'an eagal Dia: 's nach caochail mionn
d'an dthigeadh calldach air.
- 5 'Airgiod air ocar nach do chuir :
an aghaidh fòs nan saoi
Brìb uach do ghabh : cha ghluaisear e
gu bràth mar sin do ni.

- 1 DHIA, coimhid mi, o's annad féin
ata mo dhoigh gu fior ;
- 2 O m'anam, dubhaint tu ri Dia,
Is tu mo Thriath gu sìor :
Mo mhaitheas ort ni ruigioiu se ;
- 3 Ach air na naomhaibh 'ta

- Air talamh, 's air na flaithibh fior,
 'g am bheil mo chion 's mo ghràdh.
- 4 Mòr-mheuduicheadh an doilghios doibh
 a dheifricheas gu luath
 Air lorg Dé eile choimhich bhréig,
 a' cur ri cràbhadh truagh :
 An deoch-lobairt a ta do fhuil,
 ni ofraileam gun cheist ;
 Is air an ainmibh ann mo bheul
 ni thiubhram* luaidh am feasd.
- 5 Cuibhrionn mo chùp' is m'oighreachd
 's tu sheasas dhomh mo chrann.[Dia:
- 6 An àitibh aoibhneach thuit mo lòn :
 'sleam oighreachd bhreagh nach gann.
- 7 Do bheiream buidhreachas do Dhia,
 thug comhairl' orm a'in' fheum :
 'Ta m'àirne fòs an àm na h-oidhch'
 ga m' theagasc mar an ceudn.
- 8 Do-chuireas romham, anns gach cùis,
 an Tighearn' mòr do ghnàth ;
 O's air mo dheas-làimh gu bheil se,
 cha għluaisear mi gu bràth.
- 9 Mo chridh' ni aoibhneas ui me sin,
 ni għar-deachas mo għlòir :
 Ni m'fheoil fòscòmhnu idh fhoistineach,
 le dòn an dòchas mòr.
- 10 Oir chean ni fhàgann tu sau uaigh
 shìos m'anam air aon achd ;

'S ni leigionn tu do d' sheircinn naomh
gu'm faic se truaillidheachd.

- 11 Dhomh sligb' na beatha foills'chidh tu:
a'd' làthi'r làn aoibhneas 'ta,
Is aig do dheas-làimh féin a Dhé,
mòr-shubhachas gu bràth.

SALM XVII.

- 1 EISD thus' a Thighearn' ris a' chòir,
mo ghlaodh, toir aire dha ;
Is cluinn an ùrnuigh thig a mach
o m' bheul gun bhreug, gun ghò.
- 2 Mo blireith o d' fhianuis thigeadh i :
le d' shùilibh léirsinueach,
Feuch air na nithibh sin, a Dhé,
'ta ceart is cothromach.
- 3 Dhearbh tu mochridh', is d'fhiorsuich-
san oidhche; dh'fhionn gu geur, [eas
Cha d'fhuair tu maoin: oir b'e mo rùn
nach peacaichinn le m' bheul.
- 4 Fa thimchioll oibre dhaoine fòs,
ghléidh mi mi féin gu beachd,
Le guth do bhéil, o cheumannaibh
luchd-braids is ragaireachd.
- 5 Cumm'imeachd suas, a Dhian amfeart,
a'd' shlighibh ceart gu treun ;
A'd' chasan dìreach cum mi suas,
nach sleamhnuich uam mo cheum.

- 6 Do ghairmeas ort, a Dhé, fa chùis
 gu'n éisdeadh tusa rium ;
 Do chluas do m'ionnsuidh crom a nuas
 is fòs mo ghearan cluinn
- 7 Taisbein do chaoimhneas iongantach
 'ta gràdhach làn do chliu ;
 Do shaoras le do dheas làimh féin,
 an droing d'an dòchas thu,
 O'n dream nan aghaidh thogas ceann.
- 8 Ach coimhid mi gu treun,
 Mar chloich do shùl : dean folach órm,
 fuidh sgàil do sgiathan féin.
- 9 O'n droch-dhuin' ta ri fòirneart orm,
 o nàimhdibh m'anma treun,
 A ta ga m' chuartachadh gach taoblì,
 mo choimhead orra dean.
- 10 Nan saill ata siad druidte suas,
 cainnt uaibhreach ta nam beul.
- 11 Chrom siad gu lär is dhearc le'n sùil :
 is chuairtich siad ar ceum.
- 12 Mar leòmhann gionach togarach
 chum cobhartaich do ghnàth ;
 Mar leòmhann òg an diomhaireachid
 a' luidh' am plaid ata.
- 13 Eirich, a Dhé, is coisg mo nàmh,
 leig sios gu talamh e :
 O'n droch-dhuin' ta 'n a chlaidheamh
 saor m'anam uaidh' a Dhé. [dhuit.

- 14** O'n dream ta dhuits' a Dhé, mar làimli,
 o dhaoinibh saoghalt' dàn,
 'G am bheil an cuibhrionn is an cuid
 sa' bheatha so a mhàin.
 D'am bheil tu tabhairt làn am bronn,-
 as t'ullaithd dhìomhair fòs :
 Làn cloinne'taid ; fuighleach * am
 fàgaidh d'an leanbaibh òg. [maoin]
- 15** Ach mise chean, do dhearcam air
 do ghnùis am fireantachd :
 Air mosgladh dhomh, làn diolar mi,
 a Dhé, le d' chosamhlachd.

SALM XVIII.

- 1** Mo chion ort féin, a Dhia, mo threis.
2 Mo charraig Dia gu ceart,
 Mo dhaingneach, is mo shlànuighear :
 mo Thighearn', is mo neart,
 An ti an cuiream dòchas fòs,
 mo thargaid is mo sgiath,
 Adharc mo shlànuich' e gu beachd,
 mo bliaideal àrd 's e Dia.
- 3** 'Nis gaiream air an Tighearna,
 d'an dlighear moladh sìor ;
 Mar sin o m' eas-cairdibh gu léir
 coimhdear mi gu fior.
- 4** Chuir tuit dhroch-dhaoin eagal orm,
 chaidh umam guin an éig.

- 5 Pian ifrinn agus eangach * bàis,
romham 's gach àit' do bhi'd.
- 6 A'm' éigin ghair mi air mo Thriath,
dh'éigh le mo ghlaodh gu h àrd :
Is as a theampull naomha féin,
dh'éisd se mo ghuth gun chaidr ;
'Na fhianuis is 'na éisdeachd féin,
mo ghlaodh do ràinig suas :
- 7 An talamh air gach ceum an sin,
do chriothnuich, chrathadh, ghluais:
Iochdar nan cnoc agus nam beann,
do ghluaiseadh sin gu garg,
Do chriothnuich is do chrathadh iad,
do bhrìgh gu'n robh air fearg.
- 8 Chaidh deatach as a shròn a mach :
is teine loisgeach mòr
Chaidh as a bheul, is lasadh leis
do éibhle ni bu leòr.
- 9 Do lùb se fòs na nèamha fuidh',
's a nuas do thuirling se :
Fior-dhorchadas is dubh-aigein
do bhi fuidh chasaibh Dhé.
- 10 Air cherub mharcuich se gu h-àrd,
air iteig fòs do chaidh :
Do bhi se luath ag itealuiich,
air bharraibh sgiath na gaoith.
- 11 Dubh-dhorchadas mar dhìomhaireachd
do chuir se 'uime féin .

- Bu phubull da na h-uisge dorch',
is neulta tiugh nan speur.
- 12 Do chaidh a neulta tiugh le chéil',
is clacha meallain fòs,
Is éibhle teine roimh' do chaidh,
o'n dealradh bha na ghnùis.
- 13 Rinn Dia sna speuraibh tairneanach,
do leig an Ti a's àird [chruaidh,
A ghuth a mach, le clach-shneachd
is éibhlibh teith gun chaird.
- 14 A shaighde leig se chuc' a mach,
do sgaoil se iad air fad,
Tein-adhair orra thilg gu mòr,
le'r chlaoihheadh iad gu grad.
- 15 Aigein nan uisge chunncas ris,
bhi grunnd an domhain nochdt' :
Le d'anail as do shròn, a Dhé,
le d' achasan is smachd.
- 16 As 'ionad àrd do chuir se nuas,
is bhuin se mis' a mach,
Is rinn mo tharruing mar an ceudn
a h-uisgibh iomarcach.
- 17 O m'eascar tul-chuiseach is treun
do anacail * se mi,
'S o luchd mo mhi-ruin agus m'fhuath,
oir làdir orm do bhi.
- 18 An là mo thriobloid is mo theinn,
thug ionnsuidh orm gun fhios :

Ach do bhi Dia na throstan * domh,
cha sleamhnuich uam mo chos.

19 Gu h-ionad farsaing agus réidh,
a mach do thug se mi :

Mo theasairgean do rinneadh leis,
oir ciatach dhiom do bhi.

20 Réir m'ionracais, is gloine làmh,
do chuitich Dia maith rium. [olc,

21 O m' Dhia nior chaidh'm gu h-aingidh
sligh' Dhé do choimhdeadh leam.

22 Oir 'uile bhreith do bhi a'm' làth'r :
a statuin uam nior chuir.

23 Bu treibh-dhireach na fhianuis mi :
o m' aing'eachd féin do sguir.

24 Réir m'ionracais is gloine làmh,
an sealladh beachd a shùl,
Do rinneadh mise chuìteachadh
gu caomh le Dia nan dùl.

25 Do'n duine ghràsail, gràs-mhor thu,
dìreach do'n treibh-dhireach.

26 Glan thu do'n duine ghlan, is fiat †,
do'n duine fhiat' fa seach.

27 Na daoine ta fuidh thrioblaid mhòir,
làn-shaoraidh tu 's gach àit' :
Ach bheir tu nuas a' mhuinntir sin
'gam bheil an sealladh àrd.

28 Oir lasaidh tu mo choinneal domh,
do ni mo Dhia 's mo Righ

- Mo dhorchadas a shoillseachadh,
chum soilleir glan gu 'm bi.
- 29 Mòr-mhàl-shluagh, le do threis, a Dhé,
do bhriseadh leam air fad :
Le neart mo Dhia thar ball' a leum,
do chaidh mi féin gun stad.
- 30 Ach Dia chean', ta a shlighe ceart :
do dhearbhadh focal Dé :
Do'n dream gu h-uile dh'earbas as,
d'an dòn is targaid e.
- 31 Oir cia 's Dia, ach Iehobbah ann ?
cia 's carraig ach ar Triath ?
- 32 An neach do ni mo shlighe ceart,
's a bheir dhomh neart, 's e Dia.
- 33 Marchosaibh féidh taluath chum ruith,
mo chosa do rinn se,
Air m'àitibh àrd' gam' shocrachadh,
'n coinne* nach gluaisteadh mi.
- 34 Gu còmhrag theagaisg se mo làmh,
ionnas gur leam do chaidh,
Gur bhriseadh le mo ghairdeinibh,
sàr-bhogh' do'n stàilinn chruaidh.
- 35 Do thug tu sgiath do shlàinte dhomh,
do dheas-lành chum mi suas,
Thug orm do chaoimhneas is do ghràdh
gu h-inbhe mhòir gu'n d'fhàs.
- 36 Mo cheuma rinn tu farsaing fum †,
sin domh mar fhuaradh thus',

Ionnas gur socrach sheasas mi,
cha sleamhnuich uam mo chos.

37 Lean mi mo naimhd' is anns an ruaig,
orra do rug gu cas :

Is ach gur chlaoideadh iad gu léir,
nior philleas féin air m'ais.

38 Gun chomas éirigh lot mi iad,
do thuit siad fuidh mo chois.

39 Le neart chum cath' do chrios tu mi :
na dh'éirich rium leag thus'.

40 Air muineal thug tu dhomh monàmh :
luchd m'fhuath gu'n claoideadh mi :

41 Ghlaodh siad, 's d'am furtachd ni robh
ri Dia, 's nior fhreagair se. [neach :

42 Amhluidh mar dhus a' dol le gaoith,
gu mion do phronn mi iad :
Do thilg mi iad a mach a rìs,
mar chlàbar air an t-sràid.

43 O strìbh nan daoine shaor tu mi,
rinn ceann nam fineach dhiom :

Na daoine riamh nach b'aithne dhomh,
ri seirbhis dhoinh do chim'.*

44 Air cluinntinn dhoibh-san iomra orm,
géillidh siad dhomh gun stad :

Do ni dhomh coigrich mar an ceudn'
an ìsleach' féin air fad.

45 Làn-seargaidh is dubh-chrlonaidh as,
iarmad nan allmharach :

A' teachd le h-eagal 's ùamhunn mhòr
o'n gàradh féin a mach.

- 46** Dia beo a ta, beannuicht' gu'n robh
mo charraig féin gu bràth :
Is Dia mo shlàinte bitheadh se
air 'àrduchadh do ghnàth.

- 47** Mo dhioghaltas, 's mo leasachadh,
's e Dia do bheir a mach :
'S e fòs a chuireas fuidh mo smachd
na slòigh gu h-iomadach.

- 48** 'Se dh'fhuasglas o mo nàimhdibh mi,
's tu thog mi thar gach neach
A dh'éirich rium ; is thug mi saor
o fhear na h-eacorach.

- 49** Am measg nan Geintleach, uime sin,
do bheiream dhuit, a Dhé,
Mòr-bhuidheachas, do t-ainm-sa fòs
àrd-mholadh seinnidh mi.

- 50** Do bheir se fuasgladh mòr d'a Righ :
le pailteas ni se gràs
Air Daibhidh, neach do ungadh leis,
is air a shliochd gu bràth.

SALM XIX.

- 1** GLÒIR Dhé do fhoillsichionn na nèamh,
's na speura gnìomh a làmh.
2 'Ta là a' deanamh sgéil do là,
is oidhche dh'oidhch' gun tàmh

- 1 A' teagasg eòlais, anns gach àit.
- 2 Oir ni bheil ionad ann,
No cainnt, no urghioll* fòs air bith,
nach cual an guth gach àm.
- 3 Chaidh'n lìn' air feadh gach tìr a mach,
am focal chaidh an céin
Gu crìch na cruinne, chuir se annt'
buán-phàilliun àrd do'n ghréin :
- 4 Neach 'ta mar nuadh fhear-pòsda
o 'sheòmar féin a mach, [teachd
coimhliong† gu togarach.
- 5 A' dol a mach o chrìch nan speur,
ma'n cuairt g'an crìch do ghnà' :
'S ni 'm foluichear o theas na gréin,
aon ni sa' chruinne ta.
- 6 Is iomlan lagh Iehobhah mhòir,
an t-anam iomp'chidh se :
Teisteadh an Tighearn' ta se dearbh,
an simplidh‡ glic do ni.
- 7 'Ta statuin fòs an Tighearn' ceart,
'g cur aoibhneis anns a' chridh';
Glan-àithnte Dé a' soillseachadh,
nan sùl nach maith do chi.
- 8 Eagal an Tighearn' fior-ghlan e,
buán-mhaireannach do ghnà' :
Fior agus cothromach air fad,
a bhreitheanais ata.

- 10 Is fearr ri'n iarruidh iad na'n t-òr,
 an t-òr a's fearr air bith :
 Ni 's milse na a' mhil a taid,
 no cìr mheala r'a h-ith.
- 11 A' faghail* rabhaidh fòs, ata
 do shearbhant' uath' do ghnà',
 Is ann an coimhead cùramach
 mòr-thuarasdal ata.
- 12 Cia thuigeas chean' a sheachrain féin ?
 glan o lochd dìomhair mi.
- 13 O pheacaibh dànadais air ais
 cum t'òglach féin, a Dhé ;
 Na bitheadh ac' àrd-cheannas orm :
 an sin bim' treibh-dhireach,
 Agus o n' pheacadh mhòr do blim'
 fior ionraic neo-chiontach.
- 14 O Dhia mo neart, 's mo shlànuighear,
 an deagh-thoil gabh uam féin
 Na smuainte ta a'm' chridh' a stigh,
 is briathra glan mo bhéil.

SALM XX.

- 1 Gu freagradh Dia thu ann an là
 do thrioblaid, is do phéin !
 Gu'n deanadh ainm Dé Iacoib fòs
 do shìor-choimhead na t'-fheum.
- 2 Gu'n cuireadh chugad comaradh†,
 tràth, as a theampull naomh :

* faotainn.

† cabhair mhaith.

Is deanadh se do neartachadh
a Sion féin gu caomh.

- 3 Cuimhnicheadh se gu gràs-mhor dhuit
t-uil' ofrala gu grad,
Is gabhadh se gu taitneach uait
t-ìobairte loisgt' air fad.
- 4 Do réir deagh rùn do chridhe féin,
tiùbhradh se dhuit gu maith,
Coimhlionadh se gach comhairle
ta ann do chridh' a stigh.
- 5 Do ni sinn aoibhneas ann do shlàint',
is ann an ainm ar Dia-n
Suas togaidh sinn ar brataichean :
Dia dheònach' t-uile mhiann.
- 6 'Nis 's fiosrach mi gu'n teasairg se
an ti do ungadh leis :
Is le neart-saoruidh deas-laimh Dé
o nèamh do éisdear ris.
- 7 'Ta cuid ag earbs' a carbadaibh,
is cuid a h-eachaibh àrd' :
Ach ainm Iehobbah chean' ar Dé
cuimhnichidh sinn 's gach àit'.
- 8 Dh' íslicheadh iad, is thuit iad sios :
ach dh'éirich sinn is sheas.
- 9 Dhia, fòir, is éisdeadh ruinn an Righ,
tràth ni sinn gearan ris.

- 1 A' MEUD do nearts' a Dhé nan dùl,
 bidh aoibhneas air an Righ :
 Is ann do shlàinte thròcairich
 sòlais cia meud do ni ?
- 2 Làn-mhiann is rùn a chridhe féin,
 do thug tu dha gu seth :
 Aon athchuinge do iarr a bheul,
 niор dheanas air a cleith.
- 3 Oir beannuchadh a' mhaitheis mhòir
 sin thugas dha gu moch :
 Is chuir tu coron ard m'a cheann,
 do'n òr a's deirge dreach.
- 4 Do iarr se ortsa beatha bhuan,
 sin thug tu dha gu fior :
 Do thug tu sìneadh saoghail dha,
 do chum bhi beo gu sior.
- 5 Do thaobh na slàinte thug tu dha,
 is mòr a ghlòir gach àm :
 Ard-onoir agus mòralachd
 do chuir tu air a cheann.
- 6 Oir rinneadh leat ro-bheannuicht' e,
 air feadh gach ré gu beachd :
 Is rinn tu e làn-aoibhneach fòs,
 le d' ghnùis an tròcaireachd.
- 7 Oir ann an Dia Iehobhah mòr
 earbaidh an Righ do ghnàth :
 Trid tròcair fòs an ti a's aird',
 ni 'n gluaisear e gu bràth.

- 8 Aimsidh do ghlac air t-uile nàmh :
air t'eascar do làmh dheas.
- 9 Mar àmhuinn theintich ni tu iad,
an aimsir t'fheirg' d'an sgrios' :
- 'Na chorruich mhòir ni Dia gu fior,
an slugadh sios air fad,
Is nithear orra milleadh fòs,
le teine mòr gu grad.
- 10 An toradh sgriosaidh tu o'n tìr,
's an siol o dhaoinibh as. [dhealbh
- 11 Oir chum siad chugad feall : 's do
olc grànd', nach d'fheud' cur leis :
- 12 Is uime sin le d' shaighdibh gleust,
air sreang ri'n aghaidh sùd,
Bheir orr' air 'n ais gu'n rachadar,
's gu'm pilleadar air cùl.
- 13 Arduich thu féin, a' d' chumhachda,
a Thighearna nam feart :
Mar sin sior-chanaidh sinn do chliù,
is molaidh sinn do neart.

SALM XXII.

- 1 Mo Dhia, mo Dhia, creud mi farthréig ?
le t' fhurtachd uam an céin,
O bhriathraibh goirt mo bhùiridh àird,
gun fhuasgladh orm a'm fheum;

- 2 Mo Dhia, nior thug tu freagradh
 san là do ghairmeas ort ; [dhomh,
 An uair bu chòir dhomh tàmh san
 ni bheileam féin a'm' thosd. [oidhch',
- 3 Ach thusa chean' ta fior-ghlan naomh,
 a Dhé os cionn gach sgéil,
 A'd' chòmhnuidh anns an àros sin,
 am bheil cliù Israel.
- 4 Do Rinn ar sinnsir dhiot-sa bun :
 is shaor tu iad mar dh'earb.
- 5 Do ghlaodh siad riut, is shaoradh iad :
 dh' earb riut, gun aghaidh dhearg.
- 6 Ach mise fòs cha duin', ach cnuimh :
 gràin daoin' is tair nan slògh.
- 7 Cùis crathaidh cinn, is casaidh béis,
 spòrs' do na chi mo dhoigh.
- 8 Ag ràdh, do rinn se bun a Dia,
 chum fuasgladh air na fheum :
 'Nis deanadh se a theasairginn,
 oir thug se toil dha féin.
- 9 Ach 's tus' an ti do bhuin a mach
 a broinn mo mhàthar mi ;
 Is tu bu bharrant' dòchais domh,
 'n tràth air a' chìch do bliim'.
- 10 O'n bhroinn do thilgeadh ortsa mi,
 air bhith dhomh òg is maoth ;
 O thàinig's as a' bholg a mach,
 is tu mo Dhia ro-chaomh.

- 11 A Dhé na bi-sa fada uam,
 oir 's dlùth dhomh trioblaid theann:
 'S gun agam neach do 'm chuideach-
 no urr' a chuireas leam. . . [adh,
- 12 Do chuairtich umam mòran tarbh,
 a'm' thimchioll air gach làimh :
 Dh'iadh umam tairbh ro-làidir bhorb,
 am Basan bhi nan tàmh.
- 13 Gu farsaing dh'fhosgail siad am beul,
 mar leòmhann allta garg :
 A' tabhairt sithidh reubaiddh orm,
 le bùireadh fiadhaich borb.
- 14 Mar uisge dhòirteadh mis' a mach,
 mo chnàmhan sgàint' o chéil :
 Mo chridh' a'm' chòm an taobh a stigh,
 air leaghadh ta mar chéir.
- 15 Air tiormachadh mar phota criadh,
 ata mo neart, a Dhé ;
 Mo theang'air leanmhuinn ri mo ghiall ;
 gu h-ùir-bhàis thug tu mi.
- 16 Oirdh'iadh siad umam madraiddh gharg,
 bhual umam thall's a bhos [eachd ;
 Mòr bhuidheann luchd na h-aingidh-
 lot siad mo làmh 's mo chos.
- 17 Mo chnàmhan uile feudaiddh mi
 an àireamh leth air leth :
 Gu geur a taid ag amharc orm,
 a' dearcadh orm gu seth.

- 18 Mo thruscan eatorra do roinn,
croinn chuir siad air mo bhrot.
- 19 Ach fad o m' chabhair, Dhia mo neart,
na fan, ach deifrich ort.
- 20 Do m'anam tabhair fuasgladh deas,
o 'n chlaidheamh sgaiteach gheur :
Is m'aon-ghràdh caomh gu soarar leat,
o neart nam madradh treun.
- 21 O bheul nan leòmhann làidir borb,
Dhé fuasgail orm gun stad :
O adharcaibh nam buabhull treun :
oir chual tu mi gu grad.
- 22 Dom' bhràthraibh cuiream t-ainms' an
san eireachd molam thu. [céill :
- 23 Shiol Iacoib, 's a luchd eagail Dé,
glòir thugaibh dha is cliù :
Oirbhs' Iarmad Israeil air fad,
biodh 'eagal-san gu mòr.
- 24 Oir tarcuis riamh cha d'rinn air bochd,
's nior ghabh se gràin d'a leòn :
Nior fholuich air, 's niorcheil a ghnùis,
d'a thréigsinn ann a theinn,
Trath rinn se glaodh is gearan ris,
thug éisdeachd dha gu binn.
- 25 'S ann ortsa bhios ino mholadh àrd
san eireachdas a Dhé :
Mo bhòid do ìocfam fòs an làth'r,
na dream d'an eagal e.

- 26 Na daoine sin macant ata,
 ithidh is gheibh an sàth :
 Na dh'iarras Dia, àrd-mholaid e :
 bhur cridh' bidh beo gu bràth.
- 27 Pillidh ri Dia gach iomall tìr,
 a' cuimhneach' air fa leith :
 Is sluagh nam fineacha gu léir
 dhuit géillidh siad gu seth.
- 28 Air son gur le Iehobhah mòr
 an rioghachd le còir cheart :
 'S am measg nam fineachan air fad,
 aig' uachdranachd is neart.
- 29 Na daoine reamhar anns gach tìr,
 ithidh is géillidh dha :
 Dha cromaiddh sios na théid san uaigh,
 cha chum neach 'anam beo.
- 30 Thig sliochd is seirbhis ni do Dhia,
 dha measar iad mar linn.
- 31 Innsid a cheart do 'n àl ri teachd,
 gu'm b' esan sud do rinn.

SALM XXIII.

- 1 Is e Dia féin a's buachaill dhomh,
 cha bhi mi ann an dìth.
- 2 Bheir se fainear gu'n luidhinn sios
 air cluainibh glas le sìth :
 Is fòs ri taobh nan aimhnichean
 théid seachad sios gu mall,

Ata se ga mo threòruchadh
gu mìn réidh anns gach ball.

- 3 'Ta 'g aisig m'anam' dhomh air ais :
is treòrachadh mo cheum
Air slighibh glan na fireantachd,
air sgàth 'dheagh-ainme féin.
- 4 Seadh fòs a chean' d'an gluaisinn trìd
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,
Aon olc no ùrchuid do theachd orm
ni h-eagal leam 's ni 'n càs :
Air son gu bheil tu leam do ghnàth,
do lorg, 's do bhata treun,
Ataid a' tabhairt comhfhurtachd
is fuasglaidh dhomh a'm' fheum.
- 5 Dhomh dheasuich's bòrd air beul mo
le h-òla dh'ung mo cheann, [nàmh,
Cur thairis ta mo chupan fòs,
aig meud an làin a't'ann.
- 6 Ach leanaidh maith is tràcair rium,
an ciàn a bhios mi beo :
Is còmhnuichead an àros Dé,
air fad mo ré 's mo lò.

SALM XXIV.

- 1 'S LE Dia an talamh, is a làn ;
an domhan, 's na bheil ann.
- 2 Oir shocruich se air cuantaibh e,
air sruthaibh leag gu teann.

3 Cia e am fear a rachas suas
gu tulaich naomha Dé ?

Is ann a ionad naomha-san,
cia sheasas ann gu réidh ?

4 An ti 'g am bheil na làmhan glan,
is cridhe neo-chiontach ;

' Anam nior thog ri diomhanas,
's nior lùgh* mionn' ioganach†.

5 An ti sin beannuchadh o Dhia
do gheibheann se gu paitl,
Is ionracas faraon o'n Dia
's bun slàinte dha na airc.

6 'S i sin a' ghinealach 's an dream
a dh'iarras e gu mòr :

'Ta 'g iarruidh t-aghaidh is do ghnùis,
O Iacob, mar is còir.

7 O gheata, togaibh suas 'ur cinn,
is éiribh chean' an àird',
A dhorsa siorruidh ; Righ na glòir',
gu'n dthigeadh se g'a ait'

8 Cia e sin féin Ard-Righ na glòir ?
an Tighearn' làidir treun,

Iehobhah neart-mhor, cruaidh an cath,
bheir buaidh a mach dha féin.

9 A gheata, togaibh suas 'ur cinn,
is éiribh chean an àird',

O dhorsa siorruidh : Righ na glòir',
gu'n dthigeadh se g'a ait'.

10 Cia e sin féin Ard-Righ na glòir' ?

Iehobhah mòr nan slògh,
Se féin is Righ na glòir' a t'ann
gun choimeas idir dha.

SALM XXV.

1 DHIA, togam m'anam riutsa suas.

2 Mo Dhia, mo mhuinghinn dheas,
Do m'ionnsuidh na leig aobhar nàir' :
do m'eas-car gairdeachas.

3 Fuidh nàir' is mhasladh na leig neach
d'an gnàth bhi feitheamh ort :
Ach nàire gu'n robh air an dream
do ni gun aobhar lochd.

4 Foillsich do ròdsa dhomh, a Dhé ;
a'd shlighe teagaisg mi :

5 Is treòruich mi a't fhirinn ghlan,
's mo theagasg dean, a Dhé :
Oir 's tu a's Tighearn' ann gu dearbh,
's tu 's slàinte dhomh do ghnà',
Is ort a taim a' feitheamh fös,
le foighid mhòir gach là.

6 Cuimhnich, a Dhé, do thròcair chaomh,
do chaoimhneas làn do ghràdh :
O chian nan cian do bhi siad ann,

san aimsir fad o'n là.

7 Na cuimhnich peacaidh m'òige dhomh ;
's na lochda do rinn mi :

A réir do thròcair cuimhnich orm,
air sgàth do ghràis, a Dhé.

- 8 Is maith 's is dìreach Dia nan dùl :
is air an aobhar ud,
Do dheanann se na peacaich thruagh
a theagasg anns an ròd.
- 9 Treòruichidh se na daoine ciuin
am breitheanas gu ceart :
'S na daoine mìne teagaisgidh
na shlighe, Dia nam feart.
- 10 An tròcair is an fhirinn réidh,
sud sligh' ar Dé 's gach ball ;
Do'n dream a chumas gealladh ris,
's nach leig a theist air chall.
- 11 Sgàth t-ainm-sa, logh mo chionta fòs,
oir ta sud mòr, a Dhé.
- 12 Cia 'm fear d'an eagal Dia ? San ròd
's ion-roghnuidh* seòluidh se.
- 13 An seasgaireachd ni 'anaim tàmh,
's le 'shliochd le ceart an tìr.
- 14 'Ta rùn an Tighearn' aig an dream
d'an eagal e gu fior :
Is nithear leis a chùmhnnant fòs
fhoillseachadh dhoibh gu ceart.
- 15 Ataid mo shùile féin do ghnàth
ri Tighearna nam feart :
Air son gu'n spìonadh se mo chos
gu h-aithghearr as an rib.

- 16 Pill chugam, is dean tròcair orm :
a'm' aonar 'taim, 's fuidh dhrip.
- 17 'Ta teinn mo chridh' a' dol am meud :
saor mi o m'ämhghar geur.
- 18 Feuch air mo phéin, is m'an-shocair,
's ino pheacaidh logh gu léir.
- 19 Mo nàimhde guineach toir fainear,
oir 'ta siad lìonmhior ann ;
Fuath nimhneach agus mi-runach
'ta aca dhomh nach gann.
- 20 Dhia coimhid m'anam, 's furtach orm :
na leig fuidh nàire mi,
Mo dhòchas uile leagas ort,
air son gur tu mo Righ.
- 21 'Nis deanadh ionracas is còir
mo dhòn : 's mi feitheamh ort.
- 22 Dhia, fuasgail air cloinn Israel,
o 'n uile amhghar goirt.

SALM XXVI.

- 1 TABHAIR orm breith, a Dhia nan dùl,
a'm' neo-chiont' għluaiseas féin :
Oir rinn mi dòchas maith a Dia,
cha sleamhnuich uam mo cheum.
- 2 Dhia, fionn mo chridh', is m àirne fòs,
fidir is ceasnúich mi.
- 3 Oirdearcam air do chaoimhneas gràidh:
na t'fhirinn għluais mi Dhé.

- 4 Le cuideachd dhìomhain riamh nior
 chasiùbhlaile luchd-saoibh. [shuidh,
- 5 Is beag orm coimhthional an uilc :
 's cha suidh mi leis na baoibh.
- 6 An neo-chiont' glanaidh mi mo làmh,
 is cuairt' cheam t' altair, Dhé.
- 7 Gu foills' chinn le guth molaidh àrd,
 do mhìorbhuile gu léir.
- 8 Còmhnuidh do thighs' is ionmhuinn
 a Thighearn is a Dhé, [leam,
 Gnàth-àite bunaidh t'onorach,
 is leam ro-ionmhuinn e.
- 9 Le peacachaibh, luchd-deant' an uilc,
 na cruinnich m'anam bochd,
 Na cuir mo bheath' nan cuideachd sud
 'ta fuileachdach gu lochd.
- 10 'G am bheil an donas mòr nan glaic :
 làn bribean an làmh dheas.
- 11 Ach gluaiseams' ann mo neo-chiont'
 a'd' thròcair saor-sa mis. [féin,
- 12 'Na seasamh ta mo chos gu beachd
 air ionad còmhnuard réidh :
 Is ann an coimhthional nan naomh
 beannuichean thus' a Dhé.

1 'SE Dia mo sholus, is mo shláint',
 cia chuireas eagal orm ?

- 'S e neart mo bheatha Dia nan dùl,
 cia chuireas fait'cheas fùm ?
- 2 Mo nàimhde, m'eas-cairde, luchd-uilc,
 trà' thàinig orm gu bras,
 Gu gionach dh'itheadh m'fheòla suas ;
 fhuair tuisleadh, thuit gu cas.
- 3 Sluagh nàmhad ge do théisdeadh mi,
 ni h-eagal le mo chridh' :
 D'an éireadh cogadh m' aghaidh fòs,
 a so mo bhun do ni.
- 4 Aon ni do mhìannuich mi o Dhia,
 gu minic iarram e :
 Do bhi a'm' chòmhnuidh feadh mo là
 an tigh 's an àros Dé ;
 Do chum gu faicinn féin gu glan
 maise Iehobhah mhòir,
 Gu fiosraichinn 's gu faighinn sgeul,
 na theampull mar is còir.
- 5 Oir ni se m'fholach 'n àm na h-airc,
 na phubull : dion' do ni
 An diomhaireachd a phàilliuin dhomh,
 air carraig socrionn * mi.
- 6 Os cionn mo nàimhde te fa m' chuairt,
 nis togar suas mo cheann :
 Glan ìobairt aoibhneis uime sin,
 g'a phubull bheirear leam
 Is seinnidh mi gu togarach,
 seadh, canam fòs gu binn,

* togaidh.

Ceòl agus moladh àrd do Dhia,
air feadh mo ré 's mo linn.

- 7 Le guth mo bhéil tràth éigheam riut,
toir eisdeachd dhomh, a Dhé :
Le iochd dean tràcair orm, is fòir,
gu gràs-mhoir freagair mi.
- 8 Iarr m'aghaidh, 'nuar a dùbhras rium,
a dubhairt m'anam leat,
T' aghaidh, agus do ghnùis, a Dhé,
sin iarram féin gu h-ait.
- 9 Na folaich uam do ghnùis, am feirg,
na dìbir t'óglach féin :
'S tu chuidich leam, a Dhé mo shlàint'
na fàg-sa mi 's na tréig.
- 10 Trà' threigeas m'athair mi gu tur,
's mo mhàthlaир fòs faraon,
Do ni an Tighearna an sin,
mo thogail suas gu caoin.
- 11 Dhia, teagaisg dhomh do shlighe féin,
is treòruich mis' a Dhé,
Fa chùis mo nàimhde mi-runach,
air casan dìreach réidh.
- 12 Do mhi-run m'eas-cairde ro-gheur,
na tabhair thairis dhomh :
Oir dh'éirich rium luchd fianuis bhréig,
is dream a bhrùchdas nimh.
- 13 Rachadh mo mhisneach uil' air cùl
mur creidinn maitheas Dé,

Gu faicinn sin an tìr nam beo,
do m' fhuasgladh ann am fheum.

- 14 Fuirich gu foighidneach ri Dia,
glac chugad misneach mhòr,
Is bheir se spionnadh cridhe dhuit :
fuirich ri Dia na glòir.

SALM XXVIII.

- 1 A DHIA; mo charraig, éigheam riut,
a'd' thosd na bi-sa uam :
D' eagal le d' thosd, gur cosmhuiil mi
ri daoinibh théid san uaigh.
- 2 Guth m'athchuingetràth éigheam riut,
éisd thus' an sin a Dhé :
Tra' thogas mi mo làmhan suas
gu d' theampull naomha féin.
- 3 Le luchd an uilc 's na h-eacorach,
na tarruing mi gu bràth :
Le'n coimhearsnaich a labhras sìth,
ach olc nan cridh' ata.
- 4 A réir an oibre, tabhair dhoibh,
do réir an rùin chum lochd :
Is cuìtich riu droch gnìomh an làmh,
amhluidh mar thoill siad ort.
- 5 Do bhrìgh nach tuig siad oibre Dé,
no gnìomh a làimhe fòs,
Do ni se milleadh orr', is claoidh,
's cha dean an togail suas.

- 6 Air son guth m'athchuinge gu'n d'éisd,
mòr-bheannuicht' gu'n robh Dia.
- 7 Do chuir mo chridh' a dhòchas ann,
's e Dia mo neart 's mo sgiath ;
Ataim a' faghail cuidich' uaith' :
mar sin an dòchas ait
Ata mo chridh' ; 's le m'òran binn,
sìor-mholam e gu pailt.
- 8 Se Dia is neart, 's is treise dhoibh,
oir 'ta se féin gu deas
'Na neart, 's na spionnadh slàinte dlúth
do'n ti do ungadh leis.
- 9 Dhia furtaich air do phobull caomh,
is beannuich t'oighreachd féin :
Dhoibh tabhair beath' is teachd an tìr,
tog iad am feasd, a Dhé.

SALM XXIX.

- 1 THUGAIBH, a laochraiddh làidir threun,
do Thighearna nam feart,
Thugaibh do'n Tighearn ud faraon,
glòir, urram agus neart.
- 2 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
sin thugaibh do'n Dia threun :
Sleuchdaibh do'n Tighearna faraon,
am mais' a naomhachd féin.
- 3 'Ta guth Dhé air na h-uisgeachaibh :
is fòs ni Dia na glòir

Ard-thairneanach, is suidhidh se
air uisgibh làdir mòr.

- 4 'Ta guth an Tighearna gu beachd,
mòr-chumhachdach is treun :
'Ta guth an Tighearna faraon
làn mòralachd ann féin.

5 Brisidh an Tighearn le a ghuth
na seudair ata fàs :

Is brisear seudair Lebanon
le 'ghuth-san aig a chruas.

6 Do bheir se orra leum gu clist',
amhluidh mar ghamhuinn bò :
Sliabh Sirion is Lebanon,
mar bhuanbhull meargant' òg.

7 Sgoiltidh guth Dhé na dealanaich.

8 Am fàsach crathaidh se :
Is dì-threabh Chadeis mar an ceudn,
's e Dia a chrathas e.

9 Do bheir guth Dhé air aighibh* allt'
grad-sgarachdain r'an laogh ;
Is lomaidh sud na coillte dlùth,
a' rùsgadh bharr nan craobh :

Is ann a theampull naomha-san,
cuiridh gach neach an céill

Glòir agus onoir mhòr ar Dia :
'ga mholadh-san d'a réir.

10 'Ta Dia na chòmhnuidh air an tuil :
's na shuidh' am feasd na Righ.

11 Bheir Dia d'a phobull neart : is bheir
dhoibh beannuchadh le sith.

SALM XXX.

- 1 DHIA, àrduich'm thu, oir thogas mi,
gàir m'eas-cair cha d'rinn diom.
- 2 A DHIA mo Thighearn, ghlaodh mi riut,
is dh'fhurtaich orm gu dian.
- 3 Do thogadh m'anam leats' a Dhé,
glan as an uaigh a nìos !
Is choimhdeas mi gu sàbhailt' beo,
do'n t-slochd nach rachuinn sìos.
- 4 Do'n Tighearn àrd gu ceòl-mhor binn,
seinnibh, a naomh-shluagh féin,
Ri cuimhnuch' air a naomhachd-san,
sgaoilibh a chliu an céin.
- 5 Oir'fhearg nimair ach mionoid bheag* ;
'n a dheagh ghean beath a ta :
Trà feasgair ge gu robh am bròn,
chluinnt' aoibhneas teachd an là.
- 6 A'm' shocair dubhairt mi mar so,
Cha għluaisear mis' am feasd.
- 7 Le d' thrċair thug tu air mo chnoc
gu daingean suas gu'n sheas :
A Dhé, do chell tu orm do għnūis,
chuir sin gu trioblaid mi.
- 8 Dhia, riut do ghlaodh : is rinn ri Dia
mo ghearan is mo chaoidh.

* tiota beag.

- 9 Creud i an tairbh' a'm' fhuil-sa 'ta,
 taireis mo chur san uaigh ?
 Am molar thusa leis an ùir ?
 an dthoir air t'fhirinn luaidh ?
- 10 Eisd rium a nis, a Dhia nan dùl,
 dean tròcair orm is gràs :
 Is bi-sa Dhé t'fhear-cuidich leam,
 tra tharlas dhomh bhi 'n sàs.
- 11 Mo bhròn gu dannsachaoch'leas domh,
 is m'eudach-saic a chean'
 Do sgaoileas dhiom, is chriosras mi
 le h-aoibhneas, gàir' is gean.
- 12 Mo ghlòir gu seinneadh dhuit-sa cliù,
 gun idir bhi na tosd :
 Mo Thighearn Dhia, do bheiream dhuit
 mòr-bhùidheachas am feasd.

SALM XXXI.

- 1 A sads', a Dhè, do dheanam bun ;
 nàir' orm na leig am feasd :
 Dean fuasgladh dhomh a' t'ionracas,
 o thrioblaid is ocheist.
- 2 Do chluas do m'ioinnsuidh crom anuas,
 is furtach orm gu dian :
 Do charraig tuinnidh' bi-sa dhomh,
 tigh tearmuinn chum mo dhòn.
- 3 Oir 's tu is carraig dhileas dhomh,
 's mo dhaingneach làidir treun,

- Air 'n aobhar sin, sgàth t' ainms', a Dhé,
treòruich, is stiuir mo cheum.
- 1 Saor as an rib a dh'fholuich siad
buin mis' a mach, a Dhé :
Air son gur tus' an ti a mhàin,
a's neart 's a's treòir dhomh féin.
- 5 A'd' làimhs, a mhàin, a Dhia nan dùl,
mo spiorad tiomnam suas :
A Dhia na firinn, is mo Thriath,
's tu dh'fhuasgail air mo chruas.
- 6 Is fuath leam iad do bheir fainear
na breuga dìomhanach :
Ach dòchas ann an Dia nan gràs
chuir mi gu muinghinneach.
- 7 A'd' thròcair bim' gu h-aoibhneach ait:
oir thug tu, Dhé, fainear
Mo thrioblaid ; 's m'anam ann an teinn,
do bhi tu fiosrach air.
- 8 Niordheanadh leat modhruideadh suas,
an làimh an nàmhaid thréin :
An àite farsaing shocruich tu
mo chosan is mo cheum.
- 9 O 'taim, a Dhia, an trioblaid mhòir,
dean tròcair orm gu cas :
Mo shùile, m'anam, is mo bholg,
le bròn air seargadh as.
- 10 Oir chlaoidheadh m'anam as le bròn,
's mo bhliadhnan fòs le caoidh' :

- Do bhrìgh mo lochd chaidh as do m'
mo chnàmhain air an claoïdh'. [neart,
- 11 Mar aobhar fanoid bhitheam fòs
do m' eas-cairdibh gu léir,
Gu h-àraidh do mo choimhearsnaibh,
mar mhasladh bhitheam féin,
Is do luchd m'eòlais fòs a taim
a'm' aobhar geilt is suath :
Gach neach do chi mi air an t-sräid,
a' teicheadh uam gu luath.
- 12 Mar dhuine marbh air dol a cuimhn' ;
mar shoitheach briste mi.
- 13 Oir chualas toibheum* mòran dhaoin ;
eagal gach taobh do bhi :
A'm' aghaidh 'nuar a chruinnich iad,
dhealbh siad mo bheath a sgrios.
- 14 Ach dhiots', a Dhé, do rinn mi bun ;
is tu mo Dhia, deir mis'.
- 15 'Taid m'aimsire a'd' làimhs' a Dhé :
orm furtach agus fòir
O làimh mo nàimhde, is o'n dream
'ta leamhuiinn orm an tòir.
- 16 Do ghnùis is t'aghaidh dealraigheadh
air t'òglach dileas féin :
Air sgàth do ghràsa carannach,
mo shaoradh dean gu treun.

* caineadh.

- 17 Na leig suidh nàire mhaslaidh mi,
 oir Dhia, do ghairmeas ort :
 Biodh nàir' air uile luchd an uilc ;
 san uaigh gu'n robh nan tosd.
- 18 Cuir béis nam breug, a Dhé, nan tàmh,
 labhras gu h-ardanach,
 'N aghaidh nam firean spreigeadh
 gu spìdeil tarcuiseach. [cruaidh,
- 19 Cia meud domhaith a thaisgtu dhoibh,
 d'an eagal thu faraon ;
 'S a rinn tu do na dh'earbas riut,
 am fianuis chloinn nan daoin' !
- 20 O àilgheas dhaoine ni tu 'n díon,
 fuidh dhìomhaireachd do ghnùis ;
 'S am pàlliun fòs, o strìbh nan teang',
 ni dìdean dhoibh nan cùis.
- 21 Dia gu ma **beannuicht'** e gu bràth :
 oir dh'fhoillsich se dhomh féin
 A chaoimhneas cardeil iongantach,
 an cathair làidir threun.
- 22 A'm' dheifir dubhras, scaitht' ataim
 o bheachd do shùl a mach :
 Ach chual' tu 'nuair a ghlaodh mi riut,
 guth m'asluich ghearanaich.
- 23 Gràdhuichibh Dia, O naoimh, air fad:
 oir Dia do'n treibhdhireach
 Do ni se dìon, is dìol gu paitl
 do'n uaibhreach àilgheasach.

24 Sibhse do chuir an Dia nan gràs
 bhur dòchas mar is còir,
 Bibh misneachail, is cuirìdh se
 neart ann bhur cridh' is treoir.

SALM XXXII.

1 'S BEANNUICHT' an duine sin a fhuair
 'n a pheacadh maitheanas ;
 Is fhuair le tròcair folach air
 a chiont' is eusaontas.

2 'S beannuicht an ti nach agair Dia
 'na sheachranaibh ni 's mò,
 Is ann a spiorad fòs nach 'eil
 claon chealgaireachd no gò.

3 Aig fantuinn dhomh gu fad a'm'thàmh,
 luidh air mo chnàmhaibh aois,
 Gach là, mar sin do bhi mo chor,
 le dol do m' bhùireadh suas.

4 Oir orm do bhi do làmh gu trom,
 ri feadh gach oidhch' is là :
 Mo bhrì gu tart an t-samhraidh theith,
 air atharrach' ata.

5 Làn fhoillsich mi mo pheacadh dhuit,
 nior cheileas m'aingidheachd :
 A dubhras aidmheam sin do Dhia,
 is mhaith tu cron mo lochd.

6 So fàth m'an guidheann riut gach
 san àm am faighear thu : [naomh,

Gu dearbh an tuil' nan uisgeach mòr,
cha ruig siad air gu dlù'.

7 'Ta thusa t'ionad foluich dhomh,
ni coimhead orm o theinn :

Is nithear leat mo chuartuchadh
le h-òran saorsa binn.

8 Fior theagaisgeam is muinfeam* dhuit
am bealach is on t-iùil

An dthigeadh dhuitse triall gu ceart :
'nis seòlam dhuit le m' shùil.

9 Na bi mar mhuileid, no mar eachi,
na h-ainmhidhean gun chéill :

Ri 'n cuirear, chum nach tigfid ort,
teann-sparrag sréin nam beul.

10 Is lìonmhor bròn aig luchd an uilc :
ach neach d'am barrant Dia,

Ta 'thròcair dol m'a thimchioll-san,
d'a dhìdean mar ni sgiath.

11 A dhaoine treibhdhireach, an Dia
bibh aoibhneach agus ait :

Is deanaibh gàirdeachas, gach neach
'g am bheil an cridhe ceart.

SALM XXXIII.

1 O SIBHSE 'ta 'n ur fireanaibh,
biodh aiteas oirbh an Dia ;

Oir 's cubhaidh do na daoinibh còir
bhi tabhairt cliù do'n Triath.

* nochdam.

- 2 Air clàrsaich thugaibh moladh dha :
 is air an t-saltair ghrinn,
 Air inneal ciuil nan tcuda deich
 seinnibh do Dhia gu binn.
- 3 Is canaibh dha-san òran nuadh :
 àrd-seinnibh fonn gun stad.
- 4 Oir 's ccart a reachd ; am firinn fòs
 ta 'oibre deant' air fad.
- 5 Is ionmhuinn lcis-sa còir is ccart :
 lìon maitheas Dé gach tìr.
- 6 Rinn focal Dé na nèamh', san sluagh,
 rinn guth a bhéil gu léir.
- 7 Mar thorr ata se carnadh suas
 uisge na fairge mòir :
 A' coimhead fòs na doimhnc suas,
 gu dilcas an tigh stòir.
- 8 'Nis roimh an Tighearna gu mòr,
 biodh cagal air gach tìr ;
 Is air na dh'àiticheas an saogh'l,
 biodh ogluigheachd gu léir.
- 9 Oir labhair Dia, is rinncadh e :
 dh'orduich, is chuir air chois :
- 10 Chuir comhairle nan sluagh air cùl :
 is innleachd dhaoin' air ais.
- 11 'Ta comhairle Ichobhah mhòir
 gu seasmhach buan am feasd ;
 Smuaintean a chridhc mar an ceudn,
 o linn gu linn gun cheist.

- 12 'S beannuicht' am fine sin 'g am bheil,
 mar Dhia Iehobhah treun :
 'S am pobull fòs do ròghnuich se
 mar oighreachd bhuan dha féin.
- 13 Air chloinn nan daoine seallaидh Dia,
 o nèamh nan speur anuas.
- 14 'S léir dha gach neach sa' chruinne-
 o ionad còmhnuidh shuas. [ché,
- 15 An cridh' air aon dòigh chumadh leis ;
 do thug fainear an gnìomh.
- 16 Cha tèaruinn Righ le meud a shluaigh :
 do'n laoch neart mòr cha dòn.
- 17 An t-each an còmhrag dìomhain e,
 do dheanamh furtachd leis ;
 No dheanamh fuasglaidh ri àm feum,
 ge mòr a lùth 's a threis'.
- 18 Feuch, sùilean Dé gu furachair
 air a luchd eagail féin,
 Is air an dream sin as a ghràs
 ni muinighinn gu treun :
- 19 An anam chum an dòn o'n bhàs,
 's o'n ghort an cumail beo.
- 20 Ar n-anam feithidh se air Dia :
 ar neart, 's ar sgiath gach lò.
- 21 Oir ann-san ni ar cridh' a stigh
 ùr-ghàirdeachas gun dith :
 Oir ann a ainm ro-uasal naomh
 ar muinighinn do bhi

22 Do thròcair gu robh oirnn gu caomh,
 a Thighearna gach là,
 Do réir mar chuir sinn annad fèin
 ar dòchas treun do ghnàthi.

SALM XXXIV.

- 1 IENOBHAH beannuichead gu h-àrd,
 gach aimsir is gach tràth :
 A chliu 's a mholadh ann mo bheul
 gu h-iom-raiteach do ghnàth.
- 2 Is anns an Tighearna ro-threun
 ni m'anam uaill a chean' ;
 Trà' chluinnid sud na daoine sèimhlí,
 bidh aoibhneas orr' is gean.
- 3 Mòr-mholaibh leamsa Dia nam feart,
 'ainm àrduish' mid le chéil'.
- 4 Do iarras Dia, chual' e, is bluin
 mi as gach gàbhadh geur.
- 5 Dh' amhairc siad air, is dhealruich iad ;
 is nior ghabhà nàir' an gruaidh.
- 6 Doghlaodh am bochd, is dh' éisd ris Dia,
 is dh' fhuasgail as gach truaigh.
- 7 'Ta aingeal Dé a' campuchadh
 m'an dream d'an eagal e,
 D'am fuasgladh is d'an teasairginn
 o'n trioblaidibh gu léir.
- 8 O blaisibh agus faicibh so,
 gur maithi's gur milis Dia :

Am fear sin beannuicht' e gu beachlid,
a dh'earbas as an Triath.

9 Fior-eagal Dé, biodh oirbh, a naoimh,
oir uir-easthuidh no dìth
Ni bheil air a luchid eagail-san
fior-chràbhadh dha do ni.

10 Bidh easbhuidh air na leòmhnaibh òg,
is ocras mòr gu seth :
Ach air an dream a dh'iarras Dia,
ni 'n ceilear aon ni maith.

11 Thigibh a chlann, is éisdibh rium :
dhuibh muinfeam* eagal Dé.

12 Cia ghràdhaich's làith', 's le'r b'àill
chum maith gu faiceadh se ?[bhi beo,

13 Coimhid do theanga féin o'n olc,
's o labhairt ceilg do bheul.

14 Seachuinn an t-olc, is dean am maith .
iarr siothchaint, 's lean gu geur.

15 Ta sùile Dé air fireanaibh,
'sa chluas ri'n glaodh gu fior.

16 Ta gnùis Dé 'n aghaidh daoí, do chum
an cuimhn' a sgrios a tìr.

17 Do ghlaodh na fireana ri Dia,
is dh'éisd se riu gu grad,
Thug furtachd agus fuasgladh dhoibh
o'n àmhagharaibh air fad.

18 Do 'n dream sin 'g am bheul cridhe
is dlù dhoibh Dia gun chéist : [brùit.

Do ni se furtachlid fòs do'n dream
'g am bheil an spiorad brist.

- 19 Is lìonmhòr trioblaid agus teinn
thig air an fhirean chòir :
Ach ast' air fad ni Dia nan gràs
a theasairginn fa-dheòidh.

20 A chnàmhan coimhdidh se gu léir :
ni bheil a h-aon diubh brist'.

- 21 Ach marbhaidh olc an duine daoí,
is claoidhear e gun cheist :
Is luchd an fharmaid, bheireas fuath
do dhaoinibh còir is ceart,
Mòr-chiontach fàgair iad nan lochd,
di-mhilltear iad gu beachd.

22 Anam a shearbhanta gu léir
saor-fhuasglaidh Dia gach àm,
Cha mhilltear* idir neach dhiubh sud
chuireas an dòchas ann.

SALM XXXV.

- 1 TAGAIR, a Dhia, ri luchd mo stribh ;
cuir trod air luchd mo chath'.
- 2 Glac féin do thargaid, is do sgiath,
éirich, dean còghnamh maith.
- 3 Glac fòs do shleagh, 's air luchd mo
am bealach druid gu teann : [thòir
Ri in'anani abair féin mar so,
Is mi do chòghnamh ann.

* sgriosar

- 4 Trom-nàir' is masladh gu robh dhoibh
 'ta 'g iarraidh m'anam bochd :
 Is pilleadh siad le h-amhluadh geur,
 'ta smuainteach' chugam lochd.
- 5 Biodh iad mar mhuillnein dol le gaoith :
 biodh aingeal Dé nan tòir.
- 6 Biodh aingeal Dé 'g an ruith gu teann,
 dorch' sleamhuinn biodh an ròd.
- 7 Oir gaoiste dh'fholuich siad san dìg,
 gun aobhar no cion-fàth ;
 Sin chladhaich siad gun chùis air bith,
 chum m'anam chur an sàs.
- 8 Gun fhios, gu'n dthigeadh dòrain air,
 is glacar e san lion
 Dh'fholuich se féin : san dòrain cheudn'
 grad-thuiteadh e gu dìan.
- 9 Ni m'anam gairdeachas an Dia :
 's na fhurtachd sòlas mòr.
- 10 Is deir mo chnàmhan uil', A Dhé,
 cia choimeas riuts' is còir,
 Ni teasairginn do'n duine bhochd
 o'n neach 'ta air ro-threun,
 An t-ainnis is am bochd o'n ti
 le'r b'àill a chlaoidh gu léir ?
- 11 Luchd fianuis bhréige dh'éirich riuin :
 is chuir siad as mo leth
 Na nithe sin gu h-eacorach,
 nach b'fhirosrach mi am bith.

- 12 Olc dhìol siad rium an eiric maith,
chum m'anam chur suidh leòn.
- 13 Ach mis', air bhith dhoibh sud gu tinn,
ghabh umam culaidh bhròin :
- M'anam le trosgadh dh'ùmlluich mi,
's phill m'ùruaigh ann mo chrios.
- 14 Mar charaid, bràth'r, no fear caoi'-
gu brònach crom ghluais mis'. [màth'r,
- 15 Ach chruinnich siad, is bhid gu h-ait,
air bhith dhomh, ann an teinn :
Gun flios dhomh chruinnich prascan
gun tàmh mo reubadh rinn. [grànd',
- 16 Le cealgairibh gu fanoideach,
nam féist' rinn spòrsa dhiom
Do chasadair am fiacla rium,
sior-mhagadh orm gu dian.
- 17 Cia fhad' is léir dhuit so, a Dhé ?
saor m'anam féin gu cas
O 'm milleadh-san : mo sheircein fòs,
a Dhia, air leòmhnuibh seas.
- 18 Làn-bhuidheachas do bheiream dhuit,
am measg an tionail mhòir :
Is measg an t-sluaigh trà' 's lìonmhòr
àrd-mholam thu le glòir. [iad,
- 19 Mo nàimhde 'ta gun aobhar rium,
na robh ac' aoibhneas dhiom :
'S an dream do thug dhomh fuath gun
dhoibh caogadh sùl na biom. [chùis.

- 20 Oir air an t-sìth ni h-iomrai'nn* siad:
 ach cumadh as-innleachd
 Do dhaoinibh sàmhach ciuin na tìr',
 'g am buaireadh le an-iochd.
- 21 Gu farsaing dh'fhosgail rium am beul,
 ha, ha, a deir siad chean',
 Do chi a nis ar sùil an ni
 bu mhiannach leinn, 's bu ghean.
- 22 Ach chunnaic thusa so, a Dhia,
 na bi's a'd' thosd a'm' fheum :
 A Thighearn is a Dhia nam feart,
 na fuirich uam an céin.
- 23 Tog ort, is mosgail chum mo cheirt,
 fa m' chùis, mo Dhia, 's mo Righ.
- 24 Dhia, dean a réir do cheartais breith,
 is dhoibh na b' aoibhneas mi.
- 25 Nan cridh' na h-abradh siad riu féin.
 Aha, se sud ar miann :
 Is fòs na h-abradh siad a chaoiadh,
 Do shluig sinn e gu dian.
- 26 Biodh orra nàir', is tairngear iad
 gu h-amhluadh mòr le chéil,
 A ta gu suilbhír is gu h-ait,
 ri faicinn m' àmhaghair ghéir :
 Is biodh siad air an sgeuduchadh
 le masladh is le nàir',
 'Ta 'g iarraidh urram mhòir dhoibh sein
 a'm' aghaidh ; aobhar gàir'.

- 27 Biodh aoibhneas orr', is gairdeachas,
 'ta seasamh le mo chòir :
 Is abradh siad do ghnàth gun cheilt', *
 Gu robh Iehobhah mòr,
 'Ta gabhail tlachd do shonas buan
 a sheirbhisich do ghnàth.
 28 Is air do cheartas thig mo bheul,
 is air do chliu gach tràth.

SALM XXXVI.

- 1 DEIR eas-aontas an droch-dhuin' so,
 a'm' chridh is ann mo chliabh,
 Fìor eagal Dé fa chomhair 'shùl
 ni bheil, is ni robh riamh.
 2 Oir ni se brionnal† baoth ris féin,
 do réir mar thaitneas ris,
 A chionta gus am foillsichear,
 mar aobhar fuath d'a sgrios.
 3 Fìor chluaintearachd is eacoir mhór,
 sud cainnt a bhéil gu tric :
 Do sguir se fòs o dheanamh maith,
 is leig se dheth bhi glic.
 4 Aimhleas na leabuidh ta se dealbh ;
 san t-slighe nach 'eil maith
 'Gashuidheachadh's 'gashocruch' féin ;
 ni h-oilteil leis beart shaith.
 5 Do thròcair 'ta sna nèamhaibh sliuas,
 a Thighearn is a Dhé :

Gu ruig na neòl is aird nan speur
do ruigionn t'fhìrinn réidh.

6 Do cheartas mar na sléibhte àrd :
do bhreith mar dhoimhneachd mhòir
Air duin' is ainmhidh ni tu, Dhé,
deagh-choimhead agus fòir.

7 O Dhia ! is prìseil onorach
do chaoimhneas gràdhach caoin ;
Fuidh sgàil do sgéith ni'd uime sin,
làn-dòchas clann nan daoin'.

8 Le saill do theach is t-àrois phailt
sàsuichear iad gu mòr :
As t-abhainn làn do shòlasaibh,
deoch bheir tu dhoibh r'a h-òl.

9 Tobar na beatha ta gu dearbh
agads' a Dhia nan dùl ;
Is ann do sholus dealrach glan
do chi sinn solus iuil.

10 Maireadh do chaoimhneas gràidh, a Dhé
do'n dream chuir eòlas ort :
Is buanaich t-ionracas faraon
do luchd a' chridhe cheirt.

11 Na leig do chois an àrdain bhuirb
a'm' aghaidh teachd, a Dhé :
Is làmh an droch-dhuin' aingidh fòs,
gu bràth na tulgadh * mi.

12 An sin do thuit luchd deant' an uilc,
is sìos do leagadh iad,

Aig diobhail spionnaidh agus lùith,
éirigh ni 's mò cha 'n fheud.

SALM XXXVII.

- 1 LASAN no campar na biodh ort,
fa dhaoinibh aingidh olc,
Is na gabh farmad ris an dream
do bhios a' deanamh lochd.
- 2 Oir amhluidh mar is dual do'n fheur,
glan-sgathar iad gu grad,
Is amhluidh mar na lusa maoth,
cròn-seargaidh siad air fad.
- 3 Cuir-sa do dhòchas ann an Dia,
is deanar maiheas leat,
Mar sin sìor-àit'chidh tu an tìr,
's beathuichear thu gu beachd.
- 4 Gabh tlachd an Dia, is bheir se dhuit
làn-rùn do chridh' a chaoidh'.
- 5 Do shlighe tabhair suas do Dhia :
earb ris, is bheir gu crìch.
- 6 Foillsichidh se do chòir 's do cheart,
mar sholus glan nan tràth ;
Is amhluidh mar àrd-mheadhon-là
do bhreitheanas do ghnàth.
- 7 Gu sàmhach fan ri Dia nan dùl,
is feith le foighid leis :
An ti na shligh' a shoirbhicheas
na gabhsa farmad ris :

- Fa chùis an fhir do bheir gu buil
a dhroch-bheart innleachdach.
- 8 Leig corrui ch dhìot, tréig fearg : chum
na bi-sa frionasach. [uilc
- 9 Oir droch-dhaoin'is luchd deant'an uilc,
glan-sgathar iad gu léir :
Ach lìon 'g am bheil an sùil ri Dia,
buam-mhealaidh siad an tìr.
- 10 Oir feith-sa gu fòil ri h-uair bhig,
's an droch-dhuin' ni 'm bi ann :
'S na ionad fòs, ma bheir fainear,
cha bhi e féin no 'chlann.
- 11 Ach mealaidh daoine sèimh am feasd'
an tìr 's an talamh ti :
Làri-toileachadh do gheibh faraon,
an lìonmhoireachd na sìth.
- 12 'Ta 'n droch-dhuin'cumadh lochd do'n
is casadh 'fhiacra ris. [t-saoi,
- 13 Ni Dia air fanoid ; oir dha 's léir
gur dlùth air là a sgrios.
- 14 Na h-aingidh nochduidh siad an lann,
a' cur am bogh' air ghleus,
A leagadh aim-beartach is bochd,
's a mharbhadh luchd deagh bheus.
- 15 An claidheamh théid nan cridhe féin,
théid air am bogha claoi'.
- 16 'S fearr beagan aig an duine chòir,
na saibhreas mòr nan daoí.

- 17 Oir gàirdean luchd na h-aingidheachd,
 mìn-bhrisear iad d'an cruas ;
 Ach daoine còir' is fireana,
 ni Dia an cumail suas.
- 18 Air aimsiribh nam fireanach
 is fiosrach Dia gun cheist :
 An oighreachd is am bunadh fòs,
 dhoibh 's marannach am feasd'.
- 19 Cha chuireariad gu ruidheadh gruaidh,
 san aimsir ghàbhuidh olc :
 Oir gheibheadar an sàth gu leòr,
 an làithibh gainn' is gort'.
- 20 Ach sgriosar droch-dhaoin', naimhde
 do bhid mar shaill nan uan : [Dé,
 Làn mhilltear iad : is théid dhoibh as,
 mar dheataich nach bheil buan.
- 21 An iasachd gabhaidh daoine daoí,
 's cha dìol a rìs air ais :
 Am firean ta se tràcaireach,
 is nithear pailteas leis.
- 22 Oir meud 's a fhuair a bheannachd-san,
 sìor-mhealaidh siad an tìr :
 'S an dream dogheibh a mhallachd-san
 lom-sgriosar iad gu léir.
- 23 'Ta Dia a' stiuireadh ceumanna
 an duine naomha chòir :
 Is 'ta se gabhail tlachd is toil
 d'a shlighe sin gu mòr.

- 24 D'an tarladh dha gu'n tuiteadh se,
 cha tilgear uil' e sios :
 Oir 'ta an Tighearn le a làimh,
 'g a chumail suas a rìs.
- 25 Do bhi mi òg, 's a nis an aois :
 is riamh ni fhaca mi
 'Na dhibhreachan an duine còir,
 no 'shliochd ag iarruidh bidh.
- 26 Sìor-thruacant' e, is coingheallach :
 beannuicht' a shliochd ata.
- 27 Seachuinn an t-olc, is dean am maith,
 is còmhnuidh gabh gu bràth.
- 28 Is toigh le Dia ceart bhreitheanas,
 a naoimh cha tréig se chaoih,
 Sìor-choimhdéar iad : ach sgathar sios
 droch shliochd nan daoine daoí.
- 29 Mealaidh na fireana an tìr ;
 is ni'd buan-chòmhnuidh innt'.
- 30 Thig beul an t-saoi air gliocas glan,
 a theang' air cothrom cinnt'.
- 31 'Ta lagh a Dhé-san ann a chridh,
 cha sleamhnuich uaidh' a cheum.
- 32 'Ta 'n droch-dhuin' feitheamh air an
 d'a mharbhadh is d'a theum. [t-saoi,
- 33 Cha'n fhàg an Tighearn' e na làimh,
 do dheanamh air droch-bheirt ;
 Cha'n fhagar ris e ann am binn,
 trà' chuirear e fuidh cheart.

- 34 Feith thus' air Dia, is gluais na ròd,
 is àrd'chear leisin thu
 An tìr gu mealas : is droch-dhaoin'
 'g an sgrios do chi do shùil.
- 35 An duine malluicht' chunnaic mi
 an neart, 's an inbhe mhòir,
 'Ga sgaoileadh féin a mach mar
 a' fàs gu dosrach ùr. [chraoibh,
- 36 Ach chaidh se thart', is feuch ni'n
 dh'iarr, is nior fhuardas e. [robh :
- 37 Amhairc is feuch gur sìth is crìoch
 do'n duine dhìreach réidh.
- 38 Ach sgriosar luchd an eus-aontais,
 is théid dhoibh as faraon :
 Di-mhilltear agus sgathar sios
 crìoch dheireannach dhroch-dhaoin.'
- 39 Ach furtachd fhìor nam fìrean fós,
 thig sin o Dhia nan dùl :
 Is anns an aimsir thrioblaidich,
 's e 's barrant' air an cùl.
- 40 Thig treis' is furtachd chuc' o Dhia,
 le fuasgladh an deagh-àm :
 Iad saoruidh se o dhaoinibh olc,
 oir chuir siad muinghin ann.

1 O THIGHEARN', ann do chorruich
 na cronus mi gu garg, [mhòir,

- Na dean mo smachduchadh gu geur,
an uair a lasas t-fhearg.
- 2 Oir 'taid do shaighde guineach geur
sàitht' annam féin gu teann :
Is orm ata do làmh gu trom,
ga m' chumail sìos gach àm.
- 3 Ni bheil maoin fallanachd a'm fheoil,
air son do chorruich ghéir :
A'm' chnàmhaibh ni bheil tàmh no fois
air son mo pheacaidh féin.
- 4 Oir chaidh mo pheacaidh os mo chionn :
'taid orm nan eire * thruim.
- 5 Mo chreuchda ta ro-lobhta, 's breun :
mo ghòruich 's coireach rium.
- 6 Ataim gu cràiteach, ea-slan crom,
a' triall gach là le bròn.
- 7 Mo leasraidh làn do ghalar grànd' :
gun fhallanachd a'm' fheoil.
- 8 'Taim lag is bruit' : a' bùireadh fòs,
trid mi-shuaimhneis mo chridh'.
- 9 A' t'fhanuis, Dhé, 'ta m'uile mhiann :
ni'm foluicht' ort mo chaoidh.
- 10 Mo chridh' ata sìor-phloscartaich,
mo neart dh'fhàg mi gu glan :
An taic ri radharc † geur mo shùl,
sin agam fòs nior fhan.
- 11 'Taluchd moghaoil,'s mo chairde caomh
a' seasamh fad o m' bheum,

* uallaich, calaich.

† fradharc.

Mochaimhearsnaich is luchd mo phàirt,
a' teicheadh uam an céin.

12 Sealgorm a taidluchd-iarruidh m'anm':
luchd iarruidh m' uilc a ghnàth,
A' labhairt nithe aimhleasach',
's a' smuaineadh ceilg gach là.

13 Ach mise chean', mar bhodhar mi,
nach cluinneadh guth no sgeul;
Is cosmhuil mi ri duine balbh,
gun chomas fosglaidh béis.

14 Mar sin mar dhuine mi nach cluinn,
gun achasan na bheul.

15 Oir dh'earbas riut, a Dhé mo Thriath:
Dhia, freagraidh tus' a'm fheum.

16 Oir chum nach biodh ac' aoibhneas
a dubhras, freagair mi: [orm,
Is orm nach biodh siad maoidhseachd-
mo chios trà shleamhnuichs' i.[ach,*

17 Oir 's dlùth clum claonaidh mi, 's mo
a'm' fhianuis 'ta do ghna'. [bhròn

18 Mo lochd do innseam, is fa m' chiont',
mòr aith-mheal orm ata.

19 Ach meud 's ata nan naimhde dhomh,
's ro-bheothail iad, is treun;
Is luchd mo mhi-ruin ea-corach,
'taid lìonmhòr mar an ceudn.

20 'S iad sin a's nàimhde dhomh gu fior,
luchd-cuìtich maith le h-olc:

* deanamh uaille, a maoidheadh.

Air son gu bheil mi leanmhuiinn air
an ni ta maith gun lochd.

21 Na tréig mi, Thighearna : mo Dhia,
na bi-sa uam an céin.

22 Dhia, deifrich do mo chuideachadh,
oir 's tu mc ~~dh~~'ainte féin.

SALM XXXIX.

1 A DUBHRAM, bheiream féin fainear
mo shligh', o lochd mo theang' :
Coimhdeam (air bhith do'n daoí a'm'
le srian mo bheul gu teann. [chòir,])

2 Dh'fhanas gu tosdach balbh a'm'
o'n ni sin féin bu mhaith, [thàmh,
Mhosgail mo thrioblaid is mo bhròn
annam gu mòr a stigh.

3 Air bhith dhomh smuainteach' tric
do ghabh mo chridhe teas, [mar so,
Do las an teine : is mar so
le m' theangaidh labhair mis.

4 Toir fios, a Dhé, dhomh air mo chrìch,
tomhas mo là creud e :
Gu fuighinn eòlas agus fios
cia h-anfhann gearr mo ré.

5 Feuch, rinn tu mar leud bois' mo làith'.
mar neo-ni agad m'aois :
Gach neach d'a fheabhas, e gu fior,
's ni dìomhanach gun phrìs.

- 6 An sàinhladh' bréig' a' siubhal fös,
 gach duine ta gu dearbh :
 Gun suaimhneas 'taid gu deimhin féin,
 an diomhanas gun tairbh' :
- A' torradh nithe, 's cur le chéil'
 mòir-bheartais air gach dòigh,
 Gun fhios cia chruinnich's iad mar
 no mhealas iad fa-dheoidh. [oighr',
- 7 Creud nis ri'm feitheam féin, a Dhé ?
 mo dhòchas dhiot do nim'.
- 8 Saor mi o m'uile lochd : 's na dean
 ball-maslaidh an-daoin' * dhìom.
- 9 Do bhi mi balbh, gun fhosgladh béis,
 oir leatsa rinneadh e.
- 10 Tog dhìom do bhuelle, Dhé : le beum
 do làimh-sa chlaoideadh mi.
- 11 Trà smachd'chear duine leat m'a lochd,
 mar chnuimh théid as d'a shnuadh :
 Gu deimhin féin 's fior-dhìomhanas
 gach duin' air bith do'n t-sluagh.
- 12 Dhia, éisd ri m'ùrnaigh, is ri m'ghlaodh,
 ri m' dheuraibh d'thosd na bi :
 Oir coigreach agad, is fear-cuairt',
 mar m'aithreach' uile mi.
- 13 Dhia, coigil agus caomhain mi,
 gu faighinn ueart ri m' bheo :
 Sol rachuinn thart' a' dol do'n eug,
 's nach bithinn ann ni 's mò.

- 1 Dh'fheith mi le foighid mhaith air Dia,
chrom chugam, dh'éisd mo ghuth.
- 2 Do thug se a slochd uamhunn mi,
a clàbar criadha tiugh,
Aircharraigchómhnaird chuir mochos,
mo cheum do shocruich se.
- 3 Is òran nuadh do chuir a'm' bheul,
gur b'e sud moladh Dé :
Chi mòran e, fuidh eagal bi'd,
is earbaidh siad a Dia.
- 4 'S beannuicht' an duine sin gu dearbh,
ni dòchas as an Triath,
Is nach gabh tlachd no toil air bith
do luchd an àrdain mhòir,
No fòs do'n dream do théid a thaobh
gu ceilg, la saobhadh glòir.
- 5 Is lìonmhòr t'oibre iongantach,
a Thighearn' is a Dhé,
'S do smuainte oirnn : ni airmhear iad
an ordugh dhuit gu réidh :
D'an cuirinn iad an céill gu mion,
no fòs gu 'n innsinn iad,
An àireamh rachadh thar mo neart,
aig lìonmhoireachd is meud.
- 6 Ofrail ni miann no ìobairt leat,
do fhosgail tu mo chluas :
Lochd-ìobairt, agus ìobairt-loisgt'
nior iarras dhuit chur suas.

- 7 An sin a dubhaint mise, Feuch,
 a nis ataim a' teachd :
 An rol' an leabhair orms' a chean
 sud sgriobht' ata gu beachd :
- 8 'S e sud mo thlachd 's mo mhiann, a
 do thoil gu'n deanta leam : [Dhé,
 Do reachd a chean' ata gu buan
 a'm' chridh' a stigh, 's a'm' chom.
- 9 Air t'fhìreantachd sa' choinne mhòir,
 a Dhé, do rinn mi sgeul :
 Oir feuch, a Dhé, mar 's aithne dhuit,
 niор choisg mi féin mo bheul.
- 10 A'm' chridh' nior fholaich's t'fhirean-
 acht'fhirinn chuir mi'n céill; [tachd,
 Do shlàint', 's do chaoimhneas caomh,
 t'fhirinn o'n t-sluagh gu léir.[niorcheil
- 11 Do thròcair chaomh na cum-sa uam,
 a Thighearna gu bràth,
 Do chaoimhneas gràdhach,t'fhirinn fòs,
 do m' choimhead féin do ghnàth.
- 12 Oir is do-àireamh iad na h-ulic
 'ta 'g iadhadh orm gach leth,
 Do ghlac mo pheacaidh mi co teann,
 's nach seall mi suas gu seth.
 O's lìonmhoir' iad no folt mo chinn,
 do thréig mo chridhe mi.
- 13 Dhia, gu ma toil leat furtachd orm,
 grad chuidich leam, a Dhé.

- 14 Biodh nàir'is amhluadh dhoibh faraon,
do m'anam dh'iarras claoidh :
Ruaigh orr' air ais, is ruidheadh
le'r b'àill mo chur gu dìth. [gruaidh,
- 15 Gun aird gun àiteach' gu robh siad,
mar thuarasdal d'an nàir',
A dubhairt rium gu fanoideach,
Aha, aha, a' gàir'.
- 16 Aoibhneas is aidheir do gach neach,
ga d'iarruidh féin a ta :
Is abradh siad le'r toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr do ghnàth.
- 17 Ach mis' ge h-ainnis bochd ataim,
do smuainich' orm an Triath :
M'fhear-cuidich thu, 's mo shlànuigh-
moille na dean, a Dhia. [car ;

SALM XLI.

- 1 'S BEANNUICHT an duine bheir gu glic
fainear an duine bochd,
An uair a thrioblaid is a theinn,
bheir Dia e saor o'n olc.
- 2 Ni Dia a dhòn, 's a chumail beo,
is beannuicht' e san tìr :
Gu toil a nàimhde mi-runach
na tabhair e gu fior.
- 3 Air leab' a thinneis iarganaich
bheir Dia dha neart is treòir :

A leaba ni tu dha air fad,
ri h-àm a thinneis mhòir.

4 A dubhras, deansa tròcair orm,
a Thighearn' is a Dhé :

Is Leighis m'anam ea-slan bochd,
oir t'aghaidh pheacaich mi.

5 'Ta'n dream sin a 's fior nàimhde
a' labhairt orm le beum : [dhomh
Cia uair a sgriosar 'ainim-san as,
's a rachas e do'n eug ?

6 Ma thig se m'amharc, labhraidh se
cainnt dhìomhanach gun chéil :
'Ta 'chridh' a' torradh nimh a stigh,
's a muigh do ni air sgeul.

7 Sìor chogarsaich an cluais a chéil',
luchd m'fhuath a taid air fad :
A' smuaineadh agus cumadh lochd
a'm' aghaidh féin gun stad.

8 Droch thinneas (deir siad) 'ta gu dlùth,
a' leanmuinn ris r'a bheo :
'Nis air bhith dha na luidh' gu tinn,
cha'n éirich e ni 's mò.

9 Am fear bu charaid dìleas domh,
ri 'n earbainn gach ni b'àill,
'S a chéilich m'aran air mo bhord,
a'in' aghaidh thog se 'shàil.

10 Ach thus', a Dhé, dean tròcair orm,
is tog mi rìs an àird',

- Gu'n dthugainn còdhail chuimseach
iscoman cheart gun chàird'. [dhoibh,
- 11 Trid so is fiosrach mi gu beachd
gur ionmhuinn leat-sa mi :
Airson nach d'thug monàimhde buaidh,
's 'nach d'rinneadh leo mo chlaoi'.
- 12 Ach mise chean, a'm' ionracas,
's tu sheasas mi do ghnàth :
Am fianuis fòs do ghnùis, a Dhé,
ga m'shocruchadh gu bràth.
- 13 Iehobhah Dia cloinn Israel,
beannuicht' gu'n robh se féin,
O aois gu h-aois gu suthainn sìor.
Amen agus Amen.

SALM XLII.

- 1 MAR thogras fiadh na sruthain uisg
le bùireadh àrd gu geur,
Mar sin ta m'anam ploschartaich,
ag éigheach riuts', a Dhé.
- 2 'Ta tart air m'anam 'n geall air Dia,
's ann air an Dia ta beo ;
Cia uair na fhianuis thigeas mi,
is nochdar mise dha ?
- 3 Gach là is oidhch' is iad mo dheòr
is cuibhrionn domh 's is biadh :
An uair a deir siad rium do ghnàth,
Ca bheil a nis do Dhia ?

- 4 'Ta m'anam air a dhòrtadh 'mach,
 sud chean' tra chuimhneas mi ;
 Oir chaith mi leis a' chuideachd mhòir,
 dol leo gu teampull Dé ;
- Do chaidheas leo le gàirdeachas
 is moladh fòs le chéil',
 Is leis a' chuideachd sin do bhi
 a' coimhead laithe féill'.
- 5 O m'anam ! creud far leagadh thu,
 le dìobhail misnich sios ?
 Is creud fa'm bheil tu 'n taobh stigh
 fo thrioblaid is fo sgios ? [dhìom
- Cuir dòchas daingean ann an Dia,
 oir fòs do mholam e,
 Air son na furtachd is na slàint'
 thig dhomh o 'eudan réidh.
- 6 Thuit m'anam annam sìos, a Dhé,
 mar sin do chuimhneam ort,
 O thalamh Iordan, Hermoin àird,
 O Mhisar fòs nan cnoc.
- 7 Le fuaimneach t'fheadaïn uisg', a Dhé,
 'ta doimhn' air doiinhne gairm :
 Do shumainne, 's do thonnan àrd
 dol tharam 'taid le toirm.
- 8 Orduichidh Dia d'a ghràsa dhomh,
 a chaoimhneas anns an lò :
 San oidhch' do ni mi guidh' is ceòl,
 ri Dia do chum mi beo.

- 9 Mo charraig, creud far thréigeas mi ?
 ri Dia a deiream féin :
 Creud as fa'm bheileam triall fo bhròn
 bhrìgh fòirneirt m'eas-cair' thréin ?
- 10 Marlann a'm' chnàmhaibh, m'eascairde
 toirt toibheim dhomh ata :
 Tràth deir siad rium gu fanoideach,
 Ca bheil do Dhia ? gach là.
- 11 O m'anam creud far leagadh thu,
 le diobhail misnich sìos ? [dhiom,
 Is creud fa'm bheil tu 'n taobh stigh
 fuidh aith-mheal is fuidh sgìos ?
 Cuir dòchas ann an Dia gu seth :
 oir molam e do gnàth,
 O se a's slàinte do mo ghnùis,
 is se mo Dhia gu bràth.

SALM XLIII.

- 1 CUM cothrom rium, is tagair féin
 mo chùis, o'n fhineach olc,
 O'n ea-corach, 's o fhear na ceilg,
 Dhé, saor-sa mi o'n lochd.
- 2 Creud as far thilg tu mise uait ?
 's gur tu mo Dhia 's mo threðir ;
 Creud as, bhrìgh fòirneirt m'eas-cairde,
 far shiùbhlam féin fuidh bhròn ?

- 3 Dhia t'fhirinn is do sholus glan,
 leig chugam sud a mach : [naomh',
 Do 'm threòruch' chum do thulaich
 's mo thabhairt chum do theach.
- 4 'N sin racham dh'ionnsuidh altair Dhé,
 an Dé sin m' aoibhneis mhòir ;
 Air clàrsach bhinn do mholam thu,
 O Dhia, mo Dhia na glòir.
- 5 O m'anam, creud far leagadh thu,
 le diobhail misnich sìos ? [dhiom,
 Is creud fa m' bheil tu 'n taobh stigh
 fuidh aith-mheal, is fuidh sgùis ?
 Cuir dòchas ann an Dia gu seth,
 oir molam e do ghnàth,
 O se a's slàinte do mo ghnùis,
 's gur e mo Dhia gu bràth.

SALM XLIV.

- 1 LE'R cluasaibh chualamar, a Dhé,
 ar sinnsir chuir an céill,
 Na gnìomhara do rinneadh leat,
 nan aimsir, fad o chéin.
- 2 Le d'làimh marthilg tu mach na slòigh,
 is chuir tu sud nan àit' :
 Mar rinneas air a' phobull claoidh,
 'g an tilgeadh fada uait.
- 3 Oir sealbh san tìr ni fhuaradar
 le'n claidheamh no le'n loin,

Ni mò do rinn an gàirdean féin
 an teasairginn nan teinn : [buaidh,
 Ach do làmh dheas thug dhoibhsan
 do ghàirdean neartmhòr treun,
 Is solus glan do ghnùis, air son
 gu'n d'thug tu toil dhoibh féin'.

4 Oir 's tusa féin, a Dhia nam feart,
 mo Thighearn' is mo Righ :
 Furtachd do Iacob orduich uait,
 is fuasgail air gun dìth.

5 'S ann trid do neart-sa leagair sìos
 na h-uile 's nàimhde dhùinn :
 Trid t'ainm-sa saltraidh sinn gu lär
 an dream a dh'éireas ruinn.

6 Oir as mo bhogh' cha dean mi bun,
 ni 'm furtachd dhomh mo lann.

7 Ach 's tusa nàirich luchd ar fuath,
 o'r nàimhdibh chuidich leinn.

8 Air seadh an lài 's ann ann an Dia
 do ni sinn uaill is glòir .
 Is t'ainmse fös air seadh gach linn,
 ard-mholuidh sinn gu mòr.

9 Ach rinn tu nis ar tilgeadh dhìot,
 is nàirich thusa sinn :
 'S a mach le'r n-armailtibh 's ar feachd
 ni bheileas dol far leinn.

10 Gu teicheadh chuir tu sinn air ais,
 o'n nàmhaid gheur sa' chath ;

- Is luchd ar mi-ruin taid dhoibh féin
 a' deanamh creich' is sgath'.
- 11 Mar chaoraich thug tu sinn d'ar n-ithi,
 measg fineach sgaoileadh sinn.
- 12 Reic tu do phobull féin gun fhiach,
 nior mheudaich maoin d'an cinn.
- 13 Do rinn tu toibheum dhinn gu truagh ;
 d'ar coimhearsnaibh gu léir ;
 Ball spòrsa do na bheil m'an cuairt,
 's ball-magaidh mar an ceudn'.
- 14 Am measg nan Geintileach air fad,
 gnà'-fhocall rinn tu dhinn :
 'S am measg a' phobuill anns gach àit',
 'n ar n-aobhar crathaidh cinn.
- 15 'Ta m'amhluadh is mo mhasladh geur
 a'm' fhianuis féin do ghnàth,
 Rinn nàir' is ruidheadh fòs moghruaidh,
 m'fholach gu truagh gach là.
- 16 'S e sin mo chor thaobh guth an fhir
 a chàineas mi gu h-olc,
 'Sa spreigeas mi : is thaobh an nàmh,
 's an dioghaltaich gu lochd.
- 17 Sud uile ge gu d'thàinig oirnn,
 nior dhearmaid sinne thu ;
 Nior rinn sinn breug no briseadh claon
 'n aghaidh do chunnraidh* dhlù'.
- 18 Nior aom ar n-aigneadh uaitse riamlí,
 nior chaidh ar cridh' air cùl :

- O d' shlighe fòs nior chlaon ar cos,
 's nior chaidh air seachran iuil.
- 19 Is ge do phronn tu sinn gu mion,
 an ionad dhràgon sìos,
 Is ge gu d'fholuich thusa sinn
 le sgàil' is dùbhar bàis.
- 20 Ma 's e gur leig sinn as ar cuimhn'
 ainm uassal àrd ar Dia,
 No'r làmha gu Dia coimheach bréig'
 ma shìneadh leinne riamh :
- 21 Nach rannsuich Dia so féin a mach ?
 oir aig' ata làn fhios
 Air dìomhaireachd a' chridhe stigh,
 gach car a t'ann is cleas.
- 22 Oir, air do shon-sa mharbhadh sinn,
 air feadh an là gu léir,
 'S mar chaoraich ta sinn air ar meas,
 do chasgaireadh gu geur.
- 23 Mosgail, creud as fa'n coidleadh tu,
 Dhia éirich as do shuain,
 Gu bràth na tilg-sa sinn a mach,
 na triall-sa fada uainn.
- 24 Creud as fa 'm foluich tu do ghnùis ?
 creud as far dhearmaid tu
 Ar n-àmhghar, is ar n-éigin mhòr,
 air iadhadh oirnn gu dlù' ?
- 25 Oir chrom ar n-anam sios do'n ùir,
 ar brù ri talamh theann.

26 A'd' thròcair éirich, cuidich leinn,
is furtach oirnn' san àm.

SALM XLV.

1 DEAGH-aobhar òrain naoimh is ciuil
a' deachdadhbh ta mo chridh':
Is labhram air na nithibh sin
do rinneas féin m'an Righ :
Mar pheann an làimh deagh chléirich-
do chuireas sìos gu luath, [sgrìobh'
Is amhluidh sin, mo theanga 'ta
air t'onoir àrd a' luaidh.

2 Is maisich thu na clann nan daoin',
gràs dhòirteadh ann do bheul :
Is air an aobhar sin rinn Dia
do bheannachadh gach ial.

3 Deasuich do chlaidheamh air do leis,
O thus' a ghaisgeich mhòir :
Le d' chumhachd is do mhòralachd,
le greadhnachas is glòir.

4 Bhrìgh firinn, suairceis, agus ceirt,
marcuich gu buadhach àrd,
Is nithe uamhor teagaisgidh
do dheas-làmh dhuit 's gach àit'.

5 Rachadh do shaighde geur gu crid
gach eas-caraid an Righ
Trid sin am pobull tuitidh fùd
is nithear leat an claoïdh.

- 6 Gu suthain is gu siorruidh ta
do chaithir àrd, a Dhé :
Slat-shuaicheantais do Rioghachd
is slat ro chothrom i. [mhòir,
- 7 Oir's ionmhuinn leatsa còir is ceart,
is thug tu fuath do'n olc.
Os cionn do chompanach chuir Dia,
do Dhias' ol' aoibhneis ort.
- 8 Do'n Alos, Mhirr, is Chasia,
o t' eudach boladh théid :
Leo sud do chuir siad aoibhneas ort,
o d' lùchaint geal mar dheud.
- 9 Am measg do bhantrachd* onorach,
'ta Ingheana nan Righ :
'S an òr na h-Ophir, air do dheas,
do bhan-rights' seasaidh si.
- 10 A nighean, éisd is amhairc fòs,
is crom-sa sios da chluais :
Tigh t'athar, is do mhuinntir féin
na cuimhnich a so suas.
- 11 Gabhaidh mar sin an righ làn-toil
do d' àille thlachdmhoir féin :
Oir 's e do Thighearn' is do Thriath,
toir urram dha is géill.
- 12 Thig Inghean Thiruis ort gu tric,
le tiodhlacadh is gibht,
'S na daoine saibhir ta nam measg,
ag asluch' gràis is iochd.

* mhnathan'.

- 13 Iuighean an Righ gu dearbh a stígh,
 ta uile làn do ghlòir :
 Ta 'culaith eudaich uimpe fòs,
 air 'oibreachadh le h-òr.
- 14 Am brot* do obair ghréis le snàith'd,
 bheirear i gus an Righ :
 Thig chugad luchd a coimheadachd,
 's a maighdeana na déigh.
- 15 Rachaid gu cùirt an Righ a steach,
 ait' aoibhneach bheirear iad.
- 16 Air son do shinnisir bidh do chlann,
 mar phrionnsa anns gach àit'.
- 17 T'ainm glòrmhor do gach linn a thig,
 air chuimhne cuiridh mi :
 Mar sin do bheir am pobull duit
 àrd-mholadh feadh gach ré.

SALM XLVI.

- 1 SE Dia is tearmann dùinn gu beachd,
 ar spionnad e 's ar treis' :
 An aimsir carraid agus teinn,
 ar cabhair e ro-dheas.
- 2 Mar sin d'an gluaist' an talamh trom,
 ni h-aobhar eagail leinn :
 D'an tilgte fòs na sléibhte mòr
 am builsgein fairg' is tuinn'.
- 3 Na h-uisgeacha le beuca bhuirb,
 d'an rachadh thair a chéil :

Le'n ataireachd d'an biodh air chrith
na beannta àrd gu léir.

4 Ta amhuiunn ann, ni cathair Dhé,
le 'sruthaibh sèimh, ro-ait :

Fior-àite naomh an ti a's aird,
am bheil sior-chòmhnuidh aig.

5 Ta Dia na meadhon innt' a stigh :
mar sin ni għluaisear i ;

Oir cuideachadh is còghnamh lè,
's e Dia gu moch do ni.

6 Do għabb na Geintlich boil', is għluais
na Rioghachda gu cas :

Air cur do Dħia a ghuth a mach,
da leagh an talamh as.

7 'Ta Dia nan sluagh far leinn do għnàth:
Dia Iacoib 's tearmunn duinn.

8 Thigibh, is feuchaibh oibre Dé,
gach sgrios air talamh rinn.

9 Gu h-iomall fòs an domhain mhōir,
an cogadh ni se chosg :
Am bogħ' do bhris, an sleagh do għearr
an carbad cogaidh loisg.

10 Bibh sàmhach, 's tuigibh gur mi Dia :
arduichear mi gu fior

Am measg nan sluagh, biom onorach
air feedh gach uile thir'.

11 'Ta Dia nan sluagh ri còghnamh leinn,
's an còmhnuidh air ar crann :

Se Dia ud Iacoib 's tearmunn duinn,
d'ar furtachd anns gach àm.

SALM XLVII.

- 1 A PHOBUILL is a shluaigh gu léir,
'ur basa buail gun chaird':
Le guth 's le gàirdeachas do Dhia,
suas togaibh iolach àrd :
- 2 Oir Dia ro-àrd is uamhunn e ;
Righ mòr os cionn gach tìr'.
- 3 Am pobull cuiridh se fo'r smachd,
fo'r cois na slòigh gu léir.
- 4 Mòrachd Iacoib d'an d'thug se gràdh,
mar oighreachd dhùinn do thagh.
- 5 Chaidh Dia le gàraibh buaidh an aird',
le trompaid is mòr-bhладh.
- 6 Seinnibh do Dhia, seinn moladh : seinn
d'ar Righ, seinn moladh binn.
- 7 Oir 's Righ Dia mòr os cionn gach tìr,
seinn da gu h-eòlach grinn.
- 8 Ta Dia na shuidh' na chaithir naomh;
se 's Righ air finibh ann.
- 9 Prionnsan an sluagh do chruinnichsiad,
pobull Dé Abraham ;
Air son gur le Iehobhah mhàin
sgiath dhìdean do gach tìr :
Se féin a's aird' 's as urramaich,
's da dhlighear moladh fior.

- 1 Is mòr Iehobhah, Dia nam feart,
 an cathair ard ar Dia,
 Is air sliabh ard a naomhachd féin,
 ion-mholta chaoídh an Triath.
- 2 Beinn Shioin's breagh' a suidheachadh,
 aoibhneas gach talmhainn i,
 Is ann a còir, an taobh mu thuath,
 'ta cathair an Aird-Righ.
- 3 So-aithnich Dia na lùchaintibh,
 mar thearmunn dhoibh an airc.
- 4 Oir feuch, tra bhi na Righre cruinn,
 le chéile ghabh siad thart'.
- 5 Marchunnaic sud, ghabh iongnadh iad,
 le cabhaig dheifrid as.
- 6 Ghlac eagal iad an sin, is pian,
 mar mhnaoi ri saoth'r gu cas.
- 7 Cabhlach Tharsuis le gaoith an ear,
 mìn-bhrisear leat gu luath.
- 8 Mar chual', is amhluidh chunnaic sinn,
 am baile Righ nan sluagh,
 Am bail' ar Dé : 's e Dia gu bràth
 ni daingean e le neart.
- 9 A'd' theampull, air do chaoimhneas
 Dhia smuainich sinn gu ceart.[caomh,
- 10 Mar t'ainm, is amhluidh sin do chliu,
 gu crìch na talmhainn ti :
 Do dheas-làmh làn do fhireantachd,
 Dhia anns gach beart do ni.

- 11 Beinn Shioin gu ma h-aoibhinn i,
is Inghean Iuda ait,
Air son do bhreitheanas, a Dhé,
lan-chothrom agus ceirt.
- 12 Siùbhlaibh mu thimchioll Shioin
is cuairt'chibh i maraon : [naomh',
Airibh a baideala gu dlùth,
's a turaite gach aon.
- 13 Thugaibh fainear a bàbhuin bhreagh',
's a caisteil àrd le beachd :
Chum sin gu'n cuireadh sibh an céill
do'n àl a ta ri teachd.
- 14 Oir 's e an Dia so féin ar Dia
gu siorruidh is gu bràth :
'Se chean' a threòruich's sinn guceart,
gu h-uair is àm ar bàis.

SALM XLIX.

- 1 EISDIBH a phobuill uile so,
na bheil sa' chruinne-ché :
- 2 Is cluinnibh eadar mhòr is bheag,
ma 's bochd no beartach e.
- 3 Smuaint'chidh mo chridh' air tuigse
air gliocas thig mo bheul. [ghloin,
- 4 Aomam mo chluas gu parablaibh :
nochdam cainnt dhorch' air teud.
- 5 Creud dhomh fa'n eagal laithean olc,
gu'n cuirinn iad an suim,

- Mòr-aingidheachd is lochd mo shàl,
 tra dh'iadh siad orm gu cruinn,
- 6 Na daoine sin nan saibhreas mòr
 'ta deanamh dòigh is treis',
 Agus an lìonmhoireachd an stòir,
 a ta ro-bhòstail leis ?
- 7 A bhràth'r ni fhuasgail neach dhiubh
 a gàbhadh no a péin, [sùd
 A thabhairt eiric as do Dhia,
 ni fheudar leis na fheum :
- 8 Oir saoradh 'n anma 's prìseil e,
 sguiridh se 'm feasd gu beachd :
- 9 Gu maireadh se gu siorruidh beo,
 's nach faiceadh truaillidheachd.
- 10 Oir chi se chean' na daoine glic,
 's na h-amadain gun chéill,
 'S na h-ùmaidh', fàgail toic do chàch,
 is faghail bhàis iad féin.
- 11 'S e 'n smuainteachadh gu mairan tigh,
 's an còmhnuidh feadh gach ré,
 A' tabhairt air am fearann ainm,
 do réir an ainme féin.
- 12 Gidheadh, an duin' an onoir mhòir,
 ni mair se ann gu buan :
 Ach amhluidh mar an t-ainmhidh truagh
 chum bàis a shiùbhlas uainn'.
- 13 An slighe sud ge gòrach i,
 taitnidh an cainnt r'an sliochd.

14 Mar chaoraich dol san uaigh a taid,
nam biadh do'n bhàs gun iochd.

Glacaidh na firein os an cionn
àrd-uachdranachd gu moch,
'S o'n àite-còmhnuidh seargaidh as,
san uaigh an àill' 's an dreach.

15 Bheir Dia do m'anam fuasgladh saor,
o chumhachd bàis is uaigh,
Oir gabhaidh se mi chuige féin,
ga m' theasairgin le buaidh.

16 An uair do nithear saibhir neach,
na glacadh faitchios thu,
'S an t-àm a chinneas glòir a theach,
na cuireadh orts a tnu'.

17 Oir 'nuair a rachas e do'n eug,
ni'm beir se dadum leis :
'S an uair a théid e sìos do'n uaigh,
a ghlòir ni leanainn ris.

18 Is ge do bheannuich 'anam féin,
air marthainn trà' bhi se :
Ni daoine moladh ort gu mòr,
trà ni tu maith dhuit féin.

19 Gu h-àl a shinnsir rachaiddh se,
solus ni fhaic gu bràth.

20 An duin' an onoir, 's e gun chéill,
mar ainmhidh e gheibh bàs.

- 1 Do labhair Dia Iehobhah treun,
 an talamh ghairm gu léir,
 O'n aird' an ear, gu h-aird' an iar,
 o éirigh gu luidh' gréin.
- 2 A Sion ard, a's foirfe mais',
 do dhealruich Dia nam feart.
- 3 Tigfidh ar Dia, 's ni 'm bi na thosd,
 ach labhruidh se le neart :
 Théid teine roimhe, millteach mòr,
 a' lasadh suas gu garg,
 M'a thimchioll-san gu doinionnach,
 a' dol na chaoiribh dearg'.
- 4 Air talamh, is air nèamh nan neul,
 do ghairmeann se gu h-ard,
 Gu'n dthugadh air a phobull féin
 ceart-bhreitheanas gun chaird'.
- 5 Do m' ionnsuidh cruinnichibh mo
 is tionalaibh an dream [naoimh :
 A rinn gu dileas is gu dlùth,
 le h-ìobairt, cùmhnant leam.
- 6 A cheart-san, do ni nèamh nan neul
 a chur an cèill na àm :
 Oir se Iehobhah féin gu beachd
 is aon ard-bhreitheamh ann.
- 7 Mo phobull Isra'l, éisdibh rium,
 is labhraidh mi gu ceart :
 A' t' aghaidh togam fianuis fhior,
 's mi Dia, do Dhia gu beachd.

- 8 Mu t' ofrilibh ni agram thu,
 no fòs mu t'ìobairt' loisgt',
 Air son nach d'thug tu iad do ghnàth,
 's nach d'fhuaras iad gach toisg'.
- 9 Oir as do thigh cha ghabhainn uait
 mar ìobairt biorach bò,
 'S cha ghabhainn gabhair flirionn fòs,
 mar ofrail as do chrò.
- 10 Gach ainmhidh beo do bheil an coill',
 is leamsa sin gu léir,
 Gach caoire fòs air mhìle cnoc,
 'ta 'g inealtradh air feur.
- 11 An eunlaith 's aithne dhomh air fad,
 'ta 'g itealaich feadh bheann :
 'S leam gach fiadh bheathach uile fòs,
 feadh gharbhluich agus ghleann.
- 12 Geur-ocras d'am biodh orm, no gort,
 cha chuirinn duits' an céill,
 O's leam an domhann m'an iadh grian,
 is na bheil ann gu léir.
- 13 Fuil ghabhar 'n e gu 'n òlainn uait,
 feòil tharbh an ithinn i ?
- 14 Ioc ìobairt buidheachais do Dhia,
 's do bhòidean do'n Ard-Righ.
- 15 An là do thrioblaid is do theinn,
 gair orm an sin gu ceart :
 Ort fuasglam, agus bheir tu glòir
 do m'ainms' a chuidich leat.

- 16 Ach ris androch-dhuin' labhruidh Dia,
 mo statuin chur an céill
 Ca bhuiineadh dhuit, no ghabhail fòs
 mo chùmhaint ann do bheul ?
- 17 Do m' achasans' o thug tu fuath,
 's an spéis riamh e nior chuir ;
 Ach thilg mo bhriathra air do chùl,
 'g an diùltadh uam gu tur.
- 18 Trá chunnaic tu an gaduich' dàn,
 dh'aontaich tu leis na olc :
 'S le luchd-adhaltrannais a rìs,
 b'fhear-comuinn thu nan lochd.
- 19 Do theanga thug tu chumadh bréig,
 chum uile do thug do bheul.
- 20 Do d' bhràthair, shuidh tu thabhairt
 's do mhac do mhàthar béim. [guth,
- 21 Na nithes' uile rinneadh leat,
 is dh'fhanas dhiot a'm' thosd ;
 Is shaoileas mar a ta tu féin,
 gu'm b' amhluidh mi gach achd :
 Ach cronuscheam do pheacaidh dhuit,
 a' t'amharc cuiream iad ;
 Do chuin gu faiceadh do dhà shùil,
 nach fol'clear ormsa beud.
- 22 O sibhs'a dhaoin' nach cuimhnich Dia,
 nis tuigibh so na àm ;
 M'an deanam liodart* oirbh gu cas,
 gun neach d'ar furtachd ann.

23 An ti bheir iobairt molaidh uaidh',
 se bheireas dhomhsa glòir :
 Oir nochdam slàinte Dhé do'n fhear
 sheòlas a shligh' air chòir.

SALM LI.

- 1** DEAN tròcair orm' a Dhia nan gràs,
 gu h-iochdmhor saor-sa mis',
 Réir lìonmhoireachd do thròcair
 glan as m'uil' eas-aontais. [choimh,
- 2** Gu h-iomlan ionnuil mi o m' lochd,
 glan mi o m' chiont a'd' ghràdh.
- 3** Oir 'ta mi 'g aidmheil m'eas-aontais,
 's léir dhomh mo lochd do ghnàth.
- 4** A' t'aghaidh, t'aghaidh féin a mhàin,
 do pheacaich mi gu trom,
 Is ann a t'fhanuis féin, a Dhé,
 an t-olc-sa rinneadh leam :
 Do chum air labhairt duit a mach,
 gu'm bi tu cothromach ;
 'S gu'm bi tu glan 'n trà bheir tu breith,
 is ceart neo-eacorach.
- 5** Am peacadh, feuch, do dhealbhadh mi,
 agus an cionta fòs
 Do ghabh mo mhàthair mi na broinn,
 'n trà ghineadh mi o thùs.
- 6** An taobh a stigh do'n chridhe, feuch,
 an fhirinn 's ionmhuinn leat :

- 'S an ionad fholuicht' bheir tu orm
gu'n tuig mi gliocas ceart.
- 7 Le hisop dean-sa mise glan,
is bitheam glan gu beachd ;
Dean m'ionnlad fòs, mar sin do bhim'
ni 's gile dhuit na sneachd.
- 8 Guth subhachais toir orm gu'n cluinn
is fonn an aoibhneis ait,
Mar sin ni gàirdeachas gu mòr
na cnàmhan bhriseadh leat.
- 9 O m' pheacaibh is o m' eas-aontais
foluich do ghnùis, a Dhé ;
Mo sheachrain is m'uil' eacoir fòs,
glan thusa uam gu réidh.
- 10 Dhia cruthaich annam cridhe glan ;
ath-nuadhaich spiorad ceart.
- 11 Na tilg o d' shealladh mi : 's na buin
do spiorad naomha leat.
- 12 Is aisig dhomh ùr-ghàirdeachas
do shlàinte chàirdeil féin :
Is deansa fòs mo chumail suas,
le d' spiorad saor gu treun.
- 13 N' sin teagaisgeam do shligh', a Dhé,
do 'n dream a bhris do reachd ;
Mar sin le h-aithrich' pillear riut
na peacaich thruagh gu beachd.
- 14 O chionta fola saor-sa mi,
O Dhia, a Dhé mo shlàint' :

Seinnidh gu h-ard air t'fhìreantachd
mo theanga anns gach àit'.

15 Mo bhive, ta air druideadh suas,
fosgail, a Dhé, gun chaird' ;
An sin do mholadh le mo bheul
cuirear an céill gu h-àrd.

16 Oir ìobairte nan iarradh tu,
sud bheirinn duit gach ré :
An ofrail loisgte fòs air bith,
ni bheil do thlachd, a Dhé.

17 An spiorad briste, tuirseach, trom,
sud ìobairt Dhé nan dùl :
An cridhe briste brùit, a Dhé,
le gràin ni 'n cuir air cùl.

18 A'd' dheagh ghean deansa maith, a
air Sion do chnoc féin : [Dhia,
Ballaiddh Ierusaleim gu luath,
tog suas le d' làimh gu treun.

19 'N sin taitnidh ìobairt cheartais leat,
ofrail, 's làn ofrail loisgt' :
'N sin bheirear colpaich dhuitse suas,
air t'altair naomh gach toisg'.

SALM LII.

1 CREUD as fa'n dean tu, ghaisgich thréin,
uaill as an olc gu mòr ? [chrìch,
Mairidh am feasd, gun cheann gun
deagh mhaitheas Righ na glòir.

- 2 Do theang' a' dealbh an aimhleis chlachum ceilg' mar ealtuinn ghéir. [oin;
- 3 Is annsa leat an t-olc na maith,
is breug na briathra fior.
- 4 A theanga chealgach, 's ionmhuinn
gach briathar millteach olc. [leat,
- 5 Ni Dia gu siorruidh mar an ceudn'
làn-sgrios a tharruing ort,
Glan-sgathar thu, is as do thigh
grad spìonar thu gu tur,
A talamh is a tìr nam beo
buainear do fhreumh a bun.
- 6 Do chi am firean, gabhaidh siamh,
is ni se gàire ū.
- 7 Feuch, so am fear nach d'earb a Dia,
mar dhaingneach is mar threòdir;
Ach ann an lìonmhoireachd a stòir,
a dhòchas chuir gu treun,
Na shaibhreas is na olc gu beachd,
do neartuich se e féin.
- 8 Ach mis' mar ùr-chrann ola bim'
an àros Dé do ghnàth :
A' cur mo dhòchais ann a ghràs,
ri fad mo ré 's mo là.
- 9 Gu siorruidh suthain molam thu,
bhrìgh sud gu'n d'rinneadh leat :
Feitheam air t'ainms' oir ta se maith,
an làth'r do naomh gu beachd.

- 1** 'NA chridhe deir an t-amadan,
ni bheil ann Dia air bith :
'Taid truaillidh,'s gràineil fòs an lochd :
ni bheil ann neach ni maith.
- 2** An Tighearn' dh'amhairc se o nèamlì,
air chloinn nan daoin' a nuas,
Do fheuchainn an robh tuigs' aig
a dh'iarradh Dia nan gràs. [neach,
- 3** Do phill siad air an ais air fad,
ro-shalach iad gu léir :
Ni bheil aon neach ri deanamh maith,
ni bheil fiu aon fuidh speur'.
- 4** Nach tuigionn luchd na h-eucorach ?
ta 'g ith' air fad 's air leud,
Mar aran blast, mo phobuill suas :
air Dia ni ghairionn siad.
- 5** An sin do ghabh siad eagal mòr,
gun aobhar eagail ann :
Sgaoil Dia a chnàmha-san o chéil'
chuir séisdeadh ort gu teaunn,
Is mar an ceudn' do chuir tu iad
gu ruidheadh gruaidh is nàir'.
Do brìgh gu'n deanadh orra Dia
trom-tharcuis agus tàir.
- 6** O sud mo ghuidh' is m'athchuinge,
gu'n dthugadh Dia nam feart
Cabhair d'a, phobull Israel,
a Sion féin le neart!

'N trà bheireas Dia air ais o bhruid
 a phobull féin le chéil',
 Air Iacob bithidh aoibhneas mòr,
 's aiteas air Israel.

SALM LIV.

- 1 TRID t'ainmse, teasairg mis', a Dhé,
 cum cothrom rium le d' neart,
- 2 Eisd m'ùrnaigh, toir fainear, a Dhé,
 briathra mo bhéil gu ceart.
- 3 Oir dh'éirich coigrich m' aghaidh suas,
 luchd-fòirneart ta gu geur
 Ag iarruidh m'anma: riamh nior chuir
 siad Dia fa'n comhair féin.
- 4 Is feuch, se Dia 's fear-cuidich leam,
 do m' sheasamh anns gach càs : ·
 Bithidh Iehobhah leis an dream
 do chumas m'anain suas.
- 5 Olc do mo nàimhdibh dìolaiddh Dia :
 a' t'fhìrinn dean an sgath'.
- 6 Gu toileach bheiream ìobairt dhuit :
 Dhé molam t'ainm, ta maith.
- 7 Oir rinn se saors' is fuasgladh dhomh
 o m'uile theinn gu treun :
 Ionnas gu fac' mo shùil a miann,
 air m'eascairdibh gu léir.

- 1 RI m'ùrnaigh éisd : 's o m'ghuidh, 'a
na foluich thus' thu féin. [Dhé,
- 2 Toir air', is freagradh dhomh, ta caoidh',
le bròn 's le bùireadh geur :
- 3 Air son guth m'eascairde gu léir,
is fòirneart fòs nan daoí :
Oir olc do thilg siad orm, am feirg,
dhomh thug siad fuath gun dìth.
- 4 Mo chridh' a'm' chom ta cràiteach
thuit uamhunn orm a' bhàis. [goirt :
- 5 Crith, oillt, is uamhunn thàinig orm,
ga m' shlugadh is mi 'n sàs.
- 6 Sgiath colmain, O gun agam féin !
an sin a dubhairt mis'.
Do theichinn as ag itealaich,
is gheibhinn tàmh is fois.
- 7 Feuch, rachainn fòs air ànradh* fad,
chum tàimh am fàsach cruaidh.
- 8 Is dheanainn deifir ri dol as
o dhoinionn gharbh na gaoith.
- 9 Dhia sgrios an teang, issgaoil: oirchim'
foirneart sa' bhail' is strìbh.
- 10 Taid dol m'a bhallaibh oidhch' is là :
ta aimhleas ann is caoidh'.
- 11 Aing'eachd ro-mhòr is olc ata
na mheadhon sud gun cheist :
Feall ri na shràidibh agus cealg,
ni dhealuichionn am feasd'.

* astar: uidhe.

- 12 Cha b'e ino nàmh thug masladh dhonih,
 oir dh'fhuilginn sud gu réidh :
 Ni 'm b'e fear m'fhuath a dh'éirich
 oir uaidh' do dhònainn mi. [rium,
- 13 Ach thusa, fear bu choimpir' dhomh,
 fear m'eòlais, is fear m'iuil.
- 14 Bu bhlast' ar comhairl', dol le càch,
 gu h-àros Dhé nan dùl.
- 15 Sealbh gabhadh orr' am bàs gu grad,
 's gu h-ifrionn rachaid beo :
 Oir aingidheachd nan tigh do ghnàth,
 's nam builsgean ta gach lò.
- 16 Ach mise glaodham suas ri Dia,
 saoruidh Iehobhah mi.
- 17 Glaodh àrd', is ùrnaigh deanam ris,
 moch, feasgar ; 's meadhon-làith ;
 Do bheir se éisdeachd do mo ghlaodh.
- 18 M' anam do shaor an sìth,
 O'n chath 's o'n chòmhrag dh'éirich
 oir mòran leam do bhi. [rium,
- 19 Cluinnidh an Dia ta làidir beo,
 is dòrainn orra ni,
 Seadh fòs an Dia air marthuinn ta,
 's o chian nan cian do bhi :
 Is air an aobhar fòs nach bheil
 caochladh air bith nan staid,
 Eagal an Tighearn' uime sin,
 do thilg siad dhiubh air sad.

- 20 A làmh do shìn nan aghaidh sud,
 do bhi an sìth-chainnt leis :
 A chùmhnnant is a nasgadh dlùth,
 gu fealltach orra bhris.
- 21 Bu shleamhna briathra'bhéil na'n t-im,
 ach cogadh cruaidh na chridh' :
 Bu bhuiig' a chainnt na òla thlàth,
 's mar chlaidheamh rùisgt' do bhi.
- 22 Ach tilg-sa t'eallach* trom air Dia,
 se ni do chumail suas :
 Cha leig se'm feasd do'n fhìrean chìòir,
 o 'shocair féin gu'n gluais.
- 23 Ach thusa chean', a Dhia nam feart,
 a'd' chorruich cheart gu geur,
 An slochd d'am milleadh, tilgidh tu
 an aitim ud gu léir :
 Na daoine sligheach fuileachdach,
 ni mair siad leth an làith' :
 Ach annad cuiridh mis', a Dhé,
 mo dhòchas féin 's mo dhòigh.

SALM LVI.

- 1 DEAN iochd orm, oir le duine b'àill
 mo shlugadh suas, a Dhé :
 Is e gun tàmh ga m' fhoireigneadh,
 a' cogadh riùm, gach ré.
- 2 Is b'àill le m' eascairdibh gach là,
 mo shlugadh sios gun chaird' :

* uallach.

'S ro-lionmhор iad ta cogadh rium,
O thus' a Righ a's aird'.

3 An làithibh m'eagail, earbam riut.

4 An Dia ard-mholaidh mi
A bhriathar féin, is ann an Dia
mo dhòchas treun do bhi,
Ni 'n gabham gealtachd, uime sin,
's am feasd' ni h-eagal leam,
Na dh'fheudas feòl a dheanamh orm
do lochd le iomairt theann.

5 Mo bhriathra 'taid a' fiaradh fòs,
gach là mar 's toileach leo :
Chum doilgheis agus dochair dhomh,
ta 'n smuainte sin gach lò.

6 Ataid le chéil' a' cruinneachadh,
is iad 'gam folach féin,
A' feitheamh m'anma, air bhith dhoibh
a' furachras * mo chéim.

7 Gu saor an rachaid as mar sin,
le 'n eucoir mhòir gun tamh ?
A' t'fheirgse leag am pobull sios,
a Thighearna le d' làimh.

8 Mo sheachrain air an àireamh leat,
a'd' bhuidéal taisg mo dheòir :
Nach 'eil siad ann do leabhar shìos,
air chuimhne sgrìobht' gach uair ?

9 Mo naimhde rachaid air an ais,
'n trà ghaiream ort gu teann :

Is aithne dhomhsa so gu beachd,
oir Dia a ta se leam.

10 An Dia a bhriathar molaidh mi :
molam an Dia a reachd.

11 An Dia do chuireadh leam gu treuu
mo dhòchas féin gu beachd,

Is air an aobhar ud, a Dhé,
ni h-eagal idir leam

Na dh'fheudas duin' a dheanamh orm,
nach 'eil dheth féin ach fann.

12 Do bhòide ta siad orms', a Dhé :
is iocam dhuitse cliu.

13 Oir m'anam bochd gu saor o'n bhàs,
Gu gràs-mhior dh'fhuasgail thu :

Nach fuasgail thu mo chosa fòs,
gun tuisleadh dhoibh ni's mò ?

Gu'n gluaisinn ann am fianuis Dé,
an solus dhaoine beo.

SALM LVII.

1 DEAN tròcair orm, a Dhé nan gràs,
dean tròcair orm gach ré,

Oir annadsa ta m'anam truagh
a' cur a dhòigh gu léir :

Is gabhaidh mi fuidh sgàil' do sgéith
mo thearmunn is mo neart,

Gu nuig an uair an rachadar
na h-ulc ud uile thart.

2 Eighidh mi ris an Dia a's àird' :

 ri Dia ta làidir treun,

A chuireas leam gach cùis gu crìch,
 mar chi se orm-sa feum.

3 Cuiridh se neart o nèamh, do m'dhìon,
 o bheum an fhir le'r b'àill

Mo shlugadh : cuiridh Dia a mach
 'fhirinn 's a ghràs gun dàil.

4 'Ta m'anam bochd an còmhnuidh fòs
 am builsgean leòmhan garg,

Am measg na dream a'm' luidh a taim,
 air lasadh ta le feirg :

Daoine, 'g am bheil am fiacla fòs
 mar shleagh 's mar shaighde geur,

Marchlaidheamh guineach, 's amhluidh
 an teanga-san gu léir. [sin

5 Os cionn nan nèamh, Dhia tog thu féin:
 os cionn gach tìr do ghlòir.

6 Do m' cheumannaibh do ghleus siad
 chrom m'anam sios gu làr : [lìon,
Slochd romham thochail* siad, is thuit
 iad féin san t-slochd do rinn.

7 'S gleusta mo chridhe, 's gleust', a Dhé,
 dhuit canam moladh binn.

8 Mosgail mo ghlòir, 's a shaltair fòs,
 a chlàrsaich dùisg gun chàird' :

Air maduinn mosglam féin gu moch,
 is scinneam ceòl gu h-ard.

- 9 Dhia, measg a' phobuill, molam thu :
dhuit seinneam measg an t-sluaigh.
- 10 Oir t'fhìrinn is do thròcair mhòr,
gu nèamh nan neul do chaidh.
- 11 Air t'arduch' bi's, a Dhia nam feart,
os cionn àrd-néamh nan speur :
Is togar suas do ghlòir gu h-ard,
os cionn gach tìr gu léir.

SALM LVIII.

- 1 AN labhair sibhs', a choimhthionail,
do rìreadh ceart neo-chlaon ?
'S an tabhair sibhs' gu cothromach,
breith cheart, a chlann nan daoin' ?
- 2 IS ann 'ur cridhe ta sibh dealbh
mòr aingidheachd gun tàmh :
'S air talamh ta sibh tomhas fòs
foireiginн chruaidh 'ur làmh.
- 3 Luchd-uiлc o thigfid as a' bhroinn,
nan coigrich mhòir ata ;
'N trà bheirear iad, air seachran théid,
a' labhairt bhreug gach là.
- 4 An nimh mar nimh na nathrach 'ta ;
mar nathair dhruid a cluas :
- 5 Ri guth nan druidh ta eagnaiddh seòlt',
nach éisd, is fòs nach gluais.
- 6 Am fiacula bris, a Dhé nam beul :
a Thighearn' làidir thréin,

Pronn fiacula agus tuisg ro-mhòr
nan leòmhann òg gu léir.

7 Gu'n leaghadh siad a' sileadh sios,
mar uisge ruith le gleann :

'S a shaighde bris, 'n trà chuireas e
a bhogh' air lagh gu teann.

8 Mar sheilcheig bhios a leaghadh as,
gu rachaid thart' le claoidh' :

Mar thorr'chios an-abuich nam ban,
na faicid grian a chaoideh.

9 Sol mhothuicheas 'ur pota teas,
teachd orr' o dhroighnibh cròn,
Ni Dia, 's iad beo, na chorruich mhòir
'n dubh-sgrios le h-osaig dhìan.

10 Bidh aoibhneas air an fhìrean chòir,
'n tràth chi se 'n dioghaltas :

Is ann am ful luchd-aingidheachd,
nithidh se fòs a chos.

11 Deir duin' an sin, gu bheil gun cheist
deagh dhuais aig daoinibh còir :

'S gu bheil air talamh fòs, gu beachd,
na bhreitheamh ceart Dia mòr.

SALM LIX.

1 TEASAIRG, is saor mi, O mo Dhia,
o m' naimhdibh dh'éireas riùm.

2 O luchd an uilc ta fuileachdach,
dòn mis', is cuidich leam.

- 3 Feuch, 'n aghaidh m'anma luidh am
is chruinnich daoine treun : [plaid,
Ni h-ann, a Dhia, air son mo lochd,
no cron do dheanas féin.
- 4 A' ruith ataid gun chron a'm' thaobhs',
's gu h-ullamh dol air ghleus :
Chum teachd do m' fhurtachd mosgail
is toir fainear am beus. [tràth,
- 5 O Dhé nan sluagh, Dhé Israel,
mosgail 's gu fiosruicht' leat
Na Geintlich: 's na dean iochd air neach
gu h-aingidh bhris do reachd.
- 6 Air teachd do'n fheasgar pillidh siad:
a' donnalaich gu h-àrd,
Mar choin, m'an bhail' a' cuartachadh,
is amhluidh sin a taid.
- 7 Feuch, brùchdaidh siad a mach le'm
nam bilibh claidheamh geur : [beul:
Ciachean' dochluinn, no bheir fainear?
se sud is cainnt dhoibh féin.
- 8 Ach thusa, Dhia Iehobhah mhòir
do ni tu gàire fò :
Is dhuit mar aobhar fanoid fòs
bidh Geintilich gach lò.
- 9 Air son gur mòr a lùth 's a neart,
sior-fheitheam orts' a ghnàth :
Do bhrìgh gu bheil dhomh Dia nan dùl
'n a dhìdean dlù gu bràth.

- 10 Bidh Dia o'n dthig mo thròcair chaomh
dol romham air gach ceum :
'S e Dia bheirdhomhair m'eascairdibh,
mo rùn gu faiceam féin.
- 11 M'am bi mo phobull di-chuimhneach,
na marbh an aitim ud :
O Dhia ar sgiath, sgaoil iad le d' neart,
is leag gu h-ìosal fùd.
- 12 Fa lochd an teang', is cainnt aní béis,
nan ardan glacar iad :
Fa chùis nam mallachd, is nam breug
do labhradar os aird'.
- 3 Sgrios iad a' t'feirg, sgrios iad gu tur,
chum iad a dhol air dhìth :
Tuigfid gur Righ an Iacob Dia,
gu h-iomall crìch gach tìr.
- 4 'S air teachid do'n fheasgar pilleadh iad,
a' donnalaich gu h-ard,
Mar choinn, m'an bhail' a' cuartachadh,
is amhluidh bitheadh siad.
- 5 Ag iarruidh bìdh gu seachranach,
's gu luaimhneach ann an teinn ;
A' deanamh gearain anns an oidhch',
mur bi an sàth nam broinn.
- 6 Ach mise molar leam do neart ;
gu moch a' seinn do glràis,
Air son gur tu mo thearmunn treun,
's mo dhaingneach féin 's gach càs.

- 17** 'S tu féin mo neart, dhuit canam fonn,
 's e Dia mo dhìdean treun :
 'S e 'n Dia sin féin rinn tròcair orm,
 's a chuidich leam a'm' fheum.

SALM LX.

- 1** Do thilg tu sinne uait, a Dhé,
 do sgaoil tu sinii air fad,
 Do bhi tu ruinn an corruich ghéir ;
 pill ruinn thu féin gu grad.
- 2** Chuir tus' an talamh trom air chrith ;
 is fòs do bhriseas e :
 Slànuich a bhriseadh, oir gu beachd,
 air criothnachadh ta se.
- 3** Do thaisbein tusa nithe cruaidh
 Do'n t-sluagh a's leat le còir :
 Fion buaireasach chuir uamhunn
 thug tusa dhùinn r'a òl. [oirnn',
- 4** Do thug tu bratach ard, a Dhé,
 do'n dream d'an eagal thu :
 Do chum gu sgaoilteadh sud a mach,
 bhrìgh firinn duit le cliu.
- 5** O dhaoirse chum gu saorar leat
 do phobull ionmhuinn féin :
 Eisd rium, is slànuich mi gu grad
 le d' dheas-laimh làidir threun.
- 6** Do labhair Dia na naomhachd féin,
 bidh aoibhneas orm nach gann :

Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Sucot toimhsear* leam.

7 'S leam Gilead le dlighe cheart,
Manaseh 's leam gu beachd,
'S i treubh Ephràim neart mo chinn,
bheir Iudah mach mo reachd.

8 Ta Moab na pot' ionnlaid dhomh,
tilgeaim thar Edom ruaidh
Mo bhròg: is deanam caithreim binn
thar Palestin le buaidh.

9 Cia bheir do n' chathair dhaingein mi?
's gu Edom bheir gu ceart?

10 Nach tus' a Dhia, le'r thréigeadh sinn,
's nach deachaidh mach le'r feachd?

11 Othrioblaid tabhair còmhnhadh dhùinn,
oir 's dìomhain furtachd dhaoin'.

12 Trid Dhia do ni sinn treubhantas:
's e shaltras naimhde fuidhn'.

SALM LXI.

1 RE glaodh mo ghearin éisd, a Dhé:
is m'urnaigh toir fainear.

2 O iomal talmhainn éigheam riut,
's mo chridhe trom fuidh smal:
Dhia, 'treòruich chum na cairge mi
a's airde na mi féin.

3 Bu tearmunn thu, 's bu chaisteal domh
o m' eascairdibh gu léir.

- 4 A'd' phubull naomha ni mi tàmh,
gach aimsir is gach tràth :
Mo dhòigh fuidh dhùbhar sgàil do sgé,
cuiridh mi féin gu blàth.
- 5 Oir chuala tus', mo bhòide fòs,
's an gealladh do rinn mi :
Oighreachd na muinntir thug tu
d'an eagal t'ainms', a Dhé. [dhomh]
- 6 Buan-shaoghal agus aimsir chian
bheir tus', a Dhia, do'n Righ :
Mar iomadh ginealach is linn,
a bhliadhnaidh-san do ni.
- 7 Mairidh se buan am fianais Dé,
gu bunaiteach 's gu bràth :
Tròcair is firinn deasuich dha,
d'a choimhead-san gach tràth.
- 8 Mar sin gu siorruidh seinneam cliu
do t'aium ta uasal ard,
Mo bhòide naomh' gu'n diolam riut,
o là gu là gun chaird'.

SALM LXII.

- 1 LE foighidin ta m'anam bochd
feitheamh air Dia gu beachd :
'S ann uaidh' ta furtachd agus fòir
orm air gach taobh a' teachd.
- 2 Se mhàin is carraig dhìdein dhomhlí,
is m'fhurtachd e ro-dheas :

Mo thearmunn dìleas e faraon,
gu mòr ni 'n gluaisear mis.

3 C'fhad dhealbhar aimhleas leibh do
làn-mharbharsibh gu beachd, [neach?
Mar bhall' air chrith, 's mar ghàradh
'ta leagadh oirbh a' teachd. [dh'aom,

4 O onoir ard d'a thilgeadh sìos,
ta 'n comhairl' mhàin a' ruith,
Si's miann leo breug : beannachd nam
ach mallachd an taobh stigh. [beul,

5 O m'anam feith gu foighidneach
ri Dia a mhàin mar chleachd :
Oir ann-san ta mo mhuinghin threun,
's mo dhòchas féin gu beachd.

6 Se mhàin is carraig dhileas dhomh,
's e mhàin mo shlàinte dheas :
Mo thearmunn daingean e faraon,
mar sin ni 'n gluaisear mis'.

7 Mo shlàinte ta 's mo ghlòir an Dia,
ris earbam féin do ghnàth :
Carraig mo neart, 's mo thearmunn
's e Dia, gu buan 's gu bràth. [treun,

8 O phobull, cuiribh ann an Dia
bhur dòchas anns gach àm,
'N a fhianuis dòirtibh mach 'ur cridh':
's e Dia ar tearmunn ann.

9 'S ni dìomhan ðaoine beag gu fior,
ta ðaoine mòr nam breug :

Air meadh ri'n tomhas, 's eu-truim' iad
na diòmhanas fa chieud.

- 10 Na h-earb a fòirneart, 's na dean uaill
a reubainn no droch-bheart :
Na socruich fòs do chridh' air stòr,
'n trà' chinneas saibhreas leat.

- 11 Do labhair Dia aon uair a mach :
sud chualas uair no dhà,
Gur leis an Dia ta cumhachdach
treis' agus neart gach là.

- 12 Tròcair, a Thighearnu', buinidh dhuit,
is gràsa mòr faraon :
Oir bhier tu réir an gnìomhara,
a luigheachd do gach aon.

SALM LXIII.

- 1 O DHIA, is tu mo Dhia, gu moch
do iarram thu gach là;
Ro-thartmhòr a ta m'anam bochd,
an geall ort séin do ghnà';
'Ta miann, is còcras mòr air m'fheoil,
an geall ort séin gach àm,
An tìr ro-thioram, thartmhòr' theith,
gun uisg air bith bhi ann.

- 2 Do chumhachd chum gu faiceadh mi,
's do ghlòir a ta ro-chaomh ;
A réir mar chunncas roimhe thu,
le cliu a' t'àros naomh.

- 3 Air son gur fearr na beatha fòs
 do chaoimhneas gràdhach caoin :
 Ard-mholadh dhuit le h-ioma cliu
 mo bhile bheir faraon.
- 4 Mar sin an cian do bhitheam beo,
 beannuicheam thu do ghnàth :
 Is ann do naomh-ainms' togam suas
 mo làmlan riut gach tràth.
- 5 Sàsuichear m'anam mar le smior,
 's le saill ro-reamhar réidh :
 Is bheir mo bheul 's mo bhile dhuit
 àrd-mholadh ait, a Dhé :
- 6 'N tràth ni mi air mo leabaidh fòs,
 do chuimhneachadh le tlachd,
 'S an àm na faire smuaineam ort,
 aig dol do'n oidhche thart'.
- 7 Air son gur tu b'fhear-cuidich leam,
 a Thighearn' is a Dhé :
 Bidh aoibhneas agus aiteas orm,
 fuidh dhubhar sgàil' do sgéith.
- 8 'Ta m'anam leantuinn ort gu dlùth :
 do dheas-làmh chum mi suas.
- 9 Luchd iarruidh m'anam bochd d'a
 do rachaid sios do'n uaigh. [sgrios,
- 10 Le faobhar claidheimh agus arm,
 sios tuitidh siad gu lèr :
 Mar chuibrionn do na sionnachaibh
 do nithear iad le tàir.

11 Ach aoibhneach bidh an Righ an Dia :
 na lùghas e* gun bheud
 Do ni siad uaill : ach druidear beul
 gach ti do labhras breug.

SALM LXIV.

1 'N TRATH dheanam urnaigh riuts, a
 éisd ri mo ghuth gu luath : [Dhé,
 O eagal nàmhaid coimhid fòs,
 gu tèaruint' m'anam truagh.

2 O chomhairl' dhìomhair dhaoine daoí,
 o ionnsuidh gharbh faraon
 Luchd deant' an uilc is aingidheachd,
 cuir folach orm gu caoin.

3 An teanga féin do gheuraich siad,
 mar chlaidheamh guineach geur ;
 Ta 'm bogh' air lagh, 'san saighde deas,
 siad briathra searbh am béis.

4 Gu'n caitheadh siad an diòmhaireachd
 an neach sin foirfe ta :
 Gu h-obann 'taid 'ga chaitheamh fòs,
 eagal nior ghabh no sgà'.

5 A' gabhail misneich taid san olc,
 gu h-uaigneach cainnt le chéil'
 Mu leagadh lìon : is iad ag ràdh,
 Cia chi, no cia d'an léir ?

6 Na h-uilc do raunnsuich siad a mach,
 do choimhlion sgrùdadh mion,

An rùn a stigh 's ro-dhomhain e,
 's an cridhe 'ta mar sin.

7 Ach saighid caithidh orra Dia,
 bhios guineach agus geur;

Grad-bhuailear agus lotar iad,
 'g an gortuchadh gu léir.

8 Mar sin do bheirid orra féin
 toradh an teang' gu grad:

Gach uile neach d'an léir an dòigh,
 teicheadar uath' am fad.

9 Mòr-eagal bithidh air gach neach,
 is nochdfuid obair Dhé:

Oir bheireann siad gu glic fainear
 an gnìomh ud do rinn se.

10 Ni 'm firean aoibhneas mòr an Dia,
 a' cur a dhòchais ann:

'S gach neach 'g am bheil an cridhe
 ni'd gàirdeachas nach gann. [ceart,

SALM LXV.

1 'T a ann an Sion feitheamh ort
 moladh, a Dhé, gun dìth:

'S ann duit a dhìolar fòs gu pailt'
 a' mhòid mar gheallar i.

2 O thus' a dh'éisdeas urnaigh glan,
 's ann chugad thig gach aon.

3 Mo sheachrain taid an uachdar orm:
 glan thus' ar peacaidh uainn'.

- 4 'S beannuicht an duine sin a chaoidh'
 do thaghar leatsa, Dhé,
 'S a bheir tu fòs am fagus duit,
 a'd' chùirt gu 'n còmhnuich'nn se :
 Sàsuichear sinn le maitheas mòr
 do thigh, 's do theampuill naomh.
- 5 Le nithibh uabhasach, bheir dhuinn,
 a'd' cheartas, freagradh caomh :
 A Dhia ar slàinte, 's tu gu dearbh,
 làn-dòchas crìch gach tìr',
 'S na bheil san fhairge fada uainn',
 an dòchas 's tu do shior.
- 6 Le 'neart-san shocruich sléibhte mòr,
 e criosruicht' fòs le treis',
- 7 Do choisgearfuaimneach mar', istuinn,
 is bruidhean dhaoine leis.
- 8 Na daoine ta an còmhnuidh thall,
 's na tìribh fad a mach,
 'Na uamhunn orra ta gu mòr
 do chomhar' mìorbhùileach :
 Do bheireann tu air dol a mach
 na maidne gach aon la,
 'S air dol an fheasgair mar an ceudn',
 bhi aoibhinn ait do gnàth.
- 9 An talamh ta tu fiosrachadh,
 's 'ga uisgeachadh gu réidh :
 Le abhainn Dé ta làn do'n uisg',
 trom beartach ni tu e :

Dhoibh arbhar ta tu deasuchadh,
a' freasdal da mar sin.

10 'S ag uisgeachadh le pailteas mòr,
na h-iomairean gu mion :

A sgrioban leigidh tusa sios,
le frois 'ga dheanamh tais,
A chinneas agus 'f hochann fòs,
'g ain beannachadh le mais'.

11 M'an bhliadhna coron 'ta tu cur,
le'd mhaitheas féin, a Dhé ;
'Ta saill a' sileadh anns gach àit',
o d' cheumannaibh gu réidh.

12 Air cluainibh glas an fhàsuich luim,
do shileann siad* gu mion ;
Na tulaich bheag', gach taobh a tàid
lan aoibhneis agus gean.

13 Na cluaine air an sgeuduchadh
le treudaibh : ta na glinn
Le h-arbhar air am folach fòs :
gàir' aoibhneis ac' 'ga sheinn.

SALM LXVI.

1 TOGAIBH, gach uile thìr, gu-àrd,
iolach do Dhia nan dùl.

2 D'a ainm ro-uasal seinnibh glòir :
a' tabhairt dha-san cliu.

3 Abraibh ri Dia, Cia h-uamhasach
gach beart do nithear leat ?

* silidh siad sios.

Oir géillidh dhuit do naimhde borb,
air son gur mòr do neart.

4 Sleuchdaidh gach uile thalamh dhuit,
ag iomradh ort gu binn :

Do t'ainm ro-uasal iongantach
ni'd moladh mòr a sheinn.

5 Thigibh an so is amhaircibh
air oibribh Dé gu geur :

'Tà uamhasach na ghnìomharaibh
air chloinn nan daoin' gu léir.

6 Mar thalamh tioram rinn se'n cuan :
is trìd an t-sruth bu luath

Chaidh daoin' d'an cois. An sin do bhi
· sinn annsan ait le buaidh.

7 Le'threun-neartriaghluidh sea chaoidh,
d'a shùilibh-san is léir

Na Geintilich ; 's na h-àrd-ducheadh
luchd-easaontais iad féin.

8 O dhaoine, beannuichibh ar Dia,
ard-mholaibhs' e gun chlos.

9 Se chum ar n-anan beo, se bheir
nach corruichear ar cos.

10 Mar airgiod leaghta ghlan tu sinn :
's tu dh'fhidir sinn, a Dhé.

11 Chuir umainn lòn : ar leasraidh chuir
fuidh dhòrainn is fuidh phéin.

12 Thug tu air daoinibh marcachd oirnn',
trid tein', is uisg' do chaidh ;

A rìs gu h-ionad saibhir réidh,
do thug tu sinn le buaidh.

- 13 Racham do d' thigh le ofrail loisgt' :
dhuit coimhlionam mo bhòid,
14 Do ghealladh leam le fosgladh béis,
'n tràth bhi mi 'n éigin mhòir.

15 Do'n eallach* reamhar ìobairt loisgt,
le tùis is saill nan reith' ;
Ofrail nam bò, 's nan gabhar fòs
do bheiream dhuit fa leth.

- 16 Thigibh, is éisdibh so, gach neach
air am bheil eagal Dé,
Gach maith do rinn air m'anam bochd,
sud aithriseam gu réidh.

17 Do ghlaodhas ris gu h-ard le m'bheul :
le m' theangaidh dh'àrd-ruich' e.

- 18 A'm' chridh'd'an tiubhraiinn spéis do'n
cha 'n éisd an Tighearn' mi. [olc,

19 Gu dearbh dh'éisd Dia rium : thug fai-
guth m'urnaigh Righ nan dùl. [near

- 20 Moladh do Dha, nar cheil a ghràs,
's mo gliuidh' nior chuir air cùl.

SALM LXVII.

1 GU'N deanadh Diamòr-thròcair oirnn',
's ar beannachadh do ghnàth :
Is togadh se gu gràs-mhor oirnn'
dealradh a ghnùis gu bràth.

* fheudail.

- 2 Chum fios do shlighe bhi gu fior
air fad gach tìr' gu seth ;
Is iomradh air do chabhair chaoimh
measg fineacha fa leth.
- 3 Moladh am pobull thus', a Dhé :
moladh gach pobull thu.
- 4 Biodh gàirdeachas air fineachaibh,
gu h-ait a' seinn do chliu :
Oirceart-bhreth bheir tu air ant-sluagh,
riaghluidh air talamh iad.
- 5 Moladh gach pobull thus', a Dhé :
moladh iad thu 's gach àit'.
- 6 'N sin bheir gach talamh is gach fonn
deagh thoradh trom gu pait' :
Is cuiridh Dia ar Tighearn' oirnn'
a bheannachadh gun airc.
- 7 Ni Dia ar beannachadh gun cheist,
's bidh 'eagal-san gu fior
Air gach aon neach a dh'àiticheas
fad iomall crìch gach tìr.

- 1 EIREADH ar Dia, is sgaoilear leis
an dream a's naimhde dha' :
'S an aitim sin thug dhasan fuath,
teicheadh o 'ghnùis gach là. [iad :
- 2 Mar dh'fhuad'chear deattach, fuaduich
mar leaghas teine céir,

Mar sin gu sgriosar droch-dhaoin' as,
a fiadhnais Dé gu léir.

- 3 Ach gairdeachas air daoinibh còir,
is aoibhneas gu'n robh ac',
Am fianuis Dhé, le luathghair mhòir,
biodh suilbhír agus ait.
- 4 Seinnibh do Dhia, sìor-mholaibh 'ainm :
arduichibh Dia a ta
Marcachd air nèamh, trid 'ainm-sin
bibh ait na làth'r a ghnà'. [IAH,
- 5 Do dhìlleachdaibh is athair Dia,
do bhantrachaibh gun neart
Ta se an tigh a naomhachd féin,
na bhreitheamh cothrom ceart.
- 6 Is cuiridh se an teaghlaichibh
an dream ta uaigneach truagh :
Is saoruidh se gu tròcaireach
na bheil fuidh chuibhreach chruaidh;
Ach dream a bhios gu h-eacorach,
ri ceannaire is ri lochd,
Do ni siad còmhnuidlì bhunaiteach
am fearann tioram bochd.
- 7 Air dol duit roimh do dhaoin', a Dhé,
aig siubhal fàsaich chruaidh ;
- 8 Chriothnuich an talamh, shil na spéir,
an làthair Dhé nan sluagh :
Sliabh Sinai féin ta daingean ard,
do chriothnuich se gu mòr,

An làthair Dhé, Dé Israel,
ta urramach an glòir.

- 9** Do shil tu, Thighearna gu pailt
fearthuin* a nuas gun dìth :
Le'r shocruich is le'r dh'fhurtaich tu
air t'oighreachd, is i sgìth.

- 10** Do bhi do choimhthional 's do shluagh
nan còmhnuidh innt' : a Dhé,
Do d' mhaitheas rinn tu deasuchadh
do d' dhaoinibh bochda féin.

- 11** An Tighearn a ta làidir treun,
do leig se 'ghuth a mach,
'S a' chuideachd ud do fhoillsich e,
bhid lìonmhòr iomarcach.

- 12** Righre nan armailte 's nam feachd,
an sin gu grad do theich :
'S am bantrachd aig a' bhaile dh'fhan,
do bhid a' roinn na creich.

- 13** Measg phota luidh sibh, ach bidh sibh
mar sgiath' nan colman luath,
Foluicht' le h-airgiod, is aii cleit'
le h-òr a's deirge snuadh.

- 14** 'N tràth sgaoil Dia uile-chumhachdach
na righre innt' a steach,
Do bhi si geal mar Shalmon àrd,
's i uile làn do shneachd.

- 15** An sliabh ud, Dé, is cosmhuil e
ri Basan measg nam beann,

Mar Bhasan mòr is amhluidh e,
gu h-ard do thog a cheann.

16 Creud as far leum sibh, bheannta ard ?
's e so ard-thulach Dé,
Am miann leis tàmh, is bithidh se
na chòmhnuidh ann gach ré.

17 'Taid carbaid Dhé nam fichead mìl',
mìlte do ainglibh treun :
Na theampull naomh ta Dia nam measg,
ionann 's na Shinai féin.

18 Is chaith tu suas air ionad ard,
thug bruid am braighdeanas,
Do dhaoinibh fhuair tu tìodhlaice,
le'n dean tu toirbheartas :
'S ann cheana fòs do'n mhuinntir ud
ro-cheannairceach ata,
Do chum gu 'm biodh Iehobhah Dia
an còmhnuidh ac' do ghnàth.

19 Dia gu ma beannuicht' gu'n robh e,
ta dòrtadh oirnn' gach lò
A thiodhlaice, 's e Dia ar slàint',
an Dia do chum sinn beo.

20 Is leinn an Dia ta làidir treun,
ni cabhair anns gach càs :
Do Dhia Iehobhah buinidh fòs
làn teasairginn o'n bhàs.

21 Ach ceann a naimhde brisidh Dia :
is clraigionn greannach cruaidh

- An ti do imicheas gu dàn'
 na chionta féin gach uair.
- 22 Deir Dia, do bheiream air an ais
 mo shluagh o Bhàsan ard,
 'S a rìs o dhoimhneachd fairge fòs,
 do bheiream iad gun chàird.
- 23 Chum ann am fuil do naimhde dian,
 do chos gu'n deanta dearg,
 'S gu'n tumta fòs nam fuil-san féin
 teanga do mhadradh garg.
- 24 Do thriall-sa chunnaic iad, a Dhé,
 a Thighearna ro-chaoimh,
 'S e triall mo Thighearna 's mo Righ,
 's ann anns an àros naomh.
- 25 Luchd-òrain dh'imich siad air thùs',
 luchd-inneil ciuil a rìs;
 Nam measg a' bualadh tàbuir fòs,
 na maighdeana do bhi'd.
- 26 Deanuibhse Dia a bheannachadh,
 'n'ur coimhthional le chéil',
 Eadhon Iehobhah Dia nam feart,
 o thobar Israeil.
- 27 Beniamin beag le 'n triath an sud,
 bhi prionnsaidh Iudah ann,
 Le'n comhairl', prionnsaidh Naphtali,
 is prionnsaidh Shebuluin.
- 28 Do Dhia se dh'àithn is dh'orduich
 do neart agus do threòdir; [dhuit

An gnìomh do rinn tu air ar son,
neartuich, a Dhé na glòir'.

29 Air son do theampuill naomh', a Dhé,
bhi aig Ierusalem,
Do bheir na Righre ta fa'n cuairt
deagh thiodhlaice dhuit féin.

30 Toir achmhasan do luchd nan sleagh,
's do chuideachd mhòir nan tarbh,
Da laoghaibh fòs a' phobuill ud,
toir achmhasan gu garbh,
Gu nuig le pìsibh airgid duit
gu'n géilleadh siad fo d' smachd :
Sgaoil thus' am pobull ud, a Dhé,
do ghabh do'n chogadh tlachd.

31 Thig prionnsaidh mòr' o'n Eipt a
's ni Etiopia [mach,
A làmh do shìneadh mach gu luath
suas ris an Righ ar Dia.

32 O Rìoghachda na cruinne-cé,
seinnibh do Dhia gu grinn :
Do'n Dia a's Righ 's as Tighearn' ann,
dha seinnibh moladh binn.

33 Do'n mharcach ard air nèamh nan
bhi ann o'n aimsir chéin : [nèamh,
Feuch, 'ta se cur a mach a ghuth,
a ghuth ta làidir treun.

34 Siòr-thugaibh neart do Dhia : oir ta
a ghlòir than Israel,

'S a threis' a ta sna nèamhaibh ard,
 's an neulaibh tiugh nan speur.

35 O d' naomh-thigh 's uamhunn thus' a
 Dia Israeil gu beachd, [Dhé :
 D'a phobull bheir se neart is treoir :
 's beannuichte Dia nam feart.

SALM LXIX.

- 1** O TEASAIRG mis', a Dhé mo neart,
 oir dhòirt na tuilte orm,
 Is thàinig fòs air m'anam bochd
 na h-uisgeacha le toirm.
- 2** An làthaich dhomhain ta mi 'n sàs,
 gun àit' an seasainn ann :
 Le h-uisgibh domhain ghlacadh mi,
 is sruth dol thar mo cheann.
- 3** Taim sgìth le m' ghlaodhaich ; agus ta
 mo scornan loisgt' le tart :
 Mo shùile ta air faillneachadh,
 feitheamh air Dia nam feart. [fhuath
- 4** 'S lìonmhoir' na folt mo chinn, luchdm'
 gun chùis ; le'r b'àill mo chlaoïdh,
 Air bhith dhoibh dhomh gu h-eacorach
 nan naimhdibh treun gach laoi :
 An sin an ni nach d'thug mi leam,
 dh'aisig mi uam gu beachd.
- 5** Dhia, 's fiosrach thu air m'amaideachd,
 ni m' foluicht' ort mo lochd.

6 Nàir air mo sgàths', a Dhé na leig,

O Thighearna nan slògh,

Air neach air bith do'n aitim ud

'ta feitheamh ort gach lò:

An dream ud, O Dhia Israel,

do iarras thu gu seth,

Na leig-sa orra nàir' a chaoidh,

no masladh as mo leth.

7 Oir dh'fhuilngeas masladh air do sgàth :

lionadh mo ghnùis le nàir'.

8 Do m' bhràthraibh is fear coigreach mi,
coimheach aig cloinn mo mhàth'r.

9 Le eud do thighs' do shluigeadh mi :

meud 's a bheir masladh dhuit,

'S ann orms an spreigeadh* sud gu léir
gu leth-tromach do thuit.

0 'N tra rinn mi gul, m'anam do throisg,
do mhasluich iad mo ghnìomh.

1 'N tra chuir mi umam eudach saic,
ball-magaidh rinneadh dhìom.

2 An dream do shuidheas anns a' gheat',
's cùis chòmhraidh dhoibhsin mi :

Is aig luchd-misg ri àm am pòit',
a' m' òran dhoibh do bhi.

3 Ach mis', ta m' ùrnaigh riuts, a Dhé,
an uair a's taitneach leat :

Eisd rium, a Dhé, tre meud do ghràis,
le d' chabhair fhìor gu ceart.

- 14 O'n làthaich saor-sa mis', a Dhé,
 chum fuidh nach rachuinn sìos :
 O luchd mo mhi-ruin teasairg mi,
 's o dhoimhneachd uisg' a nìos.
- 15 Na rachadh tharam tuilteach uisg',
 na sluigeadh doimhneachd mi,
 An slochd na druideadh orms' a bheul,
 gu h-iomlan chum mo chlaoïdh'.
- 16 Eisdrium, a Dhia, oir 'smaith do ghràs:
 pill rium a' d' thròcair phaitt'.
- 17 Do ghnùis na ceil air t'òglach féin,
 eisd rium gu luath : 's mi 'n airc.
- 18 Ri m'anam druid, is fuasgail e :
 bhrìgh m'eascaird', dean mo dhìon.
- 19 Mo mhasladh' m'eas-onoir, 's mo nàir',
 's mo naimhde 's léir dhuit féin.
- 20 Le toibheum ta mo chridhe brist' :
 is mi gu h-iarganach :
 Dh'iarr mi luchd truais is co-fhurtachd
 is diubh ni'n d'fhuaras neach.
- 21 Mar bhiadh do thug siad domblas dhomh
 chosg m'iotadh thug fion-geur.
- 22 Mar ghaoist' gu robh am bòrd : 's mar
 an soirbheas sud gu léir. [rib,
- 23 Gun léirsinn fàg an sùil' : do ghnàth
 an leasraidh' cuir air chrith.
- 24 Dòirt t'fhearg a mach, 's le d' chorruich
 glac iad gach uair sam bith. [ghéir,

- 25 Mar fhàsach biodh gun àiteach' ann
 an ionad tàimh 's an teach,
 Is ann am pàilliunaibh faraon,
 na deanadh còmhnuidh neach.
- 26 Oir leanadar le foireigneadh
 an ti do bhuaileadh leat ;
 Is labhradar chum doilgheis mhòir,
 do'n dream a rinn tu lot.
- 27 Cuir ciont' ri'n aingidheachd, 's na leig
 a'd' cheartas iad a steach.
- 28 As leabhar fòs nam beo gu tur
 sgriosar iad sud a mach,
 Is maille ris na fireanaibh
 a bhuineas duit gun cheist,
 Is ann an àireamh dhaoine còir
 na sgrìobhar iad am feasd'.
- 29 Ach mise 'taim gu h-ainnis bochd,
 is làn do bhròn faraon :
 Togadh do shlàint-sa mis' an àird',
 a Dhé gu gràs-mhor caoin.
- 30 Le h-òran binn sior-mholaidh mi
 deagh-ainm mo Dhé gun chaird',
 'S a chliu-san féin sior-thogar leam,
 le buidheachas gu h-àrd.
- 31 'S fearr leis an Tighearn' sud gu mò
 na damh ta adharcach,
 No ìobairt fòs do bheireadh neach,
 do bhiorach croghanach.

- 32 Na daoine sèimh do chi siad so,
 's bid aoibhneach ait gu leòr :
 Is bidh 'ur cridh-sa beo gu bràth
 'ta 'g iarraidh Dhia na glòir'.
- 33 Ri bochdaibh éisdidh Dia, 's cha dean
 tàir air a phriosunaich.
- 34 Nèamh, muir, is tìr, gu molaid e,
 's gach ni ta gluasadach.
- 35 Oir bailte Iudah togaidh Dia,
 is saorar Sion leis,
 Do chum gu mealfaid i gu buan,
 'g a h-àiteachadh am feasd'.
- 36 Do shliochd a sheirbhiseach gu fior,
 sealbh dhileas dhoibh-san i :
 'S an dream do thug d'a ainm-san
 sior-chòmhnuidh innt' do ni. [gràdh,

- 1 ИЕНОВНАН Dhia, do m' theasairginn,
 's do m' chòmhnuadh, deifrich ort.
- 2 Biodh nàir' is amhluadh air an dream
 'ta 'g iarraidh m'anam bochd :
 Pillear an dream ud air an ais,
 mo lochd ta 'g iarraidh ghnà',
 Mòr-amhluadh gu robh orra sud,
 is ruidheadh gruaидh gach là.
- 3 Gum pillear iadsan air an ais',
 mar thuarasdal d an nàir',

An dream a deir gu fanoideach,
Aha, aha, le tàir.

- 4 Aoibhneas is aidheir do gach neach
ga d'iarraidh féin a' ta :
Is abradh siad le'r toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr, do ghnà'.

- 5 Ach mis' a taim gu h-ainnis bochd,
do m'ionnsuidh greas, a Dhia :
M'fhear-cuidich thu, 's mo shlanuigh
moille na dean, mo Thriath. [ear ;

SALM LXXI.

- 1 'S ANN riut a taim ag earbs', a Dhé,
nàir' orm am feasd' na biodh.
- 2 A'd' cheartas fòir ; toir orm dol as :
aom rium do chluas, saor mi.
- 3 A'd' charraig còmhnuidh bi-sa dhomh,
d'an tàthuichead do shìor :
Mo chaisteal, is mo dhaingneach thu,
thug àithne chum mo dhòn.
- 4 As làimh nan aingidh, O mo Dhia,
dean fuasgladh dhomh a'm' chruas,
As làimh na muinntir eucoraich,
ta an-iochdmhor gun truas.
- 5 Air son gur tus', a Thighearn Dhia,
mo dhòchas ann am fheum :
O aois is aimsir m'òige 'nuas,
mo mhuinghinn thu ro-threun.

- 6 'S ann leatsa chumadh mise suas,
o thàin'geas as a' bhroinn :
As bolg mo mhàthar bhuin tu mi,
sior-mholam thu gu binn.
- 7 Mar aobhar iongantais, a Dhé.
aig mòran do bhith mi ;
Ach 's tus' a's tearmunn dìleas domh,
's mo spionnadh mòr gun dìth.
- 8 Gu'n lìonar le do chliu mo bheul,
's le t'onoir féin gach lò.
- 9 Na tilg mi dhìot a'm' aois : 's na tréig,
'n trà' dh'fhàillnicheas mo threòir.
- 10 Oir m'aghaidh meud 's is naimhde
labhruid gu sgaiteach geur : [dhomh
ghabh comhairle le chéil',
- 11 Ag ràdh, Do thréigeadh e le Dia :
leanaibh e nis gu teann,
Is glacaibh, oir d'a theasairginn
ni bheil neach idir ann.
- 12 A Dhé, na bi-sa fada uam :
fòir orm, mo Dhia, gu luath.
- 13 Biodh nàir', is claoidh' air m'eas-caird-
'g am bheil air m'anam fuath : [ibh,
Masladh is nàir' da'm folach sud,
'ta 'g iarraidh m'uile gach lò.
- 14 Sìor-earbam riut, is seinnidh mi
do chliu ni 's mò 's ni 's mò.

- 15 Labhraidh mo bheul airt'fhìreantachd,
 's do shlàint' gach là gun sgìos ;
 An àireamh sud aig lìonmhoireachd,
 ni fheudar leam chur sìos.
- 16 Trid neart an Tighearna mo Dhia,
 fòs gluaisidh mi do ghnàth :
 Is ni mi sgeul air t'fhìreantachd,
 t'fhìreantachd féin a mhàin.
- 17 O m'òige rinn tu teagasg dhomh,
 a Thighearn' is a Dhé :
 Is chuir mi t'oibre iongantach,
 gu nuige so an céill.
- 18 Air bith dhomh nis gu aosmhòr liath,,
 na tréig mi, Dhia nam feart :
 Gu'n taisbeanainn do neart's do threis'
 do'n àl a't'ann, 's ri teachd.
- 19 'S ro-ard do cheartas féin, a Dhé,
 do rinn tu bearta mòr :
 O Dhia, cia e a's cosmuil riut,
 no choimeas leat is còir ?
- 20 Trioblaid ro-mhòr is an-shocair,
 's tu thaisbein dhomh, a Dhé ;
 Ath-bheothaichidh, is bheir tu rìs
 o dhoimhneachd talmhainn mi.
- 21 Mo mhòrachd cuiridh tus' am meud,
 's bheir sòlas air gach leth.
- 22 Air saltair molam thu, mo Dhia,
 seadh t'fhìrinn féin gu seth :

Isseinneam dhuit air chlàrsaich bhinn,
 · Dhia naomh' ud Israeil.

23 Mo bhive ni mòr-ghairdeachas,
 'n tra sheinneam dhuit le m' bheul :
 Bidh subhachas is aoibhneas mòr
 air m'anam féin, a Dhé,
 Do shaoradh leat gu tròcaireach,
 o 'thrioblaidibh gu léir.

24 Is bidh mo theang' air t'fhìreantachd
 ag iomradh feadh an là :
 Oir nàir' is amhluadh fhuair aii dream
 'g iarraidh mo lochd a ta.

SALM LXXII.

1 DHIA, thoir do bhreitheanas do'n Righ,
 is t'fhìreantachd d'a mhac.

2 Dobheir se ceart-bhreith air do shluagh,
 's do d' bhochdaibh còir nan airc.

3 Na sléibhte ard do bheir a mach
 sìth-chainnt do'n t-sluagh fa leth :
 'S na tulaich bheaga, bheirid sìth,
 le fireantachd gu seth.

4 Air dhaoinibh bochd a' phobuill fòs,
 do bheir se breith gu ceart ;

Is clann nan ainnis saoruidh se,
 mìn-bhrisidh luchd fòirneart.

5 Am feadh bhios grian is gealach aii,
 freasdal do'n là 's do 'n oidhch',

Bidh t'eagal orrasan gu mòr,
o linn gu linn a chaoidh.

6 Mar fhearthuin * air an fheur bhios
's amhluidh do thig se 'nuas:[buaint',
Mar fhrasachd dh'uisgicheas am fonn,
is amhluidh sin a ghràs.

7 R'a linn-san bidh na fireana
gu h-ùr a' fàs le blàth :
'S am feadh a bhios a' ghealach ann,
bidh sìth-chainnt pailt' do ghnàth.

8 Bidh uachdranachd aig' mar an ceudn'
o thuinn gu tuinn gu sìor,
Is ruigidh sud o'n abhainn mhòir,
gu h-iomall crìch gach tìr.

9 Luchd-còmhnuidh fòs an fhàsaich chru-
na fhianuis sleuchdaidh dha : [aidh,
A naimhde bithidh mar an ceudn'
ag imlich ùir gach là.

10 Righre Tharsis, 's nan eilean fòs,
tiodhlaice bheir siad uath',
Bheir righre Sheba, Seba fòs,
tabhartais dha gu luath.

11 Seadh, fòs na fhianuis sleuchdaidh sìos
gach righ air talamh ta :
'S gach ginealach air feadh gach tìr,
dha seirbhis ni do ghnàth.

12 An t-ainnis bochd gun chuideachadh,
saoruidh tra éigheas ris.

- 13 'S ni acarachd ri truaghan bochd,
is dìonar 'anain leis.
- 14 'S e theasairgeas an anam fòs
o fheill 's o fhòirneart geur :
Is ann a shùilibh-san gun cheist,
's prìseil am fuil gu léir.
- 15 Bithidh se beo gu marannach,
òr Sheba bheirear dha :
Gnà'-urnaigh nithear air a shon,
is molar e gach là.
- 16 San talamh cuirear dorlach sìl,
air bharr nan sliabh 's nam beann ;
'S bithidh a thoradh trom air chrith,
mar Lebanon nan crann :

'S an dream a ta sa' chathair mhòir,
bidh toradh orr' is blàth,
Gu lìonmhòr mar is dual do'n fheur,
air talainli fàs ata.
- 17 Bidh 'ainm-san buan gu suthain sior :
co mhairionn ris a' ghréin ;
Is ann-san beannuichead gach slògh ;
's beannuichead leo e féin.
- 18 Beannuicht' gu robh an Tighearn' Dia,
Dia Israel do ghnàth,
An ti a mhàin ni mìorbhuile
le treis' is neart a làimh.
- 19 Beannuicht' gu robh gu siorruidh buan
'ainm glormhor uasal féin :

Lìonadh a ghlòir gach uile thìr !
Amen, agus Amen !

SALM LXXIII.

- 1 Gu firinneach ta Dia ro-mhaith
do phobull Israeil,
do'n dream 'g am bheil an cridhe glan,
ta Dia dhoibh maith d'a réir.
- 2 Ach mise chean', is beag nach d'aom
mo chose uam gu grad :
Cha mhòr nach d'rinn mo cheuma fòs
sleamhnachadh uam air fad.
- 3 Ri h-amadanaibh ghabh mi tnùth,
ri faicinn soirbheis dao.
- 4 Oir ni bheil cuibhreach ann am bàs :
neart làidir ac' do bhi.
- 5 Mar dhaoine eile ni bheil siad
fuidh thrioblaid no fuidh leòn :
'S ni bheilid air am plàigheadh fòs,
mar chàch le piantaibh mòr.
- 6 Ardan mar shlabhraidh, uime sin,
'g an cuartachadh a ta :
Am fòirneart féin 'g am folach sud,
mar eudach thatr' do ghnàth.
- 7 An sùile sultmhor ta le saill :
an toic chaidh thar am miann.
- 8 Taid truaillidh, is air fòirneart geur
labhraid gu h-aingidh, dian.

- 9 An aghaidh nèamh agus nan speur,
 am beul taid togail suas ;
 Air feadh na talmhainn is na tìr,
 an teanga-san do għluais.
- 10 Fa'n aobhar ud gu nuige so,
 a shluagh-san pillidh siad :
 Is fàisgear dhoibh do'n uisg' a mach,
 làn cupain a's leòr meud.
- 11 Is deir siad, Cia mar 's léir do Dhia ?
 'm bheil tuigs' san ti a's àird' ?
- 12 Feuch, sud na daoī, ta soirbheachadh,
 a' fàs nan stòr gun chàird'.
- 13 Mo chridh' gu dearbh ghlan mi gun stà,
 's an neo-chiont' nigh mo làmh.
- 14 Oir buailt' is smachduicht' do bhi mi,
 gach maduinn, 's feedh gach là.
- 15 Ma deiream, labhraidih mi mar so,
 feuch, pheacaichinn gu beachd,
 An aghaidh sliochd is ginealach
 na cloinne 's ionmhuinn leat.
- 16 'N tra bhreanuich mi gu'n tuiginn so,
 bu chruaidh-cheist orm an gnìomh.
- 17 Ach chaidh mi steach do naomh-thigh
 an sin do thuig mi 'n crìoch. [Dé,
- 18 Gu deimhin chuir tu iad air fad
 an àitibh sleamhain lom ;
 Is leagadh leats' iad sios d'an sgrios,
 le dioghaltas gu trom.

- 19 Feuch cionnas thàinig orra claoidh,
 am mionaid bhig na h-uair?
 A ta siad air an sgrios gu tur,
 le oillt is eagal mòr.
- 20 Mar aisling 'nuair a dhùisgeas neach,
 mar sin, a Dhia nan sluagh,
 Do ni tu tarcuis' air an dealbh,
 tra mhosglas tu a suain.
- 21 Mar sin bhi air mo chridhe cràdh,
 's a'm' àiruibh goimh do bhi.
- 22 Do bhi mi baoth, is aineolach :
 mar bhrùid a'd' làthair mi.
- 23 Gidheadh, 'ta mise maille riut,
 O Thighearna do ghnà' :
 Is air mo gheas-làimh ghlac tu mi,
 ga m' chumail suas gach là.
- 24 Do nithear leat mo stiuireadh fòs
 le d' chomhairle a'm' fheum,
 Is gabhaidh tu mi 'steach fa-dheoidh
 a' t'àros ghlòr-mhor féin.
- 25 Cia agam anns na nèamhaibh shuas,
 ach thus' a Dhia nan dùl ?
 Is ni bheil neach air talamh fòs
 ach thus' a'm' bheil mo dhùil.
- 26 Mo chridh' is m'fheòil faraon a taid
 air fàillneachadh gun cheist :
 Gidheadh 's e neart mo chridhe Dia,
 's mo chuibhrionn bhuan am feasd'

- 27 Oir feuch, an dream ta fada uait,
sgriosar is théd dhoibh as :
Do chlaoidheadh leat gach uile neach
chaidh uait le strìopachas.
- 28 Ach dhomhsa 's maith teachd dlù' do
dh'earb mi a Dia mo neart, [Dhia :
Do chum gu foillsichinn gu sìor
gach gnìomh a rinneadh leat.

SALM LXXIV.

- 1 CREUD as far thilgeas sinne uait ?
an ann gu bràth, a Dhé ?
Is creud ri caoiribh t'inealtraidh,
far las do chorruich gheur ?
- 2 Cuimhnich, a Dhé, do choimhthional,
do chosnadhl leat o chéin ;
Slat t'oighreachd, shaortu, cnoc Shioin,
an robh do chòmhnuidh féin.
- 3 Is chum nam fàsach fada buan,
do chose tog gu grad',
Ri meud an uilc a rinn do nàmh
a'd' theampull naomh' air fad.
- 4 Do naimhde rinn siad beucadh borb,
measg coimhthional do shluaign :
Is chuir siad suas am bratacha,
mar chomhar' air am buaidh.
- 5 Bu chliùiteach neach mar dheanta leis
a thuagh a thogail suas,

Air chrannaibh'ard bhi dosrach tiugh,
do chum an leagadh 'nuas.

6 Ach nis an obair shnaidhte ghrinn,
le h-òrd, 's le tuaigh do bhris.

7 'Na lasair dheirg do chuir siad suas
do theampull naomh 'ga sgrios'.

Tigh còmhnuidh naomha t'ainm-sa,
do thruailleadar le tàir, [Dhé,
'G a mhilleadh is 'g a leagadh sios,
co ìosal ris an lär.

8 Nan cridhe labhradar mar so,
Sgriosamaid iad le chéil' :
Gach sinagog aig Dia san tìr,
do loisgeadh leo gu léir.

9 Ar comhara ni fhaiceamar,
Fàidh ni bheil idir ann,
Ni mò ta neach 'n ar measg cho geur,
d'an léir cia fad' an t-àm.

10 Cia fhad' do bheir, O Dhia nan dùl,
na naimhde toibheum uath' ?
An dthoir an nàmhaid beum am feasd'
do t'ainm-sa, Dhia nan sluagh ?

11 Creud as far phillionn tu do làmh,
do dheas-làmh féin air h-ais ?
O buin a mach o d' bhrollach i,
chum fuasgladh oirnn gu cas.

12 Oir Dia na glòir ta neart-mhor ard,
o chian is e mo Righ,

Am builsgein talmhainn le a neart,
ag oibreac'h slàint' is sìth.

13 An fhairge sgoilteadh leat le d' neart,
is cinn ro-làidir chruaidh
Nan dragon bhriseadh leat san uisg',
· a' tabhairt orra buaidh.

14 Cinn Lebhiàtain àdhbhail mhòir,
's tu féin do bhris is phronn ;
Is thug tu e mar bhiadh do'n t-sluagh,
do bhi san fhàsach lom.

15 'S tu sgoilt an tiobairt* is an tuil :
's tu thiormaich aibhne mòr.

16 'S tu dheasuich solus agus grian,
is leat an oidhch', 's an lo.

17 Crìocha na talmhainn shocruich tu :
do rinn tu 'n samhradh teith,
'S an geamhradh fòs do rinneadh leat,
nan aimsiribh fa leth.

18 Gu'n d'thug na naimhde toibheum
cuir sud air chuimhn', a Dhé, [uath',
'S gu'n d' thug am pobull amaideach
do t'ainm ro-uasal beum.

19 Anam do cholmain na dthoir suas
do chuideachd mhòir nan daoí :
Is coimhthional do dheòraidh' bochd,
na dearmaid iad a chaoidh.

20 Do chùmhnnant toir fainear, a Dhé :
oir àite dorch na tìr,

A ta siad air làn-àiteachadh
le luchd an fhòirneirt ghéir.

21 Na pillear air an ais le nàir'
na dh'fhuiling fòirneart goirt :
An dream ta ainnis aim-beartach,
deanadh siad moladh ort.

22 Tog ort is éirich suas, a Dhé,
tagair do chùis gu treun :

Cuimhnich mar ta an t-amadan,
gach là toirt dhuitse beim.

23 Na dearmaid guth na muinntir sin
nan naimhdibh dhuit a ta :

Ta bruidhean dhaoin' a dh'éirich riut,
sìor-dhol am meud do ghnàth.

SALM LXXV.

1 DHUIT bheirmid buidheachas, a Dhé ;
dhuit buidheachas do ghnàth :
Oir foillsichidh do mhìorbhuite,
gur fogus t'ainm gach là.

2 'N tra gheibh mi is a ghlaicar leam
coimhthional mòr na tir,
Do ni mi dhoibh deagh bhreithcanas,
gu cothromach 's gu fior.

3 'Ta 'n tir air sgaoileadh, is gach dream
'ga h-àiteachadh a ta :
Ach mis' an ti ta cumail suas
posta na tir' do ghnàth.

- 4 A dubhras ris gach amadan,
 Na gluais gu h-amaideach ;
 'S ri luchd an uilc, na togaibh suas
 bhur n-adharc ardanach.
- 5 Bhur n-adharc fòs na togaibh suas :
 a' cainnt le muineal cruaidh.
- 6 Ni h-ann o'n ear, no 'n iar, no deas,
 thig onoir mhòr no buaidh.
- 7 Ach's breitheamh Dia : do leagas aon,
 's a thogas aon fa seach.
- 8 Oir cup an làimh an Tighearn' ta,
 do'n fhìon a's deirge dreach :
 Làn coimeisg ta se, dòirtidh Dia
 cuid as a mach gu grad :
 A dheasgaidh faisgidh daoine daoí,
 is òlfaid iad air fad.
- 9 Ach cuiridh mise fòs an céill
 gu suthain is gu sior,
 Do Dhia ud Iacoib canar leam
 ard-mholadh binn gu fior.
- 10 Uil' adharca nan daoine daoí,
 sgathaidh mi sios gun chaird ;
 Ach adharca nan saoi air fad,
 togar gu grad an àird.

- 1 AN Iudah aithn'chear Dia nam feart :
 's mòr 'ainm an Isra'l naomh.

- 2 An Sàlem ta a phàilliun fòs,
 's a thàmh an Sion caomh.
- 3 Saighde a' bhogha bhris e 'n sin,
 an sgiath, 's an claidheamh geur,
 An còinhrag is an cath faraon,
 do bhriseadh leis gu treun.
- 4 Is mò do mhòralachd, a Dhé,
 is mò gu mòr do ghlòir,
 Na beannta thog an cinn gu h-ard,
 le cobhartach ro-mhòr.
- 5 Do chreachadh luchd a' chridhe chalm,
 do choidil iad le suain ;
 Na fir do bhi nan curaidh' mhòr,
 an làmha fòs ni 'n d' fhuair.
- 6 O thus' a's Dia do Iacob ann,
 le d' achmhasen 's le d' neart,
 An carbad-cogaidh is an t-each,
 nan suain do chuireadh leat.
- 7 'S cùis eagail thu, thu féin, a Dhé :
 cia neach a chasas riut,
 No ann do shealladh sheasas suas,
 an uair bhios corruiich ort ?
- 8 Do thug tu air do bhreitheanas,
 o nèamh gur chualadh e :
 Bhi air an talamh eagal mòr,
 's na thàmh do bhithean sé.
- 9 'N tra dh'éirich Dia chum breitheanais,
 do theasairginn san àm,

Gach uile dhuine ciuin is sèimh,
air talamh do bhi ann.

- 10** Bheir fearg is corruiich dhaoin' an sin,
ard-mholadh dhuit gu beachd :
Is fuigheall fòs na feirge mòir,
làn-choisgidh tu le d' neart.

- 11** Geallaibh 'ur mòid* gu togarach,
d'ur Dia Iehobhah ard ;
Is coimhlionaibh gu firinneach,
na gheallar laibh gun chàird' :

Gach neach a ta m'a thimchioll-san,
thugadh siad dha na àm,
Deagh-thabhartais is tiodhlaice,
do'n ti 's cùis eagail ann.

- 12** Do ni se spiorad phrionnsadh mòr
ghlan-sgathadh ast' le neart :
Do righribh fòs na talmhainn ti,
's cùis eagail Righ nam feart.

SALM LXXVII.

- 1** LE m' ghuth do éigheas féin ri Dia :
's ann le mo ghuth gu h-ard,
Ri Dia do ghlaodh mi, agus thug
sàr-éisdeachd dhomh gun chaird'.
- 2** An là mo thrioblaid dh'iarr mi Dia :
do shruth mo leòn gun sgur,
Ri fad na h-oidhch' : is m'anam truagh
sòlas do dhiùlt gu tur.

* bòid

- 3 Do chuimhnich mi air Dia an sin,
is bhiom an trioblaid gheur :
Do rinn mi gearan trom gun tàmh,
ehlaoideadh mo spiorad féin.
- 4 Chum tu mo shùil na faireachadh :
'ta mi eo iarganaeh,
Naeh feud mi foéal eainnt no sgéil
labhairt le m' bheul a maeh.
- 5 An sin air laithibh fad o shean,
do bhi mo smuainte teachd ;
Air bliadhnaibh fòs na h-aimsir chéin,
do smuaintieh mi le beaehd.
- 6 Do ehuimhniesh mi mo eheòlsan oidheh' ;
'taim eainnt ri m' ehridhe féin,
Do rinn mo spiorad fòs gun tàmh,
le dìeheall sgrùdadadh geur.
- 7 An tilg an Tighearn' uaidh' gu bràth ?
naeh nochd se 'ghràdh ni 's mò ?
- 8 'N do sguir gu tur a ghràs am feasd
's a ghealladh fad gach lò ?
- 9 'N do dhearmaid Dia gu firinneach
bhi gràs-mhor eaoin gu brath ?
'N do dhruid se suas na ehorruieh
a thròeair ehaomh do ghìnàth ? [mhòdir,
- 10 An sin a dubhaint mi gu dearbh,
gur b'i sud m'anmhuinn mhòr ;
Ach bliadhnaidh deas-laimh euimhn-
an ti a's àirde glòir. [ieheim,

- 11 Gníomhara Dé sior-mheadhraicheadam,
 mar rinneadh leis gach beart,
 Is t'iongantais o'n aimsir chéin,
 sior-chuimhnícheam gu beachd.
- 12 Air t'oibribhs' uile mar an ceudn',
 smuaintichidh mi gu tric ;
 Is air gach gníomh do rinneadh leat,
 sior-labhraidh mi gu glic.
- 13 Do shlighe ta san ionad naomh,
 O Thighearn is a Dhé :
 Cia 's coimeas ann am meud ri Dia,
 a ta na Dhia dhuinn féin ?
- 14 'S tu 'n ti ta deanamh iongantais,
 O Thighearna nam feart ;
 Agus am measg a' phobuill fòs,
 do thaisbein tu do neart.
- 15 Do shaoradh leat d'an teasairginn,
 do phobull dìleas féin,
 Clann Iacoib agus Ioseiph fòs,
 le d' ghairdean neart-mhor treun.
- 16 Chunnaic na h-uisge thus', a Dhé,
 chuncadar thu gu beachd :
 Do ghabh siad geilt ; air doimhneachd
 bhi mòran ogluigheachd. [fòs
- 17 Do dhòirt na neulta uisg' a nuas,
 bu ro-mhòr toirm nan speur ;
 Do chaith do shaighde corranach
 a mach gu sgaiteach geur.

- 18 'S na speuraibh guth do thairneanaich,
 's na dealanaich gu tric :
 Do'n t-saoghal rinn siad solus glan,
 an talamh ghluais is chlisg.
- 19 Do chasan ta sna h-uisgibh mòr,
 do shlighe ta sa' chuan :
 Is lorg do chois cha'n aithnich sinn,
 ta sud am folach uainn.
- 20 Is amhluidh mar gu'm bitheadh treud,
 do phobull stiuireadh leat,
 Le deagh-làimh Mhaois is Aroin fòs,
 'g an treòruchadh gu ceart.

SALM LXXVIII.

- 1 Mo phobull, éisdibh ri mo reachd :
 is cluinnibh guth mo bhèil.
- 2 Labhram am parablaibh ; a' cur
 sean-fhocla dorch an céill :
- 3 Do chualamar is b'fhiorsach sinn,
 ar 'n aithrich' dh'airis dhùinn :
- 4 Cha cheil sinn air an cloinn-sin iad,
 is dhiubh cha dean sin rùn :

 A' foillseachadh mòr-mholaidh Dé,
 do'n àl a ta ri teachd :
 'S na mìorbhuile do rinneadh leis,
 a chumhachda 's a neart.
- 5 An Iacob teisteas dhaingnich se,
 is reachd an Israel,

A dh' orduich se d'ar n-aithrichibh,
d'an cloinn an cur an céill.

- 6 Chum fios bhi aig an àl ri teachd,
a' chlann a ta gun bhreith :
Air éirigh dhoibh gu 'n innsid sud
d'an gineil féin fa leth :
- 7 An Dia gu'n cuireadh siad an dòigh,
'S nach di-chuimhnichid fòs
Oibreacha Dé, 's gu'n coimhdeadh iad
'uil' àithnte mar is còir :
- 8 'S nach biodh iad mar an sinnsireachd,
làn ceannairec is droch-bheirt,
Gun spiorad tairis ionnt' do Dhia,
's an cridhe gun bhi ceart.
- 9 Clann Ephràim le armaibh gleust',
air bogh' bu chuimseach beachd,
Le geilt do phill siad air an ais,
an làithibh cath' is feachd.
- 10 Coimhcheangal Dhénior choimhid siad,
dhiùlt gluasad ann a lagh :
- 11 'S nior chuimhnid 'oibre iongantach,
do thaisbein air am feadh.
- 12 An sealladh sùl an sinnsireachd,
's an tìr nan Eiphiteach,
Air machair Sòan rinn faraon
bearta ro-mhìorbhuiileach.
- 13 Do sgoilt se 'n fhairg', 's thug iadsan
an cuan mar thorr do sheas. [trid ;

- 14 San là le neul do stiuir: san oidhch,
le solus tein' is teas.
- 15 Sgoilt creag san fhàsach, aiste deoch
thug, mar a doimhneachd mhòir.
- 16 Bhuinsruth' a creagaibh, thug air uisg'
ruith sios mar thuil gu leòr.
- 17 San dì-threabh pheacuich siad ni's mò:
do bhrosnuid an t-Ard-Righ.
- 18 Nan cridhe chuir siad cathadh air,
d'am miann ag iarraidh bìdh.
- 19 Labhair siad fòs an aghaidh Dhé:
a dubhaint siad gu dian,
Am feud Dia anns an fhàsach mhòr,
bòrd dheasuchadh d'ar miann?
- 20 Feuch, bhual se chreag, bhrùchd uisg'
dh'éirich an tuil gu luath: [a mach,
Am feud se aran thabhairt fòs?
an deasuich feòil d'a shluagh?]
- 21 Air cluinntinn so, ghabh corruiich Dia;
ri Iacob teine las,
Is dh'éirich fearg ro-dhoinionnach
ri Israel gu cas:
- 22 Air son nar chreideadar an Dia,
's nior chuir na shlàint' an dòigh:
- 23 Ge d'fhosgail doirse nèamha fòs,
's o'n aird' gu'n d'àithn na neoil:
- 24 Dhòirt Manna orra 'nuas r'a ith':
thug dhoibh-san corec nan speur.

- 25 Biadh aingeal dh'ith siad : thug se
do lòn an sàth gu léir. [dhoibh]
- 26 'S na speuraibh thug air gaoith an ear
gu'n d'imich si gu treun :
Is le na neart do thug se steach
a' ghaoth dheas mar an ceudn'.
- 27 Do dhòirt se orra 'nuas mar dhus,
le pailteas feòil r'a h-ith' :
Eoin iteagach co lìonmhòr fòs
ri gaineamh fairg' air dith.
- 28 Do leig se sud nan camp a nuas,
m'an cuairt nan àite tàimh.
- 29 Do ith siad uil', is shàsuicheadh :
oir thug se dhoibh an sàimh.
- 30 Ni 'n robh siad air an sgarachduinn
o mhiann an cridhe féin :
Ach air bhith aca-san am biadh
'g a chagnadh ann am beul,
- 31 An dream bu shultmhoir dhiubh 's bu
ghlac Diana fheirg is mharbh : [tréin',
'S an òigre thagh't an Israel,
do bhual se iad gu garbh.
- 32 Gidheadh taireis gach gnìomh dhiubh
do pheacuich siad gu mòr : [sud,
Is ge do rinn se mìorbhuile,
niор chreid siad mar bu chòir.
- 33 Air 'n aobhar ud do chaith se 'n làith'
an diomhanas air fad,

Is bliadhnaidh fòs an aois gu léir,
le carroid ghéir chaidh thart'.

34 An uair do mharbhadh leisin iad,
an sin do iarr siad e ;
Do phill siad, agus fòs do bhid
gu moch ag iarraidh Dhé.

35 Is chuimhnich iadsan gu'm b'e Dia
an carraig threun do ghnà' :
Is gu'm b'e fòs an Dia a's àird'
b' fhear saoruidh dhoibh gach là.

36 Ach rinn siad miodal ris le'm beul,
le 'n teangaibh breug is gó.

37 Ni 'n robh an cridhe ceart, 's ni 'n robh,
na chùmhnnant dìleas da.

38 Ach Dia, ro iochdñinor, mhaith se 'n
'S nior sgrios se iad gu geur ; [lochd,
Bu tric do phill se 'chorruich uath',
niор dhùisg se 'fhearg gu léir.

39 Oir chuimhnich nach robh annta sud
ach feòil a sheargas as,
Is osag ghaoith a shiubhlas thart,
's nach dthig a rìs air h-ais.

40 Cia tric do chuir siad cathadh air,
san fhàsach thartmhòr chruaidh ?
'San dì-threabh chuireadh corruich air,
le easaontas an t-sluaigh ?

41 Agus do phill siad air an ais,
ghràinich siad Dia le cheil' :

Chuir laithilt agus tomhas fòs
air ti naomh Israeil.

42 Nior chuimhnich siad, 's nior thug fai-
a ghairdean treun 's a làmh : [near
No 'n là an d'thug se furtachd dhoibh,
is fuasgladh fòs o'n nàmh :

43 No fòs mar rinneadh anns an Eipht,
comhara Dhé nam feart :
Air machair Sòan mar an ceudn,
a mhìorbhuile le neart :

44 An srutha chaochail se gu suil :
's na h-uilt nach feudta 'n òl.

45 Chuir losgainn chuc', is cuileogan ;
le'r chlaoidheadh iad gu mòr.

46 Do thug se 'n toradh is am barr
do'n chaterpilear bheag :
Is saothair fòs an làmh air fad,
fuidh àilghios locust leag.

47 Do bhris se fòs am fineamhuin,[chàird']
le cloch-shneachd chruaidh gun
Mhill se mar sin le reodhadh teann
'n croinn fhìgis fhiadhaich ard.

48 Do thug se fòs an eallach-san
thairis do'n chloich-shneachd gheur:
Le saighdibh teine-dealanaich,
do chuir se as d'an treud'.

49 Teas feirge, triobloid, 's corruiich mhòr,
orra do thilg gu grad :

Le ainglibh olc do chuir nam measg,
le'r chlaoidheadh iad air fad.

- 50 D'a chorruich rinn se bealach réidh
'n anam nior ghléidh o'n bhàs ;
Am beatlha thruagh thug thairis fòs
do ghalar-plàigh 's do'n chàs.
- 51 Do bhuaileadh leisin anns an Eipht,
gach ceud-ghin do bhi ann :
Toiseach an neart am pàilliunaibh
bhuiteadh do ghineil Ham.
- 52 Ach thug se mach a phobull caomh,
mar chaoiribh as an tìr :
Is rinn mar threud san fhàsach mhòr,
an treòruchadh gu fior.

- 53 Do stiuireadh leis gu tèaruint' iad,
gun eagal is gun sgàth :
Ach air an nàimhdibh dh'aom an cuan,
's gu h-obann iad do bhàth.
- 54 Gu crìochaibh 'ionaid naomha féin'
do thug se 'phobull leis ;
Gu nuig an cnoc so choisin se,
's a bhuadhaich a làmh dheas.

- 55 Thilg se na Geintlich romp a mach,
's an oighreachd roinn le crann :
Do Isra'l thug se 'n àite sud,
chum còmhnuidh ghabhail ann.
- 56 Ach bhrosnuich agus ghràinich iad
an Dia a's airde glòir ;

- Agus nior chum 's nior choimhid iad
a theist, n'a reachd air chóir :
- 57 Ach phill air nòs an sinnsir féin,
's gu fealtach għluais air fad :
Mar bhogha fiar do chlaonadar,
is chaidh a thaobh gu grad.
- 58 Le'n dealbhaibh, is le'n àitibh àrd,
chuir corruiħ air is eud.
- 59 'N trà chuala Dia, għabb gràin is fearg
ro-gharg ri Israel.
- 60 Ionnas gur thréig se 'phobull féin,
an Siloh bhi nan tàmh :
'S am pàilliun fòs do shocruich se
measg dħaoine le na làimh :
- 61 Am bruid thug suas a neart, 's a għlōir
an làimh nan naimhde garg.[shluagh,
- 62 Do n' chlaidheamh thug se suas a
ri 'oighreachd għabb se fearg.
- 63 Loisgeadh le tein' an òigre ghleust' :
pòsadh cha d'fhuair na h-òigh'.
- 64 An sagairt thuit le claidheamh geur :
's nior dhean' am bantra'ch bròn.
- 65 An sin do mhosgail Dia mar neach
ta 'g éirigh as a shuain :
Mar churaiddh leigeas àrd-ghlaodh as
taireis bhi pòt air fion.
- 66 Is ann an deireadh bhuail gu geur
a naiinhde féin le tàir :

Is chuir se iad o sin a mach,
gu masladh buan is nàir'.

67 Is pàilliun Ioseiph dhiùltadh leis :
nior thagh treubh Ephraim fòs :

68 Ach thagh se Iudah ; cnoc Shion,
d'an d'thug se gràdh gu mòr.

69 Is thog se 'fhàrdoch naomh' an sud,
mar lùchaint ard ro-dheas :
Is mar an talamh fòs faraon,
do dhaingnich se am feasd.

70 A shearbhant Daibhidh thagh, is thug
o chrò nan caorach e :

71 'S o leantuinn fòs nan òisge trom,
bhi torrach air an spréidh ;
Is chuir se e do bheathachadh
Iacoib a phobuill naomh,
Is fòs do ghineil Israeil,
a b'oighreachd dha ro-chaomh.

72 Réir ionracais a chridhe féin,
bheathaich se iad gu beachd :

'S doréir deagh sheòltuigheachd a làmh,
do stiuir se iad gu ceart.

SALM LXXIX.

1 O DHE, do thàinig Geintilich
a steach a'd' oighreachd féin,
Thruaill iad do theampull naomh', is
na torr Ierusalem. [dh'fhàg

- 2** Is thug siad cuirp do shearbhantadh
do eunlaith néamh' mar bhiadh :
Is feòil do chaomh luchd-muinntir na-
do bheathachaibh an t-sléibh. [omh',
- 3** Mu thimchioll fòs Ierusalcim,
dhòirt siad am fuil mar uisg' :
Is ni robh neach d'an àdhlacadh,
's d'an cur san uaigh an taisg'.
- 4** Ball-fanoid agus maslaidh sinn
d'ar coimhearsnachaibh féin :
Cùis spòrs' is mhagaidh do gach neach
a ta m'ar cuairt gu léir.
- 5** Cia fhad a bhitheas corruiich ort,
a Dhé, am bi gu bràth ?
'M bi t'eud a' losgadh ruinn gu mòr,
mar lasair theith do ghnàth ?
- 6** Do chorruich air na Geintlich dòirt,
aig nach 'eil eòlas ort ;
Is air na Rioghachdaibh nach gairm
air t'ainms', a Dhia nam feart.
- 7** Oir mhill siad Iacob, 'fhardoch fòs
na fàsach chuir siad sios.
- 8** Na peacaidh fòs do rinneamar,
na cuìmhni dhùinn a ris ;
Tioncadh * gu luath do thruacantas,
ruigeadh se oirnn mu thràth.
Oir 's dìblidh bochd a nis ar staid,
a' tuiteam sios gach là,

9 Dean còghnamh leinn, O Dhé ar slàint',
air sgà' glòir t'ainme féin ;

Sgà t'ainmse saor sinn, agus glan
ar peacaidh uainn gu léir.

10 Creud as fa'n abradh Geintilich,
Ca bheil a nis an Dia ?

Measg fineach ann ar sealladh féin,
gu 'n aithnich' iad an Triath,

Le deanamh orra dioghaltais,
oir dhòirteadh leo a mach

Fuil neo-chiontach do shearbhantadh
gu lìonmhòr iomarcach.

11 Osnaidh a' phriosunaich gu'n dthig
a' t'fhianais, Dhé nam feart ;
'S an dream doorduicheadh chum bàis,
saor-sa réir meud do neart.

12 Do'n droing ta dhùinn nan coimhear-
nam brollach dìol fa seach, [snaibh,
Gach masladh le'n do spreig siad thu,
pill orra féin fa sheachd.

13 Treud t'inealtraidh, 's do phobull sinn,
molaidh sinn thu do ghnàth ;
Is cuiridh sinn os-àird' do chliu,
o linn gu linn gu bràth.

Le'rstiui rear Ioseph caomh mar threud,
dealruichs' a mach mu thràth.

2 An làthair Ephraim, 's Bheniamin,
agus Mhanaseh fòs,
Dùisg-sa do chumhachd : agus thig
d'ar saoradh mar is nòs.

3 Pill sinn a rìs, a Dhé nam feart :
tog oirnne suas gu h-ard
Deagh dhealradh glan do ghnùis a nis,
is saorar sinn gun chàird'.

4 Cia fhad', a Thighearna nan sluagh,
a leanas corrúich riut,
Ri guidhe ghéir na muinntir sin
as pobull dìleas duit?

5 Do bheathaich tu do phobull féin
le aran deur is bròin :
Is tomhas pailt' do thug tu dhoibh,
do dheuraibh goirt r'an òl.

6 Do rinn tu sinn mar aobhar strìbh
d'ar coimhearsnachaibh féin :
'N ar n-aobhar spòrs' is abhacais*
d'ar n-eascairdibh gu léir.

7 Pill sinn a rìs, O Dhé nan slògh,
tog oirnne suas gu h-ard
Deagh dhealradh glan do ghnùis a nis,
is saorar sinn gun chàird'.

8 Do thug tu fionan as an Eipht :
na Geintlich thilg tu 'mach,

* crathadh cinn.

- 'S do shuidhich thus an fhionan ud
nan ionad sud fa seach.
- 9 Réitich tu àite dh'i : is thug
gu'n ghabh si freumh gu teann,
Le d' bheannachadh, is lionadh lè
an tìr o cheann gu ceann.
- 10 Na cnuic ro ard do fholuich si,
le 'sgàil 's le 'dubhar féin :
A geuga do bhi cinneachduinn,
mar sheudair bhreagha réidh.
- 11 An dara taobh, gu nuig an cuan,
do chuir si mach a meòir ;
An taobh ud eil' a geugan shìn
gu nuig an abhainn mhòir.
- 12 A gàradh creud far bhriseadh leat :
ionnus gu bheil gach neach
'Ga spònadh air a' bhealach mhòr,
a' gabhail thart' fa seach ?
- 13 'Ta 'n torc a thig a'n choill' a mach,
'ga fàsachadh gu léir,
'Ta beathaich allt' na machrach fòs
'ga slugadh suas le chéil'.
- 14 Pill, guidh'mid ort, a Dhé nan sluagh
is seall o nèamh a nuas,
Feuch agus fiosruich féin a nis
an fhionan so le truas :
- 15 An gàradh fion do phlanntuich thu,
le neart do làimhe deis :

- 'S am meanglan ud do neartuich tu
dhuit féin le lùth is treis.
- 16 Le lasair theine loisgeadh i,
is ghearradh i a nuas :
Do mhilleadh agus sgriosadh iad,
le achmhasan do ghnùis.
- 17 Air fear do dheas-làimh féin, a Dhé,
gu robh do làmh gu treun :
Air mac an duin' a rinneadh leat
a neartuchadh dhuit féin.
- 18 Mar sin cha phill sinn uait a rìs :
ath-bheodhuich sinn gach lò,
Is gairidh sinn air t'ainms' an sin,
an cian a bhios sinn beo.
- 19 Pill sinn, O Thighearn' Dhia nan slògh,
is foillsich féin gu h-ard
Deagh dhealradh glan do ghnùis a nis,
is saorar sinn gun chaird'.

SALM LXXXI.

- 1 SEINNIBH gu h-ait do Dia bhur neart :
do Dhia Iacoib gu binn,
- 2 Is glacaibh Salm, is tiompan fòs
saltair is clàrsach ghrinn.
- 3 An trompait séidibh san Ré nuadh,
air laithibh orduicht' féill'.
- 4 Bu lagh sud aig Dia Iacoib fòs ;
's bu statuin d' Israel.

- 5 Do Ioseph dh'orduich sud mar theist,
 air dol da trìd na h-Eipht' :
 Do chualas cainnt is uirghiol ann,
 nach tuiginn as am beul.
- 6 O'n uallach shaor mi 'ghuala-san :
 o photaibh fòs a làmh.
- 7 Do ghair tu ann do thrioblaid orm,
 's dh'fhuasgail mi ort gun tàmh ;
 An ionad diomhair tairneanaich,
 do fhreagair mi do ghlaodh :
 Aig uisgibh coimh-stribh Meribah,
 do dhearbh mi thu faraon.
- 8 Eisd, O mo phobull, agus dhuit
 do dheanam fianais cheart :
 Ma dh'éisdeas tu ri guth mo bhéil,
 O Israel gu beachd.
- 9 Annad na biodh aon uair air bith,
 dia eile coigreach bréig',
 Is do dhia coimheach fòs air bith,
 nà crom-sa sios 's na géill.
- 10 'S mise do Dhia Iehobhah treun
 thug thus' o'n Eipht' le neart ;
 Gu farsaing fosgail rium do bheul,
 is lionam e gu paitl'.
- 11 Gidheadh cha d' thug mo phobull féin
 éisdeachd do ghuth mo bhéil,
 'S cha b'àill leo mis', an aitim ud,
 do ghin' o Israel.

- 12 Mar sin do mhiann an cridhe féin
 do thug mi thairis doibh :
 Is ann an comhairle gun chéill
 do ghluaís iad féin fa-dheoidh.
- 13 O b'fhearr gu'm biodh mo phobull féin
 toirt eisdeachd do mo reachd :
 Is fòs gu'n gluaiseadh Israel
 a'm' shlighibh féin gu ceart !
- 14 An naimhde smachduichinn gu luath,
 le buaidh 'g an leagadh sios ;
 Is phillinn air an eascairdibh
 mo làmh, d'an cur fuidh chìs.
- 15 Luchd-fuath an Tighearna mar sin,
 do dheanaid ùmhachd dha :
 Ach bhiodh an aimsir-san ro-bhuan,
 is marannach gach là.
- 16 Is bheireadh se d'am beathachadh,
 smior cruineachd fòs da shluagh ;
 Do làn-dìol bheirinn duit faraon
 d'an mhil o'n charraig chruaidh.

- 1 AN coimhthional nan treun do bhi
 na sheasamh Dia nam feart :
 Am measg nan dé do bheir se breith
 le cothrom is le ceart.
- 2 Cia fhad' do bheir sibh breithcanas
 gu h-eacorach air chùis :

Toirt leth-bhreith leis na daoinibh daoí,
 'gam meas a réir an gnùis ?

3 Do dhaoinibh bochd, 's do dhìlleachd-deanuibh-sa dòn le ceart : [aibh
 Is cumaibh còir riu sud do ghnàth,
 ta cràiteach bochd gun neart.

4 An t-ainnis lag 's an deòraidh' truagh,
 sior-theasairgibh nam feum,
 Deanuibh o làimh nan aingidh fòs,
 deagh-fhuasgladh dhoibh gu treun.

5 Gun eòlas, is gun tuigse 'taid,
 'taid triall san dorch' air fad :
 'Ta bunaite na talmhainn ti
 air gluasad as an staid.

6 Dubhram, gur dé sibh : is gur mic
 do'n ti a's airde t'ann :

7 Ach tuitidh, 's gheibh sibh bàs mar dh-'s mar aon do phrionnsaibh fann. [aoin',

8 Dhia, éirich, air an talamh dean
 deagh bhreitheanas gu grad :
 Oir gabhaidh tu mar oighreachd dhuit
 na fineachan air fad.

SALM LXXXIII.

1 NA bios a'd thosd a nis, na bi
 a'd' thàmh, O Dhia ar neart,
 Na bios a'd' chòmhnuidh nis'n ar feum,
 Dhia chumhachdaich nam feart.

- 2 Oir feuch, ata do naimhde treun
 ri strìbh is bruidhean ard ;
 'S an dream ud leis am fuathach thu,
 an cinn do thog an àird.
- 3 Do ghabh siad coimhairl' innleachdach,
 'n aghaidh do mhuinntir féin,
 'N aghaidh do phobuill dhìomhair cha-
 do dhealbhadar droch theum.[oimh,
- 4 A deir siad, Thigibh leinn, d'an sgrios,
 o bhi ni 's mò nan sluagh :
 Do chum nach biodh air Israel
 iomradh gu bràth no luaidh :
- 5 Oir ghabh siad comhairle le chéil' ;
 a' t'aghaidh ceangal rinn ;
- 6 Pàilliun Edom, 's Ismaëlit,
 Moab is Hagaren ;
- 7 Gebal, Amon, is Amalec,
 Palestin 's muinntir Thior ;
- 8 Dhruid Asur leo: 's bu choghnamh iad
 do ghineil Lot gu fior.
- 9 Mar rinneadh leat air Midian,
 's air Sisera le chéil' ;
 Air Iabin aig sruth Chisoin cas,
 dean orra sud d'a réir :
- 10 'N tra blid aig Endor air an claoidh',
 mar aolach air an lär.
- 11 Mar rinn air Oreb, is air Seeb,
 dean air an uaislibh tàir :

Mar Sheba fòs, is Shalmuna,
am prionnsaidh dean gu léir :

- 12 A dubhairt, Glacamaid dhùinn féin,
mar oighreachd àrois Dé.
- 13 Dean iad mar roithlean, O mo Dhia ;
mar mholl roimh ghaoith nan gleann.
- 14 Marchlaoidheas teine coìlteach chrion,
's mar loisgeas lasair beann :
- 15 'S amhluidh le d' dhoininn orra sud,
dean tòiridheatd gu dian :
Le t' iom-ghaoith is le d' stoirm ro
cuir eagal orr, is fiadh. [mhòir,
- 16 An eudan lòn le masladh mòr,
's le ruidheadh-gruaidh gach ré ;
Gu nuig an uair an iarrar leo
t'ainm glòrmhor féin, a Dhé.
- 17 Biodh amhluadh orra mar an ceudn',
is trioblaid mhòr a chaoidh :
Is glacadh nàire mhaslach iad,
d'am milleadh is d'an claoidh'.
- 18 Gu'n aithn'cheadh iad gur tus a mhàin
d'an ainm Iehobhah treun,
'Ta t'uachdaran os cionn gach tìr,
san domhan ta gu lèir.

SALM LXXXIV

- 1 CIA meud is airi' ghràidh do theach,
Iehobhah mhòir nan sluagh !

- Cia taitneach dhomhsa t'àros naomh,
 O Thighearna nam buadh !
- 2 'Ta m'anam meat, aig meud a mhiann
 air cùirtibh Dhé gach lò :
 Mo chridh' is m' fheoil ri scairteachd
 'n geall air an Dia ta beo. [chruaidh,
- 3 Feuch, fòs do fhuair an gealbhonn beag
 tigh còmhnuidh maith na fheum,
 'S an golan-gaoithe mar an ceudn,
 do tholair nead dh'i féin,
 Far chuireadh si an taisg' a h-eoin,
 's a h-àlach beag gun chli :
 Aig t'altair féin, O Dhia nan sluagh,
 mo Thighearn', is mo Righ.
- 4 'S beannuicht' an dream an còmhnuidh
 a' t'àros naomh' a Dhé : [ta
 Oirbheirsiad, (mar is cubhaidh dhoibh)
 mòr-mholadh dhuit gach ré.
- 5 'S beannuicht' an duine sin 'g am bheil
 annads' a neart gach là :
 An dream 'g am bheil nan cridhe stigh
 do shlighe féin do ghnàth.
- 6 An dream sin trid għlinn Baca théid,
 ni'd tobair ann, nam feum :
 Is lilonuidh fearthuin * thig a nuas,
 na sluic gu nuig am béis.
- 7 Sior-ghluaisidh iad mar sin gun sgìos,
 a' dol o neart gu neart :

An Sion nochdar iad fa-dheoidh,
an làthair Dhé nam feart.

- 8 O Dhia nan sluagh cluinn m' urnaigh
Dhé Iacoib éisd gu grad. [féin,
9 O Dhia ar sgia, feuch, 's am hairc air
gnùis t' ungaidh féin gun stad.
10 'S fearr là ad' chùirt na mìle là :
b'fhearr leam bhi doirsearachd
An àros Dé, na m' chòmhnuidh fòs
am pàilliun aingidheachd.
11 Oir 's grian, 's is sgiath Iehobha Dia;
do bheir se gràs is glòir :
'S cha chum semaithair bith o'n droing
ghluaiseas gu dìreach còir.
12 O Thighearn' is a Dhia nan sluagh,
is beannuicht' e gun cheist,
An duine sin gu muinghineach,
d'an dòchas thu am feasd'.

SALM LXXXV.

- 1 Do bhi tu gràs-mhor fàbharach,
a Dhé, do d' dhùthaich féin :
Bruid Iacoib thugadh leat a rìs
air h-ais le d' ghairdean treun.
2 Domhaith tu ciont'dophobuill chaoimh;
dh'fholuich tu 'n uile lochd.
3 Choisg tu do chorruich uil' ; is phill
o'n lasan do bhi ort.

- 4 Pill sinn a rìs, a Dhia ar slàint',
is tog do lasan dhinn.
- 5 Am bi do chorruich ruinn gu bràth ?
's an sìnear t'fhearg gach linn ?
- 6 Nach deanar leats' a Dhia nan gràs,
a rìs ar tabhairt beo ;
Gu'n deanadh annad gairdeachas
do phobull féin gach lò ?
- 7 Taisbein do thròcair dhuinn a nis,
a Thighearn' is a Dhé :
Is deònuich dhùinne t'fhurtachd fòs,
's do shlàinte féin gach ré.
- 8 Nis éisdeam ris an ni deir Dia :
labhraidh se sìth gu beachd
R'a phobull naomh' ; 'sna pilleadh siad
a rìs ri h-amaideachd.
- 9 Gu dearbh ta' chabhair dlùth do'n dream
d'an eagal e gu fior,
Chum glòir do bhi na còmhnuidh fòs
gu bunaiteach 'n ar tìr.
- 10 Ta tròcair agus firinn ghlan
air còmhlachadh a'chéisil :
Ta ceartas agus sìth-chaint mhaith
a' pògadh beul ri beul.
- 11 Is fàsaidh as an talamh fòs
firinn a nìos gu pailt' :
Is scallaidh ceart is fireantachd
o nèamh a nuas gun airc.

12 Faraon, do bheir Iehobhah dhùinn
 ni maith gu toirbheartach ;
 Is bheir ar fearann is ar fonn
 deagh-thoradh trom a mach.

13 Siòr-ghluaisidh ceart is fireantachd
 na fhianais-san gu réidh :
 Is sinn air sligh' a cheumanna
 gu dìreach stiuiridh se.

SALM LXXXVI.

1 AOMSA do chluas, cluinn mis', a Dhia :
 oir 's bochd a taim a'm' fheum.

2 Dean thus' air son gu bheil mi naomh,
 m'anam a dhòn gu treun.

Oir's tu mo Dhia, saor t'òglach féin,
 'ta 'g earbsa riut do ghnàth.

3 Dean tròcair orm, a Dhia le iochd :
 oir gaiream ort gach là.

4 Dean anam t'òglaich dhileis féin
 fior-aoibhinn agus ait :

Air son gu'n togam riut, a Dhé,
 m'anam gu léir a'm' aire.

5 Oir ta tu féin ro mhaith, a Dhé,
 lan iochd is acarachd :

Is ta tu do na ghairmeas ort,
 pailt ann an tròcaireachd.

6 Eisd m'urnaigh, Dhia, is toir fainear
 guth gearanach mo chaoi'.

- 7 An là mo thrioblaid gaiream ort,
oir freagraidh tusa mi.
- 8 Am measg nan dé ni bheil, a Dhia,
aon neach as cosmhuil riut :
No gnìomh air bith as cosmhuil ris
gach gnìomh a rinneadh leat.
- 9 Ticfidh * gach fine rinneadh leat,
is sleuchduidh dhuit, a Dhé,
Is bheirid glòir is moladh ard
do t'ainm-sa feadh gach ré.
- 10 Air son, a Dhé, gu bheil tu mòr,
's gu'n deanar oibre leat
Tá mìorbhuilleach : 's tu féin a mhàin
Dia cumhachdach nam feart.
- 11 Do shlighe teagaisg dhomh, a Dhia,
na t'fhìrinn gluaisidh mi :
Chum eagal t'ainm-sa do bhi orm,
mo chridhe druid riut féin.
- 12 Le 'm uile chridh ard-mholam thu,
O Thighearna mo Dhia :
Do t'ainm ro-uasal bheiream fòs,
ard ghlòir air feadh gach ial.
- 13 Oir 's mòr do thròcair dhomhs, a Dhé,
is fòs o ifrinn shìos
Do fhuasgail tu air m'anam bochd,
is thog tu e a nìos.
- 14 Luchd-ardain dh'éirich rium, a Dhé,
is cuideachd làidir dhian,

Ag iarraidh m'anm', ach thusa Dhé,
nior chuir siad rompa riamh.

15 Ach ta tu, Dhé, mòr-thròcaireach,
ro-iochdmhor anns gach càs ;
Chum feirge mall, ach saibhir pailt'
am firinn is an grás.

16 O pill rium, is dean tròcair orm,
toir neart do t' òglach féin,
Do mhac do bhan-òglaich faraon
dean fuasgladh ann a fheum.

17 Comhar' air mhaith nochd dhomh's, a
luchd m'fhuath gu'm faiefid e,[Dhia.
'S gu 'n gabhaid nàir', air son gur tu
mo neart, 's mo shòlas réidh.

SALM LXXXVII.

- 1 A BHUNAIT' ta sna sléibhtibh naomh.
- 2 'S ro-ionmhuiinneach le Dia
Geataidh Shioin, os cionn gach àit'
do bhi aig Iacob riamh.
- 3 Nithe ro-ghlòrmhor innsear ort,
a chathair àluin Dé.
- 4 Rahab, is Babel cuimhnicheam,
do'n dream d'am b'aithne mi ;
Gabh beachd air Tirus mar an ceudn',
is dùthaich Phalestin,
Maille ri Etiopia :
rugadh am fear so 'n sin.

- 5 Fa thimchioll Shioin deirear so,
 Am fear so rugadh fòs,
 'S am fear ud innt' : se 'n ti a's aird
 shocruicheas i le 'ghràs.
- 6 'N tra sgrìobhas Dia le cuimhne mhaith,
 na poibleacha fa leth,
 'N sin àirmhidh se gu'm b'ann an sud
 bha 'm fear so air a bhreith.
- 7 Luchd-seinn nan òran bid an sud,
 luchd-innil-ciuil d'an réir :
 'S ann annad féin, a Dhia nan gràs,
 mo thobair ta gu léir.

SALM LXXXVIII.

- 1 IEHOBHAH Dhia mo Shlànuighear,
 ort ghair mi dh'oidhch 's do là.
- 2 A' t'fhianais tigeadh m'urnaigh fòs ;
 is éisd mo scread do ghnàth.
- 3 Oir m'anam làn do thrioblaid ta,
 's do'n uaigh mo bheatha dlùth.
- 4 Do mheasadh mi mar neach théid sios
 do'n t-slochd, is mi gun lùth.
- 5 Taim saor am measg nam marbh, is fòs,
 mar mharbh san uaigh gun deò,
 Do sgathadh sios le d' làimh gu beachd
 's nach cuimhnichear ni 's mò.
- 6 Chuir tu mi 'n àitibh domhain, dorch',
 san t-slochd a's isle t'ann.

- 7 Is chlaoideh tu mi le d' shumainnibh :
luidh ormsa t'fhearg gu teann.
- 8 Chuir tu luchd m'eòlais fada uam :
's ro-sgreataidh mise leo :
Mar neach am prìosun druidt' a taim,
nach feud mi mach ni 's mò.
- 9 Do bhrìgh mo thrioblaid ta mo shùil
ri caoidh' is bròn do ghnàth :
Mo làmhan shìn mi riut, a Dhé ;
is ghairm mi ort gach là.
- 10 Do mhìorbhuile do'n dream ta marbh,
a Dhé, an taisbein tu ?
An éirich iad a nìos a rìs,
gu molfaid thu le cliu ?
- 11 Do thròcair is do chaoimhneas caomh,
am foillsichear san uaigh ?
Air t'fhìrinn ann an sgrios a' bhàis,
le neach an tiubhrar * luaidh ?
- 12 Am bi maoineòlais anns an dorch'
air t'fheartaibh mìorbhuileach ?
No 'm bi an tìr na di-chuimhn' fios,
no beachd air t'fhìreantachd ?
- 13 Ach riutsa ghlaodh mi, O mo Dhia :
gu moch théid m'urnaigh suas.
- 14 Dhia creud far thilg tu m'anam uait ?
's fa 'm folchann uam do ghnùis ?
- 15 Taim air mo chrádh, o m' òige 'nuas,
'taim dlùth do'n bhàs 's do'n uaigh :

Air fulang dhomhsa t'uamhais móir,
a taim an imcheist chruaidh.

16 Do imich tharum t'fhearg gu tròm :
chlaoidh t'uamhais mi do ghnà'.

17 Mar uisge chaith siad timchioll orm,
ga m' chuartachadh gach là.

18 Mo charaid chuir tu uam am fad,
's am fear thug dhomhsa gràdh :
Luchd m'eòlais mar an ceudn' a taid
an dorchadas nan tàmh.

SALM LXXXIX.

1 ARD seinneam tròcair Dé do shior :
is fòs do ni mi sgeul,

O àl gu h-àl gu marannach,
air t'fhìrinn cheart le m' bheul.

2 Oir dubhairt mi, gu'n togar suas
do thròcair mhòr do shior ;
Is t'fhìrinn cheart sna nèamhaibh àrd
socruichear leat gu fior.

3 Coimhcheangal rinneadh leam gu
le 'n ti do roghnuich mi ; [dearbh,
Is mhionnuich mi gu firinneach,
do Dhaibhidh m' òglach féin.

4 Socruichidh mi gu daingean buan,
do ghinealach 's do shiol,
Do chaithir rioghail togam suas
le h-onoir tre bhi sior.

- 5 Molaidh na nèamha àrd gu binn
do mhìorbhuiil-sa a Dhé :
Is t'fhirinn ann an coimhthional
do chloinne naomha féin.
- 6 Oir cia sna nèamhaibh choi'-measar
ri Dia Iehobhah mòr ?
Cia 'n ti am measg nan cumhachdach,
's cosmhuiil ri Dia na glòir ?
- 7 An coimhthional nan naomh gu beachd,
's cùis eagail Dia gun cheist :
Ard-urram o gach neach m'an cuairt,
dha 's dleasanach am feasd.
- 8 O Thighearn' is a Dhia nan sluagh,
cia 'n Triath sin ann an neart
Is cosmhuiil riut ? ann t'fhirinn fòs
ga d' chuartachadh gu beachd.
- 9 Ard-onfhadh cuain is fairge móir,
's tu chuireas iad fuidh reachd :
A sumainneadh 'n tra dh'éireas suas,
do choisgion tu le smachd.
- 10 Mar dhuine buailt' a' dol do'n eug,
do phronnadhbh Rahab leat :
Do naimhde sgaoil tu as a' chéil',
le d' ghàirdean treun 's le d' neart.
- 11 Is leatsa, Dhé, na flaitheanais,
's an talamh ta f'ar bonn :
'S tu dhaingnich fòs an cruinne-cé,
le 'làn do thoradh trom.

- 12 An airde deas is tuath faraon,
 do chruthaicheadh iad leat ;
 Sliabh Thabor agus Hermon àrd,
 ann t'ainm bid aoibhneach ait.
- 13 Ta agad gàirdean cumhachdach ;
 ata do làmh ro threun,
 A Dhé, a ta do dheas-làmh fòs
 arduichte mar an ceudn'.
- 14 Mar àite tàimh do d' chaithir-righ
 ta cothrom agus ceart :
 Bidh tròcair agus firinn fòs
 dol roimh do gnùis gu beachd.
- 15 'S beannuicht' an sluagh a thuigeas fòs,
 an fhuaim ta aoibhneach ait :
 An solus glan do ghnùis, a Dhé,
 sior-ghluasidh iad gu ceart.
- 16 Ann t'ainms' air feadh an là do bhid
 gu h-aoibhneach mar bu chòir ;
 Agus ann t'fhìreantachd faraon,
 àrdुichear iad gu mòr.
- 17 Oir mais' is glòir an spionnaidh sud,
 is tus' a mhàin, a Dhé :
 Ar n-adharc ann do chaoimhneas
 arduichear leat gu treun. [caomh,
- 18 Oir se Iehobhah Dia nam feart,
 ar targaid is ar sgiath :
 Se 'n ti ro-naomh' sin Israel,
 ar n-Ard Righ is ar Triath.

- 19 An taisbein, anns an àm sin féin,
 do labhair tu gu ceart
 Ri d' dhuine naomh', agus mar so
 a dubhras ris gu beachd,
 Do leag is chuir mi cuideachadh
 air gaisgeach treun nam buadh ;
 Is dh'àrduich mi gu mòr an neach
 do thagh mi as an t-sluagh.
- 20 B'e Daibhidh neach a fhuaradh leam,
 mo sheirbhiseach ro chaomh :
 Se sin an neach a dheanadh leam
 ungadh le m'ola naomh'.
- 21 Is socruichear mo làmh do shìor,
 gu dìleas daingean leis :
 Do ni mo ghàirdean cumhachdach
 a neartachagh le treis.
- 22 Le mac an uilc nior chlaoidhear e :
 a làmh cha tog dheth cìs.
- 23 Luchd-'fhuath trom-bhuailear lean, 's
 na fhianais leagam sìos. [a làmh
- 24 Ach bidh mo thòcair maille ris,
 is m' fhùrinn mar an ceudn ;
 Is 'adharc-san a'm' ainm-sa fòs
 bidh arduichte gu treun.
- 25 A làmh-san cuiream anns a' chuan,
 's an sruthaibh a làmh dheas.
- 26 Carraig mo shlàinte, deir se rium,
 m'athair, mo Dhia, 's mo threis.

- 27 Mo eheud-ghin deanam dheth faraon,
thar Righre os gaeh tìr.
- 28 Mo ehùmhñant seasaidh daingean leis:
dha coimhdeam gràs do shior.
- 29 Is bheiream air a shliochd gu buan,
gu maireadh se gu bràth ;
'S a chaithir rioghal uasal àrd,
mar làithe nèamh do ghnàth.
- 30 Ma 's e's gu'n tréig a ehlann mo lagh,
's naeh gluais iad ann mo reaehd ;
- 31 'S gu'n truaillearleo mo statuin naomh,
m'iarrtais naeh eum gu eeart :
- 32 Fiosruiehidh mi an sin gu beachd
le slait an ea-eoir chlaon,
Am peacaidh fiosruieheim 's an lochd,
le sgiùrsadh goirt faraon.
- 33 Gidheadh gu turmo ehaoimhneas gràidh
cha bhuin mi uaidh' gun eheist :
Cha'n fhuiling mi gu'm breugnuichear
mo ghealladh fior am feasd.
- 34 Mo echoimheheangal eha bhrisearleam,
no'n eunnradh * rinn mi ris,
'S am foéal do ehaidh as mo bheul,
am feasd eha ehaoehail mis.
- 35 Aon uair do mhionnuieh mi gu fior,
's ann air mo naomhachd féin,
Do Dhaibhidh neah as òglach dhomh,
am feasd naeh deanam breug.

- 36 Bithidh a shliochd 's a ghinealach
 sior-mharannach gach ial,
 'S a chaithir rioghal bithidh si
 a'm' fhianais mar a' ghrian.
- 37 Is bithidh mar a' ghealach għlan,
 gu daingean buan do shior ;
 'S marfħianais anns na nèamhaibhàrd,
 bhios tairis agus fior.
- 38 Ach thilg tu uait, is thréig gu tur,
 is għabb tu grāin a nis,
 'S an neach air chuir tu t'ola naomh,
 do għabb tu corruiċċiż ris.
- 39 Coimhcheangal t'ògħlaich dhileis féin,
 do sgaoil tu e le tāir ;
 'S a choron uasal thruailleadh leat,
 'ga tilgeadħ air an lär.
- 40 A ghàradh dìdein bhriseadh leat,
 's a dhaingneach làidir leag.
- 41 Mar chabhartach e do luchd-ròid :
 d'a choimhearsnaibh mar sgeig.
- 42 Làmh dheas a nàmhaid thog tu suas :
 'uil' eascaird' rinn tu ait.
- 43 Do phill tu faobhar 'arm, sa' chath
 nior thug tu dhasan neart.
- 44 Choisg tus' a għlōir, 's a chaithir-righ
 do leag tu sios gu lär.
- 45 Is aimsir 'òige għearradħ leat :
 dh'fholuich tu e le nàir'.

- 46** Cia fhad, a Dhé, am folchann tu
 thu féin, a chaoiđh no'n cian ?
 An loisg do chorruich fòs gu cas,
 mar theine lasrach dian ?
- 47** Tabhair fainear is cuimhnich féin
 giorrad mo ré 's mo lò :
 Creud as far rinn tu clann nan daoin'
 mar dhìomhanas no ceò ?
- 48** Cia e am fear am measg nam beo,
 am bàs nach faicear leis ?
 No 'anam féin o làimh na h-uaigh,
 an teasairg se le treis ?
- 49** Ca bheil do chaoimhneas gràidh, a Dhé,
 do thaisbein tu o thùs,
 Do mhionnuich tu air t'fhirinn cheart,
 do Dhaibhidh chumail suas ?
- 50** Cuimhnich, a Thighearn, toibheum
 do shearbhanta gu léir ; [trom
 Is mar do ghiùlain mis' a'm' uchd
 masladh a' phobuill thréin,
- 51** Le'r thug do naimhde masladh uath',
 gun aobhar, Dhia nam feart,
 Le'r mhasluich iadsan ceumanna
 an ti do ungadh leat.
- 52** Mòr-bheannuicht' agus cliùiteach fòs
 gu robh Iehobhah treun,
 Gu siorruidh suthain fad gach ré !
 Amen agus Amen.

- 1 'Stu b'ionad còmhnuidh dhùinn gach
O Thighearna na glòir. [linn,
- 2 Sol fa 'n do ghineadh fòs na cnuic,
's na sléibhte beag no mòr.
Sol dhealbhadh leat an talamh ti,
no 'n cruinne-cé le d' neart :
O bhi-bhuantachd gu bi-bhuantachd,
is tusa Dia gu beachd.
- 3 Gu neo-ni pillear leatsa fòs
an duine truagh d'a sgrios ;
A deir tu fòs, O chlann nan daoin',
grad-phillibh air 'ur n-ais
Oir mìle bliadhn' a'd' shealladh féin,
mar an là 'n dé a taid,
'N tra théid se thart : is amhluidh fòs
mar fhorair' oidhch' do bhid.
- Do fhuaduich tus' iad mar le sruth,
mar chodal taid no suain :
Sa' mhaduinn bithid mar am feur,
gu moch a dh'éireas suas.
Air maduinn brisidh roimhe blàth,
is fàsaidh se gu h-àrd :
Ri àm an fheasgair gearrar e,
is seargaidh air an lèr.
- Dirchaiteadh sinn led' chorruich ghéir:
chlaoidh t'fhearsa sinn gu tur.
Ar peacaidh dhòmhair, is ar lochd,
an sealladh t'eaduin chuir.

- 9 Oir ann a t'fheirg ar n-uile làith,
 'taid teireachduinn fa seach :
 Is caithear leinn ar blaiddhnaidh fös,
 mar sgeul a dh'innseadh neach.
- 10 'S iad làith' ar bliadhna mar an ceudn'
 tri fishead bliadhn' 's a deich,
 'S ma dh'éiricheas tre tuille neart,
 ceith'r fishead bliadhn' do neach,
 Gidheadh ni bheil nan spionnadhsud
 ach cràdh is cùradh geur :
 Oir sgathar sios gu h-ealamh e,
 is siùbhlaidh sinn gu léir.
- 11 Cia neach 'g am bheil deagh-thuigs' is
 air neart do chorruich féin ? [fios
 Is amhluidh fös mar t'eagal mòr,
 ta lasair t'fheirg d'a réir.
- 12 Dean teagasg dhùinn, a Dhé le beachd,
 mar àirmhear leinn ar làith' ;
 Do chum ar cridh' a shocrachadh
 air gliocas ceart gach tràth.
- 13 O Thighearna Iehobhah mhòir,
 pill féin a rìs ; cia fhad' ?
 Fa thimchioll staid do shearbhantadh
 gabh aithreachas gu grad.
- 14 O dean ar sàsuchadh gu moch
 le d' thròcair chaoimh, a Dhè,
 Do chum gu'm bimid aoibhneach ait,
 ri fad ar là 's ar ré.

- 15 Dean subhach sinn a réir nan là
 'n do chràdh tu sinn gu goirt :
 Do réir nam bliadhna ud faraon,
 a'm facamar an t-olc. [gnìomh,
- 16 Taisbein do d' shearbhantaibh do
 faiceadh an clann do ghlòdir.
- 17 Is bitheadh mais' ar Tighearn' Dia
 a' dealradh oirnn gu mòr.
 Na gnìomhara do rinn ar làmh,
 sochuich iad oirnn, a Dhé :
 Na gnìomhara do rinneadh leinn,
 dean daingean iad gu léir.

SALM XCI.

- 1 AN neach ta'n tàmh an uaignidheas
 an ti a's àird' a't'ann,
 Fuidh sgàil' an uile-chumhachdaich
 buان-chòmhnuidh ni gach àm,
- 2 Deireams' a nis fa thimchioll Dé,
 Mo thearmunn e, 's mo neart :
 Mo dhaingneach: cuiream dòchas ann:
 mo Dhia, 's e Dia nam feart.
- 3 Gu dearbh o rib an eunadair,
 do ni se fuasgladh ort,
 Is ni do shaoradh mar an ceudn'
 o'n phlàigh ta gràineil goirt.
- 4 Le 'iteich ni se t'fholach fòs,
 bidh t'earbsa fuidh a sgéith :

Is 'fhìrinn bidh na targaid dhuit,
mar sgéith do d' dhòn gach ré.

- 5 Cha bhi ort ogluidheachd fa chùis
an uamhais anns an oidhch' ;
No fòs fa chùis na saighde bhios
a' ruith air feath an laoi :
- 6 Cha bhi maoin eagail ort do'n phlàigh
ta triall an dorchadas ;
No fòs fa chùis an uilc do bhios
mu mheadhon là ri sgrios.
- 7 Bìdh mìle tuiteam ri do thaobh,
deich mìle fòs ri d' dneis :
Ach olc dhuibh sud chadthig a'd' chòir,
no 'm fogasg dhuit am feasd.
- 8 A mhàin le d' shùilibh seallaидh tu,
is bheir fainear le beachd ;
Droch-dhìol is tuarasdal nan daoī,
gun cheist do chithear leat.
- 9 Air son gu'n ghabhadh leatsa Dia,
mar chòmhnuidh dhuit gach àm,
An Dia ud ta na thearmunn domh,
se 'n ti a's àird a t' ann :
- 10 Aon olc cha 'n éirich dhuit, is plàigh
do t'fhardoich cha dthig dlù' :
- 11 Oir bheir se àithn' d'a ainglibh, chum
a'd' ròd gu'n dìonfuid thu.
- 12 Is togaidh iadsan thusa suas
gu h-ard air bharr am bos ;

- D'eagal gu'm buailteadh leat air cloich,
aon uair air bith do chos.
- 13 Air leòmhann is air naithir nimh',
gun dòghrainn saltrar leat ;
Pronnaidh tu'n dragon sios le d' chois,
's an leòmhann òg le d' neart.
- 14 Do blàrigh gur ionmhuinn leisin mi,
do dheanam fuasgladh dha :
Air m'ainm do blàrigh gur eòlach e,
arduicheam e gach là.
- 15 Gairidh se orm, is freagram e :
na thrioblaid bitheam leis :
Onoir is urram bheiream dha,
is fuasglam air gu deas.
- 16 Le saoghal fad is marannach
sàsuicheam e gu leòr :
Mo shláinte dha-san mar an ceudn'
foillsichidh mi gu mòr.

SALM XCII.

- 1 Bhi tabhairt buidheachais do Dhia,
's ni sàr-mhaith maiseach e,
Bhi tabhairt cliu, O Thi a's aird',
do t'ainm-sa feadh gach ré.
- 2 Do chaoimhneas anns a' mhàduinn
bhi tric 'ga chuir an céill, [mhoich,
'S air t'fhìrinn ta neo-mhearrachdach,
gach oidhch' bhi deanamh sgéil,

- 3 Air inneal ciuil nan teuda deich,
 is air an t-saltair ghrinn,
 'S air clàrsaich le guth fonnmhor àrd,
 a sheinneas ceòl gu binn.
- 4 Oir trid do ghnìomharas', a Dhé,
 rinn tu mi aoibhinn ait :
 Is ann an oibríbh fòs do làmh,
 nim' gairdeachas gu pait.
- 5 Do smuaintes' 'taid ro dhomhain fòs,
 t'oibre cia mòr, a Dhé !
- 6 An t-amadan cha tuig e so,
 's cha'n eòl do'n amhlair e.
- 7 'N tra chinneas luchd na h-aingid-
 a nìos mar chinneas feur, [heachd,
 'N tra bhitheas fòs luchd deant' an uilc
 a' fàs fuidh bhlàth gu léir :
 Se sud is deireadh dhoibh fa-dheoidh,
 gu'n sgriosar iad am feasd :
- 8 Ach thus, a Dhé, gu siorruidh ta
 ard-urramach gun cheist.
- 9 Oir feuch, do naimhde féin, a Dhé,
 oir feuch, do naimhde féin,
 Làn-sgriosar iad : iom-sgaoilear fòs
 luchd-aingidheachd gu léir.
- 10 Ach m'adharc togaidh tusa suas,
 mar adharc buabhuill aird :
 Le h-ola ghloin neo-thruaillidh ùir,
 ungfuighear mi gun chaird.

- 11 Air m'eascairdibh do chi mo shùil
 mo mhiann, is chluinn mo chluas
 Mo lugh' air luchd na h-aingidheachd,
 a'm' aghaidh dh'éireas suas.
- 12 Bidh piseach air an fhìrean chòir,
 mar chrann pailm' ur-mhor glas ;
 Mar Shedar ard air Lebanon,
 a' fàs gu dìreach bras.
- 13 An dream ta air an suidheachadh
 an tigh 's an àros Dé,
 An cùirtibh greadhnach ard ar Dia,
 sior-fhàsaidh siad gach ré.
- 14 San àm am bi siad aos-mhor liath,
 do bheir siad meas a mach :
 Is bidh siad sultmhор le deagh-bhlàth,
 dhiubh sud gach uile neach.
- 15 Do chum gu 'n innsid gu bheil Dia
 ro-chothromach is ceart,
 Mo charraig e, 's ni bheil ann féin
 aon eacoir no droch bheart.

SALM XCIII.

- 1 Is Righ Dia, air a sgeuduchadh
 le mòralachd gach àm ;
 'Ta air a sgeuduchadh le neart,
 le'r chriosrui'r e gu teann :
 Do shocruicheadh an cruinne-cé,
 nach gluaisear e a chaoidh.

- 2 Do chaithir daingean ta o chian :
 's tu féin gun cheann gun chrìoch.
- 3 Do thog na srutha suas, a Dhé,
 do thog na srutha garg
 An guth : is thog na srutha suas
 an tonna mòr is borb.
- 4 Is treise Dia ta 'n còmhnuidh shuas,
 na fuaim nan uisge garbh ;
 Is treise Dia na sùmainne,
 is tonna cuain gu dearbh.
- 5 A taid do theisteis is do reachd
 ro-dhaingean agus fior :
 'Tanaomhachd iomchuidh air do thigh,
 a Dhé nam feart, gu sior.

SALM XCIV.

- 1 O DHIA d'am buin ceart dhioghaltas,
 Iehobhah neartmhoir thréin,
 D' am buin a mhàin ceart-dhioghaltas,
 gu dealrach nochd thu féin.
- 2 Obhreitheimh cheirt natalmhainn dean
 thu féin a thogail suas,
 Is ioc ri luchd an uaibhreachais
 ceart-luaigheachd agus duais.
- 3 Cia fhad a ni lùchd-aingidheachd ;
 cia fhad, a Dhia, do ni
 Luchd-aingidheachd ur-ghairdeachas,
 le aoibhneas mòr gun dìth ?

- 4 Cia fhad' a bhrùchdar briathra leo,
a' teachd air nithibh cruaidh?
'S a bhitheas luchd na h-aingidheachd
ri ràiteachas is uaill ?
- 5 Bhris iad do shluagh gu mion, a Dhé,
is t'oighreachd chlaoïdh gu goirt.
- 6 Bantreibhach, coigreach', 's dilleachda,
'gam marbhadh, is 'gam mort.
- 7 Deir siad gridheadh, Cha léir do Dhia;
is fòs ni mò do ni
Dia Iacoib sud a thoirt fainear,
's ni 'n cuir am feasd am prìs.
- 8 O dhaoine brùideil measg an t-sluaigh,
nis tuigibh agaibh féin,
Is amadain, cia fhad' do bhios
sibh gabhail chugaibh céill'?
- 9 An neach do chuir air faillin cluas,
'm bi se gun chlàisteachd gheur?
An ti do dhealbh an t-sùil faraon,
nach ann da féin is léir?
- 10 'N ti smachduicheas na fineachan,
an eadh* nach cronus se?
An ti bheir eòlas do gach neach,
an neach gun eòlas e?
- 11 Air smuaintibh dhaoin' is fiosrach Dia,
gur diomhan iad gu beachd.
- 12 Dhia, 's beannuicht' iad a smachd' chear
's theagaisgear as do reachd. [leat,

- 13 Chum fois gu' n dthugadh tusa dhoibh
 o làithibh àmhghair olc,
 Gu nuig an uair an tochaltar*
 do dhaoinibh daoi an slochd.
- 14 Oir Dia cha tilg se dheth am feasd
 a phobull muinntireach ;
 'S ni mò na sin do thréigear leis
 'chaomh oighreachd charannach :
- 15 Ach pillidh breitheanas a rìs
 ri fireantachd air ais :
 Bidh luchd a' chridhe threibh-dhirich
 'g a leanmuinn sud gu cas.
- 16 An aghaidh fòs luchd deant' an uilc,
 cia dh' éireas leam an aird' ?
 An aghaidh luchd na h-aingidheachd,
 cia sheasas air mo phàirt ?
- 17 Mur bitheadh Dia Iehobhah leam,
 ga m' chuideachadh le buaidh,
 'S beag nach robh m'anam bochd an
 gu tosdach anns an uaigh. [tàmh]
- 18 N' tra dubhairt mi, a ta mo chos
 air sleamhnuchadh uam sios ;
 Do rinn do thròcair chaomh, a Dhé,
 an sin mo chumail suas.
- 19 Air bhith do m' smuainte' iomarcach,
 is lòn mhòr ann mo chom,
 Do thug do chomh-fhurtachd an sin
 sòlas do m'anaim troin.

* cladhlaichead.

- 20 Aig caithir rioghal luchd an uilc,
 am bi co-chomunn leat,
 'Ta dealbh gu seòlt' an aimhleis mhòir,
 le statuin agus reachd ?
- 21 An aghaidh an'ma 'n fhìrein chòir
 'taid cruinneachadh gu dlù',
 Do fhàgail ris fuil neo-chiontaich,
 le breitheanas nach fiù.
- 22 Ach Dia mo dhaingneach's e : mo Dhia
 mo charraig dòn gach lò.
- 23 'S e dhìolas orra sud air ais
 gach eacoir rinneadh leo,
 An sgathadh sios do nithear leis,
 gu ceart nan aing'eachd féin ;
 Is ni Iehobhah mòr ar Dia
 an sgathadh sios gu treun.

SALM XCV.

- 1 O THIGIBH, seinneamaid do Dhia :
 thigeadh gach neach gun chaird' ;
 Do charraig threun ar slàinte fòs,
 togamaid iolach ard.
- 2 Is ann a fhianais thigemaid
 le buidheachas gach là :
 Togamaid ceòl gu suilbhireach,
 a' seinn le salmaibh dha.
- 3 Is Dia ro-mhòr Iehobhah treun ;
 Righ mòr os-cionn gach Dia.

- 4 Doimhneachd na talmhainn ta na làimh:
 's leis neart nan cnoc 's nan sliabh.
- 5 Se rinn an cuan ta farsaing mòr,
 ta còir aig air is sealbh ;
 'San talamh tioram le a làimh,
 do chruthaich se 's do dhealbh.
- 6 O thigibh agus sleuchdamaid
 is deanar cromadh leinn ;
 Is air ar glùinibh tuiteamaid,
 do'n Dia a chruthaich sinn.
- 7 Oir 's e ar Dia, is sinn' a shluagh,
 do bheathuich se mar threud,
 Caoirich a làimh : ma éisdear leibh,
 an diugh a ghuth gun bhreug,
- 8 Na cruaidhichear bhur cridhe leibh,
 mar rinn sa' choimh-stribh dhian,
 Marrinneadh leibh san fhàsach chruaidh
 ga m' bhuaireadh le bhur miann :
- 9 'Ntradh' fhionn 'sa dhearbh 'ur sinnsir
 's mo ghnìomh do chunnaic siad. [mi,
- 10 An t-àl ud rè da fhichead bliadh'n'
 chuir campar orm is eud :
 Dubhram gur pobull iad 'g am bheil
 droch cridhe seachranach :
 Is air mo shlighibh riamh nior ghabh
 siad eòlas firinneach.
- 11 D'an d'thug mi féin mo mhionnan mòr,
 a'm' fheirg 's am chorruich ghéir,

Nach rachadh siad a chaoidh' a steach
a'm' ionad-còmhnuidh féin.

SALM XCVI.

- 1 CANAIBH do'n Tighearn' òran nuadh,
gach aon tìr canaibh dha.
- 2 Seinnibh do Dhia; 'ainm beannuichibh,
nochdaibh a shlàint' gach là.
- 3 Am measg nam fineach Geintileach
sior-thaisbeinibh a ghlòir ;
Am measg nam poibleach innisibh
a mhìorbhuite ro mhòr.
- 4 Oir 's mòr Iehobhah Dia nam feart,
's ion-mholta feedh gach ré ;
Is aobhar eagail e faraon
os-cionn nan uile dhé.
- 5 Oir ta siad, dé nan Geintileach,
nan iodholaibh gu léir :
Ach 'se Iehobhah cruthaighear
nam flaitheas is nan speur.
- 6 Ard oinoir agus mòralachd
na fhianais-san a ta :
Treun-spionnad agus maisealachd
na theampull naomh do ghnàth.
- 7 O fhineacha nam poibleach mòr,
thugaibh do Dhia nam feart,
Thugaibh do'n Tighearn ud faraon
glòir, urram, agus neart.

- 8 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
do'n Tighearn' thugaibh uaibh :
Thigibh g'a chùirtibh naomh a steach,
is thugaibh ofrail leibh.
- 9 Do Dhia Iehobhiah sleuchdaibh sios,
am mais' a naomhachd fèin :
Biodh eagal oirbh, gach uile thìr,
'n a fhianais-san gu léir.
- 10 Abraibh measg fineach, gu bheil Dia
riaghladh mar Righ gu beachd :
Buan-dhaingnichear an domhan leis :
air daoinibh bheir breith cheart.
- 11 Biodh aoibhneas air na nèamhaibh ard,
is biodh an talamh ait ;
Beucadh an cuan gu farumach,
's gach làn a't'ann gu paillt'.
- 12 Biodh aoibhneas air a' mhachair fòs,
is air gach ni a't'ann :
An sin bidh aiteas air gach coill',
is air gach craoibh is crann
- 13 An làthair Dhé ; oir ta se teachd,
oir ta se teachd gu seth :
Air talamh chum gu'n deanta leis
ceart-bhreitheanas fa leth :
Le ceartas maith do bheir se mach
breith air a' chruinne-ché ;
Bheir air a' phobull breitheanas
le firinn fhìorghan réidh.

- 1 IEHOBHAH mòr se ta na Righ,
 biadh aiteas air gach tìr ;
 'S air eileanaibh ta lìonmhòr ann,
 biadh gairdeachas gu léir.
- 2 'Ta neula tiugh is dorchadas
 fa thimchioll air gach leth ;
 Se 's còmhnuidh fòs d'a chaithir-righ
 deagh-chothrom is ceart bhreith.
- 3 'Ta teine roimhe millteach mòr,
 ag imeachd air gach àird' ,
 Le'r loisgear suas gu lasarach
 a naimhde-san fa'n cuairt.
- 4 Le solus glan a dhealanaich,
 dhealruich an cruinne-cé :
 Chunnaic an talamh sud gu dearbh,
 do chlisg is chriothnuich se.
- 5 Na cnuic, an làthair Dhé nan dùl,
 do leagh siad as mar chéir :
 Roimh ghnùis Aird-Righ na talmhainn
 do leagh siad as gu léir. [ti,
- 6 Cuiridh na nèamh' a cheart an céill,
 is chi gach sluagh a ghilòir.
- 7 Do ìomh'aibh snaightemeud's a chrom,
 gu'n robh dhoibh amhluadh mòr,
 'Ta deanamh bòst is ràiteachais
 a iodholaibh nach fiù :
 Gach uile dhé a ta sibh ann,
 sleuchdaibh do Dhia nan dùl.

- 8 Do bhi air Sion aoibhneas mòr,
 an uair a chual si e,
 Rinn inghean' Iudah gàirdeachas
 fa d' bhreitheanais, a Dhé.
- 9 Oir ta tu, Dhia Iehobhah, àrd
 os-cionn gach uile thìr :
 Ta tu air t'àrduchadh gu mòr
 os-cionn gach dia gu léir.
- 10 Sibhse le'r n-ionmhuinn Dia gu caomh,
 fuathuichibh olc a chaoidh ;
 Anam a naomh sior-choimhdidh se ;
 saoruidh o làimh nan daoí.
- 11 Cuirear mar phòr gu frasach pailt,
 solus do'n fhìreanach :
 Is aoibhneas fòs, do'n dream a ta
 nan cridhe treibh-dhireach.
- 12 Biodh aiteas oirbh an Dia na glòir',
 O fhìreana gu léir ;
 Is thugaibh buidheachas do Dhia,
 ri cuimhn' a naomhachd féin.

SALM XCVIII.

- 1 O SEINNIBH òran nuadh do Dhia,
 rinn bearta miòrbhuileach :
 'Si'dheas-lamh féin's a ghàirdean naomh
 thug dhasan buaidh a mach.
- 2 Do thaisbein Dia gu follasach
 'fhurstachd 's a shlàinte mhòr ;

Am sianais Gheintleach d'fhoillsich se
'fhìreantachd féin gu leòr.

- 3 Chuimhnich se 'fhìrinn is a ghràs
do theaghach Israeil :
Is slàint' ar Dé do chunncadar
gach iomall tìr gu léir.
- 4 Do Dhia Iehobhah togaibh suas
ard-iolach ait, gach tìr :
Togaibh bhur guth, bibh subhach fòs,
is seinnibh moladh fior.
- 5 Do Dhia Iehobhah mòr nam feart,
seinnibh air clàrsaich ghrinn ;
Le clàrsaich (deirim) seinnibh dha,
le guth na sailm gu binn.
- 6 Le fuaim an tomain seinnibh dha,
's le guth na trompait aird :
Do Dhia an t-ard-Righ seinnibh fòs,
le iolach ait gun chaird'.
- 7 Beucadh an fhairge mhòr gu borb,
's an làn a t'ann le chéil' ;
An domhan is gach dùil a ta,
an còmhnuidh ann gu léir.
- 8 Buaileadh na tuilte mòr am bos',
's na sléibhte biodh siad ait,
- 9 An làthair Dhé, oir ta se teachd,
air talamh thabhairt ceirt ;
Le ceartas maith do bheir se mach
breith air a' chruinne-ché,

Bheir air a' phobull breitheanas,
le cothrom fior-ghlan réidh.

SALM XCIX.

- 1 'T A Dia na Righ, is criochnuicheadh
gach uile shluagh air bith :
'S e shuidheas eader Cherubim,
biadh air an talamh crith.
- 2 An Sion ta Iehobhah mòr,
is àrd os-cionn gach sluagh.
- 3 T' ainm mòr ro-uath-mhor molar leo ;
oir ta se naomh r'a luaidh.
- 4 Is toigh le neart an Righ ceart-bhreith:
's tu shocruicheas a' cheart :
An Iacob breitheanas is còir
cuiridh tu 'n gnìomh gu beachd.
- 5 Ar Dia Iehobhah arduichibh,
is sleuchdaibh dha gu caomh,
Aig stòl a chos gu h-urramach ;
oir ta se féin ro naomh.
- 6 Am measg a shagairt Aaron 's Maois,
bhi Samuel anns an dream
Do ghair air 'ainin : do iarr siad Dia,
fhreagair se iad san àm.
- 7 Am pileir neoil gu gràs-mhòr caoin,
do labhair esan riu ;
Na statuin naomh do thug se dhoibh,
's a theisteas choimhdeadh leo.

8 Ichobhah Dhia, do fhreagras iad :
 's tu 'n Dia do mhaith an lochd,
 Ge d' dheanas orra dioghaltas,
 air son an as-innleachd.

9 Ar Dia Iehobhah arduichibh,
 is sleuchdaibh dha do ghnàth,
 'S ann aig a thulaich naomha féin :
 oir 's naomh ar Dia gu bràth.

SALM C.

1 TOGADH gach tìr ard-iolach ghlaoidh,
 do Dhia Iehobhah mòr.

2 Thigibh, is deanaibh seirbhis ait,
 na làthair-san lc ceòl.

3 Biodh agaibh fios gur esan Dia,
 sc rinn sinn, 's cha sinn féin :
 A phobull sinn, 's a chaoirich fòs,
 dh'incaltradh leis gu léir.

4 Thigibh a nis le buidhcachas,
 na ghcataibh-san a stcach,
 Is thigibh fòs lc moladh mòr,
 an cùirtibh naomh a theach :
 Is thugaibh dha mòr-bhuidheachas,
 'ainm beannuichibh gu binn

5 Oir Dia ta maith, ta 'thròcair buan ;
 is 'fhirinn fcadh gach linn.

- 1 BREITH cheart is tròcair canar leam :
 Dhé, seinneam dhuit le ceòl.
- 2 Is iomcharam mi féin gu glic,
 air slighe fhoirfe chòir.
 Cia uair do m' ionnsuidh thigeas tu,
 O Thighearna nam feart ?
 A steach a'm fhardoich gluaisidh mi
 le cridhe fior-ghlan ceart.
- 3 Fa chomhair fòs mo shùile féin,
 ni 'n cuiream olc am feasd : [leam,
 Obair luchd-saobhaidh 's fuathach
 's ni 'n leanann rium gun cheist.
- 4 An cridh' ta iargalt' an-mèineach,
 uam triallaidh se an céin :
 Eòlas no furan air an daoí
 a chaoídh ni 'n cuiream féin.
- 5 'N ti cùl-bheum bheir d'a choimhears-
 lom sgriosam e gun chaird' ; [nach,
 An cridhe borb, nior fhuilgeam e,
 no neach a sheallas ard.
- 6 Bidh m' air' air fireanaibh na tìr,
 gu'n gabhaid còmhnuidh leam :
 An ti bhios foirfe glan na bheus,
 se 's òglach dhomh gach àm.
- 7 Fear deanta ceilg is mealltaireachd,
 a'm' thigh ni'n còmhnuigh'nn se :
 A'm' làthair, neach a labhras breug,
 gu buan cha'n fhuirich e.

8 Lom sgriosaidh mise fòs gu moch
gach droch-dhuin' as an tìr,
Chum luchd an uilc a sgathadh as,
o chathair Dhé gu léir.

SALM CII.

- 1 Rí m' urnaigh éisd, Iehobhah Righ ;
is ruigeadh ort mo ghlaodh.
- 2 Na foluich uam do ghnùis san là
thig trioblaid orm gach taobh ;
San là an gairmeam ort gu geur,
crom chugam féin do chluas ;
Is freagair mi gu deifireach,
a' furtachd air mo chruas.
- 3 Do bhrìgh gu bheil mo làith' mar cheo,
a' teireachdainn do ghnàth :
Mar lic an tinntein 's amhluidh sin,
mo chnàmhan loisgt' a ta.
- 4 Trom-bhuailte ta mo chridhe bochd,
is shearg se mar am feur ;
Ionnas gu'n dhearmaid mi gu beachd,
greim arain chur a'm' bheul.
- 5 Fa ghuth mo chaoi'mo chnàmhan lean
ri 'm chraicionn féin gu teann.
- 6 Mar phelican san fhàsach mi ;
's mar chaileach-oidhch'naim beann.
- 7 Ri faire 'taim gu furachar,
is cosmhuil mi do ghnàth

Ri gealbhonn beag na aonar fós,
air mullach tighe ta.

8 Ri fad an là mo naimhde garg,
ga m' mhasluchadh a taid;

San dream a ta air boile rium,
a'm' aghaidh mhionnaich siad.

9 Le m' dheuraibh choi'-measg mi mo
mar aran dh'ith mi luath', [dheoch.

10 Tre lasan t'fheirg'; oir thog tu mi,
is leag tu rìs gu truagh.

11 Mar sgàil', do chlaon mo làithe sios;
is shearg mi féin mar fheur.

12 Ach mairidh tus' am feasd', a Dhé;
's do chuimhne féin gu sior.

13 'Nis eirigh tu do dheanamh gràis
air Sion féin gu dlu';
Oir àm a cabhair ta air teachd,
se 'n t-àm a dh'orduich tu.

14 Oir t'òglaich 'taid a' gabhail tlachd
d'a clochaibh sud gach uair;
'Ta deagh-thoil aig do shearbhanta
d'a luaithre is d'a h-ùir.

15 Mar sin bidh air na fineachaibh
eagal roimh ainm an Triath;
Is air gach Righ air talamh ta
bidh roimh do ghlòir-se fiambh.

16 'N tra thogar Sion suas le Dia,
taisbeanar e na ghlòir.

- 17 Urnaigh nam bochd bheir se fainear,
 's cha diùlt se iad le tàir.
- 18 Do'n àl a ta ri teachd 'nar déigh,
 sud sgrìobhar dhoibh gu beachd ;
 'S an dream do ghinear o so suas,
 molaidh siad Dia nam feart.
- 19 Oir dh'amhairc se a nuas gu beachd,
 o aird' a naomhachd féin ;
 Is air an talamh dh'amhairc Dia,
 a nuas o nèamh nan speur ;
- 20 Gu'n cluinneadh osnайдh ghearanach
 a' phrìosunaich ta 'n sàs ;
 Chum fuasgladh air an dream a ta
 air 'n ordughadh chum bàis.
- 21 An Sion chum gu'n cuireadh 'n céill
 ainm uasal àrd ar Dia,
 'S gu 'n innsid an Ierusalem
 moladh is cliu an Triath.
- 22 An t-àm a bhios na poibleacha
 air cruinneachadh le chéil',
 'S gu seirbhis Dé 'n tra thionalar
 na Rioghachda gu léir.
- 23 San t-slighe, agus anns an ròd,
 mo threòdir do lagadh leis :
- 24 Mo làith' do chuir an giorrad fòs.
 'S mar so do labhair mis',
 Mo Dhia na glacar mi le bàs,
 fa thimchioll leth mo là :

O aois gu h-aois gu marannach,
do bhliadhnaidhs' buan a ta.

25 Deagh-bhunaite na talmhainn ti
o chian do leagadh leat ;

Is siad na nèamha fior-ghlan àrd
oibre do làmh gu beachd.

26 Bidh tusa buan is marannach,
théid iadsan thart' le chéil' ;
Bidh iadsan fòs air teireachdainn
mar ghiobal * sean gu léir :

Feuch caoch'lidh tu mar thruscan iad,
is caoch'lear iad gun cheist.

27 'Ta thus' a mhàin gun chaochladh ort,
's do bhliadhnaidh buan am feasd.

28 Bidh clann do sheirbhiseach, a Dhé,
marannach buan do ghnàth :
Agus na t'fhianais socruichear
an gineal-san gu bràth.

SALM CIII.

1 O m' anam, beannuich thus a nis,
an Dia Iehobhah mòr : [dhiom,
Moladh gach ni ta 'n taobh stigh
'ainm naomha mar is còir.

2 O m' anam, beannuich féin a nis,
Iehobhah mòr do Dhia :
Na di-chuimhnich gach tìodhlaice
do dheònuich dhuit an Triath.

- 3 'Se mhaitheas dhuit gu gràs-mhor caoin
gach peacadh annad fèin :
'S e bheir dhuit slàint', is furtachd fòs,
o t'easlaintibh gu léir,
- 4 Do bheatha fòs o sgrios a' bhàis,
's e dh'fhuasglas dhuit gu pailt' ;
'S e chrùnas thu le coron gràidh,
's le tròcair chaoimh gun airc.
- 5 Le 'mhaitheas is le 'thiodhlaicibh
sàr-lionaidd se do bheul ;
As gu bheil t'òig' air nuadhachadh,
mar iolar luath nan speur.
- 6 Air sgà' na muinntir ud a ta
le fòirneart air an claoidh',
Ceartas is breitheanas faraon,
's e Dia dhoibh sud do ni.
- 7 Do Mhaois an neach bu shearbhant dha,
a shlighe chuir se 'n céill ;
Is mar an ceudn' a ghnìomhara
do chlannaibh Israeil.
- 8 'Ta'n Tighearn iochdmhor tròcaireach ;
's mall 'fhearg, 's is pailt a ghràs.
- 9 Cha bhi se tagradh ruinn do shior,
's ni 'n gléidh se 'fhearg gu bràth.
- 10 Do réir ar peacaidh iomarcaich,
niòr rinn se dioghaltas ; [réir
'S cha d'thug se luigheachd dhùinn a
ar ciont is easaontais.

- 11 Oir mar os-cionn na talmhainn ta
 na speuran àrd gach ré,
 Is amhluidh sin ta 'thròcair mòr
 do'n dream d'an eagal e.
- 12 Mar ta an àird' an ear 's an iar
 a' gabhail fad o chéil',
 'S co fhad a chuireas Dia nan gràs
 ar peacaidh uainn gu léir.
- 13 Amhluidh mar ghabhas athair dàimh,
 is truas d'a leanbaibh maoth,
 Mar sin d'a fhìor-luchd eagail féin,
 Dia gabhaidh truas gu caomh.
- 14 Oir 's aithn' agus as léir do Dhia
 ar cruth 's ar dealbh gu ceart ;
 Gur duslach talmhainn sinn air fad,
 is cuimhne leis gu beachd.
- 15 An duine truagh, a taid a làith'
 amhluidh mar fheur a ghnàth ;
 Mar bharr nan luibh' air mhachair fòs,
 a ta se fàs fuidh bhlàth.
- 16 Oir gabhaidh thairis osag ghaoith,
 's cha bhi se idir ann ;
 'S ni fhaicear e san ionad ud
 an robh se fàs gu teann.
- 17 Ach mairidh tròcair Dhé gu sior
 do'n dream d'an eagal e,
 Is fòs do chloinn an cloinne sin,
 bidh 'fhìreantachd gach ré :

- 18 Do'n aitim ud a chumas ris
 an cùmhnant rinn se riu,
 'Sdo'ndream a chumhn' cheas' àithean-
 do chum gu'n deant' iad leo. [ta,
- 19 Do shocruich Dia sna nèamhaibh àrd
 a chaithir féin gu treun ;
 'Ta 'Rioghachd-san an uachdar fòs
 os-cionn gach ni fuidh 'n ghréin.
- 20 Sior-bheannuichibh Iehobhah mòr,
 O 'aingle treun an neart,
 'Ta deanamh 'iarrtuis mar is còir,
 ag éisdeachd ri na reachd.
- 21 Gach uile shluagh a bhuineas da,
 beannuichibh Dia a nis :
 A shearbhanta le'r coimhlionar
 gach ni a's toileach leis.
- 22 'Uil' oibre, feadh a thighearnais,
 a rinneadh leis an Triath,
 An Righ Iehobhah beannuichibh ;
 O m' anam, beannuich Dia.

SALM CIV.

- 1 O m' anam, beannuich thusa Dia ;
 mo Dhia, 's tu'n Triath ro-mhòr :
 A ta tu air do sgeuduchadh
 le h-onoir is le glòir.
- 2 Do chuir tu solus dealrach glan,
 mar thruscan umad féin,

Do shìn tu mach 's do sgaoileadh leat,
mar chùirtein nèamh nan speur.

3 Sailthean a sheòmra leagadh leis
air uisgibh do bhi fuidh ;

Mar charbad rinn na neula tiugh,
's e ruith air sgiathraighe gaoith.

4 'S e féin a rinn na h-aingil fòs,
nan spioraid làidir threun ;
'S e rinn nan teine lasara
a mhinistre d'a réir.

5 Is bunaite na talmhainn leis
air socruchadh ata,
Do chum nach gluaist' as 'ionad e
a chaoidh no'n cian gu bràth.

6 Do fholuich tu le doimhneachd e,
amhluidh 's gu'm b'ann le brat :
Os-cionn nam beann 's nan sléibhte àrd,
na h-uisgeacha do stad.

7 Air cluinntinn doibh guth t'achasain,
do imich iad gu cas ;
Is fòs ri guth do thairneanaich,
le deifir theich siad as.

8 Ritaobh nam beann do chaidh siad suas,
's chaidh sios air feadh nan gleann,
Gu nuig an t-àit' a dh'orduich tu,
's do shocruich dhoibh gu teann.

9 Do chuir tu rompa crìocha buan,
nach rachaid thart' a nunn * ;

D'eagal gu'm pilleadh siad a rìs,
dh'fholach na tìr' le tuinn.

10 Cuiridh se mach na toibreacha
air feadh nan glac 's nan gleann,
A ta gun tàmh le 'n sruthaibh bras,
a' ruith air feadh nam beann.

1 Do bheathachaibh na machrach fòs,
deoch bheirid dhoibh r'a h-òl ;
'S na h-asail fhiadhaich coisgidh siad
an tart 's an ìotadh mòr.

2 Am fogasg dhoibh ni eoin nan speur,
tigh clù'mhor tàimh dhoibh féin ;
Is eadar gheugaibh cuirear leo
an ceileir binn an céill.

3 Uisgichidh se o 'sheòmraibh àrd
na beannta mòr gun tàmh :
Bithidh an talamh air a dhìol
le toradh gnìomh do làmh.

4 Bheir se air feur bhi fàs do'n spréidh,
's air luibh bhi fàs gun sgìos
Do dhaoineibh, chum gu'ndthugadh siad
o'n talamh biadh a nìos :

5 Is fion a chuireas cridhe dhaoin'
air ghean 's air shubhachas ;
Is ola fòs do ni an gnùis
gu dealrach glan le mais' :
'S e bheir doibh aran mar an ceudn'
fhreasdal am féim gu leòr,

An cridhe dhaoin' a chuireas neart,
le misnich mhaith is treòir.

- 16 'Ta craobhan Dé ro-làn do bhrìgh,
siad Sedair Lebanonin,
Na craobhan ud do phlanntuich se,
's do shuidhich air am bonn :
- 17 Is bithidh neid san ionad ud
ag eunlaith luath nan speur :
Na craobhan giumhais aig an storc'
mar ionad tàimh dh'i féin.
- 18 Na fiadh-ghabhair, am beanntaibh àrd
an tèarmunn féin do leag ;
Bidh coinin bheaga mar an ceudn'
an còsaibh blàth nan creag.
- 19 Do orduich se a' ghealach fòs
gu sgarachduin nan trà' :
'Ta eòlas ro-mhaith aig a' ghréin
mar luidheas i gach là.
- 20 Do nithear leatsa dorchadas,
is thig an oidhch' gu grad ;
An sin bidh beathuich allt' na coill'
a' dol a mach air fad.
- 21 Ri beucadh bidh na leòmhuiinn òg,
ag iarruidh cobhartaich,
Is bithidh siad ag iarruidh bìdh
air Dia ro-chumhachdach.
- 22 An sin 'n tra dh'éiricheas a' ghrian,
ni'd cruinneachadh le chéil',

Gu h-uaigneach luidhidh siad a stigh,
nan gàradh dìdean féin.

23 Is théid an duine mach an sin,
g'a obair mar is còir,
Is leanaidh se gu dicheallach
a shaothair gu tràth-nòin'.

24 Cia lònsmhor t'oibre mòr, a Dhé!
an gliocas rinn tu iad :

An talamh le do shaibhreas mòr
ta làn air fad 's air leud ;

25 'S an cuan ta farsaing mòr, am bheil ;
gach ni a shnàigeas ann,
'S na beauthuich eadar bheag is mhòr,
gun orra cunntas ceann.

26 'Ta loingeas siubhall ann gu tiugh,
's an Lebhiàtan mòr,
A' bhéist do dhealbhadh adhbhal leat,
ri sùgradh ann le treòir.

27 Na slòigh ud uile, taid, a Dhé,
a' feitheamh ort do ghnàth,
Do chum gu'n dthugadh tu dhoibh;
d'an cumail beò gach tràth. [biadh,

28 Na bheir tu dhoibh a'd' thoirbheartas,
'ga thional sud a taid :

'N tra dh'fhosglas tu do làmh gu paitl,
le maith sàr-lionar iad.

29 Air folach dhuit do ghnùis a rìs,
thig cabhag orr' air fad ;

Eugfuid, tra bheir tu ast' an deò,
pillfid ri 'n ùir gu grad.

- 30** Do spiorad féin d'an cruthachadh,
rìs cuirear leat a mach,
Is aghaidh fòs na talmhainn ti
nuadhaichidh tu le dreach.
- 31** Bidh glòir an Triath ro-mharannach,
air feadh gach linn am feasd ;
Is ni Iehobhah gàirdeachas
na ghnìomharaibh gun cheist.
- 32** Air sealltuinn air an talamh dha,
criothnuichidh se gu grad :
'N tra bheanas e ri sléiblitibh ard,
bidh deatach dhiubh air fad.
- 33** Do Dhia Iehobhah seinneam ceòl,
an cian a bhios mi beo ;
Is bheiream moladh mòr do Dhia,
ri fad mo ré's mo ló.
- 34** 'S ro-mhilis blast' mo smuainte's air ;
biom ait an Dia do ghnàth.
- 35** Gu'n dthigeadh sgrios air peacachaibh,
mach as an tìr gu bràth,
'S nior robh na h-aingidh ann ni 's mò.
O m 'anam, moladh seinn
Do Dhia Iehobhah : molaibh Dia
le haleluiah bhinn.

- 1 O THUGAIBH buidheachas do Dhia,
 air 'ainm-san gairibh féin ;
 Is cuiribh fòs a ghnìomhara
 am measg nan sluagh an céill.
- 2 Seinnibh do Dhia Iehobhah mòr,
 sailm seinnibh dha gu binn,
 Is aithrisibh gu h-iomlan fòs
 na mìorbhuile do rinn.
- 3 As 'ainm ro-naomha-san faraon
 deanaibh deagh-uaill is gloir ;
 Biodh gàirdeachas air cridh' na droing
 dh'iarras Iehobhah mòr.
- 4 Iarraibh Iehobhah mòr nam feart,
 iarraibh a neart do ghnàth :
 A ghnùis ta gràsmhor fàbharach,
 sior-iarraibh i gu bràth.
- 5 Cuimhnichibh fòs na mìorbhuile,
 do rinneadh leis gu treun ;
 A ghnìomhara ro-iongantach,
 is breitheanais a bhéil.
- 6 O sibhs' a ghineil Abrahaim,
 deagh-òglaich dhìleis Dé ;
 Sibhse chlann Iacoib mar an ceudn',
 do roghnuich se dha féin.
- 7 'S esan ar Tighearn is ar Dia,
 Iehobhah mòr gu fior :
 'Ta 'bhreitheanais ro-chothromach
 air sgaoileadh feadh gach tìr.

- 8 Do chuimhnich se gu siorruidh buan
 a choimhcheangal gu beachd ;
 'S am focal fòs a dh'orduich se
 do mhìltibh àl ri teachd.
- 9 An coimhcheangal do rinn se féin
 ri Abraham gu caoin,
 'S a mhionna thug se le na bhuel
 do Isaac caomh faraon :
- 10 Is amhluidh sin do Iacob fòs,
 dhaingnich se e mar reachd ;
 Mar choimhcheangal bhi siorruidh
 do Israel gu beachd ; [buan]
- 11 Ag ràdh, tìr Chanaain bheiream dhuibh
 mar chrann bhur n-oighreachd féin :
- 12 Airbhith dhoibh tearc, 'snam buidheinn
 's nan coigrich innt' gu léir. [bhig,
- 13 Is air bhithi dhoibh ag imeachd fòs
 o thìr gu tìr gun tàmh ;
 A' triall feadh sluaigh is Rioghachda
 nach fac' iad roimhe riamh :
- 14 Nior leig do dhuin' an gortachadh,
 ach smachduich as an leth
 Mòr Righre neartmhòr cumhachdach ;
 ag ràdh mar so gu seth ;
- 15 Feuchaibh nach bean sibh ris an dream
 do ungadh leam gu caomh :
 Is fòs na deanaibh cron air bith,
 no lochd air m' Fhàidhibh naomh.

- 16 Do ghairm se gort a steach do'n tìr,
is lorg an arain bhris.
- 17 Ach chuir se Ioseph rompa sios,
reiceadh mar thràill gun fhios.
- 18 Le geimhlibh dhochuinn siad a chos',
luidh se an iarunn teann ;
- 19 Gu nuig an d'thàinig focal Dé ;
do dhearbh sud e san àm.
- 20 Do chuir an Righ fios air an sin,
is dh'fhuasgail air gu caoin :
Seadh uachdran mòr nam poibleacha,
is leig se e fa sgaoil.
- 21 Is air a theaghlaich thug se dha
ard-uachdranachd gu léir ;
Ard-mhaigh'stireachd a stòrais mhòir,
do thug se dha do réir ;
- 22 Do cheangal réir mar chìteadh dha,
ard-phrionnsaidh mòr na tìr' :
'S gu'n dthugadh se d'a sheanairibh
teagasg air gliocas fior.
- 23 Do Rioghachd mhòir na h-Eipht an sin,
do thàinig Israel,
Do bhi air chuairt an talamh Cham
Jacob 's a shliochd le chéil'.
- 24 Do rinn se 'phobull féin an sin
lionmhòr gu h-iomarcach,
Is ni bu treise rinn se iad
na 'n naimhde mi-runach.

- 25 An cridhe sud do iompaich se,
 thoirt fuath d'a phobull naomh',
 'S gu'm buineadh siad gu fealltach olc
 r'a shearbhantaibh ro-chaomh.
- 26 An sin do chuir se 'òglach Maois,
 Aaron do thagh se féin.
- 27 Nochd siad a chomhar' mìorbhuileach
 an talamh Cham gu treun.
- 28 Duibhre do chuir, le'r dhorchadh iad,
 's do fhreagair siad a ghuth.
- 29 Dh'iompaich gu ful an uisgeacha,
 's do mharbh se 'n t-iasg nan sruth.
- 30 Is losgain ann an lìonmhoireachd
 do bhrùchd an tìr a mach,
 Am fàrdochaibh an Righre-san,
 's nan seòm'richibh a steach.
- 31 Air 'iarrtas thàinig ioma gnè
 do chuileoguibh gu grad,
 Is mìola lìonmhòr mar an ceudn'
 nan còrsaibh* féin air fad.
- 32 Air son na fearthuin thug se dhoibh
 cloich-shneachd gu frasach geur,
 Is lasair theine-dhealanaich
 air feadh na tìr gu léir.
- 33 Na craobhan fion', is fìge fòs
 do bhuaileadh leis gu trom ;
 Do bhriseadh agus reubadh leis
 gach crann do bhi nam fonn.

- 34 Do labhair se, is thànadair
 locuist gu lìonmhor ann,
 'S na caterpilleir iomarcach,
 gun orra cunntas ceann.
- 35 Gach luibh san tìr do itheadh leo ;
 do itheadh leo gach meas.
- 36 Bhuail se gach ceud-ghin anns an tìr,
 toiseach am brìgh 's an treis'.
- 37 Le h-òr 's le h-airgiod thug se mach,
 a phobull féin gun dith ;
 'S ni'n robh nan treubhaibh-san air fad
 neach ea-slainteach gun chli.
- 38 Bu shubhach leis na h-Eiphteachaibh
 'n tra chaidh siad uath' a mach,
 Air-son gur thuit an eagal-san
 orra gu h-uamhasach.
- 39 Neul os an cionn do sgaoil se mach,
 mar bhrat no cùirtein mòr ;
 Le teine mar an ceudn' san oidhch',
 thug solus dhoibh gu léor.
- 40 Do iarr an sluagh, is thug se dhoibh
 na gearra-goirt gu pait ;
 'S le h-aran nèamh' o speuraibh àrd,
 thug dhoibh an sàth gun airc.
- 41 Do sgoilt se charraig, bhruchd a mach
 na h-uisgeacha gu leòr ;
 'S na h-àite tart-mhor bhi'd a' ruith
 amhluidh mar abhainn mhòir.

- 42 Air son gur chuimhnich se an sin
 'fhocal 's a ghealladh naomh',
 Agus Abraham mar an ceudn',
 a shearbhant dìleas caomh.
- 43 Is uime sin do thug se mach
 a shluagh le h-aoibneas mòr ;
 An aitim ud do roghnuich se,
 le gàirdeachas is ceòl.
- 44 Is fearann fòs nan Geintileach
 thug dhoibh-san Dia nan dùl,
 Is mheal siad mar an oighreachd féin
 saothair a phobuill ùd.
- 45 Do chum gu'n dthugadh iad fainear
 a statuin mar is còir,
 'S gu'n coimhdeadh iad a reachd faraon.
 Molaibh's Iehobhah mòr.

SALM CVI.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
 is buidheachas faraon,
 Oir ta se maith, mairidh gu bràth
 a thròcair gràs-mhor chaoin.
- 2 Gníomhara treun Iehobhah mhòir,
 cia dh'fheudas chur an céill ?
 Cia dh'fheudas fòs a chliu ro-mhòr
 a thaisbeanadh gu léir ?
- 3 'S beannuicht' an aitim ud gu beachd
 a choimhdeas breitheanas,

- 'S an neach ud fòs do ni gach uair
ceartas is ionracas.
- 4 Dhia, cuimhnich ormsa, leis a' ghràdh
thug tu do d' phobull féin,
O thig le d' shlàinte shòlasaich,
do m' fhiosrachadh a'm' fheum.
- 5 Gu'm faicinn maith do dhaoine taght',
's gu'n deanainn aoibhneas mòr
Nan aoibhneas sud; 's le t'oighreachd
gu'n deanainn uaill is glòir. [féin,
- 6 Do pheacuich sinn le'r sinnsiribh,
is fòs do rinneadh leinn
Mòr-chiont a' t'aghaidh féin, a Dhé,
gu h-aingidh pheacaich sinn.
- 7 Nior thuig ar sinnseara gu ceart,
do bhearta mìorbhuiileach,
A rinneadh leat an tìr na h-Eipht,
gu treun-mhor cumhachdach;
Is lìonmhoireachd do thròcair chaoimh
niор chuimhnich siad gu truagh,
Ach aig a' mhuir do bhrosnuich e,
ri cois na fairge ruaidh.
- 8 Ach theasairg se gu tèaruint' iad,
air sgàth 'dheagh-ainme féin;
Do chum gu'n nochdad e mar sin
a chumhachda ro-threun.
- 9 Do leig se mach geur-achasan,
le'r thiormuich a' mhuir ruadh;

- Is stiuir se trìd nan doimhneachd iad,
 mar thrìd an fhàsaich chruaidh.
- 10 O làimh an ti thug dhoibh-san fuath,
 dh'fhuasgail se 'phobull féin,
 'S o làimh an naimhde mi-runach
 do shaor se iad gu treun.
- 11 Is dh'fholuich uisg an eascairde ;
 nior dh'fhan fiu aon diubh beo.
- 12 Chreid iad an sin a bhriathra-san,
 's a chliu do sheinneadh leo.
- 13 Air dearmad leigeadar gu cas
 a ghnìomhara ro-threun,
 Nior fhanadar gu foighidneach
 r'a chomhairl eagnaídh féin.
- 14 San fhàsach ghlac mìann chìocrach iad ;
 'n sin bhuaир siad Dia gu luath.
- 15 An iarrtas thug se dhoibh ; ach chuir
 caoil' air an anam truagh.
- 16 Sa' champa ghabh siad farmad mòr
 ri Maois an duine caomh,
 'S ri Aaron neach a roghnuich Dia
 dha féin na shagart naomh.
- 17 An talamh dh'fhosgail se a bheul,
 shluig Datan sios gu grad ;
 Buidhean Abiraim mar an ceudn'
 do fholuich se air fad.
- 18 Is fòs am measg an cuideachd-san
 do las an teine teth ;

Is loisg an lasair suas gu léir
na droch-dhaoin' ud gu seth.

19 Do dhealbhadar is rinn siad laogh,
gu truagh aig Horeb ard,
'Sdo'n ìomhaigh leaght' a rinneadh leo,
do aodhradar gun chaird'.

20 Mar sin do chaochail iad gu bochd
an Dia 's an glòir gu léir,
Gu cosamhlachd is fiogair bò,
no daimh do itheadh feur. [feum,

21 An Dia bu shlàn'ghear dhoibh nam
dhi-chuimhnich siad gu grad ;
An neach le'r rinneadh bearta mòr,
an tìr na h-Eipt air fad :

22 Is gnìomhara ro-iongantach,
an dùthaich Cham le buaidh,
Is nithe fòs ro-uamhasach
ri cois na fairge ruaidh.

23 Air 'n aobhar sin a dubhaint se,
gu'm millt' iad leis gu léir,
Mu'n seasadh Maois a shearbhant taght'
fa chomhair, anns a' bheum :

Dochum gu'n deant' a chorruich mhòr
a philleadh uath' air h-ais,
D'eagal na fheirg gu'n deanadh se
a phobull fèin a sgrios'.

24 Dhiùlt siad le tàir an tìr ro-mhaith ;
niор chreid siad briathar Dé :

- 25 Nam pàilliunaibh rinn monmòur mòr,
 's d'a fhocal-san nior ghéill.
- 26 An sin nan aghaidh thog se 'làmh,
 d'an sgrios san fhàsach lom :
- 27 Do sgrios an sliochd measg fineacha,
 's d'an sgaoileadh air gach foin.
- 28 Ri Baal-peor mar an ceudn',
 cheangluid iad féin gu dlù',
 Is dh'itheadar do ìobairtibh
 nan ìodhol marbh nach fiù.
- 29 Mar sin chum feirg' do bhrosnuid e,
 le 'n innleachdaibh gu truagh,
 Is bhris a' phlàigh an sin gu mòr
 a steach am measg an t-sluaigh.
- 30 Sheas Phinehas, is rinn se 'n ceart ;
 'n sin sguir a' phlàigh d'an claoidh' :
- 31 Sud mheasadh dha mar fhìreantachd,
 o linn gu linn a chaoidh.
- 32 Aig uisce coimh-stribh Mheribah,
 bhrosnuich siad Dia a rìs ;
 Air chor fa chùis a' phobuill ud
 gu'n d'éirich olc do Mhaois.
- 33 Oir rinneadh leo a spiorad-san
 a bhrosnachadh gu geur,
 Ionnus gu'n labhair se an sin
 gu h-obann le na bheul.
- 34 Nior sgriosadh leo na poibleacha,
 mar dh'èithn Iehobhah dhoibh :

- 35 Ach mheasgadh iad 's na fineacha,
is dh'fhoghluim siad an dòigh.
- 36 Do ìodholaibh nam fineacha
seirbhis do rinn gu truagh :
Bhi sud mar lìon 's mar ribe dhoibh,
le'r ghlacadh iad gu luath.
- 37 Ach tuille fòs, do rinneadar
am mic 's an inghean' féin
A thabhairt suas mar ìobairte
do dheimhnaibh mar an ceudn'.
- 38 Is fuil nan neo-chiontach gu truagh
do dhòirteadh leo gun sgàth,
B'i fuil am mac 's an inghean féin,
do dhòirt siad gun chion-fàth,
Do ìodholaibh Chanaain fòs,
mar ìobairt thug an sliochd :
Mar sin do thruailleadh leo an tìr,
le fuil gun truas gun iochd.
- 39 Is amhluidh sin le 'n gnìomharaibh,
do thruailleadar iad féin ;
Chaidh siad air strìopachas o Dhia,
le 'n innleachdaibh gu léir.
- 40 Fa 'n aobhar ud las corruiich Dhé
r'a phobull féin gu teith,
Ionnus gu'n ghabh se gràin gu mòr
d'a oighreachd air gach leth.
- 41 Is amhluidh rinn se 'n tabhairt suas
an làimh nam fineach fiat' ;

Is thug se dhoibh mar uaċhdarain
an dream a dh'fhuathaich iad.

42 Do bhi siad air am fòireigneadh
le n' naimhdibh làidir treun,
Is leagadh iad gu h-ìosal sios
fuidh 'n làimh sud mar an ceudn'.

43 Gu minic thug se saoradh dhoibh :
ach bhrosnuid e a rìs
Le'n comhairlibh, is leagadh iad
air son an aing'eachd sios.

44 Ach, thug se 'n àmhghar mòr fainear,
an glaodh 'n tra éisdeadh leis :

45 Is dhoibh-san fos do chuimhnich se
an ceangal rinn siad ris :
Is ghabh se aithreachas do réir
mòir lìonmhoireachd a ghràis.

46 Thug air an dream le 'r ghlacadh iad,
gu'n ghabhadar dhiubh truas.

47 Thusa Iehobhah mhòir ar Dia,
dean saoradh dhùinn 'n ar feum,
Is dean a measg nan Geintileach
ar tional leat gu léir,
Do t'ainm ro-naomh gu'n tiubhramaid
mòr-bhuidheachas gu paitl :
Do chliu 's do mholadh mòr faraon
gu seinneamaid gu h-ait.

48 'S beannuicht' an Triath, Dia Israel,
o chian nan cian gu bràth :

Abradh am pobull uil', Amen.
Molaibh-sa Dia do ghnàth.

SALM CVII.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
is buidheachas faraon,
Oir ta se maith, mairidh gu bràth
a thròcair ghràs-mhor chaoin.
- 2 Pobull Iehobhah shaoradh leis,
labhradh mar so gun tàmh ;
A' muinntir ud do bhuin se saor,
a mach o làmh an nàmh ;
- 3 Is as gach tìr an robhadar,
do chruinnicheadh iad leis,
O 'n aird' an ear, 's o 'n aird' an iar,
o 'n airde tuath, is deas.
- 4 San di-threabh bhi'd air seacharan,
air bealach uaignidheach,
Is bail' air bith chum còmhnuidh ann
ni 'n d'fhuair ri dol a steach.
- 5 Bhi'd ocrach agus ìotmhòr fòs ;
chlaoidheadh an anam truagh.
- 6 Ghlaodh siad an sin ri Dia nan teinn,
shaor iad o'n àmhghar chruaidh.
- 7 Do threòruich agus stiuir se iad
air bealach ceart fa'n cois,
Do chum gu'n rachadh siad d'a thrìd,
gu baile tàimh is fois.

- 8 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia,
 air son a mhaitheis chaoin,
 'S air son a bhearta iongantach,
 rinn se do chloinn nan daoin' !
- 9 Oir ni se 'n t-anam miannach trom
 a shàsuchadh gun airc,
 'S an t-anam ciocrach lionaидh se
 le 'mhaitheas féin gu pailt.
- 10 An dream do shuidh an dorchadas,
 is ann an dubhar bàis ;
 Fuidh chuibhreach ta an àmhghar
 's an iarunn cruaidh an sàs ; [truagh],
- 11 Air son gu robh siad ceannairceach,
 an aghaidh briathra Dé,
 'S air comhairle an ti a's aird'
 do rinn siad tàir do rèir.
- 12 An sin do leag se 'n cridhe sios
 le saothair is le péin :
 Do thuiteadar, is ni'n robh neach
 d'an cuideachadh nam feum.
- 13 Ghlaodh siad an sin ri Dia nan airc :
 dh'fhuasgail o'n teinn gu grad.
- 14 O'n dorch' do bhuin, 's o dhubhar bài
 's an cuibhreach bhris air fad.
- 15 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia,
 air son a mhaitheis chaoin,
 'S air son a bhearta iongantach,
 rinn se do chloinn nan daoin' !

- 16 Fa 'n aobhar gu'n do bhriseadh leis
 na geataidh prais gu léir,
 Na stapuill iaruinn is na croinn,
 do sgaoil se as a' chéil'.
- 17 Ta amadain fa'n cron, 's fa'n lochd,
 le àmhghar goirt an sàs.
- 18 'Ta 'n anam gabhail gràin do bhiadh:
 'taid dlùth do dhorsaibh bàis.
- 19 Ghlaodh siad an sin ri Dia nam feum:
 dh'fhuasgail o'n teinn gu grad.
- 20 Le 'fhocal rinn se 'n slànuchadh,
 is shaor o'n sgrios air fad.
- 21 O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia,
 air son a mhaitheis chaoin ;
 'S air son a bhearta iongantach,
 rinn se do chloinn nan daoin' !
- 22 Is deanaid ìobairt' buidheachais.
 thabhairt do Dhia na glòir,
 Is aithrisid a ghnìomhara,
 le subhachas is ceòl.
- 23 Luchd-loingeas théid air muir, sa bhios
 ri gnìomh an uisgibh buan ;
- 24 Dhoibh sud is léir mòr-oibre Dé,
 is 'iongantais sa' chuan.
- 25 Air 'iarrtas, dùisgear leis a' ghaoth
 gu h-ard 's gu doininnach,
 Le'n togair suas gu atmhor borb
 a thonna garbh fa seach.

- 26** 'Taid uair gu nèamh ag éirigh suas,
 'taid uair dol domhain sios ;
 Ionnus gur leagh an anam truagh,
 le trioblaid chruaidh 's le sgios.
- 27** Dol thuig' is uaidh', gu tuisleach fòs,
 amhluidh mar dhuin' air mhisg' ;
 Ionnus gur thréig gu buileach iad
 gach gliocas bhi nam measg'.
- 28** Ghlaodh siad ri Dia nan teinn an sin :
 o'n trioblaid shaor se iad.
- 29** Do chuireadh leis an stoirm gu fèith,
 's na tuinn nan tàmh do bhi'd.
- 30** An sin a ta siad ait, air son
 gu bheilid sàmhach beo,
 'S gu'n d'thug se iad do'n chaladh sin,
 's do 'n phort bu mhiannach leo.
- 31** O b'fhearr gu'm moladh daoine Dia,
 air son a mhaitheis chaoin,
 'S air son a bhearta iongantach,
 rinn se do chloinn nan daoin' !
- 32** Is fòs an coimhthional an t-sluaigh,
 ard-mholaid e gu mòr ;
 'S an cruinneachadh nan seanair glic,
 cliu thugair dha is glòir.
- 33** Na h-aimhne ni nam fàsach lom
 tobair nan talamh cruaidh.
- 34** Tìr bheartach ni se fàs, air son
 mòr aingidheachd an t-sluaigh.

- 35 Am fàsach tioram tionnduidh' se
 na uisge tàmh nach gann,
 'S na thobair fior-uisg' iomp'chidh se
 am fearann tart-mhor teann.
- 36 Do dhaoinibh ocrach bheir se sud,
 mar àite fois is tàimh,
 Do chum gu'n deasuicht' cathair leo,
 chum còmhnuidh ann do ghnàth.
- 37 Chum craobhan fion a shuidheachadh
 is siol a chuir san fhonn,
 Do thabhairt uath' san aimsir cheart
 cinneis is toraidh trom.
- 38 Bheannuich se fòs am pobull ud,
 is dh'fhàs gu lìonmhor mòr,
 'S nior leig se dhoibh dol air an ais
 nan eallach no nan stòr.
- 39 'Taid air an laghduchadh a rìs,
 is leagar iad gu bochd,
 Le foireigneadh, is amhgar geur,
 le duilgheas brònach goirt.
- 40 Air phrionnsaidh dòirtear tar cuiis leis,
 san fhàsach mar an ceudn',
 Do ni se'n cuir air seachran fiar,
 gun bhealach ann d'an ceum.
- 41 'S o thriobloid togaidh se am bochd,
 's ni teaghach dha mar threud.
- 42 Do chi na firein sud 's bi'd ait,
 is druidear beul nam beud.

43 Cia neach ta glic, 's na nithe sud
 a bheir fainear gu ceart,
 Siad sin a thuigeas tròcair chaomh,
 is maitheas Dhé nam feart.

SALM CVIII.

- 1 A TA mo chridhe gleust', a Dhé,
 gu socair mar is còir,
 Is seinnidh mi gu ceòl-mhor dhuit,
 is molam thu le m' ghlòir.
- 2 Mosglaibh, is éiribh chean' an àird,
 shaltair 's a chlàrsach ghrinn :
 Mosglaidh mi féin, is éiream fòs
 gu moch chum ceòl do sheinn.
- 3 O Thighearna Iehobhah mhòir,
 measg phoibleach*, molam thu,
 'Sam measg ant-sluaigh gu h-urramach,
 ard-seinnidh mi do chliu.
- 4 Oir ta do thròcair mòr os cionn
 nan nèamha shuas gu léir ;
 Is ruigidh t'fhirinn mar an ceudn'
 gu neulta àrd nan speur.
- 5 Bi thus', a Dhé, os cionn nan nèamh
 air t'àrdachadh gu mòr ;
 Is fòs os cionn gach uile thìr
 togar gu sior do ghlòir.
- 6 Do chum gu'n deanta fuasgladh leat
 do d' phobull ionmhuinn féin,

* chinneach.

O teasairg le do ghàirdean deas,
is freagair mis' a'm' fheum.

- 7 Do labhair Dia na naomhachd féin :
bidh aoibhneas orm nach gann,
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Shucoit toimhsear leam.
- 8 'S leam Gilead le dlighe cheart,
Manaseh 's leam gu beachd ;
'S i treubh Ephràim neart mo chinn,
bheir Iudah mach mo reachd.
- 9 Ta Moab 'na pot ionnlaid dhomh,
tilgeam thar Edoim ruaidh
Mo bhrog : is deanam caithreim binn
thar Palestin le buaidh.
- 10 Cia bheir do'n chathair dhaingeann mi ?
's gu h-Edom bheir gu ceart ?
- 11 Nach tus', a Dhé, le'r thréigeadh sinn ?
's nach dthéid thu mach le'r feachd ?
- 12 O thriobloid tabhair còmhnaidh dhùinn,
oir 's dìomhain furtachd dhaoin'.
- 13 Trìd Dhé do ni sinn treubhantas :
's e shaltras naimhde fuidh'n.

SALM CIX.

- 1 O DHIA, ta t'aobhar molaidh dhomh,
gu balbh a'd' thosd na bi.
- 2 Oir beul nan daoí, 's nam fealltach ta
gnà-fhosgait' air mo thi :

- Le teangaidh bhreugach labhradar
 a'm' aghaidh-sa do ghnàth. [fuath :
3 Chuairtich siad mi le briathraibh
 chuir cath orm gun chion-fàth.
- 4** Air son moghoail'taid naimhdeil dhomh;
 ach taims' ri guidh'* a ghnàth.
- 5** Do chuìtich olc an éiric maith,
 is fuath air son mo ghràidh.
- 6** Droch-mharascal † cuir os a chionn ;
 biodh Satan aig a dheis.
- 7** 'Urnuigh gu'n robh na peacadh dha :
 fagar am binn' e ris.
- 8** Gearr gu robh 'aois ; is glacadh neach
 'oifig 's a dhreuchd gun iochd.
- 9** Gu'n robh a bhean na ban-treabhaich,
 's nan dilleachdain a shliochd.
- 10** Air seachran biodh a shliochd do ghnà',
 's ag iarruidh déirc' nam feum ;
 Is as an àitibh falamh fàs
 ag iarruidh bìdh dhoibh féin.
- 11** Gu'n glacadh an luchd-foireignidh
 gach ni a bhuineas da ;
 'S a shaothair-san mar chobhartach,
 gu'm buineadh coigrich leo.
- 12** Na biodh neach ann ni tròcair air ;
 na bitheadh fòs a h-aon
 A ghabhas truas d'a shliochd, 'n tra
 nan dilleachdain gun mhaoin. [bhid

- 13 Sgrios gu'n robh air a ghineil-san,
 d'an sgathadh as gu léir ;
 Gu'n cuirear as an ainm air fad,
 san àl do thig nan déigh.
- 14 Is gu robh aing'eachd 'athrach-san
 air chuimhn' aig Dia do ghnàth ;
 Is ciont' a mhàthar mar an ceudn',
 nior chuirear as gu bràth.
- 15 Gu robhaid air an taisbeanadh
 am fianuis Dhé do shior, .
 Do chum gu'n sgathadh se a mach
 an iomradh as an tìr.
- 16 Oir dhearmaid se bhi tròcaireach,
 dh' fhoireignich se am bochd,
 'S an t-ainnis, chum gu marbhadh se
 neach 'g an robh cridhe goirt.
- 17 Mar thug se toil do mhallachadh,
 malluicht' gu'n robh gach là :
 Marnach d'thug toil do bheannachadh,
 na éireadh beannachd dha.
- 18 Amhluidh mar rinneadh leis e féin
 a chuartachadh gach àm,
 Le h-eas-caint is le mallachadh,
 mar le a bhrat gu teann.
 'S amhluidh gu'n dthigeadh sud gu
 mar uisg' a steach 'na chom, [beachd
 'S mar òla drùidheadh sud gu geur
 n a chnàmhaibh féin gu trom.

- 19 Biodh sud mar eudach 'uime-san,
 le'm fol'chear e gach tràth,
 Is amhluidh mar an crios do bhios
 'g a chriosluchadh do ghnàth.
- 20 O'n Tighearna gu'n dthoirrear sud
 do m' naimhdibh mar an duais.
 'S do'n droing an aghaidh m'anma ta
 gnà'-labhairt uilc gun truas.
- 21 Ach air mo chrann bi thusa, Dhé,
 air sgàth t'ainm uasail féin ;
 Do bhrìgh gu bheil do thròcair maith,
 dean saoradh dhomh a'm' fheum.
- 22 Oir ta mi aim-beartach gu beachd,
 is ta mi ainnis lom,
 Ata mo chridhe air a lot
 an leth a stigh do m' chom.
- 23 Is amhluidh ta mi gabhail thart'
 mar sgàil' a claonadh sios ;
 Air m'fhuadach' mar an locust truagh,
 chuig' agus uaidh' a rìs.
- 24 Mo ghlùine 'taid air fàillneachadh,
 aig meud mo throisg do ghnà' ;
 Is m'fheòil aig diobhail saill' is sult,
 air teireachdainn ata.
- 25 A'm' aobhar fachaid bhi mi fòs
 do'n aitim ud gu léir :
 Chrath siad an cinn gu fanoideach,
 'n trà sheall siad orm gu geur.

- 26 Fòir orm, a Thighearna mo Dhia ;
a'd' thròcair cuidich mi :
- 27 Gu'n tuigfid gur i so do làmh,
's gur tu rinn sud, a Dhé.
- 28 'N trà' bhitheas iad ri mallachadh,
beannuich-sa sinn gu pailt' :
Biodh orra nàir', air éirigh dhoibh ;
ach bitheadh t'òglachs' ait.
- 29 Gu'n robhaid air an cuartuchadh
m'uil' eas-cairde le nàir' :
'S mar fhalluing air an uachdar biodh
an amhluadh féin le tàir.
- 30 Ach mise chean', ard-mholaidh mi
Iehobhah le mo bheul ;
Is fòs, am measg a' choimhthionail,
cuiream a chliu an céill.
- 31 Oir ta se leis an duine bhochd,
'na sheasamh air a dheis,
D'a theasairginn o'n droing le'm b'àill
'anam-san fhàgail ris.

SALM CX.

- 1 DUBHAIRT an Tighearn ri mo Thriath,
Bi d' shuidhe air mo dheis,
T'uil' eas-cairde gu'n cuiream dhuit
nan stòl fuidh bhonn do chois.
- 2 A Sion cuiridh Dia a mach
slat-shuaicheanta is do neart :

'S am builsgean* t'eascairde gu léir,
bi féin a' t'uachdran ceart.

3 Bithidh do phobull taghta féin
ro-thoileach mar is còir,

San là sin anns am foillsich tu
do chumhachda gu mòr :

Am mais' 's an sgèimh na naomhachd
o bholg na maidne moich, [ghrinn,
Mar dhealt a thig a nuas o nèamh,
ta t'òigridh iomarcach.

4 Do mhionnaich Dia Iehobhah mòr,
's nior aithreach leis ged rinn,
Do réir deagh-òrd' Mhelchisedec,
gur sagart thu gach linn.

5 An Tighearna ta air do dheis,
trom bhuailear leis gu garg
Mor-Righre làidir cumhachdach,
san là do lasas 'fhearg.

6 Do bheir se breith measg Gheintileach,
lionaидh gach àit' gu fior
Le corpaibh marbh ; is lotar leis
na h-uachdrain os gach tìr.

7 Is anns an t-slighe òlaidh se
deoch as na sruthaibh luath ;
Is air an aobhar ud fa-dheoidh,
togaidh se 'cheann le buaidh.

* meadhon.

- 1 MOLAIBHSE** Dia, sior mholams' e
 le m' uile chridh' gu h-àrd ;
 An coimhthional nam firean còir,
 sa' chuideachd mhòir gun chàird'.
- 2 Ta** gnìomhara an Tighearna
 iomarcach mòr gu léir ;
 Is leis an dream le'r tlachdmhor iad,
 rannsuichear iad gu geur.
- 3 Ta** 'obair-san ro-onorach,
 ro-ghlòr-mhor fòs gun cheist ;
Ta fireantachd Iehobhah fòs
 buan mharannach am feasd.
- 4 A** ghnìomhara ro-iongantach,
 air chuimhne chuir gu beachd ;
A ta Iehobhah gràs-mhor caoin,
 is làn do thròcaireachd.
- 5 Do** thug se biadh is lòn do'n droing
 d'an eagal e do ghnàth,
 'S a' choimhcheangal do rinn se leo,
 cuimhnichidh se gu bràth.
- 6 D'a** phobull féin do chuir se 'n céill
 neart 'oibre iongantach ;
Do thabhairt dhoibh mar sheilbh gu
 oighreachd nan Geintileach. [buان
- 7 Fìrinn** is ceartas gnìomh a làmh ;
 'ta 'statuis daingean fior.
- 8 Taid** deant' an ceartas firinneach :
 'taid seasmhach buan do shior.

- 9 Do shaoradh leis a phobull féin ;
 is dh'orduich se am feasd'
 A choimhcheangal:ta 'ainm-san naomh,
 is urramach gun cheist.
- 10 'S e tùs a' ghliocais eagal Dé,
 ta deagh-thuigs' aig an dream
 Le'n coimhlionar a statuin-san :
 's maireant' a chliu gach àm.

SALM CXII.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia.
 'S beannuicht' an ti gu beachd
 D'an eagal Dia, 's a ghabhas toil
 gu mòr d'a lagh 's d'a reachd.
- 2 Bidh 'shliochd-san làidir anns an tìr,
 's ro-bheannuicht' sìol nan saoi.
- 3 Bidh maoin is saibhreas ann a thigh ;
 bidh 'cheartas buan a chaoidh'.
- 4 'N trà' bhitheas saoi an dorchadas,
 éirichidh* solus da :
 Ata se gràs-mhor tròcaireach,
 is cothromach gun ghò.
- 5 Is truacant' fòs, deagh-choingheallach,
 an duine maith a chaoidh' ;
 Is bheirear leis gu crionna glic,
 a ghnothaiche gu crìch.
- 6 Gu dearbh cha òthig aon ni am fcasd,
 le'n gluaisear e gu mòr ;

* ceart-ciridh.

Ach cuimhn'is iomradh maith a chaoidh'
bidh air an fhìrean chòir.

7 Is air-san cha bhi faiteachas,
air cluinntinn dha droch-sgéil ;
Ta chridhe socrach muinghinneach
an Dia Iehobhah treun.

8 Ta 'chridhe-san air socrachadh,
cha għluais an t-eagal e ;
Gu nuig an uair, air 'eas-cairdibh,
a mhiann gu m' faiceadh se.

9 Dosgaoil se 'chuid, is thug do'n bhochd,
's buan 'fhireantachd am feasd ;
Bidh 'adharc air a h-arduchadh
le onoir mhòir gun cheist.

10 Cràdharr an daoī, 'n trà' chi se so ;
casaidh se 'fhiacla geur,
Seargaidh se as : is sgriosar miann
nan aing'each ud gu léir.

SALM CXIII.

1 MOLAIBHSE Dia, O molaibh e,
shearbanta dileas Dè ;
Ard-mholaibh fòs gu h-urramach
deagh ainm Iehobhah thréin.

2 Ainm Dhé biodh beannuichte gu mòr,
o'n àm-sa nis gu bràth.

3 O éirigh gu nuig luidhe gréin,
ainm Dhé ion-mholta ta.

- 4 'S ard os gach tìr Iehobhah mòr,
 's a ghlòir os nèamha fòs.
- 5 Cia 's coimeas ris an Tighearna
 ar Dia, ta 'n còmhnuidh shuas ?
- 6 'S esan an neach a chromas sios,
 is dh'ìslicheas e féin,
 Dh'amharc gach ni san talamh ta,
 's an nèamhaibh ard nan speur.
- 7 Togaidh se 'n deòraidh truagh o'n dus;
 's am bochd o'n òtrach bhreun ;
- 8 D'an curnan suidh' le prionnsaibh ard;
 le prionnsaibh 'phobuill féin.
- 9 Bheir se do'n mhnaoi a ta gun sliochd,
 tigh còmhnuidh teaghlaich mhòir,
 Do bhi na màthair macan ait.
 Molaibhse Dia na glòir.

SALM CXIV.

- 1 AIR teachd do Isra'l as an Eipht',
 teachd Iacoib mach o'n droing
 'G an robh an uirghioll * cruaidh do-
 aig coimheachas an teang', [thuigs',
- 2 Bhi Iudah dha marchòmhnuidh naomh',
 bu Rioghachd Isra'l leis.
- 3 Air faicinn sud, do theich an cuan;
 sruth Iordan phil air ais.
- 4 Mar reithe bras leum beannta suas;
 leum cnocain bheag mar uain.

* comhradh.

- 5 Iordan, creud as far phill air t'ais ?
creud as far theich, O chuain ?
- 6 Creud as far leum sibh, shléibhte ard,
mar reithe meargant' bras ?
Creud as, mar uain nan caorach fòs,
far leum sibh, chnoca glas ?
- 7 O thalaimh criothnuich fòs le geilt,
riomh ghnùis Iehobhah mhòir ;
An làthair gnùis Dhé Iacoib fòs,
O criothnuich mar is còir.
- 8 Le'r thionndaidheadh an ailbhinn
na loch do uisge tàimh, [theann
'S a' charraig chruaidh 'na tobar uisg',
le cumhachda a làimh.

SALM CXV.

- 1 NIOR dhùinn', a Thighearna, nior
ach tabhair cliu, is glòir [dhùinn,
Do d' dheagh-ainm séin ; air sgà' do
is t-fhìrinne mar is còir. [ghràis,
- 2 Creud as fa'n abradh Geintilich,
Ca bheil an Dia a nis ?
- 3 Ar Dia a ta air nèamh, is rinn
gach gnìomh bu toileach leis.
- 4 An ìodhoil 's airgiad iad is òr,
gnìomh làimh nan daoine fén.
- 5 Ta béal ac', leis nach labhair siad ;
is sùile leis nach léir.

- 6 Ta cluasan ac', 's nior chluinnid leo ;
 is sròin', gun àileadh* annt'.
- 7 'N làmh cha dean greim ; no 'n cosan
 o'n scornain cha dthig cainnt. [ceum;
- 8 'N luchd-deant', is meud 's a ghéilleas
 's ro-chosmhuil iad riu féin. [dhoibh,
- 9 O Isra'l, deansa bun a Dia :
 's e 'n sgia', 's an còmhnhadh treun.
- 10 Thigh Aaroin, O dean bun a Dia :
 's e 'n còmhnhadh, is an sgia'.
- 11 Luchd eagail Dé, làn-earbaibh as :
 an sgia' 's an neart 's e Dia.
- 12 Do bhi Iehobhah cuimhneach oirnn,
 beannuichidh se sinn féin ;
 Beannuichear leis tigh Israeil,
 's tigh Aaroin mar an ceudn'.
- 13 Na big 's na mòir d'an eagal Dia,
 beannuichidh se gu caoin.
- 14 Cuiridh se sibh an lìonmhoireachd,
 sibh féin, 's ur sliochd faraon.
- 15 Is beannuicht' sibh o'n Tighearna,
 rinn nèamh is làr gu léir.
- 16 An talamh thug dochloinn nan daoin' ;
 's leis féin ard nèamh nan speur.
- 17 Na mairbh, no 'n dream théid tosdach
 do'n uaigh ; cha mholaid Dia. [sios
- 18 Ach molar leinn e nis, 's gu bràth.
 Molaibh gu h-ard an Triath.

- 1 Is toigh leam Dia, air son gu'n d'éisd
ri m' ghuth, 's ri m'ùrnuigh fòs.
- 2 Sior-éigheam ris ri m' bheo, air son
gu'n chrom se rium a chluas.
- 3 Chaidh umam dochar* geur a' bhàis,
ghlac pianta ifrinn mi :
Do ghlacadh mi le triobloid thruaigh,
is àmhghar cruaidh do m' chlaoi'.
- 4 Air ainm Iehobhah ghair mi 'n sin :
mar so do labhram ris,
O Dhia mo Thighearn', guidheam ort,
saor m'anam bochd a nis.
- 5 A ta Iehobhah gràs-mhor, ceart ;
's is tròcaireach ar Dia.
- 6 'S e choimhdeas daoine simplidh ciuin :
bhiom lag, is dh'fhòir an Triath.
- 7 O m'anam, feuch gu'm pill tu nis,
gu d' shuaimhneas is gu d' thàmh ;
Oir dheònuich Dia gu pailte dhuit
mòr-thoirbheartas a làimh.
- 8 O ghàbhadh is o chunnart bàis,
do shaor tu m'anam bochd,
Mo chos' do shaor o shleamhnachadh,
's mo shùil' o dheuraibh goirt.
- 9 An sealladh Dhé, an tìr nam beo,
gu dìreach gluaisear leam.
- 10 Air son gu'n chreid mi, labhair mi ;
bhiom air mo chlaoi' gu trom.

- 11 A'm' dheisfir dubhairt mi mar so ;
 'S breugach gach duin' air bith.
- 12 Creud iocas mi do Dhia, air son
 na rinn se dhomh do mhaith ?
- 13 Cùpan na slàinte glacar leam,
 air ainm Dhé gaiream féin.
- 14 Iocam mo mhòid ri Dia, a nis
 an lèth'r a shluagh gu léir.
- 15 Aig Dia's ro-phrìseil bàs a naomh.
- 16 Dhé, t'òglach 's mi gu beachd ;
 'S mi t'òglach, mac do bhan-òglaich ;
 mo chuibhreach sgaoileadh leat.
- 17 Do bheiream iobairt molaidh dhuit,
 air ainm Dhé gaiream féin.
- 18 Iocam mo mhòid ri Dia, a nis
 an lath'r a shluagh gu léir,
- 19 An cùirtibh àluin àrois Dé,
 a'd' bhuisgean féin gu fior,
 O chathair àrd Ierusaleim.
 Molaibh an Triath gu sior.

SALM CXVII.

- 1 O THUGAIBH moladh mòr do Dhia,
 gach fine t'ann fa leth ;
 Gach uile phoibleacha air bith,
 molaibhse Dia gu seth.
- 2 Oir's mòr a chaoimhneas tròcaireach,
 do dheònuich se dhuinn' féin ;

Ta firinn Dé sior-mharannach.
Molaibh Iehobhah treun.

SALM CXVIII.

- 1 O MOLAIBH Dia, oir ta se maith ;
sior-mhaireant' tràcair Dhé.
- 2 Abradh clann Israeil a nis,
gur buan a ghràs gach ré.
- 3 Tigh Aaroin abradh siad a nis,
sior-mhaireant' tràcair Dé.
- 4 Abradh an dream d'an eagal Dia,
gur buan a ghràs gach ré.
- 5 A'm' éiginn ghair mi air an Triath :
fhreagair se mi gu deas,
An ionad farsaing agus réidh
shocruich se mi le treis'.
- 6 'Ta Dia Iehobhah air mo chrann,
ni h-eagal leam a chaoidh',
Aon ni a dh'fheudas clann nan daoin
a dheanamh orm do'm chlaoidh'.
- 7 Measg luchd mo chuideachaidh ta Dia
a' seasamh leam gu beachd :
Air luchd mo mhi-ruin, uime sin,
chi mi mo mhiann a' teachd.
- 8 'S fearr na bhi 'g earbs' a duine beo,
ar dòchas chur an Dia.
- 9 'S fearr na bhi 'g earbs' a prionnsaibh
ar dòchas chur san Triath. [mòr,

- 10 Do chuairtich umam air gach làimh
na dùchanna gu léir :
Ach sgatham as, is sgriosam iad,
an ainm Iehobhah thréin.
- 11 Do chuairtich siad mi air gach taobh,
do chuairtich mise fòs :
Ach sgatham agus sgriosam iad,
an ainm Iehobhah mhòir.
- 12 Mar bheachaibh's amhluidh chuairtich
chaidh as mar theine dreis ; [mi ;
Oir ann an ainm Iehobhah thréin,
ni mi gu léir an sgrios.
- 13 Do m'leagadh, theann tu orm gu dlùth ;
ach chuidich leamsa Dia.
- 14 'S e Dia mo cheòl, 's mo shlàinte fòs,
is se mo threoir an Triath.
- 15 Guth gàirdeachais is slàint' a ta
am pàilliunaibh nan saoi ;
Is gairdean deas Iehobhah thréin,
fhuaradh gu treubhach i.
- 16 Ta gairdean deas an Tighearna
air 'arduchadh gu mòr :
Do rinneadh bearta treubhantais
le deas-làimh Dhé na glòir.
- 17 Ni 'm fuigheam bàs, ach maiream beò,
is innseam oibre Dhé.
- 18 Throm smachduich Dia mi, ach chum
cha d'thug se thairis mi. [bàis

- 19 O fosglaibh dhomh gu farsuing réidh
geatan an ionracais :
Do racham orra-san a steach,
Iehobhah molaidh mis'.
- 20 So doras Dé, air 'n dthéid a steach
na daoine còire naomh'.
- 21 Sìor-mholam thu, oir chual tu mi ;
is tu mo shlàinte chaomh.
- 22 A' chlach do dhiult na clachairean,
clach chinn na h-oisinn i.
- 23 'S e Dia rinn sud, 's ro-iongantach
'nar suilibh-ne an gniomh.
- 24 So féin an là a dh'orduich Dia,
am bi sinn suilbhír ait.
- 25 Fòir, guidheam, guidheam ort, a Dhé,
nis soirbhich leinn gu pailt'.
- 26 Beannuicht' gu'n robhan neach do thig
an ainm Iehobhah thréin :
Do thugsinn beannachd oirbhs'a mach,
a tigh Ichobhah féin.
- 27 'S e Dia Iehobhah dhealruich oirnn' ;
ceanglaibh le cordaibh cruaidh,
Ri adharcaibh na h-altair naomh',
an iobairt bheir sibh uaibh.
- 28 'S tusa mo Dhia, is molam thu :
àrdúicheam thu, mo Dhia.
- 29 O molaibh Dia, oir ta se maith :
sior-mhaireant gràs an Triath.

ALEPH.

- 1 'S BEANNUICHT' an droing ta foirfe glan
san t-slighe dhìreach cheart ;
An droing do għluaiseas ann an lagh
àrd-Thighearna nam feart.
- 2 'S beannuicht' an aitim ud faraon
le'r choimhdear teisteis Dé,
'S a dh'iarras e gu dicheallach,
le 'n uile chridhe féin.
- 3 Na shlighibh-san sior-ghluaisear leo,
's nior dhean siad aingidheachd,
- 4 Do àithn' tu dhúinn' gu'n coimhde-
gu dicheallach do reachd. [maid]
- 5 O stiuir mo cheum, 's gu'n coimhdear
do statuin dhìreach féin ! [leam]
- 6 Cha għabb minnàir' 'n tra bheir mi spèis
do t'aitheantaibh gu léir.
- 7 Le cridhe treibh-dhireach gun ghò,
mòr-mholam thu gu binn,
'N trà' dh'fhogħumas mi breitheanais
do cheartais naomha għrinn.
- 8 'S e so mo rùn gu'n coimhdear leam
do statuis cheart do għnàth :
O Thighearna, na tréig-sa mi
gu buileach no gu bràth.

BETH.

- 9 Creud leis an glan an t-ċaganach
a shlighe féin gu ceart ?

Trìd faicill inhaith is furachrais,
réir t' fhocail is do reachd.

- 10 Le m'uile chridhe féin, a Dhé,
do iarr mi thu gu caomh :
Na leig dhomh dol air seacharan
o t'àitheantaibh ro-naomh.
- 11 Air eagal peacaidh, dh'fholuich mi
a'm' chridhe t'fhocal ceart.
- 12 O teagaisg dhomh do statuin naomh' :
's beannuicht' thu, Dha nam feart.
- 13 Le 'm bhilibh, breitheanais do bhéil
nochd mi air fad 's air leud.
- 14 Slighe do theisteis b'aoibhneich leam,
na saibhreas mòr d'a mheud.
- 15 Socraichidh mi mo smuainteachadh
air àitheantaibh do reachd :
Air ceumannaibh do shlighe féin
sior-dhearcaidh mi le beachd.
- 16 Gabhaidh mi tlachd is ciata mhaith
do d' statuisibh gu léir :
Air dearmad fòs cha leig mi chaoidlì,
deagh-fhocal glan do bhéil.

GIMEL.

- 17 Riumsa ta m'òglach dhuit, a Dhé,
dean tòirbheartas gach àm,
Do chum gu'm bithinn beo, is fòs
gu'n coimhdte t'fhocal leam.

- 18 Fosgail mo shùilean, 's chi mi 'n sin
mòr-iongantais do reachd.
- 19 'S coigreach air talamh mi: na ceil
orm t'àitheanta ro-cheart.
- 20 Ta m'anam briste brùit' a stigh,
is muladach do ghnàth;
Aig meud mo thograidh is mo mhiann
do d' blreibheanais gach tràth.
- 21 Luchd-uabhairmhalluicht' smachduich
do chlaon o t'iarrtas ceart. [tu,
- 22 Cuir spìd is masladh fada uam,
oir choimhdeadh leam do reachd.
- 23 A'm' agaidh labhair prionnsa mòr,
air suidhe dhoibh le chéil':
Ach air do statuisibh ro-naomh'
do smuaintich t'òglach féin.
- 24 Tain gabhail tlachd is ciata mhòr
do d' theisteas firinneach:
Is mar an ceudn' ta se a'm' fheum,
dhomh féin 'na chomhairleach.

DALETH.

- 25 'Ta m'anam leantuin ris an ùir:
réir t'fhocail beothaich mi.
- 26 Nochd mi mo shligh', is dh'éisd tu
seòl dhomh do lagh, a Dhé. [rium:
- 27 Air slighe fhìor-ghlan t'àitheanta
toir dhomhsa tuigse gheur;

Mar sin air t'oibre iongantach
labhram, 'g an cur an céill.

- 28 Ta m'anam leaghadh as le bròn :
réir t'fhocail deònuich neart.
- 29 Cuir slighe bhreugach fada uam :
a'd' ghràs toir dhomh do reachd.
- 30 Slighe na firinn fhoirfidh ghloin,
is i bu roghain leam :
Do chuir mi do cheart-bhreitheanais
fa 'm chomhair féin gach àm.
- 31 Do leam mi fòs gu tulchuiseach*
ri d' theisteas naomha féin :
Na cuir gu h-amhluadh nàire mi,
O Thighearna ro-thréin.
- 32 An slighe fhior-ghlan t'àitheanta
sior-ruithidh mi le tlachd :
'N trà' chliotardhuit † mo chridhe teann
a chur am farsaingeachd.

III.

- 33 Slighe do statuin teagaisg dhomh,
O Dhia Iehobhah thréin ;
Is coimhdeam i gu dìcheallach,
gu crìch mo shaoghail féin.
- 34 Tuigs' agus eòlas tabhair dhomh,
is coimhdidh mi do reachd :
Is fòs le m' uile chridhe féin,
coimhdear leam e gu beachd.

* curamach.

† nithear leat.

- 35 An ceum do lagh toir orm bli triall,
oir leam 's ro-thlachdmhor e.
- 36 Gu d' theisteas naomh', 's ni h-ann gu
mo chridhe lùb, a Dhé. [sànnnt
- 37 Mo shùile pill mu'n amhairec mi
air dìomhanas gun stà :
Ach ann do shlighibh naomha féin
ath-bheothaich mi do ghnà'.
- 38 O daingnich t'fhocal firinneach
do t'òglach féin gu mòr ;
Do 'n neach thug suas e féin air fad
do t'eagal mar is còir.
- 39 Pill uam an nàir' a's eagal leam,
oir 's maith do bhreith, a Dhé.
- 40 Feuch, 's miannach leamsa t'àitheanta :
a'd' cheartas beothaich mi.

VAU.

- 41 Tigeadh do tliròcair mar an ceudn
do m' ionnsuidh féin, a Dhé ;
Do chomhfhuasgladh, 's do shlàinte
a réir do gheallaidh féin. [chaomh,
- 42 Mar sin do'n neach bheir masladh
bidh agam freagradh deas : [dhomh,
Oir ann do bhriathar firinneach,
mo dhòchas cuiridh mis'.
- 43 Focal na firinn na buin leat
gu li-ionmlan as mo bheul ;

Oir ann do breitheanais ro-cheart,
do bhi mo dhòchas féin.

44 Mar sin gu suthain is gu sior,
gnà'-choimhdidh mi do reachd.

45 Air son gu'n iarram t'àitheanta,
gluaiseam am farsaingeachd.

46 Ri righribh labhram air do theist,
gun amhluadh orm no sgàth.

47 Is gabham tlachd do t'àitheantaibh,
's ann doibh do thug mi gràdh.

48 Ri t'àitheantaibh d'an d'thug mi toil,
togam mo làmhan féin ;
Is ann do statuisibh ro-naomh'
bitheam ri cnuasachd ghéir.

ZAIN.

49 Cuimhnich am focal ud, a Dhé,
do t'òglach féin a nis,
Thug tu mar bharrant' dòchais dhomh,
's thug orm gu'n d' earb mi ris.

50 'S e so mo choimhfhurtachd ro-mhòr,
a'm' theinn 's a'm' àmhghar geur :
Oir rinn do bhriathar firinneach
m'ath-bheothachadh gu treun.

51 Do bhiom mar aobhar fanaid mhòir
aig daoinibh àrdanach :
Gidheadh nior aom mi o do lagh,
le claonadh seachranach.

- 52 Do bhreitheanais do bhi o chian,
chuimhnich mi, Dhia gu léir ;
Is ghlac mi chugam ann an sin,
deagh chomhfhurtachd a'm' fheum.
- 53 Air son gur thréig an daoí do lagh,
ghlac uamhunn mi gu mòr.
- 54 An tigh mo chuairt is m'eil-thìre,
do statuin b'iad mo cheòl.
- 55 Chuimhnich mi t'ainm, san oidhch', a
ischoimhdeadh leam do reachd.[Dhé,
- 56 B'e so mo chuid ; oir choimhid mi
t'iarrais, a Dhé, gu beachd.

CHETII.

- 57 Mo chuibhrionn is mo chrannchur thu,
O Thighearn' is a Dhé :
Le gealladh cinnteach, dubhaint mi,
gu'n coimhdinn t'fhocal féin.
- 58 Le m'uile chridhe dh'iarram ort
do ghnùis, 's do ghràsa saor :
A réir do bhriathar fhìrinnich,
dean tròcair orm gu caoin.
- 59 Do chnuasaich mi mo shlighe féin,
's ri d' theisteas phill mo chos.
- 60 Rinn deifir choimhead t'àitheanta,
's nior ghabh mi càird* no fois.
- 61 Chreach buidheann dhroch-dhaoin' mi ;
niordhearmaid mi do reachd.[gidheadh

* daill

- 62 Eiream mu mheadhon oidhch' do chum
gu molam do bhreith cheart.
- 63 'S fear-comuinn mi is companach
do'n droing d'an eagal tu,
'S do'n aitim ud do choimhdeas fòs
t'fhìor-àitheanta gu dlù'.
- 64 O Thigearna, ta 'n talamh làn
do d' ghràs, 's do d'thròcair chaomh:
Tuigs' agus eòlas tabhair dhomh
a' d' statuisibh ro-naomh'.

TETII.

- 65 Do t'òglach rinn tu maith, a Dhé,
do réir do bhriathair cheirt.
- 66 Deagh-thuigs' is eòlas teagaisg dhomh,
oir chreid mi féin do reachd.
- 67 Sol bhiom an teinn, air seachran
ach t'fhocal ghléidh minis.[chaidhm':
- 68 'S maith thus', is nithearmaiteas leat:
a'd' statuis' teagaisg mis'.
- 69 A'm' aghaidh luchd an àrdain bhuirb
do dhealbh siad breug le chéil':
Ach coimhdidh mise t'àitheanta
le m' chridhe féin gu léir.
- 70 Ta 'n cridhe-san co reamhar fòs,
ri saill aig meud an sògh':
Ach gabhaidh mise tlachd dhomh féin
a'd' lagh-sa, Dhé, gach lò.

- 71 'S maith dhoimhs' a nis gu'n ròbh m
an teinn 's an àmhghar geur ; [féil
Do chum gu foghlumain le beachd
do statuin cheart gu léir.
- 72 'S fearr dhomh gu mòr an lagh a ta
a' teachd o d' bheul a mach,
Na milte mòr do'n airgiod ghlan,
's do'n òr a's deirge dreach.

JOD.

- 73 Do rinn, 's do dhealbh do làmhan mi
dean tuigseach mi d'a réir,
Do chum gu faighinn eòlas maith
air t'àitheantaibh gu léir.
- 74 'N trà' chi luchd t'eagail mi, bi'd ait
oir dh'earb mi as do theist.
- 75 Dhia chim' gur ceart do bhreith, 's le
do leòn tu mi gun cheist. [còin
- 76 Dhé, guidheam ort, do thròcair chaoin
bhi dhomh mar chomhf hurtachd :
Do réir an fhocail labhair tu
ri t'òglach féin gu beachd.
- 77 O tigeadh chugam féin a nis,
do thròcair chaomh, a Dhé,
Do m' chumail beo : oir 's e do lagh
mo thlachd 's mo mhiann gach ré.
- 78 Biodh nàir' air luchd an àrdain mhòir,
bhuin riumsa, gun chion-fàth,

Gu sealltach fiar : ach smuainticheam
air t'aitheantaibh do ghnàth.

79 Pillidh luchd t'eagail rium, 's androing
ta eòlach air do theist.

80 Gu robh mo chridhe ceart a'd' reachd,
nach nàirichear mi 'm feasd'.

CAPH.

- 81 Ta m'anam air a chlaoideh' gu mòr,
feitheamh do chaibhre* Dhé :
Ach ta mo dhòchas bunaiteach
'na t'fhocal tairis féin.
- 82 Aig feitheamh t'fhocail chaith mo
furtachd cia uair do ni? [shùil.]
- 83 Oir 'taim mar bhuidéal anns an toit; †.
's do reachd nior dhearmaid mi.
- 84 Cia lòn iad lài do shearbhaint féin ?
is fòs, a Dhé, cia uair
Chuireas tu breitheanas an gnìomh
air droing ta orms' an tòir ?
- 85 An dream ta làn do 'n àrdan bhorb,
threachail † siad dhomh gu beachd
Sluic dhomhain, chum mo ghlaicadh leo,
nach robh a rèir do reachd.
- 86 Taid orm an tòir gu h-eacorach ;
Dhé, cuidich leam gu grad :
Oir tairis agus firinneach
ta t'aitheanta air fad.

- 87 'S beagnach do chlaoideh' airtalamh mi:
 nior thréig mi t'iarrtas naomh'.
- 88 'S gu'n coimhdinn teisteas fior do bhéil,
 ath-bheothaich mi gu caomh.

LAMED.

- 89 Ta t'fhocal bunaiteach gu bràth,
 sna nèamhaibh ard, a Dhé.
- 90 Ta t'fhìrinn is do thairisneachd
 buán-mhaireant' fad gach ré:
 Do dhaingnicheadh an talamh leat,
 's na sheasamh ta d'a réir.
- 91 'Taid buan an diugh réirt'orduigh féin;
 do shearbhant' iad gu léir.
- 92 Mur bhith gu'n ghabh mi ciata mhòr,
 do t'fhocal firinneach,
 Do fhàillniuchinn is gheibhinn bàs,
 a'm' àmhgħilar iomarcach.
- 93 T'iarrtais cha di-chuimhnich mi
 oir bheothaich tu mi leò. [chlaoideh,
- 94 'S leat mi, sòir orm; oir dh'iarr mi féin
 t'àitheanta féin gach lò.
- 95 Do bhi luchd-aing'eachd furachair,
 ga m' fheitheamh chum mo sgrios;
 Ach air do theisteas firinneach,
 le m' smuaintibh dearcaidh mis'.
- 96 Chunnaic mi crìoch gach ni a ta
 sa' bheatha so d'a mheud:

Ach t'fhocal ta gun tomlias fòs,
aig sarsaingeachd is leud.

MEM.

- 97 Cia ionmhuiinn leam do lagh-sa Dhé ;
mo smuainteach' e gach là
- 98 Os m'eas-car thug tu gliuccas dhomh
le d' reachd, ta leam do ghnà'.
- 99 Is tuigseich mi n'an aitim ud
thug teagasg dhomh gu léir ;
Bhrìgh gur ann air dotheisteas naomh,
'taim smuainteachadh gu geur.
- 100 Taim tuigseach eagnaidh* fòs os cionn
gach seanair anns an tìr ;
Air son gu'n choimhdeadh leam gu
iarrtais do reachd gu fior. [beachd
- 101 Phill mi mo chos o ròd gach uilc,
gu'n coimhdinn t'fhocal ceart.
- 102 Nior chlaon mi fòs o d' bhreitheanais ;
oir theagaisgeadh mi leat.
- 103 Cia milis le mo bhlas, a Dhé,
do bhriathra ceart gu léir !
Is mìlse do mo chàirean iad
na mil air feadh mo bhéil.
- 104 Trìd t'àitheanta taim faghail fòs
tuigs' agus eòlais mhaith ;
Is uime sin 's ro-fhuathach leam
gach slighe chàm air bith.

NUN.

- 105 Is lòchran t' fhocal féin do m' chois,
solus do m' cheum gu seth.
- 106 Do mhionnuich mi, is ni'm d' a réir,
gu'n coimhdinn do cheart bhreith.
- 107 'Ta mis an triobloid iomarcaich,
O Thighearna nam feart;
Do réir an fhocail labhair tu,
ath-bheothaich mi le d' neart.
- 108 Gabh uam gu taitneach (guidhean
ofrail mo bhéil a nis, [ort])
A bheiream dhuit gu toileach saor,
stiuirmia'd' bhreitheanais.[ghnàth]
- 109 Ta m'anam bochd a'm' làimh dc
ach chuimhnich mi do reachd.
- 110 Leag droch dhaoin' romham lion : gi
niorchlaon o t'iarrtas ceart. [dheadh]
- 111 Do theisteis fhior do ghabh mi féin
marm'oighreachd bhuan am feasd'
Oir 's iad a bheir do m' chridhe leòn
subhachas mòr gun cheist.
- 112 Dh'aom mi mo chridhe fòs do chum
gu'n deanta leam do ghnàth
Do statuin cheart a chuir an gnìomh
nis is a rìs gu bràth.

SAMECII.

- 113 Is fuath leam smuainte dìomhanach
do d' reachd ach thug mi gràdh.

- 114 'S tu m'ionad-foluich, 's tu mo sgiath;
a' t'fhocal m'earbs' a ta.
- 115 O sibhs' a chleachd bhi deanamh uilc,
imichibh uam a nis ;
Oir àitheanta mo Thighearna,
le cùram coimhdidh mis'.
- 116 Réir t'fhocail dean mo chumail suas,
do chum gu mairinn beo ;
'S na leig fuidh näire mi, fa chùis
mo dhòchais féin gach lò.
- 117 Neartuich mi 's tèarnaidh mise slàn:
sior-dhearcam air do reachd.
- 118 Shaltair tu air na chlaon o d' lagh ;
oir 's breug am feall gu beachd.
- 119 Mar shal droch-mhiteil tilgear uait
gach daoí air talainh 'ta ;
Is uime sin 's ro-chaomh leam féin
teisteis do bhéil a ghnà'.
- 120 Dochriothnuich m'fheòil fa'n eagalud
do ghabh mi romhad féin ;
Is lionadh mi le uamhunn fös,
fa d' bhreitheanais gu léir.

AIN.

- 121 Rinn mi breith chothrom cheart: nafàg
fuidh iochd luchd m'fhòirneirt mi.
- 122 Bi 'n ràth airt' òglach féin air mhaith ;
na leig luchd-buirb do m' chlaoi'.

- 123 Mo shùilean ta air fàillneachadh,
feitheamh do shlàinte, Dhé ;
'S a' feitheamh gus an coimhlionar
deagh bhriathar ceart do bhéil.
- 124 Ri t'òglach buin a réir do ghràis,
muin dhomh do lagh gu beachd.
- 125 'S mi t'òglach, tabhair eòlas domh,
gu'n tuiginn fèin do reachd.
- 126 'S mithichi dhuit gnìomh a thaisbeann-
a Dhé Iehobhah thréin ; [adh,
Air son gu'n sgaoil, 's gu'n bhriseadar
t'àitheanta naomh gu léir.
- 127 Fa'n aobhar ud, O Thighearna,
gu dearbh is ionmhuinn leam
T'àitheanta féin os cionn an òr,
an t'òr a's fearr a't'ann.
- 128 Measam t'uil'-iarraois, uime sin,
bhi anns gach aon ni ceart :
Is fuathach le mo chridhe féin
gach slighe bhréig' gu beachd.

PE.

- 129 Tha t'fhocal is do theisteis féin,
a Dhé, ro-iongantach :
Air 'n aobhar sin ni m'anam bochd
'n coinhead gu cùramach.
- 130 Bheir tionnsgnadh * t'fhocail solus
ri dol a stigh 'na phàirt ; [maith,

* fosgladh.

Do dhaoinibh simplidh ain-colach,
do bheir sc eòlas ard.

- 131 Gu farsaing dh'fhosgail mi mo bheul,
a' ploschartaich gu mòr;
Fa mheud mo thoil do t'àitheantaibh,
bhi'm muladach gu lcòr.
- 132 Seall agus amhairec orm, a Dhia,
dean tròcair orm gu caomh;
Mar rinneadh leat a ghnà'do'n dream,
le'm b'ioumhuiinn t'ainm ro-naomh'.
- 133 Peacadh na biodh an uachdar orm;
na t'fhocal stiuir mo cheum.
- 134 O fhòirneart dhaoinec teasairg mi,
is coimhdeam t'iarraois féin.
- 135 Dealradh do ghnùis air t'òglach tog,
muin dhomh do statuin cheart.
- 136 Ruith srutha deur o m' shùilibh fòs,
air briseadh leo do reachd.

TSADDI.

- 137 'S ro-chothromach thu féin, a Dhé,
's is dìreach réidh do bhreith.
- 138 Do theistcis dh'àithn' tu dhùinn, a
ro-thairis ceart gach laith. [taid
- 139 Do rinn mo ghràdh is m' eud ro-mhòr
mo chaitheadh roimhe chéil';
Do bhrìgh gu'n dhearmaid m'cascairde
deagh bhriathra ceart do bhéil.

- 140 'S ro-fhìorghlan t'fhocal ; uime sin,
 's ionmhuinn le t'òglach e.
- 141 Taim suarach beag ; gidheadh do
 airdhichiuimhn' niorleig mi. [reachd]
- 142 Do cheartas féin is ceartas e,
 ta siorruidh buan gu bràth :
 Is amluidh sin do lagh ro-cheart,
 'na fhìrinn ghlan a ta.
- 143 Ghlac trioblaid mi, is dh'àmais * orm
 teinn agus àmhghar geur :
 Gidheadh do bhi mo thlachd gu mòr
 na t'àitheantaibh gu léir.
- 144 Ceartas do theisteis féin, a Dhé,
 ta siorruidh buan gun cheist :
 Deagh-thuigse tabhair thusa dhomh,
 is bitheam beo am feasd.

КОРИ.

- 145 Ghlaodh mi le m'uile chridh' ; a Dhé.
 éisd, 's coimhdidh mi do reachd.
- 146 Do éigheam riut, fòir orm, 's an siu
 coimhdeam do theist gu beachd.
- 147 Do thionnsgoin† mi roimh'n scarthan-
 is ghlaodh mi riuts' a Dhé : [aich‡]
 Do bhi mo dhòchas bunaiteach
 na t'fhocal daiugean féin.
- 148 Mo shùilean bhi ni b'fhurachair
 na forair' theann na h-oidhch' ;

* dh'cirmis.

† thainig.

‡ chàimlianaich.

- Do chum gu'm bithinn smuainteach-air t'fhocal féin a chaoidh. [adh
 149 A réir do chaoimhneis thròcaireich,
 éisd ri mo ghuth a nis :
 Do réir do bhreitheanais ro-mhòir,
 Iehobhah beothaich mis.
- 150 Luchd leanmhuinn uile 'taid teannadh
 a ta siad fad o d' reachd. [orm ;
 151 Dhé, ta tu 'm fagus, agus ta
 t'uil' iarrtais fior is ceart.
 152 Fa thimchioll fòs do theisteis naomh,
 o thoiseach b'fhiorsach mi,
 Gu'n d' rinneadh leat an socrachadh,
 do chum bhi buan gach ré.

RESII.

- 153 Amhairc a Dhé air m'àmhgħar goirt,
 is fuasgail orm a'm' fheum ;
 Fa'n aobhar nach do dhearmaid mi
 an reachd a dh'àithn tu féin.
 154 Tagair mo chùis, is fuasgail orm ;
 réir t'fhocail cum mi beo.
 155 'S fad slàint' o dhroch-dhaoinibh, air
 do reachd nach iarrar leo. [son
 156 'S ro lìonmhor mòr do thròcair
 O Thighearn' is a Dhé : [chaomh,
 A réir do bhreitheanais ro-cheirt,
 dean beodhail ealaṁh mi.

- 157 'S lìonmhòr luchd leanmhuinn orm
is m'eas-cairde faraon : [an tòir,
Gidheadh o d' theisteas firinneach,
nior chaidh'm air seachran clao.
- 158 Chunnaic mi peacaich, chràdh sud mi,
do reachd oir bhriseadh leo.
- 159 Feuch mar is ionmhuinn leam do lagh:
a'd' chaoimhneas cum mi beo.
- 160 A Thighearna ta t'fhocal féin
o thoisearch daingean fior;
Is 'taid do bhreitheanais air fad
ceart agus buan gu sior.

SCUIN.

- 161 Bhi prionnsa làidir orm an tòir,
gun aobhar no cion fàth :
Ach air mo chridh' ta eagal mor
roimh t'fhocal féin do ghnàth.
- 162 Ta aiteas orm ri t'fhocal maith,
mar neach fhuair creach gun tòir.
- 163 'S oilteil 's is fuath leam breug: gidh-
do d' lagh thug gràdh gu mòr.[eadh
- 164 A taim a' tabhairt molaidh dhuit,
fa sheachd gach uile là,
Air son do bhreitheanais gu léir,
'ta ceart, a Dhé, gu bràth.
- 165 'S mòr sìth na muinntir ud a ta
a' tabhairt gràidh do d' reachd :

Cha'n éirich tuisleadh idir dhoibh,
no oil-bheim fòs gu beachd.

166 Do fheith mi ri do shlàint', a Dhé,
choimhdeam do reachd air chòir.

167 Do theisteis choimhid m'anam féin ;
's ionmhuinn leam iad gu mòr.

168 Do theisteis agus t'àitheanta,
do choimhdeadh leam do ghnà' ;
Oir 'taid mo shlighe féin gu léir
fa d' chomhair féin gach là.

TAU.

169 Tigeadh mo ghlaodh am fagus dhuit,
na t'fhanuis féin, a Dhé ;
Is fòs réir t'fhocail fhìrinneich,
dean tuigseach eòlach mi.

170 A'd' làthair tigeadh m'athchuinge :
réir t'fhocail ormsa fòir.

171 Air teagastg dhuit do statuin dhomhlí,
mo bheul bheir dhuitse glòir.

172 Labhraídh mo theaung' airt'fhocal fior,
oir ta t'uil' iarrtais ceart.

173 Deanadh do làmh-sa comhnadh leam ;
oir roghnaich mi do reachd.

174 Aig feitheamh air do shlàinte, Dhé,
bhi'm féin gu tuirseach trom ;
Is mar an ceudn' do bhi do reachd
ro-thlachdmhor ciatach leam.

- 175 Deònuich do m'anam bochd bhi beo
 is dhuit do bheir se glòir ;
 Is deanadh do cheart-bhreitheanais
 deagh-chòmhnhadh dhomh le fòir.
- 176 Do chaidheas féin air seacharan,
 mar chaoire chaillte thruaigh :
 Iarr t'òglach, oir nior leig do d'reachd
 dol as mo chuimhne uam.

SALM CXX.

- 1 A'm' éiginn ghlaodh mi suas ri Dia,
 is dh'éisd se rium gach ré.
- 2 O'n teangaидh chealgach m'anam saor
 's o bheul nam breug, a Dhé.
- 3 Creud bheirear dhuit ? no nithear ort
 a theanga làn do ghò ?
- 4 Geur-shaighde laoich, 's ro-chinnteach
 's do'n aiteal* éibhle beo. [beachd]
- 5 Mo thruaighe mi, gu bheil mo chuairt
 am Mesech : is mo thàmh
 Am bothaibh Cedair choigrich bhuirb
 gu muladach gun dàimh !
- 6 Rinn m'anam còmhnuidh fhada fòs
 le neach thug fuath do shìth.
- 7 Gu cogadh ta siad togarach ;
 air sìth 'n tra labhras mi.

* aitinn.

- 1 Mo shùile togam suas do chum
nam beann o'n dthig mo neart.
- 2 O'n Dia rinn talamh agus nèamh
ta m'fhurtachd uile teachd.
- 3 Cha leig do d' chois air ghnè air bith,
gu'n sleamhnuich si gu bràth :
Tàinigh-neul cha dthigeann air an neach
's fear-coimhid ort do ghnàth.
- 4 Feuch air fear-coimhid Israeil,
codal cha'n aom no suain :
- 5 'S e Dia t'fhear-coimhid ; 's e do sgàil,
air do làimh dheis gu buan.
- 6 A' ghrian cha bhual si thu san là,
no ghealach fòs san oidhch'.
- 7 Ni Dia do choimhead o gach olc ;
ni t'anam dhìon a chaoidh.
- 8 Do dhol a mach, 's do theachd a steach,
coimhididh Dia do ghnàth ;
O'n aimsir so a nis a't'ann,
's o sin a leith gu bràth.

SALM CXXII.

- 1 BHI aoibhneas orm 'n tra dubhradar,
Gu tigh Dhé théid sinn suas.
- 2 A'd' dhorsaibh, O Ierusalem,
ar cosa seasaidh fòs.
- 3 Ierusalem mar chaithir i,
thogadh gu dìleas dlùth ;

- 4 D'an rachaid suas na treubh' gu léir,
siad treubha Dhé nan dùl ;
Gu teisteas Israel, do chum
ainm Dhé gu moladh siad.
- 5 Oir caithridh breitheanais 'ta 'n sud,
caithridh' tigh Dháibhidh iad.
- 6 Sìor-ghuidhibh do Ierusalem
sioth-shàimh is sonas mòr ;
An droing sin fòs le 'n ionnìhuinn tu
soirbhichidh siad gu leòr.
- 7 An taobh a stigh do d' bhallaibh féin
biodh sìth is sonas maith :
Deagh-shoirbheas fòs gu robh gu bràth
a'd' lùchaint ard a stigh. [ghaoil]
- 8 Air sgà' mo bràithrean 's luchd mo
dhuit guidheam sìth do glinàth
- 9 Air sgà' tigh naomh' ar Tighearn' Dia
iarrain do leas gu bràth.

SALM CXXIII.

- 1 Mo shùile togam riuts' a ta
'n còmhnuidh air nèamh nan speur
- 2 Feuch mar ta sùil nan seirbhiseach
air làimh am maighstir féin,
'S mar shùile ban-oglaich air làimh
a bain-tighearn' fàraon ;
Feithidh ar sùil' air Dia gu 'n dean
se tròcair oirnn gu caoin.

- 3 Dean gràsan oirnn, a Thighearn Dhia,
 dean gràsan oirnn, gu luath ;
 Oir ta sinn air ar lìonadh làn
 do tharcuis' is do fhuath.
- 4 Le fanoid luchd na seasgaireachd,*
 lìonadh ar n-anam bochd ;
 'S le spìd na' muinntir ud a ta
 làn ardan is an-iochd.

SALM CXXIV.

- 1 Nis abradh Israel gu fior,
 mur bhiodh Iehobhah leinn' :
- 2 Mur bhiodh Iehobhah as ar leth,
 'n trà' dh'éirich daoine ruinn' :
- 3 'N sin dheanta leo ar slugadh beo,
 'n trà las am fearg-san ruiuin' ;
- 4 Rachmaid fuidh'n tuil, 's ar n-anam fòs,
 rachadh fuidh shruthaibh teann :
- 5 'N sin rachadh thar ar n-anam bochd,
 na tuilte ard gu léir.
- 6 Moladh do Dhia, nach d'thug se sinn
 mar chreich d'am fiaclaibh geur.
- 7 Mar eun as lìon nan eunadair,
 ar n'anam as do chaidh :
 Do sgaoileadh is do bhris an lìon,
 is shaoradh sinn le buaidh.
- 8 Ar còmhnamh ta 's ar cuideachadh
 an ainm Iehobhah thréin :

An neach do rinn an talamh ti,
 's a chruthaich nèamh nan speur.

SALM CXXV.

- 1 'TA 'n dream ni dòchas ann an Dia,
 mar shliabh Shioin a ghnàth,
 Nach feudar fòs a chorruachadh,
 ach mhaireas ann gu bràth.
- 2 Ceart mar a ta na beannta tric
 timchioll Ierusaleim,
 Ta Dia mar sin, o nis gu sior,
 timchioll a phobuill féin.
- 3 Oir slat luchd uilc cha ghabh si tàiné
 air chrann nan daoine còir ;
 D'eagal gu sìn na fìreana
 an làmh gu peacadh mòr.
- 4 An aitim ud ta maith, a Dhé,
 do mhaitheas pàrtich leo ;
 Is leis an droing ta treibhdhùreach,
 's nan cridhe ta gun ghò.
- 5 Ach fòs an droing do théid a thaobh,
 g'an slighibh claon le chéil',
 Iomanaidh Dia le luchd an uilc,
 's bidh sìth air Israel.

SALM CXXVI.

- 1 'N TRA' thug Iehobhah air a h-ais
 bruid Shioin, do bhi sinn

Mar dhaoine chunnaic aisling mhòr,
do mhosgail as an suain.

- 2 Lìonadh ar beul le gàir' an sin,
's ar teanga fòs le ceòl :
A dubhradar measg Gheintileach,
Rinn Dia dhoibh bearta mòr.

3 Rinn Dia mòr-bhearta air ar son,
chuir oirnne gàirdeachas.

4 Iehobhah, pill ar bruid a rìs,
mar shruth san airde-deas.

5 An droing do chuir gu deurach sìol,
gu subhach ni siad buain.

6 An neach gu cur a théid a mach,
le siol ro-phrìseil caoin,
Air bhith dh'a gul gu muladach,
'ga iomchar sud gu fonn,
Le h-aiteas pillidh se gu dearbh,
a' giùlan sguaba trom.

SALM CXXVII.

- 1 MUR tog Iehobhah féin an tigh,
luchd-togail diomhain iad :
Mur gléidh Iehobhah 'm baile fòs,
luchd faire diomhain 'taid.

2 Dhuibh's diomhain bhi ri mochi-eirigh,
san oidhch' ri caithris bhuan,
Bhi 'g itheadh arain bròin : mar sin
d'a sheircinn bheir se suain.

- 3 'Se Dia bheir toradh bronn mar dhuais;
mar oighreachd bheir se clann.
- 4 Bidh mic na h-òig' mar shaighde geur,
'n làimh ghaisgeich thréin gach àm.
- 5 'S bu nèarachd fear 'g am bi dhiubhsud
a ghlac 's a dhorlach làn :
Gun rudhadh labhruidh siad sa' phort
ri'n naimhdibh olc gu dàn'.

SALM CXXVIII.

- 1 'S BEANNUICHT' gach aon neach air am
eagal Iehobhah mhòir ; [bi]
Is ann an slighibh fiorghlan Dé,
stiuireas a cheum air chòir.
- 2 Oir toradh gnìomh do làmhan féin,
ithidh tu e gu h-ait :
Beannuichear thu gu mòr mar sin,
's bidh sonas ort gu pait.
- 3 Mar fhìonain tharbhaich bidh do bhean,
'n taobh stigh do t'fhàrdoch féin ;
Do chlann mar phlanta òl-chrainn ùir
timchioll do bhùird gu léir.
- 4 Feuch, 's ainhluidh sin do bheannuich-
an neach d'an eagal Dia. [ear]
- 5 A Sion gheibh tu beannachadh,
is sonas chean' o'n' Triath ;
Is chi tu maith Ierusaleim
ri fad do làith' gu léir.

6 Is clann do chloinne chi tu fòs,
is sìth air Israel.

SALM CXXIX.

- 1 Bu tric do chràdh siad mi o m' òig',
deir Israel gu truagh :
- 2 O m' òig' do chràdh siad mi gu tric,
gidheadh nior thug siad buaidh.
- 3 Na treabhaich threabh siad air mo
tharruing siad claiscean fad'. [dhruim;
- 4 Ach bhris Iehobhah ceart-bhreitheach
còrdan nan daoí gu grad.
- 5 Air naimhdibh Shioin gu robh nàir',
pilleadh air cùl gun chàird'.
- 6 Mar fheur a chrònás sol fa'm fas,
bhios shuas air tigh gu h-àrd :
- 7 Ni leis nach lìonar glac an fhir
a bhios gu tric a' buain,
Is leis nach lìonar sgia' an ti,
a bhios ri ceangal sguuib.
- 8 Ni mo deir luchd a' bhealaich leo,
Gu robh oirbh beannachd Dé :
Ta sinne fòs 'gar beannachadh
an ainm Iehobhah thréin.

SALM CXXX.

- 1 O 'n doimhne, O Iehobhah Dhé,
do ghlaodh mi riutsa suas.

- 2 Dhia, éisd ri m' ghuth gu furachair ;
 's ri m'ùrnuigh crom do chluas.
- 3 Ma chomh'richear leat aingidheachd
 a Dhé, cia sheasas riut?
- 4 Ach agadsa ta iochd, do chum
 gu'n strìochdt' a' t'eagal duit.
- 5 Ri Dia a taim a' feitheamh, fòs
 ta m'anam feitheamh ris ;
 Is ann a fhocal firinneach,
 mo dhòchas cuiridh mis'.
- 6 Ta m'anam bochd ni 's furachair,
 a' feitheamh Dlié do ghnàth,
 Na bhios luchd-faire maidne fòs,
 ri sgarachdain nan tràth :
 Ni 's furachair, a deiream fòs
 'ga fheitheamh-san gun ghò,
 Na bhios luchd-faire anns an oidhch
 ri teachd a steach do'n lò.
- 7 Biodh dòchas Israeil an Dia ;
 oir ta a thròcair mòr,
 'S ann aig an Tighearna gu beachd,
 ta fuasgladh paillt' gu leòr.
- 8 Is bheir se féin gun cheist air bith
 d'a phobull Israel,
 Làn saoradh agus fuasgladh glan
 o 'n aingidheachd gu léir.

- 1 Mo chridhe ni bheil ardanach,
no fòs mo shùil, a Dhé :
Nior ghluaiseas ann an cùisibh mòr,
a's àirde na mi féin.
- 2 Gu dearbh, mar naoïdh air chur o'n
chumas mi féin a'm' thosd: [chìch,
Mar naoïdh air dol o chìch a mhàth'r,
is amhluidh m'anam bochd.
- 3 Biodh dòchas maith aig Israel
an Dia Iehobhah treun,
O'n aimsir so a nis a't'ann,
's air feadh gach linn an céinn.

SALM CXXXII.

- 1 AIR Daibhidh deansa cuimhn', a Dhé,
's air 'uile àmhghar geur :
- 2 Mar thug se mionn' do Dhia, is mòid,*
do Dhia ud Iacoib threun.
- 3 Do m' thigh ni racham féin a steach,
no air mo leabaidh suas ;
- 4 Ni leigeam codal do mo shùil',
no suain do m' rosgaibh fòs,
- 5 Gu nuig an uair am fuigheam àit'
do Dhia Iehobhah treun,
Is ionad-còmhnuidh bunaiteach
do Dhia ud Iacoib féin.
- 6 Feuch, ann an crìochaibh Ephrata
do chualamar an sgeul ;

Air machairibh nan coillteach dlùth,
fhuaramar mar an ceudn'.

7 Aig stòl a choise sleuchdaidh sinn,
an àros Dhé nam feart.

8 Eirich, a Dhé, gu t'ionad tàimh,
thu fèin is àirc do ncirt.

9 Sgeuduicht' gu'n robh do shagairt-s
do ghnà' le h-ionracas ;
Is deanadh do luchd-muinntir naomh
gun tàmh ùr-ghairdeachas.

10 Air sgà do shearbhaint dhileis féin,
Daibhidh do'n d'thug tu buaidh,
Aghaidh an ti do ungadh leat,
na cuir air h-ais gu truagh.

11 Do Dhaibhidh mhionnaich Dia gu fio
's cha phill se uaidh' am feasd',
A'd' chathair-rioghaile cuiridh mi
t'iarmad 's do shliochd gun cheist.

12 Ma ni do chlann mo choimhcheanga
a choimhead, is mo rreachd,
An teist do ni mi thcagasg dhoibh,
ma chumar leo gu ceart ;
Ansliochd-san suidhidh mar an ceud
a'd' chaithir righ, gu bràth.

13 Oir mhiannuich agus roghnuich Dia
Sion mar ionad tàimh ;

14 'Si so mo thàmh 's moshuaimhneas fo
gu suthain is gu sior :

- An so do dheanam fardoch dhomh,
oir 's i mo inhiann gu fior.
- 15 Mòr bheannuicheams' a stòr gu pailt'
diolam a bochd le lòn :
- 16 Le slàint' a sagairt euduicheam ;
's a naoimh ni'd iolach mhòr.
- 17 Bheiream an sin gu h-ùrur glas
air adhare Dhaibhidh fàs ;
Is lò-chran dh'orduich mi do'n ti
do ungadh leam tre ghràs.
- 18 Cuairtichidh mi a naimhde-san
le nàir'as rudhadh gruaidh :
Ach air-san bidh a choron féin
a' fàs le h-iomadh buaidh.

SALM CXXXIII.

- 1 O FEUCH, cia meud am maith a nis,
cia meud an tlachd faraon,
Bràithre a bhi nan còmhnuidh ghnàth
an sìth 's an ceangal caoin.
- 2 Mar ola phrìseil air a' cheann,
ruith air an fheusaig sios,
'S i feusaig Aaroin, is do shruth
gu iomall 'eudaich rìs.
- 3 Mardhealt air Hermon, 'n dealt do thuít
air sléibhtibh ard Shioin :
'N sin dh'orduich Dia am beannuchadh,
a' bheatha shìorruidh bhuan.

- 1 O SHEARBHANTA Iehobhah mhòir,
beannuichibh Dia a chaoidh ;
D'an gnà bhi ann an àros Dé,
'n ur seasamh seadh na h-oidhchl'.
- 2 'Na theampull togaibh suas bhurlàmh,
beannuichibh Dia nam feart.
- 3 Beannuicheadh Dia a Sion thu,
rinn nèamh is làr le neart.

SALM CXXXV.

- 1 MOLAIBHSE Dia, ard-mholaibh fòs
deagh ainm Iehobhah thréin,
Is thugaibh cliu is moladh dha,
shearbanta Dé gu léir.
- 2 O sibhse ta 'n ur seasamh fòs
an tigh Iehobhah mhòir,
An cùirtibh àluin tigh' ar Dé,
molaibh e mar is còir.
- 3 Molaibh an Tighearna do bhrìgh
gu bheil se maith gach ré :
D'a ainm-san seinnibh moladh ait,
oir 's ni ro-thlachdmhor e.
- 4 Oir Iacob fòs do roghnuich Dia,
'n a thròcair mhòr dha féin :
Dha féin mar ioninhas is mar sheilbh,
do thagh se Israel.
- 5 Oir 's fiosrach mi 's is deimhin leam,
gu bheil Iehobhah mòr,

- Gu bheil ar Tighearna faraon
os cionn gach Dia an glòir.
- 6 Gach ni air bith bu mhiannach leis,
rinn Dia an nèamh nan speur,
'S air talamh, 's anns na cuantaibh mòr,
's na doimhneachdaibh gu léir.
- 7 Do bheir se air a' cheò dol suas
o chrìch na talmhainn ti,
Uisge do ni le dealanaich ;
gaoth as a stòr gun dith.
- 8 Gach ceud-ghin do bhi anns an Eipht,
do bhuaileadh leis gu trom ;
Do dhuin' is ainmhidh fòs faraon,
bhi 'gimeachd air a fonn.
- 9 O Eiphte chuir se comhara,
is mìorbhuile le chéil',
A'd' bhuilsgean * féin : air Phàraoh fòs
's a shearbhantaibh gu léir.
- 10 Na cinnich lìonmhochlaoidheadh leis,
mharbh Righre cumhachdach.
- 11 Do mharbhadh Og righ Bhasain leis,
Sihon nan Amorach :

Gach uile rioghachd mar an ceudn',
cia h-iomadh bhi siad ann,
Do sgriosadh, is do mhilleadh leis,
d' an robh an tìr Chanaain :
- 12 Am fonn 's am fearann sud air sad
mar oighreachd thiodhlaic se ;

Mar oighreachd do chloinn Israel,
siad pobull dileas Dé.

- 13 Ta t'ainm, a Thighearna nam feart,
buán-mharannach do ghnáth ;
Ta t'iomradh buán airchuimhn', a Dhé,
o linn gu linn gu bráth.
- 14 Oir air a phobull féin ni Dia
ceart bhreitheanas gu beachd ;
Is gabhaidh esan aithreachas
m'a shearbhanta le iochd.
- 15 Iodhoil * nan cinneach 'taid do 'n òr,
's do'n airgiod ghlás faraon ;
Is ni bheil annt' ach dìomhanas,
rinneadh le làmhaibh dhaoin'.
- 16 Ta beul ac', is gun chòmhradh ann ;
is sùilean, leis nach léir.
- 17 Ta cluasan ac', 's nior chluinnid leo ;
gun anail fòs nam beul.
- 18 A' mhuinntir ta 'gan deanamh sud,
'taid fein ro-chosmhuil leo ;
Is amhluidh ta gach uile neach
a chuireas annt' a dhòigh.
- 19 O beannuichibh Iehobhah mòr,
a theaghlaich Israel :
'S a theaghlaich Aaroin beannuichibh
an Tighearna le chéil'.
- 20 O theaghlaich Lebhi, beannuichibh,
is thugaibh cliu do Dhia :

Sibhse d'an eagal Dia faraon,
mòr-bheannuichibh an Triath.

- 21 A Sion beannuicht' gu'n robh Dia,
'g am bheil a chòmhnuidh bhuan
An cathair naomh' Ierusaleim.
Molaibhse Dia gach uair.

SALM CXXXVI.

1 O THUGAIBH buidheachias do Dhia,
do bhrìgh gur sàr-mhaith e ;
Air son gu mar a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach ré.

2 Thugaibh do Dhia nan uile dhia
mor-bhuidheachas le chéil' ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach ré.

3 An Tighearn' os gach Triath a tà,
ard-mholaibh e gu léir ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach ré.

4 Do'n ti 'na aonar fòs do rinn
mòr-mhiòrbhuile gu treun ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach ré.

5 Do'n ti le gliocas iongantach
a chruthaich nèamh nan speur ;
Air son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach ré.

- 6** Do'n ti a shìn air uachdar tuinn
 an talamh trom gu léir ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 7** Do'n ti a rinn na soluis mhòr,
 ta soillseachadh nan speur ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 8** A' ghrian gu h-uachdranachd san là,
 chum òhùinne gu'm bu léir ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 9** A' ghealach is na reulta glan
 do riaghladh oidhch' le chéil' ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 10** Do'n ti rinn bualadh trom san Eipht',
 air ceud-ghin dhaoin' is spréidh ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 11** Thug as am builsgcean*-san' a mach
 a phobull Israel ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 12** Le neart a ghàirdein sìnt' a mach,
 's le 'làimh a ta ro-threun ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.

- 13 Do'n ti le'r sgoilteadh a' mhuir ruadh,
 'na bloidh as a chéil' :
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 14 Is trìd a meadhoin do thug se
 gu tèaruint' Israel ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 15 San fhairge ruaidh do sgriosadh leis
 Phàraoh 's a shluagh gu léir ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 16 Do'n ti sin trìd an fhàsaich mhòir
 threòruich a mhuinnitir féin ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 17 Do'n ti a bhual, 's a lot gu trom
 na Righre làidir treun ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 18 Is Righre uasal iomraiteach,
 do mharbh le 'ghàirdean féin :
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 19 Nam measg sud do bhi Sihon, righ
 nan Amorach bu treun ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré :

- 20 Is Og air Basan bhi na righ,
 do mharbh is chasgair se ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 21 Is thug se fòs mar oighreachd bhuan
 am fearann-san gu léir ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 22 An oighreachd thug do Israel,
 a shearbhant dìleas fèin ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 23 Neach, air blith dhùinn ro-ìosal truagh,
 do chuimhnich oirnn 'nar feum ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 24 Gu sàbhailt' bhuin se sinn a mach
 o neart ar naimhde treun ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 25 Ta tabhairt beatha do gach feòil,
 is lòin do'n uile chré ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.
- 26 O thugaibh moladh agus cliu
 do Dhia nan uèainh 's nan speur ;
 Air son gu mair a thròcair chaomh
 gu siorruidh feadh gach ré.

- 1 Aig sruthaibh coimheach Bhàbiloin,
shuidh sinn gu brònach bochd ;
Air Sion fòs 'n trà' chuimhneamar,*
do ghuileamar gu goirt.
- 2 Air gheugaibh seilich innte sud,
ar clàrsaich' chrochadh leinn.
- 3 Oir dh'iarr siad òran oirnn an sud,
an dream rinn bràighde dhinn ;
Is dh'iarr siad luathghair' oirnn an
le'r chreachadh sinn gu léir: [droing
A dùbhradar, dhùinn seinnibh laoidh
do laoidhibh Shioin féin.
- 4 'N tir choigrich cia mar dh'fheudar
òran Iehobhah sheinn ? [leinn
- 5 Mur cuinhn'cheam thu, Ierusaleim,
ri'm dheis nior lean a scirm.
- 6 Mo theanga leanadh ri mo ghiall,
mur cuimhn'clear thusa leam ;
Mur togam os m'uil' aoibhneas ard
cathair Ierusaleim.
- 7 Clann Edoim, cuimhnich thus', a Dhé,
oir dùbhradar le tàir,
An làithibh truagh Ierusaleim,
lòm, lòm i, sios gu lär.
- 8 O Inghinn uaibhreach Bhàbiloin,
a dh'fhàsaichear gu léir ;

Bu nèarachd neach, mar rinn tu oirnn,
a dhìolas dhuit d'a réir.

9 Bu nèarachd neach a ghlacas fòs
do mhaoth-chlann bheaga thruagh,
'S a phronnas iad gun acarachd,
ri clochaibh tuinnidh cruaidh.

SALM CXXXVIII.

1 LE m'uile chridh' àrd-mholam thu,
àrd-mholam thu gu caomh
2 'N làthair nan dia. Is sleuchdam dhuit
m'aghaidh ri d' theampull naomh',
Is molam t'ainm, bhrìgh t'fhirinn cheirt
's do chaoimhneis ghràdhaich féin :
Oir t'fhocal fior-ghlan dh'àrduich tu,
os cionn t'uil' ainm gu léir.

3 San là do ghlaodh mi riut, a Dhé,
fhreagair tu mi gu luath ;
Is thug tu spionnadh dhomh gu leòr
le treòir a'm' anam truagh.
4 Bheir Righre mòr na cruinne dhuit,
àrd-mholadh binn gu léir,
San uair an cluinnear leò, a Dhia,
deagh bhriathra glan do bhéil.

5 An slighibh fòs Iehobhah mhòir,
seinnidh siad ceòl gu h-ait :
Air son gur onorach, 's gur àrd
glòir àluin Dhia nam feart.

- 6 Ge àrd Iehobhah, seallaidh sè
air daoinibh ùmhal còir :
Ach 's léir dha 'n droing ud fad o làimh,
ta làn do'n àrdan mhòir.
- 7 D'an gluaisinn ann am builsgean* fos
na triobloid mhòir do m' chlaoïdh'
A ta mi fiosrach dòchasach
gu'm beothuich tusa mi ;
An aghaidh corrúich mhòir mo nàmh,
do làmh-sa sìnear leat ;
Is ni do dheas-làmh-sa a'm' fheum
mo theasairginn le neart.
- 8 Gach ni air bith a bhuiteas domh,
coimhlionaïdh Dia gu treun :
Is buan do ghràs, a Dhia, gu bràth,
oibre do làmh na tréig.

SALM CXXXIX.

- 1 Do rannsuich tu, 's is aithne dhuit
mise, Iehobhoh thréin.
- 2 Mo shuidh', is m'éirigh 's aithne dhuit ;
's léir dhuit mo smuain an céin.
- 3 Mo cheumna, is mo luidhe sios,
do chuairtich tu gu dlù' ;
Is air mo shlighibh féin gu léir
's geur-fhiosrach eòlach tu.
- 4 Feuch, ni bheil focal mòr no beag,
no uirghioll ann mo bheul,

Mu'n labhram iad, a Dhia nam feart,
nach aithne dhuit gu léir.

- 5** Do chuairtich tu mi air gach taobh,
romham faraon 's a'm' dhéigh ;
Do làmh ta neartmhor cumhachdach,
do leag tu orm, a Dhé.

- 6** Ta 'n t-eòlas so ro-iongantach,
is ormsa ta se cruaidh ;
Ni 'n ruigeam air, oir ta se àrd
r'a thuigsinn, is r'a luaidh.

- 7** Cia 'n t-àit' air bith am feud mi dol
o d' spiorad glic a Dhé ?
O d' ghnùis ta uile-léirsinneach,
cia 'n taobh a theicheas mi ?

- 8** D'an rachuinn suas air nèamhl nan speur,
a ta tu féin an sud ;
D'an luidhinn ann an ifrionn shìos,
ta tu san ionad ud.

- 9** Air barraibh sgiath na maidne fòs,
d'an siùbhlainn fad o làimh,
Gu h-iomallaibh na fairge mòir,
chum còmhnuidh agus tàimh ;

- 10** Stiùiridh tu mi an sin, a Dhé,
lo d'làimh ta treun an neart ;
Is nithear leat mo chumail fòs
le d' dheas-làimh mliòir gu beachd.
- 11** D'an abrainn, gu'n dean dorchadas
gu deimhinn m'fholach uait ;

Bidh 'n oidhche féin mar sholus glar,
ag iadhadh orm m'an cuairt.

- 12 Cha'n fholuich uaitse dorchadas,
's co-shoilleir oidhch' is là ;
'Sceart-ionann duits' an duibhre dorch',
is solus glan nan trà'.
- 13 Oir feuch do ghabh tu sealbh gu moch
air m'àirnibh is mi maoth ;
'S ann leat a rinneadh m'fholach fòs
am bolg mo mhàthar chaomh.
- 14 Ard-mholam thu, oir 's uabhasach,
's is miорbhuiileach mo dhealbh :
Tha t'oibres' iongantach, 's is léir
do m'anam e gu dearbh.
- 15 'N trà' rinneadh mi an diomhaireachd,
's a dhealbhadh mi gu ceart,
An àitibh ìochdrach talmhainn shìos;
bu léir dhuit brìgh mo neirt.
- 16 Mo Cheudfhàs* an-abuich gun dreach,
do d' shùilibh-se bu léir ;
Mo bhuill gu h-iomlan chuireadh sios,
sgriobht' ann do leabhar féin ;
Gidheadh ri aimsir is ri ùin,
do dhealbhadh iad san àm ;
Airbhith dhoibh roimhesin gun dreach,
's nach robh a h-aon diubh ann.
- 17 'S ro-phrìseil uime sin, a Dhé,
do smuaintes' uile leam :

- 'S ro-lionmhор mòr r'an àireamh iad,
 's r'an cur air cunntas ceann.
- 18 Ri 'n àireamh, 's mòr gu'r lionmhoir
 na gaineamh mhìn na tràgh': [iad,
 Air mosgladh as mo chodal domh,
 'taim maille riut do ghnàth.
- 19 Marbhar an t-aingidh leat gu beachd,
 O Thighearna ro-thréin :
 A nis, a dhaoine fuileachdach,
 imichibh uam an céin.
- 20 Oir labhradar a' t'aghaidh, Dhé,
 le aing'eachd easontais :
 Is thug do naimhde mi-runach
 t'ainm naomh' an dìomhanas.
- 21 Nach 'eil mi tabhairt fuath, a Dhia,
 do'n droing thug dhuitse fuath ?
 Nach 'eil mi gabhail gràin do'n dream,
 a' t'aghaidh dh'éirich suas ?
- 22 Fuathiomlan thug midhoibh gu beachd,
 mar naimhde nim' am meas.
- 23 Rannsuich mi, Dhé, mo chridhe faic :
 mo smuainte feuch, fionn mis'.
- 24 Feuch agus amhairec féin am bheil
 sligh' aingidh olc a'm' chlé ;
 Is anns an t-slighe shiorruidh chòir,
 gu dìreach treòruich mi.

- 1 O'n droch-dhuin' saor is teasairg mi,
 O Dhia Iehobhah naomh' ;
 O'n fhear a ta ri fòireigneadh,
 dean dìdean dhomh gu caomh.
- 2 Nan cridhe 'taid a' smuainteachadh
 air aimhleas mòr gach là ;
 Chum cath' is còmhraig chruaidh a taid
 air cruinneachadh do ghnà.
- 3 Mar theanga nathrach, rinneadar
 an teanga sgaiteach geur ;
 A ta nimh mhillteach nathrach fòs
 am folach ann am beul.
- 4 O làimh nan daoí, gléidh mis', a Dhé,
 's o luchd an fhòirneirt, dòn ;
 Mo cheuman thilgeadh bun os cionn,
 's e sud an rùn 's am miann.
- 5 Dh'fholuich na h-uaibhrich gaoiste
 is corda fòs, do m' sgrios ; [dhomh,
 Ri taobh a' bhealaich sgaoil siad lìon ;
 do leag siad ceap gun fhios.
- 6 Ri Dia Iehobhah dubhaint mi,
 'S tu fèin gu beachd mo Dhia ;
 Eisd ri guth m' athchuinge a nis,
 O Thighearn' is a Thriath.
- 7 Is tu as spionnadh slàinte dhomh,
 Iehobhah Dhia nam flath ;
 Chuir dòn is folach air mo cheann,
 an aimsir troid is cath?

- 8 Na deònuich miann an aingidh uilc,
 O Thighearna nam feart ;
 'As-innlachd fòs na soirbhich leis,
 mu'n àrd'chear iad an neart.
- 9 Ach cinn na droing a chuairtich mi
 m'an cuairt le tuailcas bhreug,
 Gu'n robh siad air am folach fòs
 le tubaist* mhòir am béal.
- 10 Orra gu'n tuiteadh éibhle loisgt' :
 tilg iad san teine bco ;
 An slochdaibh domhain sios, do chum
 nach éirich iad ni 's mò.
- 11 Na daingniclear air talamh fòs
 fear-labhairt uilc a chaoidh :
 Biodh olc a' sealg fir-fòircignidh,
 d'a leagadh is d'a chlaoidh'.
- 12 Is aithne dhomh gu'n deanadh Dia,
 do'n dream 'ta 'n àmhghar goirt,
 An cùis a sheasamh dhoibh gu trcun,
 is còir nan daoine bochd.
- 13 Do bheir na fircana gu dearbh
 do t'ainm-se moladh mòr :
 Bidh còmhnuidh bhuan a' t'fhanuis
 a Dhé, aig daoine còir. [féin,

- 1 O DHLA, a taim ag éigheach riut,
 dean deifir chugam féin ;

- Is tabhair éisdeachd fòs do m' ghuth,
 'n trà' ghlaodhas riut a'm' fheum.
- 2 Mar bholtrach tùis a'd' làthair suas,
 mar sin biodh m'ùrnuigh riut ;
 Is togail suas mo làmh, gu'n robh
 mar iobairt fheasgair dhuit.
- 3 Cuir faire air mo bheul, a Dhia ;
 dorus mo bheil-sa gléidh.
- 4 Gu droch-bheart, no gu olc air bith
 na aom mo chridh', a Dhé :
 D'eagal le luchd na h-aingidheachd,
 gu'n cuirinn olc an gnìomh,
 Ge milis blast' an sògh 's an gleus,
 nior itheam féin maoin diubh.
- 5 Buaileadh am firean mi le smachd,
 gabhaidh mi sin gu caoimh ;
 Gabhaidh mi uaidh' an t-achasan,
 mar ola phrìseil mhaoth ;
 Cha bhris am bualadh ud mo cheann :
 oir fòs théid m'ùrnuigh suas,
 'N trà' bhios an aitim ud gu truagh
 nan àmhghar cruaidh an sàs.
- 6 'N trà' thilgear sìos air chlochaibh
 am breitheamhna gu léir, [cruaidh,
 'N sin cluinnidh siad, oir 's milis binn,
 deagh bhriathra grinn mo bhéil.
- 7 Ar cnàmhan fòs aig beul na h-uaigh'
 do sgaoileadar le tàir ;

Mar ghearrar is mar sgoiltear siodh,
'na spealtan air an làr.

- 8** Ach 'taid mo shùile riutsa suas,
Iehobhah Dhia nam feart :
Na fàg-sa m'anam bochd gun treòir,
's tu féin mo dhòigh 's mo neart.
- 9** O teasairg mi o'n rib', a Dhé,
do leagadar do 'm sgrios ;
'S o eangaich luchd na h-aingidheachd
a dh'fholuich siad gun fhios.
- 10** Ach tuiteadh luchd na h-aingidheachd
nan lìontaibh rinneadh leo,
Am feadh bhios mise gabhail thart',
's a' tearnadh asta beo.

SALM CXLII.

- 1** GHЛАODH mi ri Dia le m'ghuth; is fòs,
le m' ghuth rinn m'ùrnuigh ris.
- 2** Mochaoi' 'na fhìanuis dhòirt ini 'mach,
's mo thriobloid dh'fhoillsich mis'.
- 3** 'N trà' bhi mo spiorad bàit' a stigh,
'n sin b'aithne dhuit mo cheum :
'S a' bhealach san do shiubhail mi,
gun fhios do leag siad lòn. [fheuch
- 4** Dh' amhairc mi air mo dheas; is dh'-
's ni 'n robh fear m'eolais ann ;
No neach do m'anam bheireadh spéis;
thréig cabhair mi san àm.

- 5 O Thighearna, do ghlaodh mi riut,
 a dubhairt mi guñ ghò,
 Gur tu is tèarmunn dìleas domh,
 's mo chuid an tìr nam beò.
- 6 Air son gu'n chlaoideadh mi gu
 eisd ri mo ghlaodh san àm ; [truagh,
 Is saor mi o luchd m'fhòirneirt mhòir ;
 oir 's treise leo na leam.
- 7 A prìosun m'anam buin a mach,
 t'ainmse gu molar leam ;
 Is iadhaidh umain fireana ;
 oir ni tu pailteas rium.

SALM CXLI.

- 1 RI m'ùrnuiigh eisd, is aom do chluas
 ri m'athchuinge, a Dhé ;
 A' t'fhìrinn, is a'd' cheartas ard,
 gu gràsmhor freagair mi.
- 2 Na tionnsgain ann am breitheanas
 le t'òglach dìleas féin ;
 Oir 's dearbh nach saorar duine beò
 a' t'fhianuis ann am binn'.
- 3 Oir lean an nàmhaid ea-corach
 le tòir ghéir m'anam bochd,
 Mo bheatha thilg se sios le tàir,
 leag ris an lär gun iochd :
 Do chuir se mi an dorchadas,
 chum còmhnuidh ann gu truagh,

Is ionann mi 's an dream gu dearbhì,
bhiodh fada marbh san uaigh.

- 4 Is uime sin 'ta m'anam bàit',
gu cràiteach ann mo chom :
Mo chridh' a'm' chliabh gu muladach,
air fàs gu tuirseach trom.
- 5 Na lài o chian do chuimhnich mi,
'taim cnuasachadh gun tàmh
T'oibre gu léir ; 's a' smuainteachadh
air gnìomharaibh do làmh.
- 6 Mo làmhan shìn mi riutsa suas ;
an geall ta m'anam ort,
Amhluidh mar bhitheas fearann
air tiorinachadh le tart. [cruaidh
- 7 Eisd rium, a Thighearna, gu grad,
chaidh as do m'anam bochd :
Do ghnùis na ceil, d'eagal gu'm bi'm
mar dhroing chaidhsios do'n t-slochd.
- 8 Toir orm gu'n cluinnear leam gu moch
guth binn do chaoimhneis ghràidh ;
Oir annad chuir mi féin gu mòr
mo dhòchas is mo dhòigh :
Am bealach fòs an gluaisear leam,
toir orm gu 'n aithnich mi :
Oir riut a ta mi togail suas
mo spioraid thruaigh, a Dhé.
- 9 O m' naimhdibh guineach teasairg mi,
O Thighearn' is a Righ :

Do t'ionnsuidh theich mi fòs, do chum
gu'm foluicht' leatsa mi.

10 Do thoil a dheanamh teagaisg dhomh,
oir 's tu mo Dhia gu beachd :
O's maith do spiorad, treòruich mi
gu tìr na fireantachd.

11 Sgà' t'ainmse, beothaich mi gu treun,
a Dhé Iehobhah mhòir :
Sgàt'fhìreantachd, saorm'anam bochd
o thriobloid ghoirt 's o leòn.

12 Cuir as do m' naimhdibh trìd do ghràis,
is sgrios an droing gu léir
A ta cur m'anma thruaigh fuidh leòn;
oir 's mise t'òglach féin.

SALM CXLIV.

1 BEANNUICHT' gu'n robh Iehobhah
mo charraig e 's mo threòir; [treun,
Molàmh a theagaisgeas gu cath,
's gu còmhrag maith mo mheòir.

2 Mo mhaith, mo dhòn, 's mo bhaideal
mo shlànuighear, 's mo sgiath; [àrd,
'S e cheannsuicheas mo dhaoine fum :
mo mhuinghinn is e Dia.

3 Dhia, creud e 'n duine, gù bheil tu
a' gabhail eòlais air ?
No creud e mac an duine fòs,
gu'n d'thug tu e fainear ?

- 4 An duine, 's cosmhuiil e gu fior
 ri diomhanas gun stà' :
 'S a lài mar sgàil', 's mar fhaileas fòs,
 a' gabhail thart' a ta.
- 5 O lùb, a Dhia, do fhlaitheis àrd,
 thig fèin gun chàird' a nuas ;
 Bean ris na sléibhtibh mòr le d' neart,
 is uath' théid deatach suas.
- 6 Leig chuc' a mach do dhealanach,
 le'r sgaoilear iad air fad ;
 Is tilg a mach do shaighde geur,
 le'r chlaoidear iad gu grad.
- 7 Sìn uait do làmh as t'ionad àrd,
 saor mi, is fuasgail orm,
 O uisgibh làidir iomarcach,
 's o làimh nan coigreach borb.
- 8 An droing 'g am bheil am béis a' teachd
 air diomhanas gach lò :
 An deas-làmh sud, is deas-làmh i,
 làn iogain* agus gò.
- 9 Dhuit seinneam òran nuadh, a Dhé,
 's ann air an t-Saltair ghrinn ;
 Ar inneal ciuil nan teuda deich,
 dhuit seinneam moladh binn.
- 10 'S e Dia a bheir do righribh mòr
 slàint' agus buaidh gu treun,
 'S e shaoras Daibhidh 'òglach caomh
 o'n chlaidheamh mhìllteach gheur.

- 11 Saor mi, is fuasgail orm o làimh
 nan coimheach, 'g am bheil beul
 Làn dìomhanais ; 's an deas-làmh fòs,
 'na deas-làimh foill' is bréig'.
- 12 Do chum gu'm biodh ar maca fàs
 mar fhaillein* ùr nan òig' ;
 'S mar oisinn-chloch' ar nigheana,
 snaidhte mar àros mòr.
- 13 Ar sgioboil † làn do'n uile stòr ;
 gu'm biodh ar treud' a' breith
 Nam mìlte, seadh deich mìlte fòs,
 'nar sráidibh' féin gu seth.
- 14 Ar daimh gu h-obair làidir calm,
 gun bhriseadh' 'mach no steach ;
 Do chum 'nar sràidibh fòs nach biodh
 guth caoi' gu gearanach.
- 15 'S beannuicht' am pobull sin a ta
 san inbhe so gu beachd ;
 'S beannuicht' am pobull fòs, d'an Dia
 Iehobhah Triath nam feart.

SALM CXLV.

- 1 ARDUICHEAM thu, mo Dhia, 's mo
 t'ainm beannuicheam gu bràth.[Righ ;
- 2 Do t'ainms'am feasd' do bheiream cliu ;
 àrdुicheam thu gach là.
- 3 Tha Dia Iehobhah mòr gu dearbh,
 ion-mholta Dia gu mòr ;

* ghallain.

† saibhleán.

Cha'n fheudar meud a mhòrachd-san
a rannsuchadh gu leòr.

- 4 Molaidh gach àl do ghnìomhara
do'n àl a thig nan déigh,
Is t'oibre cumhachdacha fòs,
sior-chuirear leo an céill.
- 5 Onoir do mhòrachd ghlòrinhoir séin
cuiream an céill gu beachd ;
Air t'oibribh iongantach gu léir
labhram, a Dhé nam feart.
- 6 Labhraidh daoin' eile fòs air neart
do bhearta uabhasach ;
Is mise foillsicheam gu mòr
do inhòrachd iongantach.
- 7 Is cuirear leo an céill gu pailt'
iomradh do mhaiteis mhòir ;
Do cheartas glan, is t'ionracas
molaidh gu binn le ceòl.
- 8 Tha 'n Tighearna ro-ghràsmhor caoin,
is làn do thruacantachd ;
A ta se mall chuin feirg', is fòs
pailt' ann an tròcaireachd.
- 9 Is maith Iehobhah do gach dùil ;
ta 'thròcair chaomh gu beachd
Os cionn gach obair agus gnìomh
a rinneadh leis le neart.
- 10 Dhia, molaidh t'oibre thu air fad ;
le d' naoimhaibh molar thu* :

* le d'naoimh beannuichear thu.

- 11 Air glòir do rioghachd labhraidh siad ;
innsid do neart le cliu.
- 12 Do chum a bhearta cumhachdach
gu'n tuigeadh clann nan daoin' ;
Gu bheil a rioghachd làn do ghlòir ;
is mòralachd faraon.
- 13 Do rioghachd féin, is rioghachd i
ta siorruidh buan gu beachd ;
Is mairidh t'uachdranachd gu bràth,
air seadh gach àl ri teachd.
- 14 Cumaidh Iehobhah suas le neart
an droing ta tuiteam sios ;
'S an dream ta claonadh chum an làir,
togaidh se 'n aird' a rìs.
- 15 Ta sùile fòs gach dùil' air bith
a' seitheamh ort a Righ ;
Is ta tu anns na tràthaibh ceart,
a' tabhairt dhoibh am bìdh.
- 16 A ta tu ann do thòirbheartas,
fosgladh do làimh gu mòr,
Is miann gach nithe beo air bith,
sàsuichear leat gu leor.
- 17 Tha Dia 'na uile shlighibh ceart,
naomha 'na uile ghnìomh.
- 18 'S dlù' Dia do mheud 's a ghairmeas air
seadh ghairmeas air gu fior.
- 19 Deagh mhiann gach neach d'an eagal e
coimhlionaidh se gu pailt' ;

Is éisdidh esan ri an glaodh.
saoraidh se iad nan airc

- 20** An droing 'ta tabhairt gràidh do Dhia,
dhoibh ni se tèarmunn deas ;
Ach fòs na h-aingidh olc gu léir,
do ni se féin an sgrios.
- 21** A' luaidh air cliu Iehobhah thréin,
bithidh mo bheul gun cheist :
'Ainm naomha beannuicheadh gach
gu siorruidh buan am feasd'. [feoil,

SALM CXLVI.

- 1** DIA moluibh ; mol o m'anam, Dia.
- 2** Molaidh mi Dia ri m' bheo ;
Ard-seinnidh mise cliu do m' Dhia,
ri fad mo ré 's mo lò.
- 3** Na earbaibh, is na deanuibh bun
a prionnsaibh làidir treun ;
No fòs a mac aon duin' a t'ann,
's gun fhurtachd ann ri feum.
- 4** 'Ta 'anail-san dol as a mach,
théid se g'a ùir air ais ;
Théid as d'a smuainteachadh gu léir,
san là sin féin gu cas.
- 5** 'S beannuicht' an duine sin 'gam bheil
Dia Iacoib dha mar neart ;
'G am bheil a dhòchas ann a Dhia,
Iehobhah Triath nam feart.

- 6 'S e chruthaich nèamh, is muir, is tìr,
 's gach aon ni annta ta ;
 Is se do choimhlideas firinn fòs,
 gu siorruidh is gu bràth.
- 7 Ri daoinibh ta fuidh fhòirneart mòr,
 cumaidh se còir gu caoin ;
 Bheir biadh do'n ocrach ; cuiridh Dia
 na prìosunaich fa sgaoil.
- 8 'S e Dia ta fosgladh sùl nan dall,
 togaidh Iehobhah mòr
 An dream a ta air cromadh sìos :
 is caomh leis daoine còir.
- 9 Ban-treabhach, 's dìlleachd' seasaidh
 se 's dòn do'n choigreach ann : [Dia,
 Ach slighe fhìar nan daoine daoí,
 tilgidh se bun os cionn.
- 10 Bidh Dia 'na Ard-righ mòr gu brath,
 do Dhias', O Shioin naomh',
 O linn gu linn gu marannach.
 Moluibhse Dia gu coamh.

SALM CXLVII.

- 1 MOLAIBHSE Dia, oir 's maith bhii seinn
 àrd-mholadh binn d'ur Dia ;
 Oir 's tlachdmhor e, 's is maiseal sud,
 bhi tabhairt cliu do'n Triath.
- 2 Suas togaidh Dia Ierusalem ;
 cruinnichidh se le chéil',
 o 2

An dream d'an d'rinneadh dìobaraich
do ghineal Israeil.

- 3** Do'n aitim 'g am bheil cridhe brùit',
do bheir se slàinte mhòr ;
'S e cheanglas suas gu faicilleach
gach cneadh ta orr' is leòn.
- 4** Na reulta lìonimhor àirmhear leis ;
'g an ainmeachadh gu léir.
- 5** Is mòr ar Dia, 's is mòr a neart ;
gun tomhas air a chéill.
- 6** Togaidh Iehobhah suas gu dearbh,
na daoine ciuin a rìs,
Is leagar leis na daoí le tàir,
gu làr 'g an tilgeadh sios.
- 7** Seinnibh do Dhia Iehobhiah mòr,
le buidheachas gu binn ;
Seinnibh d'ar Dia-ne moladh àrd,
air teud na clàrsaich ghrinn.
- 8** Neach dh'fhol' cheas nèamh le neulaibh
dh'ullmuicheasfearthuin* fos[tiugh,
Do'n talamh : 's e bheir air an fheur
bhi fàs air sléibhtibh mòr.
- 9** Do'n ainmhidh's do gach beatach fiat,
bheir esan biadh gun dìth ;
Is do na fithich òg faraon,
a ghlaodhas 'g iarruidh bìdh.
- 10** An neart an eich cha bhi a dhùil,
ge mòr a lùth sa threis'.

- Cha ghabh se tlachd an cosaibh fir
sheasas gu dìreach deas.
- 11 Tha Dia a' gabhail tlachd gu mòr
do'n dream d'an eagal e,
Chuireas an dòchas is an dòigh
'n a thròcair-san gach ré.
- 12 Thoir moladh, O Ierusalem,
do Dhia Iehobhah mòr,
Do d' Dhia-sa tabhair moladh fior,
O Shioin mar is còir.
- 13 Croinn-dhruuididh fòs do dhorsa mòr,
do neartuich se gu maith ;
Do bheannuich se do shliochd gu léir
o'd' imheadhon féin a stigh.
- 14 'S e chuireas ann do chrìochaibh fòs
sìth agus sonas mòr :
'S e ni le smior a' chruineachd ghloin
do shàsuchadh gu leòr.
- 15 'S e chuireas 'àithn' a mach air tìr,
ni 'bhriathar ruith gu luath.
- 16 Bheir sneachd mar olainn ; sgaoilidh se
an liath-reodh mar an luath.
- 17 Leac-oighre tilgidh se a mach
mar ghreamanna nach gann ;
Agus san fhuachd a rinneadh leis,
cò dh'fheudas seasamh ann ?
- 18 Cuiridh se 'bhriathar mòr a mach,
is leagar iad a rìs :

Air séideadh dha le gaoith an sin,
sruthaidh na tuilte sios.

- 19 Do Iacob ta se foillseachadh
a bhriathra fior-ghlan naomh',
A statuin is a bhreitheanais
do Israel gu caomh.
- 20 Nior dheònuich se a' mhaitheas ud
dh'aon fhineach ta fuidh 'n ghréin ;
A bhreitheanais cha b'aithne dhoibh.
Moluibh Iehobhah treun.

SALM CXLVIII.

- 1 MOLUIBHSE Dia. Ard-mholuibh fos
Iehobhah mòr gun chàird',
O nèamh' nan speur : moluibhse Dia,
's na h-ionadaibh a's aird'.
- 2 Uil' aingle Dé mòr-mholuibh e ;
moluibh e 'shluagh gu léir.
- 3 O ghrian 'sa ghealach, moluibh e ;
's a reulta glan nan speur.
- 4 O nèamha àrd nan uile nèamh,
is uisgeachan a ta
An còmhnuidh shuas os cionn nan speur,
moluibhse Dia do ghnà.
- 5 Thugadh siad cliu is moladh binn
do ainm Iehobhah thréin,
Oir chur se 'aithn' a mach le neart,
is rinneadh iad d'a réir.

- 6 Do rinn se fòs an daingneachadh,
 a chum bhi buan do ghnàth
 Is chuir se statuin orra sud,
 nach dthéid air cùl gu bráth.
- 7 O'n talamh fòs a ta fuidh nèamh,
 moluibh Iehobhah treun ;
 A dhràgon' àdhbhail uabhasach,
 's a dhoimhneachda gu léir.
- 8 Tein-adhar agus clach-shneachd chru-
 an ceòthiéid suas 's an sneachd; [aidh,
 Gaoth dhoinionnach a' coimhlionadh
 a bhriathar-san gu beachd
- 9 Na slèibhte farsaing at-mhor mòr,
 's na tulaich fòs le chéil' ;
 Gach craobh bheir toradh agus blàth,
 's na Sedair àrd gu léir.
- 10 Gach beatach, ainmhidh, is gach dù
 a shnàigeas air an lär,
 'S gach eunlaith sgiathach iteagach,
 'ta 'g itealuich gu h-àrd.
- 11 Gach righ air talamh, làidir mòr,
 's gach pobull fòs air bith ;
 Na prionnsa, is luchd breitheanais
 ta os gach tìr fa leith.
- 12 Na h-òig-fhir is na maca deas,
 's na maighdeana le chèil ;
 Na seanaire ta eòlach glic,
 's na leinibh òg gu léir.

- 13 Ainm Dhé ard-mholadh iad, oir ta
 'ainm-san a mhàin ro-mhòdir,
 Os cionn na talmhainn agus nèamh,
 do àrduicheadh a ghòdir.
- 14 Adharc a phobuill àrd'chear leis,
 sud cliu a naomh gu léir,
 Chloinn' Israeil a phobuill chaoimh.
 Moluibh Iehobhah treun.

SALM CXLIX.

- 1 MOLUIBHSE Dia. Is òran nuadh
 seinnibh do Dhia gu caomh:
 Seinnibh a mholadh-san gu binn,
 an coimhthional nan naomh.
- 2 Biodh Isra'l aoibhneach ann an Dia,
 an ti do chruthaich e:
 Deanadh clann Shioin gàirdeachas
 nan Righ air feadh gach ré.
- 3 Is anns an dannsadhbh thugadh iad
 d'a ainm-san moladh binn:
 A chliu le tiompan seinneadh iad,
 is leis a' chlàrsach ghrinn.
- 4 Oir ta Iehobhah gabhail tlachd
 'na phobull dhìleas féin:
 Do ni se sgiamhach le a shìlìant'
 na daoine sèimh gu léir:
- 5 Biodh air na daoinibh naomh' an sin
 ùr-gàirdeachas an glòdir;

Is air an leabuidh seinneadh iad
do Dhia le h-iolaich mhòir.

- 6 Gu'n robh àrd-chliù an Tighearna
gu dligheach ann am beul;
Is ann an làimh-san fòs gu'n robh
claidheamh dà-fhaobhair geur.

- 7 Do chum gu'n deant' air fineachaibh
làn-dioghaltas gu trom;
Is mar an ceudn' air phoibleachaibh
smachdachadh goirt mar thoill.
8 Do chum gu'n deant' an righre-san
a chur fuidh chuibhreich ghéir,
Fuidh gheimhlibh teann do'n iarunn
an uaisle mòr gu léir. [chruaidh

- 9 Chum dioghaltas a chur an gnìomh,
ta sgrìobht' 'na fhocal ceart;
So cliù nam fireanach gu léir.
Moluibhse Dia nam feart.

SALM CL.

- 1 MOLUIBHSE Dia. 'Na theampull
moluibhse Dia gu mòr: [naomh',
An speuraibh àrd a chumhachda,
moluibh e mar is còir.
2 Air son a ghnìomhara ro-threun,
moluibshe Dia gun chàird':
Do réir a mhòdrachd moluibh e,
's a ghlòir a ta ro-àrd.

- 3 Le guth na gall-truimp mar an ceudn'
 moluibhse Dia gu binn :
 Air clàrsaich seinnibh moladh dha,
 is air an t-saltair ghrinn.
- 4 Le tiompan thugaibh moladh dha,
 san dannsadh mar an ceudn' ;
 Le organ togaibh suas a chliù,
 's le inneal ciuil nan teud.
- 5 Air ciombalaibh ta labhar binn,
 moluibhse Dia gun chàird' ;
 Moluibhse Dia air ciombalaibh,
 ni toirm is fuaim ro-àrd.
- 6 Gach uile dhùil sam bith ta beo,
 'g am bheil an ded nan cré,
 Ard-mholadh iadsan Dia gu mòr.
 Molaibh Iehobhah treun.

CRIOCH.

LAOIDHEAN,

O'N

SCRIPTUR NAOMH.

LAOIDH I. GENESIS i.

- 1 O NEO-NI éireadh talamh 's nèamh,
So labhair guth an Triath :
O neo-ni dh'éirieh talamh 's nèamh,
Gu h-ùmhal mar a dh'iarr.
- 2 Shuidh air an aigein duibhre tiugh,
Thuirt Dia, Biodh solus ann ;
Ghrad-las an solus aobhach geal,
Is theichl an duibhre dall.
- 3 Do neulaibh dh'aithn e togail suas,
Suas thog na neoil d'a réir ;
Le'n ionmhas fliuch sgaoil iad 's gach
A' snàmh air feadh nan speur. [àit,
- 4 Dh'aithn e do'n uisg' a luidh air fonn
Grad-thional gu h-aon àit ;
Dhian ruith an fhairge, tonn air thornn,
Is feuch an talamh tràight !
- 5 Le luibhibh uaine 's craobhaibh meas,
Chòmhdaieh e 'n talamh lom ;
Mu'n d' thàinig fras no drùchd o'n speur,
'S mu 'n d' éirich grian air fonn.
- 6 Sgeadaich e 'n sin na nèamhañ àrd ;
Gu dealrach las a' ghrian ;
A' ghealach is na reulta dhùisg,
A chunnta' mhios is bhliadhna'.

- 7 Do'n uisge dhealbh Ichobhah treun
 Gach gineal éisg sa' chuan ;
 Is ghairm o'u doimhne mar an ceudn
 Gach eun san ealtainn shuas.
- 8 Gach dùile beò air thalamh ta
 Dhealbh thu le d' làimh, fa leth ;
 Do'n leòmhlan bhorb 's do'u chnuimheig
 Thug thu maraou am bith. [fhaoin]
- 9 An duine chruthaich thu fadheoidh,
 A'd' choslas glòrmhor féin,
 Gu bhi 'na uachd'ran dligheach fior
 Os ceann gach ni fo'u ghréin.
- 10 D'uil' oibre 'n sin a'd' làth'r, a Dhia,
 Gu ciatach aluinn sheas ;
 Sheall thu, is thuirt gu robh gach ni
 Gu fior-mhaith agns deas.
- 11 Cia glòrmhor d'oibr' air fad, a Dhé !
 Cia treun thu féin an neart ;
 Co 'n ti nach tugadh dhuitsa cliu ?
 Molams' thu, Dhia nam feart !

LAOIDH II. GEN. xxviii. 20—22.

- 1 DHE Bhet-eil! le d'làimh thoirbheartaich
 'S tu bheathaich d'Isra'l féin :
 'S a threòraich feadh an turuis sgìth
 Ar sinnseara gn léir ;
- 2 Ar bòid 's ar n-urruigh nis a ta
 Aig làth'r do chaithir ghràis ;
 Bi leinn, O Dhia ar n-aithrichean !
 'S na diobair sinn gu bràth.
- 3 Trid ceumna dorch' ar beatha bhos,
 O treòraich thusa sinn ;
 'S o là gu là ar n-éideadh cuirp,
 'S ar teachd-an-tir thoir dhuinn.

4 Fo sgàil do sgé, O dean ar dion
 Gu crìch ar seachrain sgìth,
 Is thoir d'ar n-anmaibh fois fadheòidh
 A'd' chòmlnuidh shuas an sìth.

5 Na tiodhlaca so, Dhé nan gràs,
 Thoir dhuinn o d'làimh gu fial ;
 'S a nis agus a rìs gu bràth,
 Is tu do ghuàth ar Dia.

LAOIDH III. IOB i. 21.

1 LOMNOCHD mar thàinig sinn a steach
 Do 'n t-saoghal so air tùs,
 Is amhluidh theid sinn lomnochd as,
 Is taisgear sinn san ùir.

2 Gach ni ri 'n canar leinn gu faoin
 Ar maoin 's ar stòras féin,
 Is iasad goirid aon-la e,
 'S grad-dhìolar e gu léir.

3 'S e Dia bheir dhuinn gach comh-shurtachd,
 No ghearras iad air falbh ;
 Ma thug e leis, 's e féin thug uaith ;
 Beannacht' gach uair biodh 'ainm !

4 Beannacht' gu siorruidh gu robh Dia !
 Cha ghcarain sinn ni 's mò ;
 Docrach no socrach biodh ar cor,
 Dhuits' Athair gu robh glòir.

LAOIDH IV. IOB iii. 17—20.

1 CIA samhach ciùiu an talla dorch'
 San gabh sinn uile tàmh ;
 An tìr na di-chuimhn' far nach gluais
 Aon fhuathas sinn no nàmh.

2 Cia tosdach sèinuh an lcab' an uaigh,
 A ghabhail suain is fois ;

Theid crioch air dragh luchd-aing' eachd innt'
 'S gheibh daoine sgìth iunt' clos.

- 3 Innte cha chaoidh am priosanach
 Ni 's mò mar fhuair e 'chlaoidh ;
 Cha dochainn smachd an droch righ bhuirb,
 'S is balbh guth mhillt-fhir dhaoi.
- 4 Tha lag is làidir, beag is mòr,
 Co-shiùnt' san uaigh le chéil' ;
 Tha naimhdean samhach taobh ri taobh
 Is luchd na comhstri réidh,
- 5 Co-ionann coidlidh iad air sad
 Fo ghlasaibh teann a' bliàis,
 Gu'n uair an gairmear iad le Dia
 'Na fhianuis là a' bhràth.

LAOIDH V. IOB V. 6—12.

- 1 Amhughar o'n duslach ged nach dùisg,
 O'n ùir ged nach tig bròn ;
 Gidheadh is lionmhòr iad na h-uilc
 Th' air mac an duine 'n tòir.
- 2 Amhluidh mar dh'èireas srada suas
 Gu luath air lorg a chéil' :
 Mar sin tha'n duine air a bhreth
 Gu bròn is cùradh geur.
- 3 Ach earbam-sa ri Dia mo chùis,
 Is deanam m'urnuigh ris ;
 Riaghlaadh an domhain tha 'na làimh,
 Gu 'làthair teichidh mis'.
- 4 Tha 'oibre lionmhòr agus mòr,
 Co chuireas iad an cèill ?
 An t-anam brònach ni e ait,
 'S an truaghan ni e treun.

- 1** GUN lìathach am fàs luachair għilas ?
 No seileisteir gun sruth ?
 Ged fhàs, is diombuan gearr an enaït,
 Scargaidh, gun bhuan, an cruth.
- 2** Is ionann dòchas baoth an daoī,
 Nach feud a chaoidh bhi buan ;
 Mar lion an dabħain-alluiddh fhaoin,
 A bheir gach gaoth 'na chuairt.
- 3** 'N trà leigeas e a thaic r'a thigh,
 Aomaidh gach clach is erann ;
 'S luath ghreimicheas e ris, ach 's luath'
 Theid 'fhardoch bun os ceann.
- 4** Ged fhàs 'na għaradħ ris a' għréin
 A għeuga dosrach ûr ;
 'S ged sħaoil e domhain teann għiex f'reumh,
 Th' air leis, do-spiout' á h-ùir :
- 5** Gidheadh air teachd d'a bhinn o nèamħ,
 Spionar a fhreumh á bun ;
 Aite cha 'n aithnich e ni's mò ;
 Caochlaidh a għlōr gu tur.
- 6** Feuch ! 's amhluidh għairdeachas nan daoī,
 Ni tāir air naomh-reachd Dhé ;
 Grad-thuitidh iad : 's co grad a thig
 'Nan àite daoine sèimh.
- 7** Ach Dia nan gràs, le cumhachd mòr,
 Ni daoine còir a dhion ;
 An cridhe lionaidh e le gean,
 'S am beul le moladh sior.

LAOIDH VII. IOB ix. 2—10.

- 1** AM bi siol Adhaimh saor o chiont',
 Nō glan am fianuis Dé ?
 Ma thagras e réir ceartais ruinn,
 F'a smachd theid sinn do'n eug.

- 2 Gu geur-chuisceach ma thoimhseas e
 Gach smaoin, is guth, is gniomh ;
 Leisgeul, seadh aon do m' mhiltibh ciont,
 A dhealbh cha'n urrainn mi.
- 3 Is glic a chridh' s is treun a làmh,
 'S nach aillgidh dàn an sluagh
 A thogas ceann an aghaidh Dhia,
 Cò riamh thug air-san buaidh ?
- 4 Roimh' fheirg, na slèibhte criothnaichidh,
 Is clisgidh iad o'm bonn ;
 O 'bhunchar luaisgidh null 's a nall,
 Le garbh-chrith, 'n talamh trom.
- 5 Ma thoirmisgeas e éiridh gréin',
 Cha'n éirich grian gu bràth :
 Dui'-neulach ni e 'n speur air fad,
 'S gach reul theid as 'na smàl.
- 6 Coisichidh Dia san fhairge ghairbh,
 Carbad do ghaothaibh ni ;
 A shlighe àrd cò lorgaicheas ?
 A cheumna dorch' co chi ?

LAOIDH VIII. IOB xiv. 1—15.

- 1 O Dhuine th'air do bhreth le mnaoi,
 Cia tearc is truagh do làith' !
 O'n duslach thàinig thu, is théid
 Gu d' dhuslach féin gun dàil.
- 2 Mar mhaoth-lus fàsaidh tu fo bhlàth,
 Is gheibh thu bàs gu beachd :
 Mar fhaileas tcichidh tu gu luath,
 'S cha bhuan air thalamh neach.
- 3 Làn ciont' is truaigh, an seas aon dùil,
 Fa chiomhair sùilean Dé ?
 Co chaoidh bheir uisge soilleir glan
 A tobar salach crèidh ?

- 4 Ar làithean air an àireamh ta,
 'S gun tàmh a' gabhail seach ;
 Is goirid gus an tig an uair
 An ni do'n uaigh ar teach.
- 5 Dhémhòir ! na smachdaich ann ad flicirg
 An tomhas goirid faoin,
 Do làithibh diombuan an-shoerach
 Thug thu do chloinn nan daoin'.
- 6 Ged chrionas lus, cha'n fhaigh e bàs,
 Thig 'fhàs ri h-ùinc nios ;
 'S ged shicargas craobh sa' gheamhradh fhuar,
 Ni 'n t-earrach nuadh i rìs.
- 7 Ach aon uair 's gu faigh duinc bàs,
 Cha phill a làith' ni 's mò ;
 A bheatha cha dean earrach nuadh,
 'S air 'uaigh cha ruig an lò.
- 8 Amhluidh mar shirnث a ruitheas bras,
 'S nach pill air ais r'a shliabh ;
 Tha làith' is bliadhnai' 's linn dol seach,
 'S cha phill ri neach an triall.
- 9 San uaigh 'n trà luidheas duine sios,
 Coidlidh e 'n dion a' bhàis ;
 'S cha dùisg e tuille gus an téid
 An cruinne-cé 'na smàl.
- 10 O biodh an uaigh 'na leaba thàimh
 Dhomh féin, gu là mo Thriath,
 San éirich mi gu h-aobhach suas
 Le naomh-shluagh maiseach Dia !
- 11 San dòchas ait, le foighid mhòir,
 Feithidh mi ordugh Nèimh,
 A thig san àm a shonruich Dia
 An triall mi thuige féin.

- 1 Co ghleachdas ris a' ghàirdean threun
 A dhealbh na speuran àrd ?
 No c'ait am folaich neach e féin
 O'n t-sùil d'an léir gach àit ?
- 2 'Na shealladh-san tha ifrinn féin
 Is léir-sgrios uile rùisgt' :
 'S am fol'chear lochd air bith no beud
 O fhradharc geur a shùl ?
- 3 Air neo-ni chroch e 'n domhan mòr,
 'S an àirde tuath do sgaoil
 Air ionad falamh, agus phaisg
 Uisge sna neulaibh faoin.
- 4 Trà chithear cumhachd Dhé 's gach àit,
 Tha sgàil 'ga fholach féin ;
 Tha 'chaithir cuairtichte le neòil,
 'S do dhuine beò cha léir.
- 5 Onfha na fairge pillidh e
 Le tràigh, air meud a neart ;
 'S a chrioch a thug e dhi 's gach àit
 Gu bràth cha téid i thart.
- 6 Roimh achmhasan Iehobhal thréin,
 Tha talamh 's nèamhl air chrith ;
 Clisgidh an stèidh ma lasas suas
 A chorruich uair sam bith.
- 7 Gun doinionn luaisgidh e an cuan,
 'S togaidh e suas a thuinn ;
 'S an t-uaibhreach tilgidh e, gun nàmh,
 O 'airde bun os ceann.
- 8 'S e lionas nèamhl le cuideachd naomh,
 'S a ni iad aobhach ait ;
 Ach sliochd na nathrach tilgidh sios
 Gu ionad claoih le smachd,
- 9 D'a oibre cha léir dhuinn ach cuij,
 'S cha tuig sinn iad sin féin ;

Ach tairneanach a chumhachd mhòir,
Cò dh'fheudas chur an céill ?

LAOIDH X. GNATH-FHOC. i. 20—31.

- 1 Ach coimhthional nan iomadh slògh,
Is auns na ròidibh tiugh,
Ri cloinn nan daoin' tha Gliocas nèimh
A' togail suas a ghuth' ;
- 2 Cia fhad a ni luchd-fanoid tar
Air firinn 's gràsa Dhé ?
'Sa bheir sibh, amadana, spéis
Do 'r toil mhi-chéillidh féin ?
- 3 Pillibh, air m' earails', air 'ur n-ais,
Is bidh sibh sona chaoidh.
Pillibh 's a chum 'ur beannachadh,
Mo Spiorad bheir mi dhuibh.
- 4 Ach mur toir sibh mo ghuth fainear,
'S mur éisdear leibh mo ghlaodh :
Trà ghlaodhas sibhs' an là 'ur n-airc,
'Ur n-athchuinge bidh faoin.
- 5 Trà ghlacas léir-sgrios sibh 'na cuairt,
Mar iom-ghaoth luath nan speur,
Ni mise fanoid air 'ur eaoidh,
'S 'ur n-urnuigh chaoidh cha 'n éisd.
- 6 O ròghnaich sibh roimh bheatha bàs,
'S éigin gu bràth bhi truagh ;
Oir ciod air bith a chuireas neach,
Dheth sin ni 'n neach sin buain.

LAOIDH XI. GNATH-FHOC. iii. 13—17.

- 1 Cia sona 'n ti do theagascg Dhé
Bheir éisdeachd gach aon uair ;
'S ri gliocas nèimh, ie mòran tlachd,
Thionndas gu moch a chluas ?

2 Is fearr a stòr na 'n t-ionnhas faoin
 A ta san t-saogh'l gu léir ;
 'S is luachmhoire a dhuais gu mòr
 Na òr a' chruinne-chè.

3 Tha saoghal fada 'na làimh dheis,
 Is onoir 'na làimh chì ;
 Iadsan air fad a bheir dha gràdh,
 'S leo saoibhreas, slàint', is sìth.

4 Do 'n òg 'na shlighe neo-chiontaich,
 Sòlas bheir e gu paitl,
 'S do 'n aosda bheir e coron glòir,
 'S tràcair o Dhia gun airc.

5 An uair tha dìchioll dhaoine mòr,
 Tha 'dhuais-san mòr d'a réir :
 Do shòlasaibh tha 'shlighe làn ;
 Is sìth do ghnàth 's gach ceum.

LAOIDH XII. GNATH-FILOC. vi. 6—12.

1 EIRICH a lunndaire gu grad,
 'S thoir ort an seangan beag gun stad ;
 Oir ged nach d' flinair e riagh fear-iùil,
 No neach g'a għreasadh air a chùl :

2 Fa chomhair geomhraidh ni e deas,
 A' cuimhneachadh gun tàmh a leas ;
 San t-samhradh trusaidh e a lòn,
 San fhoghar iomlan tha a stòr.

3 Ach c' uin a dh'éireas tus' o d' shuain ?
 A lunndaire, nach dùisg thu suas ?
 Cha'n iarr do leisg ach tuille tàimh,
 Le clò do'n t-sùil, is pasga làmh.

4 Ach fench ! tha bochdainn agus bròn,
 Ag iadhladh air gach làimh a'd' chòir ;
 'S mar ghaisgeach armach teachd a'd' dhàil,
 Trom-bhruthaidd iad do cheann fo 'n sàil.

- 1 BIBH tosdach uile, chlann nan daoin'
 Trà ghlaodhas Gliocas Dé,
 A bhriathra thugar leibh fainear,
 'S d'a earail thugaibh géill.
- 2 Bu mhise Annsachd Dhé o thùs,
 Mu'n robh na nèamha ann ;
 'S mu'n d'fhuair an domhan mòr a bhith,
 Bha mise, feadh gach àm.
- 3 Mu'n robh ann sléibhte mòr no beag,
 Mu'n robh ann muir no tìr ;
 No ni air bith sa' chruinne-chè,
 Aig deas làimh Dhé bha mi.
- 4 Trà dhealbh e neòil is adhar àrd,
 An talamh tràight 's an euan,
 'S trà ghearr e 'n eriochan doibh fa leth,
 Bha mise leis san uair.
- 5 Trà chroeh e 'n talamh cothromaitch'
 Gun taic ris o aon taobh,
 Dhearc mi le sòlas mòr an sin
 Air ionad còmhnuidh dhaoin'.
- 6 D healbh smaoin mo chridh' o shiorruidheachd
 Làn-tearmunn doibh o'n bhàs ;
 Neo-chaochluidheach, uaith sin gu so,
 Tha m'iochd dhoibh is mo ghràdh.
- 7 Ri m' theagasg éisdibh uime sin,
 Is gheibh sibh beatha uaith,
 Is sona 'n ti bheir géill do m' lagh ;
 Bidh 'n ti nach tabhair truaigh.
- 8 Is mise ni gu nèamh an t-iùl,
 'Sa bheir do 'n ionraic duais ;
 Tha beatha 's càirdeas aig gach neach
 A leanas mi gach uair.
- 9 Ach 's naimhde mòr d'an anna féin
 Na dhiultas géill do m' reachd ;

'S na bheir sior-fhuath do m' theagasc naomh,
Climm ifrinn théid gu beachd.

LAOIDH XIV. ECLES. vii. 2—6.

1 O SIBHIS' air fad le 'm b' àill bli glic,
Bibh tric an tigh a' bhròin :
Oir luath no mall tha sinn gu léir
Ri fulang pèin is leòn.

2 Is fearr gu mòr bhi giùlan goimh,
O àmhghar tigh na caoidh ;
Na 'n eridh' a lot le sòlas baoth,
An cuideachd dhaoine dao.

3 'N trà bhios an aghaidh tùirseach trom,
'S an t-sùil a' sileadh dheur,
Gheibh smuainte naomh san anam tàmb,
'S ni iad ni 's fcarr an gnè.

4 An duine crionna théid gu tric
Gu bothan bochd a' bhròin ;
Ach leis an dream air bheagan céill'
Is aoibhin talla chéòil.

5 Is diombuan aighear dhaoine dao,
'S is dlùth dhoibh àmhghar truagh :
Mar bhoisge fuaimneach droighinn fhaoin
Ghrad-chaochilas a chum luath.

LAOIDH XV. ECLES. ix. 4, 5, 6, 10.

1 'S e nis an t-àm bhi réidh ri Dia ;
S e nis an t-àm thoirt géill do'n Triath ;
Am feadh a mhaireas là nan gràs :
Feudaidh gach neach dol as o'n bhàs.

2 'S i so an uair a sheachnadh truaigh',
'S a thabhairt nèimh a mach le buaidh ;
So cothrom àigh, ta dian-dhol seach,
Deanar deadh-bhui dheth leis gach neach.

3 Is fios do'n bheò gu faigh e bàs,
 Air di-chuimhn' tha gach marbh an tràs :
 Do dh'fhalbh an cuimbne, 's dh'fhalbh an ainm,
 Cha'n aithnich'r iad, 's cha'n aithne dlaoibh.

4 Theirig an gràdh, is sguir am fuath,
 'S tha'm farmad sìnnte leò san uaigh ;
 Cha 'n eòl doibh ni sam bith fo 'n ghréin ;
 An saothair sguir maraon riu féin.

5 Dcan dìchioll uime sin 'na thrà,
 Crioch a chur air saothair do làmh ;
 Oir saothair, seòl, no obair ghlic,
 Cha deanar leat gu bràth fo 'n lic.

6 San uaigh, do'm bheil sinn uil' a' triall,
 Maith'nas cha 'n fhaigh, 's cha d' fhuaradh riamh ;
 Gun chaochla'bithidh cor gach neach
 Gu àm d'a bhinne teachd a mach.

LAOIDH XVI. ECLES. XII. 1.

1 CUIMHNICH do Dhia an làithibh d'òig',
 Làithibh gun bhròn gun smal ;
 Mu'n tig na bliadhnaí' breòite tinn,
 'S am fàs air d'inntinn cal.

2 Mu'n salaich lochd air bith do chridh',
 Grad-sgriobh air lagh do Dhia ;
 'S cuimhnich do Chruthadair an tràs
 Mu 'm fàs thu aosmhor liath.

3 Oir, goirid uait tha pian is bròn,
 Na neòil tha cheana dlùth
 Ni d'aoibhneas dorcha, 's d'òige sean,
 A' cur do gheau air chùl.

4 'S gearr gus an gearain thu gu goirt
 Fo sproclid is iarguin aois,
 'S an cuimhnich thu air aighear d'òig',
 Nach pill ni 's mò do d'thaobh

- 1 A MHAITHEAN Shodoim ! gabhaibh suim
 Do fhocal Righ nam feachd ;
 Fheara Ghomorah ! thigibh dlùth,
 Is bithibh ùmh'l d'a reachd.
- 2 Mar so a dcir e, Ciod is brìgh
 D 'ur n-iobairtibh gun stà ?
 Tha m' altair sgith d'ur tiodhlacaibh,
 'S thug mi d'ur n-aoradh gràin.
- 3 Ged las 'ur n-iobairtean gu nèamh,
 'S ged dhorchaich tùis an speur ;
 Gidheadh bheir mise fuath is gràin
 Do ghniomh 'ur làmh 's duibh féin,
- 4 'Ur trasg 's 'ur n-urnuigh 's fuathach leam,
 'S 'ur làithe feill faraon ;
 Oir tha 'ur cridhe làn do cheilg,
 'S 'ur slighe cam is claon.
- 5 Glanaibh 'ur làmhan o gach olc,
 'S na deanaibh lochd ni 's mò ;
 'Nur giùlan nile bithibh ceart,
 'S 'nur cridhe glan, gun ghò.
- 6 Na tairgibh dhomhsa onoir fhaoin,
 Ach foghlumaibh mo reachd ;
 Teann-thagraibh cùis na bantraiche,
 'S air fann na deanaibh lochd.
- 7 'N siu, dearg mar chorcar ge do robh
 'Ur lochdan, nighear uaibh
 Au sal, is bidh sibh glan, trid gràis :
 Mar shneachd is aillidh snuadh.

LAOIDH XVIII. ISAIAH ii. 2—6.

- 1 FEUCH ! éiridh san linn dhicireannaich
 Naomh-theainpull Dhia na glòir,
 Os ceann nam beann 's nan slèibhteán àrd ;
 Fath iongantais ro-inhòr !

- 2 D'a ionnsuidh thig na einnieh ait,
 Gaeh teanga 's treubh le chéil' :
 Ag ràdh, Suas greasamaid gun dail
 Gu teampull àluinn Dé.
- 3 An solus thig o Shion àrd
 Dealraidih feadh dhùtheha céin ;
 'S do 'n Righ 'na shuidh' air Salem ta
 Bheirear 's gach àite géill.
- 4 Measg ehinneach 's eilean iomallach
 Ard-shuidhidh e gu breth ;
 'S o eheartas naomha gheibh gach aon
 A bliinne féin fa leth.
- 5 Le connspoid is le h-an-iochd borb
 Cha bhuairear linn nan gràs ;
 Gu speal is coltar iompaichear
 Gaelh claidheamh 's inneal bàis.
- 6 Le làmh ii 's mò eha ehasgrar làmh
 'S eha bhi san araich eaoidh :
 Cha chruinnieh trompaid slòigh ri chéil',
 'S cha 'n eighear cath a ehaoidh.
- 7 O ghineil Iaeoib, uime sin,
 Thigibh gu teampull Dé ;
 'S 'na sholus-san ta dealrach glan,
 Sior thriallamaid gu nèamh.

LAOIDH XIX. ISAIAH ix. 2—8.

- 1 FREUCH! dh' eirieh solus air na slòigh
 Bha ehòmhnuiddh 'n duibhre bàis ;
 Is air an t-sluagh a bha fo sgàil,
 Nis dhealraieh Grian nan gràs.
- 2 Do d'ionnsnidh-sa, a Ghrian an aigh !
 Le failte thig gach sluagh,
 'S iad aoibhin mar luchd buain o'n fhaich,
 'S am foghar taisgte suas.

- 3 Oir thog thu dhinn air n-eallach ghoirt,
 Is lotadh leat ar làmh,
 Le d' għairdean treun għrad-thilg thu sios
 Luchd mi-ruin chum an làth'r.
- 4 Mar laoch a' riuth feadh fola 's àr,
 'Tha Slanuighear nam buadh ;
 Mar cheumaibh dealanaich nan speur
 Bheir thu fo ghèill gach sluagh.
- 5 Feuch duinne rugadh Mac an aigh ;
 Fluair sinn Slanuighear treun !
 Gach treubh air thalamh géillidh dha,
 Is aingle nèimh gu léir.
- 6 Prionnsa na siocaint canar ris,
 'S e'n Ti ta glic is treun ;
 Le ecartas riaghlaidh e gach sluagh,
 O 'chaithir shuas air nèamh.

LAOIDH XX. ISAIAH xxvi. 1—7.

- 1 Cia glòirmhor àluinn caithir Dhé !
 Sion cia breagh a snuadh !
 Innte chuir Dia a chaithir-righ,
 Chum mairsinn siorruidh buan.
- 2 A ballaidh dionaidh e le gràs,
 Gu làr cha tuit i chaoidh ;
 Ni slàinte tèarmunn di gach taobh,
 'S ifrinn cha 'n fheud a claoidh.
- 3 A dhorsa siorruidh, éiribh suas,
 Fosgħalib gu luath o chéil' ;
 'S gu racha' naomh-shluagh Dhé a steach,
 A thug d'a reachd-san géill.
- 4 An so gun airceas mealaidh sibh
 Sith shòlasach gu bràth ;
 Sibhse le 'n ionmhuinn àrd-ainm Dhé,
 'S tha deanamh buin á 'ghràs.

- 5 Earbaibh á Dia, sior-earbaibh as ;
 Gach eagal fògraibh uaibh ;
 Aig Dia tha cùmhachd chum 'ur dion,
 Feadh linn nan linn gu buan.
- 6 Còmhnuidh nan droch-dhaoin', ged is àrd,
 Bheir Dia le làimh i nuas ;
 'S am mòr-chuis tilgidh csan sios,
 Co iosal ris an uaigh.
- 7 Saltraidh am bochd an sin le tàir,
 Air àrois àrd nan daoí ;
 Trà bhios iad sìnnte air an làr,
 Gun éiridh 'n àird a chaoidh.

LAOIDH XXI. ISAIAH xxxiii. 13—18.

- 1 Ho ! gach aon neach fad as no dlùth,
 Do'n chùis so gabhaibh suim ;
 Bidh àgh is beannachd aig na naoimh,
 Ach sgriosar daoine daoí.
- 2 An ti bhios ionraic treibh-dhireach
 Fa chomhair Dhé gach uair,
 Ri gniomh gun iochd nach cuir a làmh,
 'S air bréig gu bràth nach luaidh ;
- 3 An ti nach laimhsich duais an uilc,
 'S gu ceilg nach buair an saogh'l,
 Nach scall gun ghràin air lochd air bith,
 'S nach gluais air slighe chlaoin.
- 4 An ti sin còmhnuidh gheibh gu bràth
 An daingneach làidir Dhé ;
 Gun casbhnidh gheibh c'theachd-an-tìr,
 Is caisgear iota 's fheum.
- 5 Fadheòidh bidh Nèamh dha fosgailte,
 Le dorsaibh farsuinn fial,
 'S le Righ nan righrean bithidh e
 Gu tèarnint feadh gach ial.

- 1 C'AR SON a dhòirtear leat a mach
 Dò chaoideh, gun dùil ri iochd ?
 Ccart mar nach tugadh Dia fainear
 Cùis neach air bith d'a shliochd.
- 2 Esan a chruthaich talamh 's nèamh,
 Am bheil a thearmunn gann ?
 No 'm feud an làmh a dhealbh gach ni
 Fàs sgith gu bràth no fann ?
- 3 Maith, glic, is uile-chnmhachdach,
 Tha 'n Triath a ta 'gar dion ;
 A shlighe gcd nach léir do neach,
 Is ccart c anns gach gnìomh.
- 4 'S mòr fath ar misnich, uimc sin,
 Fo cheannsal Dhia nan sluagh ;
 Do 'n fhìrean lag bheir esan neart,
 'S do'n anmhunn bheir c bnaidh.
- 5 Caillidh na sean-daoine an treòir,
 'S an òigridh féin an lùgh ;
 Ach mend 's a dh' fheith ri Dia nan gràs,
 Tha slàinte dhoibhsan dlùth.
- 6 Le cosaibh lùghar siùbhlaidh iad
 San t-slighe dh' ionnsuidh glòir ;
 'S fàsaidh an neart mar thriallas iad,
 'Nan giùlan diadhaidh còir.
- 7 Air sgiathaibh creidimh éiridh iad,
 Mar iolar luath nan speur,
 Os ecann an t-saoghal dhorecha so,
 Gu Dia an àirde nèimh.

LAOIDH XXIII. ISAIAH xlvi. 1—13.

- 1 FEUCH m' òglach ! feuch mo sheircinn ghràidh
 'S e àrdaicht' ann am neart ;
 Mo roghaimu e do'n t-sluagh gu léir,
 Dha thug mi spéis gu beachd.

- 2** Airsan gu saoibhir tuirlingidh
 Mo Spiorad naomha féin,
 Chum anns na dùthchaibh iomallach
 Mo bħreth gu'n cuir e 'n céill.
- 3** Séimh agus ciùin, gun gheilt no buirb'
 Bheir esan breth neo-chlaon ;
 Cha bħrist e'm feasd a' chuile tha brùit',
 'S cha mhùch e'n lasair chaol.
- 4** Gu lasair séidear leis an t-srad ;
 Do 'n lag bheir e lan-bħuaidh ;
 Feadh mhòr-thìr's eilean sgaoilidh 'eud ;
 Is géillidh dha gach sluagh.
- 5** So deir an Dia ghairm nèamh gu bith,
 'S a las na lòchlain lùil,
 A thug do 'n duine spiorad glic,
 'S a dħealbh gach uile dhùil :
- 6** 'S tu m' Fħaidh, a ghairm's a thog mi suas !
 Gach uair is leat mo neart ;
 O m' uile chumhachd għeibh thu treor
 Gu d' chòmhuaadh anns gach bcairt.
- 7** Annadsa ni mi ris gach tħi
 Coimhebeangal siorruidh gràidh,
 Thoirt saorsa do na braighdibh leont',
 'S do chinnich eòlas aigh.
- 8** Na dorsa praise brisidh tu,
 'S na glasa làidir teann :
 Is solus aoibhin agus saors'
 Bheir thu do 'n daor 's do'n dall.
- 9** 'S mise Iehobhah ; 's e sin m' ainm
 Air feedh gach uile ial ;
 Mo għlòir cha bhuin do dħealbha faoin,
 'S mi féin a'm' aonar Dia.
- 10** Feuch ! choimhlionadh a nis gach ni
 Għeall mi o shean do'n t-saogh'l ;

'S na nithe gheallar leam an tràs
Coimhlionar iad faraon.

11 Canaibh do 'n Tighearn òran nuadh :
Air 'ainm biodh luadh 's gach àit ;

Feadh muir, is tìr, is innse cian,
Biodh moladh Dhia gu bràth.

12 A chaithir mhòir ! is fhàsaich fhaoin !
Molaibh ar aon ar Dia ;

"Sa mhachair thugaibh moladh dha,
'S na bheil 'nur tàmh feadh shliabh.

13 Scinnidh gach sluagh, gu h-aon-sgeulach,
Glòir ion-mholt' Dhé bhith-bhuain ;
'S do'n chaithream aoibhin agus throm
Co-fhreagradh fonn is cuan !

LAOIDH XXIV. ISAIAH xlix. 13—17.

1 A NEAMHNA, togaibh luaghair ait ;
A thalamh, binn-cheol seiunn,
A shléibhle, canaibh co-shcirm chiùil,
'S gach dùil air feadh gach linne !

2 Feuchàibh cia tròcaireach ar Dia !
Cluinnibh a bhriathra gràis ;
Do'n anam thruagh bheir comhfhurtachd,
Is saors' o dhochann bàis.

3 Sguiribh, an làithibh goirt 'ur claoidh,
Do'r caoidh 's do'r gearan cruidh ;
An saoil sibh nach toir Dia faincar
Staid gach aon neach d'a shluagh ?

4 An diobair màthair ciochran maoth
A brollaich, le h-an-iocdh ?
Nach maothaich osna 's deòir a eridh'
'S nach gabh i truas d'a sliochd ?

5 Ach, arsa Dia, ged chaochail iochd
D'a gincil anns gach mnaoi,

M'iochd-sa do m' shluagh, agus mo ghaol.
Gun chaochladh mairidh chaoidlì.

- 6 Domhain air dearnaibh mo dhà làimh,
Ainm Shioin ghearr mi sios ;
A balla briste càiridh mi,
'S a h-àrois togaidh ris.

LAOIDH XXV. ISAIAH. liii.

- 1 CIA tearc an dream, le creidimh beò
A ghabhas eòlas uainn ;
No mhothaicheas o'm fiosrach féin,
Mòr-chumhachd Dhé bhith-bhuain ?
- 2 Tha Iosa teachd ! gun ghreadhnachas,
A dh'fhoillseachadh cia dlùth :
Oir àille thalmhaidh air cha bhi,
No bheag do ioghnadh shùl.
- 3 Mar chinneas ann am fàsach fhaoin
Luibh mhaoth, gun chùram sluaigh ;
Mar sin, san t-saoghal aingidh so,
Dh'fhàs Criosc fo ainneart suas.
- 4 Fo dhimeas is fo tharcuis dhaoin',
Feuch fear an àmhghair thruaigh
Is bròn a' leantuinn ris gun chlos,
An taobh a bhos do'n uaigh.
- 5 Ach cha b'e féin, ach sinne thoill
Gach cràdh a rinn a leòn ;
Oir, neo-chiontach sheas e 'nar riochd,
'S gu h-iochdmhor ghabh ar bròn.
- 6 Gidheadh mar dhroch-dhuin' mheasadhl e,
'S mar fhògarach o ghràs ;
Trà dhòirt e 'fhuil air son an t-sluaigh,
Fo osnaidh chruaidh a' bhàis.
- 7 Le 'naomh-fhuil nigh e dhinn gù glan
Ar truaill'cachd is ar lochd ;

- Leighis a chreuchdan, 's shaor a bhàs
 Gu bràthi ar n-anma bochd.
- 8 Chaidh daoine dàll is ceannaireach
 Air seachran truagh, mar thrcud ;
 Ach ghiùlain Criosd ar n-eusaontas,
 Is dhiol ar n-uile bheud.
- 9 Fo bhuille trom ar smachdachaiddh,
 Feuch giùlan caomh Mhic Dhé !
 Mar uan gun lochd, a dh' imlicheas,
 An làmli le 'n casgrar è.
- 10 A neo-chionta cò dh'fhoillsicheas !
 'Se e 'n enibhreach cruidh an sàs ?
 Feuch dhìteadh e le samhladh reachd,
 Is thugadh seach gu bàs.
- 11 Le peacaich luidh e sios san dus,
 Na beartaich thug dha uaigh ;
 Mar chaith' e 'bheatha, chriochnaich e,
 Gun chiont', air meud a thruaigh.
- 12 Mar so ged bhruthadhi le Dia,
 Dh'éirich ar Triath a rìs,
 Oir iobairt iomlan aoin mhic fèin
 Dhiol ceartas Dé gu sior :
- 13 Oir, arsa Dia, làn-shoirbhiclidh
 Mo thlachd 'na làimh gun cheist ;
 Bidh 'ghineal lioumhòr feadh gach linn,
 'S bidh inbhe mòr am feasd.
- 14 Bidh 'anam ait trà dhearcas e
 Air toradh paitl a phèin ;
 Is bheir na slòigli a shlànnuich e,
 Cliu sior d'an Slànear treun.
- 15 Roinnidh e chreachi le laochraibh treun ;
 'S do 'n eug bheir gach aon nàmh ;
 Le ciontaich ged luidh e san uaigh,
 Dh'éirich le bnaidh an àird,

16 Dh'fhuiling e dhioladh cionta dhaoin'
 A dh' fhaotainn sìth d'a shluagh ;
 'S mar charaid sior-bheò nis air nèamh,
 Tagraidh e 'n cùis gach uair.

LAOIDH XXVI. ISAIAH IV.

1 O DHAOINE tartmhor ! thigibh chum
 Sruth pailt nan uisge beò ;
 An nasgaidh gheibh am bochd a dhiol,
 Gun airgirod is gun òr.

2 C'ar son a struidheas sibh 'ur maoin
 Air nithibh faoin nach biadh ;
 'S a chaillcas sibh 'ur saoth'r gach là,
 Mu ni nach sàsuich miann ?

3 Gu deònach cromaibh riums' 'ur cluas,
 Ma 's àill leibh suaimhneas fior ;
 Le m' theagasg bidh 'ur n-anma beò,
 Is gheibh sibh sòlas sior.

4 Eisdibh, is mairibh beò gu bràth !
 Mo chùmhant gràsmhor 's leibh ;
 An tròcair a rinn Daibhidh ait,
 Gun airc bheir misc dhuibh.

5 Mar fhianuis rèoghnaich 's thog mi c,
 Mar cheannard treun do m' shluagh ;
 Gach fine gairmidh e o chéin,
 'S bheir iad fo 'bhrataich buaidh.

6 Feuch criocha cian nach b'aithne dhuit,
 Is do nach b'aithne thu,
 Ard-fhàidh ! do d'ionnsuidh cruinnichidh,
 'S do m' ainm-sa bheir iad cliu.

7 Grad-iarraibh Dia am feadh tha 'chlucas
 'Ga cromadh nuas ri 'r glaodh ;
 'S 'nnair tha e taigse dhuibh a ghràis,
 Gabhaibh ri shláintc shaor.

- 8 Tréigeadh an t-aingidh 'shlighe chlaou,
 'S an droch-dhuin' smuain a chridh',
 Is pilleadh iad ri Dia gun dàil,
 Is gheibh iad slàint' is sìth.
- 9 Oir Dia tha saoibhir ann an iochd,
 Is laghaidh e gach beud ;
 Cha'n ionann nadur dha 's do dhaoin' ;
 A thròcair chaomh cha tréig.
- 10 Oir mar is àrd an speur, deir Dia,
 Os ceann na talmhainn flaoin,
 'S co-àrd tha m' iùl 's mo smuainte-sa
 Thar iùl is smuainte dhaoin'.
- 11 Nuas silidh frasa sneachd is uisg',
 'S cha phill a rìs an àird,
 An talamh gus an taisich iad
 A ghiùlan lòin 's gach àit.
- 12 Mar so aon smid a labhras mis'
 Cha tig air ais gun bhuil ;
 Mo ghairm gheibh císdeachd o gach dùil,
 Is bidh iad ùmh'l do m' thoil.
- 13 'N siu stiùrar dùthcha iompaichte,
 Le h-aoibhneas is le fois :
 Na sléibhte seinnidh air gach taoblà ;
 Buailidh gach craobh a bos.
- 14 An àite dhroigheann agus dhrcas
 Bidh ur-chroinn uain' a' fàs ;
 Mar so sior-mhairidh ; 's bheir gach dùil,
 Ard-chliù do Dhia nan gràs.

LAOIDH XXVII. ISAIAH lvii. 15, 16.

- 1 EISDIBH ! gach neach air thalamh ta,
 Guth Dhé ro-àrd is naonih ;
 'S iad so a bhriathra tròcaireach,
 Fatù dòchais chloinn nan daoin' :

- 2 An àirde nèimh mo chaithir righ
 O shiorrui'chd shoeruich mis';
 'S leam cliu nan aingeal feadh gach linn,
 'S gach buaidh ta iomlan lcis.
- 3 Gidheadh o m' ionad còmhnuidh shuas,
 Scallaidh mi nuas do ghnàth,
 Air luchid a' chridhe bhriste bhrùit',
 'S 'nam bùthan ni mi tàmh:
- 4 A cheangal suas an spioraid bhrùit',
 'S g'a thoirt o'u ùir a nios;
 'S a bheothachadh nan anma truagh
 Tha dol do'n uaigh a sios.
- 5 Na h-anma sin a dhealbh mi féin,
 Gheibh tèaruinteachd fo m' ghràs;
 Tagradh cha dean mi riu do shior,
 Mun tuit iad sios a'm' làth'r.

LAOIDH XXVIII. ISAIAH lviii. 5—9.

- 1 FEUCU! ciod an trasg is àill le Dia,
 An c bhi cianail trom?
 No sgèadaichte le samhla bròin,
 Is aghaidh leònta chrom?
- 2 AR ionmhuin leamsa éididh bròin,
 Deir Righ na glòir e féin?
 Le ceann air lubadh, 's gnùis fo smal,
 Am faigh sibh uamsa spéis?
- 3 RI daoine truagh 'gan sàruchadh,
 Cum baigh is cothrom maith;
 'S do dhaoine bochd is an-shocrach
 Gabh càram, 's biodh ort rath.
- 4 DO'n dilleachd ocrach thoir do bhiadh,
 'S biodh d'fhàrdach fial gach uair
 Do'n choigreach tha gun àite tàimh,
 'S do'n anrach dhiblidh thruagh.

- 5 Còmhdaich an loinnochd, diou am fuar,
 Tog suas an ti fo leòn ;
 'S na druid do chridhe le h-an-iochd
 O neach air bith san fheòil.
 6 An sin mar mhadninn shoilleir chiùin,
 Bidh d'ùin' air thalamh bhos ;
 Air d'uile shlighe dealraidh Dia,
 'S o d' iarguin gheibh thu fois.

LAOIDH XXIX. TUIR. iii. 37—40.

- 1 Am measg nan cumhachdach co 'n ti
 A bhcir gu crìch na 's àill ?
 Nach 'eil gach ni sa' chruinn-c-chè,
 Fo òrdugh Dhé a mhàin :
 2 'S esan a ni ar n-aoibhneas mòr,
 No bheir dhùinn bròn fa seach ;
 'S i 'làmh a dhcalbh an solus iùil,
 'S do dhui-neòil thug an drach.
- 3 Ciòd uim' an gearain duine bcò ;
 'Ga leòn fo smachdach' Dhé ?
 A chum a leas tha Dia 'ga chlaoïdh
 Gu thoirt d'a ionnsuidh féin.
 4 O dhaoine ! ranntsaichibh gu geur,
 Gach ceum do 'r slighe chlaoïn ;
 'S pillibh o 'r seachranaibh gu Dia,
 Thaobh meud a thròcair chaoïn.

LAOIDH XXX. HOSEA vi. 1—4.

- 1 Thigibh, is rachamaid gu Dia,
 Le cridhe tiambaidh bròin :
 Ged phacaich sinn, ni esan iochd
 Air anmaibh briste leònt'.
 2 Air iarrtus duisgidh 'n-doinnion gharbh,
 Is fàsaidh balbh a rìs ;

Is ged tha 'ghàirdean treun gu sgrios,
Tha e co treun gu'r dion.

3 B' fhada 's bu chian ar n-oidheche bliòin,
Bheir teachd an lò dhuinn gean ;
Oir thig ar Dia is fògraidd e
Gach dòlas ruinn a lean.

4 'N sin gheibhì sinn èolas air a ghràdh,
Ma thig sinn dhasan dlùth ;
Bidh 'ghnùis mar ghrein na maidne gloin,
'S a ghuth mar inneal ciùil.

5 Mar dhrùchd air bhàrr nán luibhean maoth,
'S iad air gach taobh fo bhlàth ;
No mar na frasan thig a nuas
Air fearann cruaidh sa' Mhàrt ;

6 Mar sin ni dealradh gnùis ar Dé
Ar n-anma aoibhin ait :
Fògraidd e duibhre 's doilghios uainn,
Is ni sinn uaill gun airc.

LAOIDH XXXI. MICAH vi. 6—9.

1 CÌA leis a thig mi 'm sianuis Dhia,
Ard-thriath a' chruinne-ché !

No ciod an iobairt bheir mi dha,
Chum e bhi ghnàth rium rèidh ?

2 An toilich mìle iobairt loisgt',
Le'm boltrach tùis an Triath ?
Deich inile sruthan oladh 'n leòr,
'S gach ainmhidh beò san t-sliabh ?

3 Mur leòr, an gabh e mo cheud-ghin,
An riochd mo bheatha féin ;

Toradh mo chuirp an éiric m' anm'
Chum bhi 's gach àm rium réidh ?

4 Cha'n fhoghainn so ; is aobhar gràin
Le Dia gach crabhadh saoi ;

'Na fhocal leig e ris a rùn,
A stiùradh chloinn nan daoin'.

5 O Dhuine! so na dh'iarr e ort;
Dcan ceartas, miannaich iochd ;
Gn h-umhal gluais an làth'r do Dhia,
Is dean a riad gu glic.

LAOIDH XXXII. HABAC. iii. 17, 18.

1 CHAOIDH ged nach toir crann fige blàth,
'S nach fàs air fion-chrann meas ;
Saoth'r a' chroinn oladh ged a thréig,
'S fàs dèis gun bhi air slios ;

2 Gach treud o'n mhainmir ged a bhual
Grad fhuathas 'nuair nach saoil ;
Greigh ged nach fàg an t-Earrach cruaidh,
No bò air uachdar raoin ;

3 Gidheadh san Triath bidh mise ait,
Is ni mi uaill 'na ghràdh ;
Mòr aoibhneas ni mi ann am Dhia ;
'S e Dia mo shlàint' gu bràth.

4 Blicir Dia dhomh neart chum ruith gu dian
Mar fhiadh air fir each àrd ;
Is bheir e mi gu riogh'chd na glòir,
Fo shcòla caomh a ghràis.

5 'S e Dia mo stòr, mo bheatha, 's m'iùl
O 'n tig mo lùgh 's mo threis ;
Gainne no gort, beatha no bàs,
Cha sgar o 'ghràdh mi 'm feasd.

LAOIDH XXXIII. MAT. vi. 9—14.

1 ATHAIR gach dùil a bhos is shuas !
D'an dual gach cliu is glòir ;
A'd' làthair striochdaidh sinne sios,
Gu h-iosal mar is còir.

- 2** D'ainm naomhaichear 's na h-uile àit,
 Is aoradh dha gach slògh ;
 Craobh-sgaoil do Shoisgeul, 's thoir dha buaidh.
 Is luathaich riogh'chd na glòir.
- 3** Deanadh gach dùil air thalamh bhos,
 Do thoil mar ainglibh nèimh ;
 Dhi géilleadh iad le eridhe ait,
 'S le giùlan macant' scéimh.
- 4** Ar n-aran làthail deònuich dhuinn,
 Is eridhe taingeil leis ;
 Is ciod air bith is cuibhrionn duinn,
 Do bhcaimnachd biodh 'na chois.
- 5** Maith dhuinn ar fiacha trom, a Dhé,
 A réir mar mhaithear leinn,
 D'ar feichnibh féin an euccartan,
 'S gach beum a thug iad dhuinn.
- 6** Na leig am buaireadh sinn, a Dhé,
 Ach gleidh sinn o gach lochd ;
 Oir rioghachd, cumhachd, 's glòir gun chrioch,
 'Leat nis 's a rìs gu beachd.

LAOIDH XXXIV. MAT. xi. 25—30.

- 1** BUIDHEACHAS follaiseach thug Criod
 D'a Athair féin, ag ràdh,
 Sior-bheannaicht' bi-sa, Dhia nam feart,
 O linn gu liun gu bràth !
- 2** 'S tu chéil air daoine saoghalta' glic
 Dearbh-flìrinne shlàinteil nèinibh,
 Gidheadh a thaisbein soilleir i
 Do leanbaibh ùmhal sèimh.
- 3** 'Si so do thoil-sa, Athair chaoimh !
 'S do naomh-reachd seasmhach buan ;
 Na iarradh aingle naomh no daomh'
 Làn-fhios an aobhair uainn.

4 Gach uile chumhachd dhomhs' thug Dia;
 Dha mhàin is fios mo ghuè;
 Is dhomh-sa mhàin a ghnè-san 's eòl,
 'S do 'n dream d'an seòl mi e.

5 O sibhse ta le uallach trom
 An uile 's an eagail leòint',
 Thigibh a m'ioünsuidh-sa, is gheibh
 'Ur n-anama fois is treòir.
 6 Le cridhe ùmhal togarach
 Mo chuing-sa togaibh oirbh :
 Do m' cheaunsal geillibh, is do m' reachd,
 Gu beachd cha 'n'eil e doirbh.

7 Oir caomh tha mise agus sèimh,
 'S cha dean mo chuing 'ur eràdh ;
 Foghlumaibh uam, 's ur n-anama sgìth
 Fois shiorruidh gheibh is àgh.

LAOIDH XXXV. MAT. xxvi. 26—29.

1 SAN oidheche san do bhrathadh Ios',
 'S e réidh gu 'bheatha leigeadh sios,
 Ghlac e aran, is bheannaich e,
 Toirt buidheachais do Righ nan nèamlì.

2 'N sin thubhairt e'ra chàirdibh gaoil,
 ('S e briste' 'n t-samhlaidh sin air fheoil,) Glacaibh, ithibh; uaith so gu bráth,
 Air chuimhnc gleidhibh là mo bhàis.

3 Ghlac e an cupan fòs 'na làimh,
 Is thog e rìs a ghuth an àird,
 Trà labhair e le briathraig sìth,
 Is teas-ghràdh lasadh suas 'na chridh';

4 M' fhuil, amhuil so, do bhciream seach,
 Mar éiric anm' air son gaeli neach ;
 So seula cùmhainte nan gràs,
 Cruaidh-naisgte leamsa ann am bhàs.

5 Lan-luchdaichte le gràdh do dhaoin',
 Tha'n cupan so, 's an ioc-shlaint' saor;
 Gabhaibh dheth uile, 's bithibh beò;
 Bibh cuimhneach orms' thug suas an deò.

LAOIDH XXXV. AIR SHEOL EILE.

1 SAN oidlich' an d' éirich gach aon nàmh

An aghaidh Slanui'r dhaoin',
 Ghlac e, 's e réidh gn dol gu bàs,
 Aran 'na làmhaibh naomh.

2 'S air toirt da buidheachais do Dhia,

Tha riaghlaadh talamh 's nèimh,
 An t-aran bhrist, mar shamhl' air fhcoil,
 Is thuirt gu fòil r'a threud;

3 Mo chorpsa briste, amhuil so,

Feuch bheircam dhuibh gu saor;
 Oir air 'ur sonsa bhristeadh e,
 'S air son a' chinne-daoin'.

4 Glacaibh is ithibh, uime sin,

Is cuimhnichibh mo bhàs,
 Gach uair a ni sibh 'n obair cheudn'
 'Na dhèigh so, gu là bhràth.

5 Ghlac e an sin 'na làimh an cup',

'S thug buidheachas faraon,
 Bha 'chridhe laiste lc teas-ghràdh,
 Shruth slàint' o 'bhilibh caoin.

6 Feuch amhuil so bheir mise m' fhuil,

Gu'r tèarn' o ghuin a' bhàis;
 Gabhadh gach neach; tha 'n ioc-shlaint saor
 Do gach uil' aon le'n àill.

7 Air fcadh gach linn sior-chuimhnichibh,

Mor-shaoibreas m' iochd 's mo ghràis;
 So seul a' chùmhaint' ni mi ruibh,
 Is cuimhneachan mo bhàis.

- 1 Ni m'anam uaill is gàirdcachas
An Dia mo shlainte chaoimh ;
Oir thog a mhaitheas Inilt suas
O m'inbhe shuaraich fhaoin.
- 2 Canar mi sona leis gach liun,
Oir riun mo Dhia orm iochd ;
Is naomha 'ainm, 's is buan a ghràs,
Nis is gach trà gu beachd.
- 3 Feuch, dh'fhoillsich Dia a ghàirdean treun,
An t-uaibhreach thréig e tur ;
Luchd-àrdain thilg o'n caithir-righ,
'S an t-iosal thog o'n dus.
- 4 An t-ocrach shìàsuich e lc lòn,
An saoibhir leòn le gort ;
Ri luchd an àilghios chuir e cùl,
Is thug a rùn do'n bhochd.
- 5 Chuimhnich e 'thròcair is a ghràs
Do Iacob òglach féin ;
Is thug e cabhair, mar a gheall,
San aimsir fad o chéin.

LAOIDH. XXXVII. LUC. ii. 8—15.

- 1 AIR bhith do bhuachaillibh le chéil'
A' faire' treud san oidhch',
Thaisbeanadh Aingeal doibh o nèamh,
'S am magh lion e le soills'.
- 2 Bu mhòr an oillt', ach thuirt e riu,
Na gabhaibh geilt no sgàth ;
Oir sgeul ro-ait tha agam dhuibh,
Is do gach linn gu bràth.
- 3 'N diugh rugadh dhuibh am baile 'n Righ
An Slànnui'ear, seadh Criosc ;
Feuch, cluinnibh uamsa comhara,
Le 'm mothaidh sibh gur fior :

- 4** An naoidhean nèainhaidh gheibh sibh' n sin,
 Follais do rosgaibh dhaoin',
 'S e paisgt' an trusgan an-uasal,
 'S na luidh' am prasaich fhaoin.
- 5** Labhair an Seraph so, 's air ball
 Bha 'm magh do Ainglibh làn,
 A' seinn gu binn do Dhia na sìth ;
 'S b' e so bu bhrìgh d'an dàن,
- 6** "Gach glòir do Dhia sua nèamhaibh shuas !
 Sith bhuan air thalamh ta ;
 Nochd Dia 'dheadh-thoil do'n chinne-daoin',
 'S cha traogh am feasd a ghràdh.

LAOIDH XXXVIII. Luc. ii. 25—33

- 1** Do Shimeon an duine naomh
 Dh'innseadh le Spiorad Dhia,
 Gu faiceadh e roimh uair a bhàis,
 An Slànear, Criosd an Triath.
- 2** An gealladh sòlasach so dh'fheith
 An naomh o là gu là ;
 Is cha do mhealladh e 'na dhùil,
 Choimhlionadh chùis 'na trà.
- 3** 'Nuair thugadh Ios' a réir an lagh
 A stigh do 'n teampull naomh,
 Do Shimeon dh'fhoillsicheadh co e,
 Le Spiorad nèimh gu saor.
- 4** 'Na ghàirdean aosda għlac an naomh
 An naoidhean, 's thug e cliù
 Do Dhia, 's e seinn le aoibhucas àrd,
 'S le għairdeachas 'na għnūis.
- 5** "Nis leig do d'òglach triall an sìth
 Chum siorruidheachd mar gheall ;
 O'n chunnaic mi do shlaint', a Thriath,
 Mo thriall na bittheadh mall.

- 6 Na làmhan so, a ghlac mo Righ,
 Na glacadh ni 'na dhéigh ;
 'S na sùilean so a chunnaic Criod,
 Na faiceadh ni fo'n ghréin.
- 7 Tha'n t-slàinte gheall thu dhuinn o shean,
 'S a cho-gheall thu faraon,
 A' dearbhadh dhuinn gur fior do ghràdh
 Gu bràth do'n chinne-daoin'.
- 8 So Grian an aigh le'm fògrar duibhr'
 A' Gheintilich gun iùl,
 Is anns an cuir do theaghlach taght'
 Clanu Israel an dùil'.

LAOIDH XXXIX. Luc. iv. 18, 19.

- 1 CLUINNIBH sgeul ait ; Tha Ios' air teachd
 Ri'n robh o shean ar dùil !
 Lionar gach eridh' le gàirdeachas,
 Seinnear gu bràth a chliù.
- 2 Tha'n Spiorad dhòirteadh air gu pait,
 Ri fhaicinn anns gach ni ;
 Tha gliocas, cumhachd, eud, is gràdh,
 Dealrach 'na uile ghniomh.
- 3 Le 'theachd, lan shaorar braighde truagh
 Bh'aig Satan fo chruaidh-ghlais ;
 Oir sgaoilidh e gach cuibhreach teann,
 Is sgealbaidh dorsa prais.
- 4 Le 'theachd, neul cionta théid air chul,
 'S thig fradharc iùil do'n dall ;
 Claisteachd do 'n bhodhar, 's cainnt do'n
 'S do'n bhacach lugh nam ball. [bhalbh]
- 5 Le 'theachd, gheibh bochd is uireasach
 Làn-diol do shaoibhreas gràis ;
 An cridhe briste ceanglar suas,
 An t-anam truagh bidh slàn.

6 Thàinig là-saoraidh ait o'r Dia,
 'S maitear ar fiacha dhuinn :
 Oir choimhlion Dia a ghealladh mòr,
 Is bidh e 'n còmhnuidh leinn.

7 Hosanah ait do Righ na sìth !
 Nis is a rìs gu bràth ;
 Co-fhreagradh nèamh, is muir, is tìr,
 Le co-sheirm shiorruidh dha.

LAOIDH XL. LUC. xv. 13—25.

1 LE misg is mi-bheus 'nuair a chaith.
 An struidhear truagh a mhaoin,
 'S e 'g iarraidh lòin am measg nam muc,
 Do phlaosgaibh falamh faoin.

2 Ged bhàsaichinn, thuirt e, le gort,
 Am fearann coigreach céin,
 An teaghlach m'athar gheibh gach tràill
 Na 's àill le 'chridhe féin.

3 Nis pillidh, tuitidh, 's guilidh mi,
 An làthair m' Athar chaoimh ;
 Och ! pheacaich is cha'n airidh mi,
 Air d'iochd-sa no iochd nèimh..

4 Ag ràdh so, gu tigh Athar phill
 Le inntinn thuirseach throm ;
 Trà chunnaic 'athair e fad as,
 Las tlus is iochd 'na chom.

5 Ghrad-ruith 'na chòdhail, 's thug e pòg,
 Le furan mòr, d'a mhac ;
 Is b'aithreach leis an struidhear thruagh
 Gu'n d'thug e fuath d'a smachd.

6 Och ! pheacaich, is cha'n airidh mi,
 Air d'iochd-sa no iochd nèimh ;
 Dean mi a'm' sheirbhiseach a mhiàin,
 O Athair chàirdeil chaoimh !

- 7 Thugaibh a mach, ars' Athair ait,
 A' chulaidh thaghta dha ?
 'S gach iochd is onoir diolamaid
 Do'n iompachan gun dàil :
 8 Oir bha e marbh, is tha e beò ;
 Caillte, 's fadheòidh air sgeul ?
 Biodh gàirdeachas oirnn uime sin,
 'S biodh so 'na làtha féill.
 9 Mar sin bidh gàirdeachas air nèamh,
 Trà thèarnar peacach baoth ;
 Le pilleadh dha le h-aithreachas
 Gu 'Athair ioehdmhor caomh.

LAOIDH XLI. EOIIN iii. 14—19.

- 1 'N_UAIR thogadh suas an nathair phràis
 Le Maois, san fhàsach chruaidh,
 Dhearc oirre 'n dream bha dlùth do'n bhàs,
 Is shlànuicheadh an sluagh ;
 2 Mar so tha Criod air àrdachadh,
 Gu slàinte thabhairt duinn,
 Seallaidh na slòigh chaidh lot an àird,
 Is slànuichear gach tinn.
 3 Cia an-mhor tràcair Dhia nan gràs :
 Cia pailt a ghràdh is 'iochd,
 A thug a mhac mar iobairt suas,
 A dli'fhuolang truaigh 'nar riochd !
 4 Cha'n ann a dhiteadh cloinn nan daoin'
 A thàinig Criod o nèamh ;
 Geur-lann gu sgrios cha robh 'na làimh,
 No bagradh bàis 'na bheul.
 5 Le creidimh slàinteil géillibh-sa,
 A luchd mi-bheus, d'a reachd ;
 Is bheir e tèaruint' sibh an sìth,
 G'a riogh'chd a ta ri teachd.

6 Ach leanaidh dioghaltas gu luath
 An sluagh naeh géill 'na thrà,
 An dream ni dimeas air mac Dhé,
 'S naelh éisd ri tairsgs' a ghràis.

LAOIDH XLII. EOIN xiv. 1—7.

1 **U**AIBH fògraibh eagal 's iomgain cridh'
 'S na biodh 'ur dòchas fann;

Earbaibh á freasdal Dé do ghnàth,
 'S a' m' ghràdh-sa gach aon àm

2 Gu aros m' Athar pilleamsa,

Ann 's lionmhòr ionad tàimli :

'S is dèalrach glòir na rioghachd sin,
 'Ga lionadh air gaeh làimh.

3 Mur biodh na nithe so mar so,

Dhuibh dh'innssinn sin o thùs ;

Cha mhealainn sibh le dòchas baoth;

 No muinghinn fhaoin mu'n chùis.

4 Roimhibh théid mise elum, 'nur n-ainm,

Gu gabhainn sealbh air nèamh ;

'S gu'n ullaichinn duibh ann am rioghachd.
 Gu siorruidh, àite tàimli.

5 Ach pillidh mi air m'ais a ris,

Is bheir mi sibhse leam ;

An sin cha dealaich sinn ni 's mò,

'S cha bhi sibh brònach trom

6 A' bheatha, 'n fhirinn, is an ròd

A thircòraicheas gu nèamh,

Is mise sin ; 's na leanas mi,

Gu sonas bheir mi iad.

LAOIDH XLIII. EOIN xiv. 25—28.

1 **M**o ghuth eha chluinn sibh tuille nis,
 Ghairm m'athair mi chum nèimh,

- O'n tig an comhfhurtair gun dàil,
 An Spiorad gràsmhor naomh.
- 2 A'm' ainm-sa cuiridh 'n t-Athair e,
 A dheanamh dhuibh an iùil ;
 A thoirt na chuala sibh 'nur cuimhn',
 'S a dh'fhoillscachadh gach cùis.
- 3 Mo shìth mar bheannachd dealachaiddh,
 'S mar dhìlib gheibh sibh 'n tràs ;
 Mo shìth bheir dhuibh làn-chomhlif hurtachd,
 'Nur beatha is 'nur bàs.
- 4 A réir droch nòis an t-saoghal chlaoin,
 Cha mheall mi sibh gun cheist.
 Is gealla gun a choimhlionadh
 Cha toir mi dhuibh am feasd.
- 5 A'd' ghealla, Thriath, ni siuue bun,
 Ré fad ar turuis fhaoin ;
 'S ar n-carbsa làidir bidh a'd' ghràdh,
 Ri fágail dhuinn an t-saogh'l.

LAOIDH XLIV. EOI N XIX. 30.

- F EUCH ! Iosa ceusda air a' chrann !
 'S a cheann a' lùbadh nuas ;
 'Fhuil chraobhach o gach creuchd a' ruith,
 Is cruitheachd bàis 'na ghruaidh.
- 2 "Tha'n obair criochnaicht,"—Labhair e,
 'S c tiomn' a spioraid suas ;
 Lùb e a cheann 's cha d'fhuiling e
 Gnè tuille péin uo truaigh'.
- 3 "Tha'n obair criochnaicht",—Bhàsaich Criosc
 Air son a' chinnc-daoin' ;
 Lan-fhuasgladh thug e dhuinn o'n bhàs ;
 O chumhachd Shatain shaor.
- 4 "Tha'n obair criochnaicht",—Sguir a lcòn :
 Lc 'bhròn, le 'shaoth'r 's le 'fhuil

Làn-cheannaich c gach uile làmh,
Is chreach e iad gu tur.

- 5 "Tha'n obair criochnaicht",—'s linn an Lagh
Do linn an t-Soisgeil ghéill :
Scann nithe chaith a nis air chùl,
'S tha 'n saoghal ùr gu léir.

LAOIDH XLV. ROM. ii. 4—8.

- 1 O DHAOINE dao! an dean sibh làir
Air gràs is faighid Dhia ?
'S an dean sibh fanoid air a ncarr ?
An glachd sibh ris, gun chiall ?
- 2 A chionn gu bheil a thiròcair pait,
Is 'fhoighidinn cho buan,
Am meudaich sibh 'ur seacharain,
'S am peacaich sibh gach uair ?
- 3 A ghin mhi-thaingeil ! nach ro-mhò
Bu chòir do mhaitheas Dé,
Do stiùradh dh'ionnsuidh aithreachais,
'S do tharruing thuige féin ?
- 4 Am fearr leat corrui chur air Dia,
'S an Triath bhi dhuit 'na làmh,
Is ionmhas feirge thasgaidh suas,
Ni truagh thu là a' bhràth ?
- 5 An là sin 's dlùth, le'dhioghaltas,
'S do blinne ni e teann ;
Thig fearg is cloaidh ort air gach làimh,
Gun neach gu d' thèarnadh ann.
- 6 Ach iadsan uil' thug géill do'n Triath,
'S a għluais gu diadhaidh naomh,
Gheibh crùn na beatha mar an duais
Blith-bħuan, fad saogħ'l nan saogħ'l.

- 1 CIA diomhain earbsa chloinn nan daoin'
A saoth'r an làmla féin ?
O nadur truaillidh ceannairccach
Cha sruth ach olc 's mi-bheus.
- 2 Biodh Iudhaich's Geintilich 'nan tosd ;
Gun fhocal as am beul ;
'S na deanadh duin' air bith do'n t-sluagh
Aon uaill am fianuis Dé.
- 3 An gràs a ni dhinn fireana,
Cha toill ar guiomhl'ra féin ;
Oir dìtidh 'n Lagh gach duine bcò
Gu bròn bith-bhuan is pèin.
- 4 Iosa ! trà dh'earbas sinn á d'ainm,
Cia luachmhор dhuinn do ghràs !
Do ghràs a bheir dhuinn fireantachd,
'S do'r n-anam dion gu bràth.

LAOIDH XLVII. ROM. vi. 1—7.

- 1 'SAM buanaich sinn gu dàn 'nar ciont',
Bhrìgh saoibhreis gràsa Chriosd ?
Nar leigeadh Dia gu faigh gu bràth
An smuain so tàmh 'nar cridh'.
- 2 Trà thugadlı siun do Dhia gu moch,
Ri droch-bheairt chuir sinn cùl ;
Is gheall sinn gluasad fad ar làith'
Mar chruthach àluinn ùr.
- 3 Do'n pheacadh bhàsaich sinn le Criosc ;
Leis dli'éirich sinn o'n uaigh
Gu beatha naomh, a thrcóraichcas
Gu beatha ghilòrmhor shuas.
- 4 Seadh, nis cha tràillcan siun ni 's mò
Do pheacadh no do bhàs ;
Oir dli'fhuasgail Criosc gach cuibhreach dhinn,
Is mhìll ar n-uile nàmh.

- 1** LE creidimh 's dòchas fògramaid ;
 Geilt, ciont', is dòrainn uainu ;
 S e Dia ar caraid, 's mòr a thrcis ;
 Cia 'n t-eascair bhcir oirnn buaidh ?
- 2** An Ti thug aon-mhae air ar son,
 Mar chobhartach do'n bhàs ;
 Nach toir gach tiodhlac eile dhuinn ?
 'S an ceil e oirnn a ghràs ?
- 3** Feuch, fhuair sinn anns a' ghibht bu mhò
 Làn-chòir air nithibh 's lugh' ;
 Tha Criod 'na earlais air gach agh,
 Air nèamh is làr faraon.
- 4** Co nis a chuireas ciont á leth
 Sluaigh thaghta Dhé nan gràs ?
 Co dhìteas iad ? no dhiultas sìth,
 O dh 'fhuiling Criod am bàs ?
- 5** Dh'fhuiling e 'm bàs, ach dh'éirich e
 Gu deas-làimh Dhé le buaidh ;
 'N sin tagraidh e ar cùis do shior,
 Is bheir làn-dion d'a shluagh.
- 6** Co nis ma ta a sgaras sinn
 O chaidreamh caomh ar Triath ?
 An sgaoil aon neach an euibhreach sin
 A cheangail sinn r'ar Dia ?
- 7** Ged éirich dragh, 's ged bhagair bàs,
 'S ged iadh gach làmh mu'n cuairt,
 Trid Chriod bheir sinn gu dulanach,
 Orr' uile tuille 's buaidh.
- 8** Ifrinn no talamh, beath' no bàs,
 No sàruch uine bhuan,
 O ghràdh ar Triath cha dealaich sinn,
 'S cha sgar am feasd sinu uaith.
- 9** Bheir so dhuinn sonas feadh gach liun,
 Mar rinn e gus an tras :

O shiorruidheachd gu siorruidheachd
Bheir Criosc d'ar n-anmaibh gràdh.

LAOIDH XLIX. 2 COR. xiii.

- 1 LE briathraibh dhaoin' is aingle nèimh,
Ged labhrainn, le sgèimh ghrinn ;
Iompaidh ged chuirinn air gach neach,
Le teangaidh bhlasda bhinn ;
- 2 Ard-fhiosachd Fàidh ged bu leam,
'S ged fhoillsichinn rùn Dé ;
Gunn seirc, is faoin gach ni dhiubh so,
Cha dean iad dbomh gnè fheim ;
- 3 Ged ath'rraichinn le creidimh treun,
Na sléibhteas an ceal,
Is neo-ni mi gun seirc is gràdh,
Cha mhair mo ghràs ach seal.
- 4 Ged bheathaichinn le m' mhaoin am bochd,
'S mo chorpa ged loisginn fòs,
Air son mo chreidimh, 's mi gun seirc,
Cha diong e bheag fadhcoide.
- 5 'S fad-fhulangach neo-fharmadach,
'S is cairdcil gach uair seirc ;
Cha dean i uaill á beartaibh féin,
'S cha séidear suas i 'm feasd.
- 6 Droch amharus cha bli aig seirc,
'S ni faighid ri droch dhaoin' :
'S fàth bròin leath' iomradh uile is ciont',
'S is toigh leath 'n fhìrinne chaoin.
- 7 Giùlan neo-iomchuidh 's fuatl le seirc,
'S féin-spéis nan cleasa claoan ;
Tha 'cridhe lan le iochd is gràdh
Do chach air feadh an t-sao'il.
- 8 Giulainidh scirc fad ùine mhòir,
Le dòchas nithe 's fearr ;

'S fuilingidh i gu macant' sèimh
Iom' eucoir agus tàir.

9 Air nèamh is talamh, feadh gach cian
Sior-rioghlaichidh caomh-sheirc ;
Trà sguireas teangaидh 's fiosachd Fàidh,
Buan-mhairidh gràdh gun cheist.

10 'S neo-fhoirfidh 'n so gach gràs air bith,
Ach tionnsgnaidh làithe 's fearr,
'S an tig lan-iomlaineachd a steach,
'S an teich gach ni tha cearr.

11 An tràs 'nar n-òige gluaisidh sinn,
Mar naoidheana gun iùl :
Chum foirf'eachd ; ach 'nuair dh'fhàsas sinn,
Theid leanbaidheachd air chùl.

12 Air talamh mar trid dui-neòil doirch'
Is léir dhuinn dealradh Dhé ;
Ach gnùis ri gnùis an nèamh na glòir
Gu soilleir chi sinn e.

13 Tha creidimh, dòchas agus gràdh,
An tràs an so le chéil' ;
Ach creidimh 's dòchas fàilnichidh,
'S buan-mhairidh gràdh gach ré.

14 Oir sluigear dòchas le làn-sheilbh,
Is creidimh le beachd sùl ;
'S iad so na meadhoin, 's i chrioach gràdh
Nach téid gu bràth air chùl.

LAOIDH L. 1 Cor. xv. 52—58.

1 LE fuaim na trompaid deireannaich
Criothnaichidh 'm fonn gu garbh :
Fosglaidh gach uaigh is brùchdaidh nios,
Chum siorrui'chd cuirp nam marbh.

2 Feuch, éiridh cuirp nan saoi an sin
Le misnich is mòr-sgéimh,

Iad bàsmhor thuit, ach éiridh chum
Neo-bhàsmhorachd air nèamh.

- 3** Feuch fàisneachd fhior nam Fàidhean naomh
Coimhlionta nis gu beachd ;
Gu géilleadh bàs do bheatha shior,
'S gu criochnaicheadh an gleachd.
- 4** Suas togadh creidimh luaghair ait,
Is canadh e mar laoidh,
Ca' nis am bheil do ghiath, a Bhàis ?
C' àit Uaigh, am bheil do bhuaidh ?
- 5** B'i choguis chioutach gath a' bhàis,
Teann-shathta 'n eridhe 'n daoí ;
'S b'e 'n Lagh a thug do chiont a neart
Gu luchd a' pheacaidh chlaoïdh.
- 6** Ach beannaicht' gu robh Dia gu bràth !
A chuir ar nàmh fo chois,
'S a thug dhuinn trid ar Ceannard Criosd
Buaidh shiorruidh agus fois.
- 7** Fa 'n aobhar sin, le dùrachd eridh',
Do 'r Righ bleir sinne géill ;
Làn-dearbhta gu faigh sinn sadheòidh,
Crùn glòir an rioghachd nèimh.

LAOIDH LI. 2 Cor. v. 1—11.

- 1** GRAD-THUITIDH 'n corp so sios do 'n ùir
'Na smùr fo chumhachd bàis :
Ach gheibh ar n-anma còmhnuidh 's fearr,
Gu h-àrd le Dia nan gràs.
- 2** Gheibh anma naomh an còmhnuidh 'n sin
San tigh a thog dhoibh Dia ;
Trà shaorar iad o 'n phriosan thruagh,
Sam bheil an euairt rè cian.
- 3** D'ar n-uallach talmhaidh sgìth, mar so
'S tric thair'near osna leinn :

Ach saoraidh 'm bàs gu caomh sinn uaith,
Is dhachaidh suas théid siùn.

- 4 Oir tha ar n-earbs' á tigh is fearr,
Trà dh'fliàgas sinu a' chriadh ;
Cha'n e bhi ruisgt' ach sgodataichte
Ri 'm bheil ar dùil 's ar miann.

- 5 So dòchias ait nan anma naomh,
O 'n Slàn'car caomh an tras,
A thug an Spiorad dhoibh maraon,
Mar sheul is earlais gràidh.

- 6 Sior-ghluaisidh sinn le creidiúnadh beò
An gcalladh glòrmhor Dhia ;
'S bidh sinn, ré fad ar cuairt sa' chorp,
Ag osnaich 'n déigh ar Triath.

- 7 Na 's ait le 'r n-anma fhaotainn, 's fad,
'S ro-fhada leinu e uainn ;
Air imrich b' ait leinn dol o'n fhéoil,
'S ar còmhnuidh fhaotainn shuas.

- 8 Ach anns a' chorp, no as a' chorp,
An so no 'n sin 'gam bi,
Sinn féin thoirt suas do sheirbhis Dhia,
'S e so ar miann gu sior.

- 9 Chun caithir-breitheanais Mhic Dhé,
Feuch, théid gach uile neach ;
A dh'fhaotainn péin no tuarasdail,
Mar thoill iad uaith fa seach.

- 10 Breith chothromach neo-chlaon an sin
Gheibh deadh-ghniomh agus lochd :
'S bidh cor gach neach gu siorruidh, réir
A bheus, ma's maith no olc.

LAOIDH LII. PHILIP. ii. 6—12.

- 1 SIBHSE ta aiumichte air Criosd,
Leanaibh gu sior a cheum ;

- 'Nur n-inntinn is 'nur coluadar
 Bibh cosmhuil ris gu léir.
- 2 Cruth 's coslas Dhia ged bha air Criod,
 'S uil' iomhaigh Righ na glòir,
 Ged b' ionann nadur 's inbhe dhoibh,
 Co-ionann air gach dòigh ;
- 3 Gidheadh a mhòrachd chuir e thaoibh,
 Is daoincachd ghabh air féin ;
 Chum sinnc shaoradh, chuir e sgàil,
 Rè seal, air àilleachd nèimh.
- 4 Seadh chrom ar Slàن'ear caomh a sios
 Gu inbhe iosal tràill ;
 Striochd e do'n bhàs, seadh bàs na ceusd'
 An ro-mhor péin is nàir'.
- 5 Feuch dh'àrdaich Dia, fa'n aobhar sin,
 An Triath a shaor a shluagh ;
 Thug e dha rioghachd thar gach righ,
 Is ainm thar ainm r'a luadhl.
- 6 A chum do ainm an Tighcarn Ios'
 Gu'n striochd gach uile ghlùn,
 Sna nèamhaibh shuas, air talamh bhos,
 Gu h-urramach 's gu h-ùmh'l.
- 7 Seadh striochdaidh dhasan mar an ccudn',
 Is géillidh ifriinn shios :
 Gach treubh is teangadh 's dùil a t' ann,
 Aidichidh 'ainm gu sior.

LAOIDH LIII. 1 TESSAL. iv. 13—18.

- 1 BIODH misneach aig luchd-muinnitir Criod,
 Trà chi iad luchd an gaoil
 A' dol gu codal ann an Ios',
 Cha 'n i so crioch an sao'il.
- 2 C'ar son ma ta bhios sibh ri bròn,
 Mar dhream gun dòchas mòr ;

Am bheil sa' bhàs ach teachdair sìth
 'Gan gairm gu riogh'chd na glòir ?

3 Mar chaochail Criod, 's mar dhùisg e suas
 Le buaidh o staid a' bhàis :

Is amhluidh dli'éireas fòs a shluagh
 Le luaghair là a bhràth.

4 O thig an là san tuirling Criod,
 Le h-iolaich, o na neòil,
 Le guth Ard-aiugil's fuaim na truimp,
 A chluinn gach marbh is beò.

5 'N sin ath'rraichcar an dream tha beò,
 'S dùisgear na slòigh ta marbh ;
 Liubhraidh gach uaigh na fhuair i séin,
 'S bidh sleibht' air chrith gu garbh.

6 Eiridh na naoimh a suas air tùs,
 O 'n ùir, le h-aoibhneas mòr ;
 Ni aingle Dhé an coinneachadh,
 'S au togail leò gu glòir.

7 Le chéile théid iad suas gu h-ait,
 Gu tigh an Athar chaoimh,
 Sam faigh iad còmhnuadh shior le 'n Triath,
 Gun iarguin is gun chlaoividh.

8 Fòs tamul beag, is ruigidh sinn
 An caladh ait fadhcòidh,
 San coinnich sinn na sgaradh uainn,
 'S cha dealaich sinn ni 's mò.

LAOIDH LIV. 2 Tim. i. 12.

1 CHA 'n aobhar nàire leamsa Criod,
 No 'chùis a dhion gn beachd :
 A crann a cheusaидh ni mi uaill ;
 Géilleam gach uair d'a reachd.

2 IOSA, mo DHIA ! is còl dliomh aimm,
 Is carbam as gu bràth ;

Cha nàraich esan m'anam truagh,
 'S cha chum e uam a ghràs.

- 3 Daingean is buan, mar chaithir Dhia,
 Gach cian tha gcalladh Chriosd ;
 O ! 's tèaruint' m'anamsa 'na làimh,
 Gu là a theachd a rìs.
- 4 San là sin fàiltichidh e m' ainm,
 An làthair Athar chaoimh ;
 Is scalbh san Nuadh Ierusalem
 Do m'anain bheir lc naoimh.

LAOIDH LV. 2 Tim. iv. 6, 7, 8, 18.

- 1 C_HIRIOC_INAIC_H mi nis mo chath 's mo réis ;
 Is dlùth dhomh eug is uaigh ;
 M'anam a choisrig mi do Dhia,
 Triallaidh gu nèamh le buaidh.
- 2 Le armaibh nèamhaidh chuir mi 'n cath,
 Fo bhrataich Chriosd mo Thriath :
 Ruith mi mo rèis, mo dlilseachd dhearbh,
 'S tha m' earbs' á duais o m' Dhia.
- 3 Fa m' chomhair-sa thaisg Dia air nèamh,
 Gu tèaruint' crùn na glòir' ;
 A chuireas a làmh féin mu m' cheann
 Air chionn an làtha mhòir.
- 4 Mo Dhia cha d' orduich dhomhsa mhàin
 An coron so mar dhuais ;
 Ach do gach neach le'n ionmhuinn teachd
 A Mhic, o nèainh a nuas.
- 5 O lochd 's o chunnart dionaidh Criod ;
 Mo choimhead ni gach uair ;
 'S gu tèaruint' m'anam treòraichidh
 Gu riogh'chd na glòirc shuas.
- 6 Bheir mi, le còmlinadh treun mo Thriath,
 Dùlan do ifrinn féin ;

Is dhasan gu robh glòir an-àrd
 Is cliu gu bràth. Amen!

LAOIDH LVI. TÍTUS iii. 3—9.

- 1 **A**IDICHIDH sinn le tuirse eridh'
 Ro mheud ar ciont' a Dhé,
 B' amайдeach faoin ar n-uile smuain,
 'S cha b'fhearr ar giulan gnè,
- 2 Ach thoir, O m'anam, cliu is gràdh
 Do àrd-ainm Righ na sluagh,
 Nach d'fhàg thu'm feasd, gun teasairginn,
 Am peacadh, nàire, 's truaigh'.
- 3 Cha 'n ann tre oibre fireantachd,
 No gniomh ar làmha féin,
 Ach tre gràis Dhé, an Iosa Criod,
 A shaorar sinn o phéin.
- 4 Is ann an tràcair Dhé, a mhàiu,
 A ta ar muinghinn threun ;
 A thlàcair shaor ar n-anma truagh,
 'S ghlan uainn gach ciont' is beud.
- 5 Tha'n Spiorad dhoirteadh oirnn trid **Ios'**,
 A' nigheadh dhinn gach sal,
 A' fadadh teas-ghràidh feadh ar eridh',
 'S 'gar deanamh naomha glan.
- 6 Mar so, làn-fhireanaicht' le gràs ;
 Gach là le beatha nuaidh
 Sior-ghluaisidh sinn, 's an Spiorad leinn,
 Gu ruig ar n-oighreachd shuas.
- 7 Na h-uile 'gam bheil samhuil so
 Do chreidimh 's dòchas naomh,
 Sior-dhearbhadh iad, le giùlan maith,
 Nach 'eil an dòchas faoin.

- 1 LOSA Mac Dhé, leig aon uair sios
A bhcath' air son a shluagh,
Tha nis a' tagradh 'n cùis air nèamh
Mar Shagart treun bheir buaidh.
- 2 Trid beatha 's bàis sior-leanamaid
Ri Criod gu daingean dlùth :
O chreidimh 's dòchas gheibh sinn ncart,
Is théid gach geilt air chùl.
- 3 Gu borb cha bhuin ri laigse dhaoin',
Caomh-Shagart àrd an aigh ;
Tha 'chridhe làn do thruacantachd,
Tha 'anam làn do ghràdh.
- 4 Co-fhulangas tha aig an Triath
Air iarguin 's laigs' a shluagh ;
Oir dh'fhiorsraich e 'na cholainn féin
Gach deuchainn agus truaigh'.
- 5 Dh'fhiorsraich e 'na cholainn féin,
Gidheadh as eugmhais lochd :
Oir nadur duine ge do ghabh,
Cha b'aithne dha bhi ole.
- 6 Bu tuirseach deurach air arson,
A chaith c' làith' fo 'n ghréin ;
'S ge h-àrd c' nis air deas-làimh Dhé,
Co-mhothaichidh ar péin.
- 7 Le dànochd naomha, uime sin,
Théid sinu gu 'chaithir-ghràis ;
Is fàth gach gearain dòirtidh sinn
'Na fhianuis anns gach càs :
- 8 A chum gu'n còmhnadh esan leinn,
Réir saoibhireachd a ghràis ;
'S gu'n tugadh d'ar n-an'maibh lag
Neart agus fois gu bràth.

1 SAN teampull am bheil Dia 'na thàmh,
(Tigh naeh do thogadh riamh lc làimh,)
Tha Sagart àrd a' chinne-daoin',
Ar Slànear is ar caraid eoain.

2 Esan a sheas an àit a shluagh,
Dhoirt 'fhuil 'nan riochd, 's a luidh san uaigh,
Tha cuimhneach orra fòs air nèamh,
An Slànear is an caraid sèimh.

3 Ge h-àrd e nis sna nèamhaibl shuas,
Tha 'shùil a' deareadh oirnn a nuas ;
Làn sgeadaiehte le nadur dhaoin',
Tha e min-eolach air an saoth'r.

4 Co-fhulangas tha aigc ghnàth,
'S eo-mhothaehadh le 'r n-uile chràdh ;
Tha euimhn' aig air a pheanas féiu,
A dhleòir, a ghoimh, is 'osnaich gheur.

5 Gaeh dòrainn dh' fheudas oirnne teachd,
Fo shamhuil sin rinn esan gleahd ;
D'ar n-uile bhròn tha 'ehuid-san mòr,
Is bheir e eobhar dhuinn gu leòr.

6 Fa 'n aobhar sin théid sinn gu dàu
Le 'r n-uile ghearan gus a làth'r ;
Is guidhidh sinn a chòmlhnadh treun,
Gu 'r cuideachadh an uair ar feum.

LAOIDH LIX. EABH. xii. 1—13.

1 FEUCH neul ro-thiugh do fhianuisibh
Ag iadhadh oirnn mu 'u cuairt ;
An déigh, mar siuue, fulang cian,
Thug Dia leis iad a suas.

2 Air lorg nan naomh so ruithcamaid,
Chum Chriosd, lc faighid bhuain ;
Gach leth-trom 's peacadh leanailteach
Grad-thilgeamaid fad uainn.

- 3 Ach riaghailt-stiùraidh 's fearr na so,
 'S ion thoirt fainear air tùs ;
 Eisceimleir Ios' a stiùras sinn,
 Trìd creidinn chum ar crùin.
- 4 Ri 'r Ceannard, suas siar-dhearcamaid,
 Neach, air son aoibhneis mhòir
 Bha roimhe, dh'fhuiling ceusa' 's nàir',
 'S an tràs tha riaghlaadh 'n glòir.
- 5 Ma ghiùlan Criod gu foighidneach
 An-cainnt is fanoid sluaigh,
 'N ion duinne, 'n uair ar saruchaidh,
 Bhi gearan cràidh no truaigh' ?
- 6 Ri feuchainn ghairbh an d' rinn sibh strì
 Mar Ios', gu ful is bàs ?
 Is focal Dé 'n do dhearmaid sibh,
 Tha gcalltuinn duibh a ghràis.
- 7 A mhic, deir c, le foighidinn,
 Sior-fhuiling mo chaomh-smachd,
 Is creid, 'nuair dhearbas àmhghar thu,
 Gu bheil aig Dia dhiot tlachd.
- 8 Teagaisgidh 'n t-Athair caomh mar so
 A naomh-chlann dhileas féin.
 'G am fiosrachadh le docair chruaidh,
 'S le iomadh truaigh is péin.
- 9 Chi sinn mar so gur toigh leis sinn,
 Trà smachdaicheadh sinn leis,
 'S nach leig e uaith air seach'ran sinn,
 Gun suim air bith d'ar leas.
- 10 Do ghuth ar n-Athar thalmhaidh bhos,
 Nach tric a thug sinn géill ?
 'S do thoil ar n-Athar nèamhaidh shuas
 Nach toir sinn suas sinn féin ?
- 11 Bheir athair talmhaidh smachd gu tric,
 Gun fhios c'ar son d'a chloinn ;

Ach Dia a mhàin a chum ar leas,
Bheir docair 's easlaint dhuinn.

- 12** Is deacair leinne achmhasan
Is smachdachadh ar Dé ;
Ach toradh sìth is fireantachd
Gu siorruidh thig 'nan dèigh.

- 13** A nis ma ta na meathar sinn
Le mi-mhisnich ni 's mò ;
Ach earbamaid á tràcair Dlié,
'S dha gèilleamaid r'ar beò.

LAOIDH LX. EABH. xiii. 20, 21.

- 1** ATHAIR na sìth, 's a Dhé na seirc !
Do d' neart bheir sinne cliu ;
An neart a dhùisg ar n-Aodhair suas,
Le buaidh, o ghlaibh na h-ùir'.
- 2** O'n ùir thog thu ar Triath an àird,
Gun spàирn o chuibhreach bàis ;
Mar sin le 'fhuil is 'aiseirigh,
Shior-naisg e 'n cumhnant gràis.

- 3** Le d' spiorad seulaich sinn, a Dlié,
Is dean sinn ùmh'l do d' thoil ;
Chum as o d' naomh-reachd nach bi sinn
Air seach'ran truagh a' dol.
- 4** O ! sgrìobh do lagh air clàr ar cridh',
'Nar guiomh sior-dhealradh e !
'N sin ruigidh sinn, fo cheannsal Chriosd,
Air scilbh an rioghachd nèimh.

LAOIDH LXI. 1 PEAD. i. 3—4.

- 1** BEANNAICIIT' gu robh ar Dia gu sior,
Caomh-Athair Chriosd ar Triath ;
Beannaicht' gu robh a thròcair mhòr,
'S a mhòrachd feadh gach ial.

- 2 O'n uaigh trà thog thu rìs do mhac,
 'S a ghlac thu e gu nèamh,
 Lan-chinnteach rinn thu sinne fòs
 Gu'n toir thu beò sinn féin.
- 3 Ri oighreachid shiorruidh ann an glòir
 Beò dhòchas thug thu dhuinn ;
 Oighreachd neo-thruaillidh saor o smal,
 A mhaircas feadh gaeh linn.
- 4 Gu ruige sin, lc d' ehumhachd treun,
 Làn thearuint' bidh gach naomh ;
 Trid ereidimh stiùrar sinn gu slàint'
 Le gràs do Spioraid Naoimh.

LAOIDH LXII. 2 PEAD. iii. 3—14.

- 1 FEUCH ! anns na làithibh deireannach,
 Suas éiridh gineal olc ;
 D'am miannaibh pcaeach bléir iad srian,
 'S 'nam briathraibh their mar so :
- 2 C' a bheil an gealladh thuirt o shcan
 Gu robh am Breitheamh dlùth ?
 O linn ar siunsear gus a so,
 Cha'n fhaie siun gné do mhùth'.
- 3 Tha bliadhna' air bhliadhna' ruith gun tàmh,
 Mar bha o thùs an t-saogh'l ;
 'S mar thonn air thuinn a' ruith gu traigh,
 Gu bràth bidh gineal dhaoin'.
- 4 So deir iad, aincolach d'an deòin
 Gu'n d' dhòirteadh tuil a nuas,
 A sgrios an saoghal ceannaireeach
 A chaidh air scaeh'ran truagh.
- 5 Ach sgrios nach ionann gheibh an saogh'l-s'
 'S na daoine ole a t' ann ;
 Le teine las'rach millear iad,
 'S is gearr gu ruig an t-àm.

- 6 Ge fada leis na naoimh an ùin',
 'S an dùil ri teachd an Triath,
 'Na shealladh-san tha là is uair
 Co buan ri mìlc bliadhn'.
- 7 Cha dichuinhn' geallaidh rug air Crisod,
 Ach gaol bhi'n sith ri daoin' ;
 A' feitheamh dh'fheuch am pillear leò,
 'S an iarr iad tràcair chaoin.
- 8 Gidheadh mar ghaduich' anns an oidhch'
 Nach cum na croinn a mach,
 Grad-thuirlingidh an Triath a nuas,
 'S thig fuathas air gach neach.
- 9 Le tairneanaich 's lc dealan spcur,
 Na nèamha teichidh as ;
 Na dùilean leaghaidh, 's théid an saogh'l
 'Na chaoiribh le dian theas.
- 10 O'n théid gach ni mar so a sgrios,
 Mar fhuair sinn fios o Dhia,
 Nach iomchuidh dhuinne deasachadh
 Fa chomhair teachd ar Triath.
- 11 Cia naomh bu chòir dhuinn bhi gach uair
 'Nar smuain', 'nar cainnt, 's 'nar gnìomh,
 'Nuair tha ar sùil ri crìch an t-saogh'l,
 'S ri caochladh gach aon ni ?

LAOIDH LXIII. 1 EOIN iii. 1—4.

- 1 FEUCH ! saoibhrcas iongantach a ghràidh
 Thug Dia ar slàinte dhuinn,
 Peacach is truaillidh ge do bha,
 Clann dha-san rinncadh dhinn.
- 2 Folaicht' tha'n onoir so an tràs,
 'S an-àrd á scalladh dhaoin' ;
 Mar so air Criod e féin san fheoil
 Neo-còlach bha an saogh'l.

- 3 Is àrd ar n-inbhe cheana bhios,
 Ach 's àirde bhios sinn shuas ;
 Gidheadh au inbhe sin cha léir
 Do neach fo 'n ghréin san uairs'.
- 4 Aèch 's léir dhuinn so, gu faic sinn Dia,
 Ar Triath, seadh gnùis ri gnùis ;
 'S gu'n iompaichear gu 'choslas sinn
 Trà mhosglas sinn o'n ùir.
- 5 Gach neach 'gam bheil an dòchas so,
 'Na chòmhradh is 'na ghniomh
 Biodh e sior-naomh ; 's a chridhe glan,
 Ccart amhuil a bha Criod.

LAOIDH LXIV. TAISB. I. 5—9.

- 1 DHASAN a ghràdhaich anma dhaoin'
 'S a dhòirt gach braon d'a fhuil,
 A chum ar ciont' a ghlanadh uainn,
 'S ar deanamh naomh gu tur :
- 2 Dhasan rinn sagairt 's rìghrean dhinn,
 Air feadh gach linn, do Dhia,
 Biodh moladh, urram, agus gràdh,
 Gu bràth air feadh gach ial.
- 3 Lionar gach beul le binn-cheòl da,
 'S gach cridl' le teas-ghràdh caomh,
 Air talamh canar moladh dha,
 'S gu h-àrd le ainglibh naomh !
- 4 Feuch teachd mhic Dé air nculaibh tiugh,
 'S ro ait le 'shluagh an là ;
 Ach guilidh a luchd-casgraith truagh,
 Le àmhghar is le cràdh.
- 5 'S tu 'n ceud neach, 's an neach deireannach,
 'S leat bith gun tùs gun chrìoch ;
 Maith, glic, is uile-chumhachdach,
 Bha, tha thu, 's bithidh chaoidh.

- 1 AIR caithir rioghail 'Athar féin
 Feuch dealradh glòir an Uain ;
 Ur-urram deasaichibh d'a ainm,
 Is bibh le taing 'ga luadh.
- 2 Fench, iosal aig a chosaibh striochdt'
 Tha'n Eaglais shiornnidh shnas,
 Le boltrach cùbhraidh iobairt thùis,
 'S le clàraibh ciùil ri fuaim.
- 3 Is iad so urnuighean nan naomh,
 'S na laoidhean tha iad seinn ;
 Ri 'n urnuigh cromaiddh Criod a chluas,
 Do'n luaghair gabhaidh suim.
- 4 Rùn diomhair siorruidh do thoil naoimh
 O Athair, cò d'an lèir ?
 Co ach do mhac a leughas sin,
 'S a dh'fhuasgaileas gach seul !
- 5 Cluinn ! armaitl nèimh le'n luaghair ait,
 Timchioll na caithreach-righ ;
 Milte do mhìltibh 's àireamh dhoibh,
 Ach 's aon a mhàin an cridh'.
- 6 'S airidh an t-Uan a dh' iobaireadh,
 Dcir iad, air inbh' ro-àrd !
 'S airidh, oir b'e ar n-iobairt-ne,
 Co-fhreagradh daoin' 's gach àit !
- 7 Is airidh 'n t-Uan, a striochd do'n bhàs,
 Air àgh is beannachd bnan ;
 Biodh slàinte, glòir, is aoibhneas àrd
 Gn bràth air ceann an Uain !
- 8 O'r cionta shaor e sinn le 'fhuil,
 'S thug braighde truagh á péin ;
 Rinn sagairt 's rìghrean dhinn do Dhia,
 Gu riaghladh shuas leis féin.
- 9 As gach aon teangaidh agus tìr,
 Thionail 's thug Criod a shliochd ;

Gach dùthaich chéin is innis cuain,
Fios fhuair air saoibhreas 'iochd.

- 10** 'S airidh air géill 's air ceannsal Criod,
Air talamh 's nèamh gu bràth ;
Is cliu ni 's fearr na 's urrainn daoin',
Thugadh naomh-aingle dha !

- 11** Gach neach tha 'g àiteachadh nan nèamh,
No chruinne-chè a bhos ;
Gach duil air bith, do Righ nan sluagh,
Seinnibh gach uair gun fhois.

- 12** An cruthach' aontaicheadh gu léir,
Thoirt géill is cliù do 'n Triath,
Tha riaghlaadh anns na nèamhaibh shuas,
'S do 'n Uan air feadh gach ial.

LAOIDH LXVI. TAISB. vii. 13.

- 1** Cia dealrach glòir a' mhaith-shluaign ud!
An trusgain ùr' cia geal !

Cionnus a thàinig iad gu soills',
'S cò dh'ionnlaid dhiubh gach sal ?

- 2** Feuch, sud an dream a rèanig nèamh,
Troimh fheuchainn ghairbh is chruaidh,
'S a nigh an trusgain aùn am fuli,
Fuli ioch-shlainteach an Uain.

- 3** Nis sleuchdar leo le glùnaibh lùbt'
Gu h-ùmh'l aig caithir Dhia ;
'S le an'maibh cràbhbach molaidh iad
A mhòrachd feadh gach ial.

- 4** Gach cridh' bidh ait le làth' reachd Dhé,
'S gach beul am fonn gu seinn ;
Co-flaireagraidh 'n teampull naomh gach tra
D'an àrd hosanah bhinn.

- 5** Aceras no tart cha chlaoidh an sin,
No boisge loisgeach gréin' ;

Sc Dia an grian, 's o dhealradh caomh,
Sior-sgaoilidh là an céin.

6 Stiùraidh an t-Uan a naomh-threud féin
Gu tobar slaint' nach tràigh ;
Is tiormaichidh gu bràth o 'n gruaidh
Deur, truaighe, bròin is cràidh.

LAOIDH LXVII. TAISB. xxi. 1—9.

1 NACH glòrmhor àrd an sealladh so,
Chithear le sùilibh dhaoin' !
Am fonn 's aii fhairge gabhail seach,
'S na speura scan maraon.

2 O nèamh thig Nuadh Ierusalem,
Lan ulluchte d'a Righ ;
Feuch nis gach ni ath-nuadhaichte ;
Is fhuair sinn agh gu sior.

3 Cliu seinnidh aingle coimheadachd,
Is armaitl fhlathail nèimh ;
Feuch, chi gach sùil a' chaithir-righ
Air an suidh Iosa féin.

4 Dh' atharraich Dia chum dhaoin' a nuas
A phàilliun uasal naomh :
Le daoin' tha chòmhnuidh ; 's iad a shluagh ;
'S d'a shluagh 's e 'n tearmun caomh.

5 Deur mulaid siabaidh e le 'làimh
Gu cairdeal bhàrr an gruaidh ;
Is eugaidh eagal, caoidh, is cràdh,
Is àmhghar, bàs, is uaigh.

6 Feuch, gach ni saoghalt' caochlaidh mi !
So deir an Righ sior-bheò ,
An domhan as am amharc theid,
'S cha ruith ùin' féin ni 's mò.

7 'S mi'n ceud neach, 's an neach deireannach,
Gun atharrach' gu bràth :

ATAIM. so m' ainm 's mo chuimhncachan
Air feadh gach linn gu bràth.

8 Do 'n deadh dhuin' bheir mo ghràsa pailt
Ni maith, gun luach, gu saor ;
O dhuine thartmhoir, òl do dhìol
Do 'n ioc-shlaint so nach traogh.

9 Do'n ti bheir buaidh air eusaontas
Bheir mise oighreachd mic ;
Is aidichidh mi 'n làth'r gach sluaigh
A ghluasad naomha glic.

10 Ach daoine neòghlan 's breugaircain,
'S luchd-muirt thug spéis do bhàs,
Lc mheud 's a dhiùlt gu h-amaideach
Mo ghràs, le fauoid 's tàir ;

11 A m' fhianuis tilgear fada sios,
An cuibhreach siorruidh cruaidh,
Gu builsgein fairge lasaraich,
Sam faigh iad peanas buan.

12 O bitheam-sa air deas-làimh Chriosd,
Trà dhiobras fonn is cuan ;
Is faigheam failte uaith air m'ainm
Gu sonas anmhor buan !

DANA SPIORADAIL.

DAN I.

- 1 AIR d'uile thròcair, O mo Dhia,
Trà dhearcas mi gu dlùth,
A' mosgladh suas tha m'anam blàth,
Le h-ioghnadh, gràdh, is cliu.
- 2 Cha 'n urrainn mi le briathraibh beòil,
An taing a chur an céill,
Tha lasadh ann am chridhe stigh,
Ach dhuits' an sin is léir :
- 3 Do fhreasdal chum mo bheatha beò,
Gun uireasbhuidh, gun dì,
Ri àm dhomh bhi sa' bhroinn a'm' thosd,
'S an crochadh ris a' chìch.
- 4 Ri m' ghearan is ri m'osnaich mhaoth,
Chrom thu gu caomh do chluas,
'S mu'm b'urrainn mi aon urnuigh dhealbh,
Do 'n bhalbh ghabh thusa truas.
- 5 Tiodhlaca lionmhòr dheònaich d'iochd
Gu tric do m'anam maoth,
Mun robh a'm' chridhe leanbaidh neart,
A thoirt fainear a h-aon.
- 6 Trà ruith mi dian, gun mhothachadh,
An ceumnaibh sleamhainn òig' ;
Do làmh nach facas, dhòn is stiùir,
Is chum, gu so, mi beò.
- 7 O ioma slochd do-léirsinn leam,
O rib is eangach bàis,
'S o bhuaireibh cealgach blasd' an uilc,
Thug thu mi tcaruint' slànt.
- 8 Trà shearg mo ghruaidh fo anshocair
Rinn thus' i nuadh le slàint' ;

'S trà bha mi bàitht' am peac' is bròn,
Do m'anam dheònaich gràs.

- 9 Shruth mìle sochair shaoghalta,
O d' làimh ro fhaoilidh chaoin ;
Is ann an caraid dileas dlùth,
Dhùblaich thu m' uile mhaoin.
- 10 Deich mìle mhìlte comhar' gràidh
Fhuair mi gach là o m' Dhia ;
Is ni nach lugha, cridhe ait,
A mheal le tlachd iad riamh.

11 Am fad is beò mi molaidh mi
Ard-righ mo bheatha 's m'iùil ;
'S an déigh mo bhàis, an saoghal céin
Cuiridh mi 'n céill a chliù.

12 Trà theirgeas nèamh, is muir, is tìr,
'S thig crioch air là is oidhch',
Mo chridhe taingeil seinnidh cliù
Do Dhia nan dùl a chaoidh.

13 Feadh linnte bith-bhuantachd gu léir
Togaidh mi òran binn ;
Ach O ! 's ro ghoirid bith-bhuantachd
Gu moladh Dhé a sheinn.

DAN II.

1 NA speuran àrd is àillidh dreach,
'S a sgaoil an gorm-bhrat cian a mach,
Le 'n reulta dealrach maiseach grinn,
Tha scinn d' an Cruith'ear co-sheirm bhinn.

2 Tha ghrian gun sgòs o là gu là,
A' sgaoileadh cliu a Dhia 's gach àit,
'S a' glaodhaich fcadh gach tìr fa leth,
"Cia treun an Dia thug dhomh mo bhith!"

3 An-moch, trà dh' aomas ncòil nan speur,
Togaidh a' ghealach ait an sgeul ;

'S do 'n talamh, chluinn le tosd a guth,
Inusidh i cò thug dhi a cruth.

4 Na mìlte reul tha dh'ise dlùth,
Gach solus eile 's lòchran iùil,
Canaidh an sgeul so fad' is cian,
O 'n àird an ear gu ruig an iar.

5 Sàmhach is ciùin ged tha an triall,
Mu 'n talamh dhorcha so ag iadh ;
Guth ged nach cluinnear fòs no fuaim,
'Nanimeachd dealrach tosdach shuas ;

6 Gidheadh le cluasaibh tuigse ghlic
Cluinnear am fonn 's an ceòl gu tric,
A' seinn gun tàmh air feadh gach linn,
"Is tusa, Dhia, a chruthaich sinn."

DAN III.

1 TRA dh'éireas mi le ciont' is geilt,
O leabaidh dhoirch a' bhàis,
'S a chi mi 'm Breithe' gnùis ri gnùis :
Co ghiùlaineas a làth'r.

2 Ma 's e 's gu bheil mo chridhe fo gheilt,
Seadh cheana leis an smuain,
Trà dh'fheudar tràcair fhaotainn pailt,
Is maitheanas gu saor ;

3 O cionnus idir sheasas mi,
Trà dh' fhoillsichear thu, Righ,
A'd' shuidh' air caithir breitheanais,
A thoirt air m'anam binn' ?

4 Ach dh'innis thu do luchd a' bhròin,
Tha leònt' air son an lochd,
Gu bac an aithreachas 's an deòir
An dòrainn so gu beachd.

5 O seall ma ta air bròn mo chridhe
Mu 'm bi e tuille 's mall,

- 'S éisd acain bàis mo Shlànuighir
 A ghuidh dhomh slàint' gu teann.
 6 Mo dhùil ri maitheanas, a Dhé,
 Cha chaill mi féin gu bràth ;
 Oir 's ann a choisneadh maitheanais
 A fhuair do mhac am bàs.

DAN IV.

- 1 FAILTE do 'n là san d'éirich Criod, Le cumhachd nìos o'n uaigh ; 'S an d' fhuair e air gach uile ànmh, Air ifrinn 's bàs lan-bhuaidh.
 2 'Na leabaidh thosdaich anns an ùir Ghabh Righ nan dùl a thàmh, Gu ruig an treas là glòrmhor sin A shonraich e roimh làimh.
 3 Chuir ifrinn 's uaigh an làmh r'a chéil' G'a chumail shios fo ghlaib ; Ach bhrist an gaisgeach dheth gach sàs, Is dhuisg e'n àird gu cas.
 4 Do d'ainm ro-àrd, a Thriath nam buadh, Gach uair bheir sinne cliu ; 'S le 'r n-ait hosannah failtichidh An là san d'éirich thu.
 5 Slàinte is cliu gun chrioich d'ar Dia, An Triath le'n d' shaoradh sinn ; Dha seinneadh nèamh is fonn is cuau Gach uair hosannah bhinn.
 6 Do'n Ath'r, do'n Mhac, 's do'n Spiorad Naomh, An t-aon Dia beò is fior, Biodh glòir mar bha, a ta, 's a bhios, Nis is a rìs gu sìor.

DAN V.

- 1 THAINIG an uair : 's tha mis' a' triall ; Chluinn mi an guth t'am ghairm gu Dia ;

Sguireadh m' uil' àmhghar nis, a Righ,
 'S ceadaich do d'òglach triall an sìth.

2 Chriochnaich mi nis mo chath 's mo réis,
 Mo dhuais tha cinnteach, 's m'anam réidh ;
 Tha m'fhanuis shuas le Dia nan gràs,
 Mo theisteas anns na nèamhaibh àrd.

3 M' carbsa cha 'n'eil a'm' neo-chiont féin ;
 Striochdam san dus am fianuis Dé ;
 Trid fuil is fearta Chriosd a mhàin,
 Tha m' earbs' á d'iochd, O Dhia, 's á d'shlàint.

4 Cha chruaidh leam dealach' ris an t-saogh'l,
 Mur cruaidh bhi fagail luchd mo ghaoil ;
 Leighis am bròn, a Dhia nan gràs,
 'S ri call dhoibh caraid, cum riu bàigh.

5 Air d'iarrtus tha mi falbh gun dàil,
 Mo spiorad tiomnam suas do d'làimh ;
 O ! sìn a mach do ghàirdean treinn,
 'S o ghath a' bhàis dion mi le d' sgèith.

6 Thainig an uair, 's tha mis' a' triall :
 Chluinn mi an guth t'am ghairm gu Dia ;
 Sguireadh m' uil' àmhgħiar nis, a Righ,
 'S ceadaich do d'òglach triall an sìth.

A' CHREUD.

1 C REIDEAM san Dia ta uile threun,
 A thug do'n chruinne-chè a bhith,
 A chruthaich nèamh is talamh trom,
 An cuan agus am fonn fa leth.

2 Crcideam an Iosa Criosd ar Triath,
 Aon mhac siorruidh Dhia na glòir,
 An ti le feart an Spioraid Naoimh,
 Ghabhadh 's a rugadh le Muir' Oigh :

3 An ti a dh'fhuitling cràdh is péin,
 'S a cheusadh fòs ri crann an àird ;

A dh'adhlaiceadh 's a luidh san uaigh,
 'S a dh'éirich suas air an treas là :

4 An ti a chaidh gu nèamh nan nèamh ;
 'S aig deas-làimh Dhé tha nis 'na thàmh,
 Ach gus am pill e nuas fadheòidh,
 Thoirt breitheanais air bheò 's air mharbh.

5 Creidcam anns an Spiorad Naomh ;
 Gu bheil Eaglais a dh'aon-rùn ann,
 Is co-chomunn aig naomh-shluagh Dhé
 Maille ri chéile feadh gach àm.

6 Creideam an aiseirigh a' chuirp
 O'n duslach fluair air iarrtus Ios' ;
 Creideam sa' bheatha shiorruidh bhuan,
 A mhéalair leinn shuas : Amhluidh biodh.

A' PHAIDIR

NO

URNUIGH AN TIGHEARN. MAT. vi. 9—14.

1 O ATHAIR naoimh ! a ta air nèamh
 Am measg nan Cerubim a'd' thàmh,
 'S a chi a nuas o d' chaithir-righ,
 Gach uile ni sa' chruinne ta :

2 Naomhaicheadh d'ainm, Ard-Righ na glòir,
 Co sheinneas mar is còir do chìù ;
 'S nach feud na h-aingil féin gun sgàil'
 Seasamh an dealradh glan do glìnùis ;

3 Thigeadh is buadhaicheadh do riogh'chd,
 Sgaoil Soisgeul Chriosd air feadh gach àit,
 Thoir dha mar oighreachd is mar sheilbh,
 Gach aon fhine a dhcalbh do làmh.

4 Gach fin' air an dealraich a' ghrian,
 Deanadh do riar is moladh thu ;
 Is seinneadh daoin' air thalamh bhos,
 Mar ainglibh nèimh gun chlos do chliu.

5 O 's tu is beatha do gach feòil,
 'S a ta cumail an deò 'nan crè;
 Thoir dhuinn le d' bhcannachadh gach là,
 Ar lòn gach trà mar thig ar feum.

6 Maith dhuinn ar ciont' air sgàth do ghràis,
 Mar mhaitheamaid do chàch gach uair;
 Dean fòs ar neartachadh, a Righ,
 Gu maitheanas o'r cridh' thoirt uainn.

7 Na leig am buaire sinn chum lochd,
 Saor siun o'n olc, is gabh dhinn truas;
 No anns an àm sam buairear sinn,
 Grad-chuidich leinn is cum sinn suas

8 Oir's leats' an rioghachd, cumhachd, 's glòir,
 Onoir is mòralachd, gu sior;
 Sleuchdaidh is aoraidh dhuit gach sluagh
 Gu siorruidh buan! gu b'amhluidh bhios.

NA DEICH AITHEANTAN. Ecsod. xx.

AN ROIMH-RADH.

AN Reachd ro-mhaith so thabhair Dia,
 Shuas air an t-sliabh d' a phobull naoinh;
 Mar riaghailt beatha agus beus
 Air feadh an rè bhos anns an t-saoghl'.
 Is mis' an Tighcarna do Dhia,
 Eisd thus' ri m' bhriathraibh-sa gu ceart;
 A tìr na h-Eiphit 's mi shaor thu,
 'S á tigh na daorsa dlùth le m' neart.

1 NA sleuchd do ni, no neach ach Dia.
 An Triath a chruthaich gach aon ni,
 D' am buin a mhàin urram is glòir
 Nan uile shlògh gu suthain sior.

2 Trìd iomhaigh fhaoin cha 'n aor thu à,
 No coslas gnè a rinneadh leis:
 'Fhocal a threòraicheas gu glòir,
 Lean-sa mar sheòl', 's na dealaich ris.

3 Ainm naomh an Tighearna do Dhia
 Na luaidh gu diomhain ann ad bheul,
 Le buidheachas, urram is gràdh,
 Luadhaidh tu e do ghnàth gun bheud.

4 Coimhead an t-Sabaide gu naomh,
 Is tarruing-sa o 'n t-saogh'l do chridh':
 Le 'shluagh, le d' theaghlaich, is a'd' aonar,
 Thoir gnath-aoradh do 'n Ard-Righ.

5 Onoir do d' Athair is do d' Mhatha! -
 O lagh naduir 's dleasnach dhuit,
 'S na 's dual fa leth do gach inbhe
 Ni thu gn suilbhir sin a dhiol.

6 Cum o Mhurtadh air ais do lamh :
 Crioithnaichidh nadur dhaoin'roimh Mhurt's
 Ach coimhead d'anam fein do ghnath,
 Is anam' chaich a reir do neirt.

7 Adhaltrannas na cuir an gniomh ;
 An neo-ghloine na biodh do speis :
 Bi geomnuidh, subhailceach is naomh,
 Am briathraigibh, smuaintibh, is am beus.

8 Na deanar leat Mcirle gu brath,
 Ach ceart do ghnath dean ris gach aon ;
 Cuid do choimhearsnaich na goid,
 Cuidich, is na grab a mhaoin.

9 Na tog-sa fianuis leis a' bhreig ;
 Na siach agus na seun a' cheart ;
 Ach seas gu teann leis a fhirinn,
 Oir 's e 's fianuis ort Righ nam feart.

10 Còmhnuidh do choimhairsnaich gu brath,
 No 'bhean air aillead's mais' a deilbh
 Am feasd na Sanntaich-sa a' d' chridh,
 No fòs aon ni 'gam bheil 'na sheilbh.

Gradhaich-sa Dia le d' uile chridh',
 Lc d'anam, d' inntinn is le d' neart ;
 'S do choimhairsnach amhuil thu fein,
 Tha 'n sin gu leir dhuit suim an reachd.

